

[DA 1]

SEAN DAIN,
AGUS
ORAIN GHAIÐHEALACH,
AIR AN TABHAIRT O DHAOIN UAISLE,
ARAID AN
GAELTACHD ALBA,
DON FHEAR FHOILLSICHEADH
EOIN GILLIES.

AON CO-FHREAGARRACH DON
'T SEAN CHUIDEACHD ALBANNACH
ANN DUNEIDINN,
AGUS
FEAR DON T' SEAN CHUIDEACHD AM PEAIRT,
AGUS
LEABHAR RECEUDAIR DON' CHUIDEACHD-SIN.

CLO-BHUAILT' AM PEAIRT.

M, DCC, LXXXVI.

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

<eng>A
COLLECTION
OF
ANCIENT AND MODERN
GAELIC POEMS
AND
SONGS,
TRANSMITTED FROM GENTLEMEN IN
THE HIGHLANDS OF SCOTLAND
TO THE
EDITOR.

PERTH:
PRINTED FOR JOHN GILLIES, BOOKSELLER.

M, DCC, LXXXVI.

[DA 4]

Entered in Stationers Hall According to Act of Parliament.

[DA 5]

TO
THE RIGHT HONOURABLE
DAVID STEWART ERSKINE,
EARL OF BUCHAN,
LORD CARDROSS,
FOUNDER AND VICE PRESIDENT OF THE SOCIETY OF THE ANTIQUARIES OF SCOTLAND,
AT EDINBURGH,

PRESIDENT OF THE ANTIQUARIAN AND LITERARY SOCIETY AT PERTH, &c. &c.
THE FOLLOWING
COLLECTION
OF
GAELIC POEMS,
IS INSCRIBED TO HIS LORDSHIP,
AS THE ZEALOUS PATRON, AND SUCCESSFUL
PROMOTER OF LEARNING IN SCOTLAND.
WITH THE PROFOUNDDEST RESPECT,
BY HIS LORDSHIP'S
MOST OBEDIENT,
AND MOST HUMBLE SERVANT,
The Editor, JOHN GILLIES.

[DA 6]

[Blank]

[DA 7]

ADVERTISEMENT

By the EDITOR.

The following Poems were transmitted to the Editor by several clergymen and other Gentlemen in the Highlands, who were so kind as to take the trouble of collecting them.

He has been assured, by persons who are well skilled in the Gaelic Language, and who have good judgment and taste, that they are worthy of being communicated to the Public.

He particularly acknowledges his obligations to Sir James Foulis of Colinton, Baronet, for procuring and carefully revising many of them.

So much has of late been written and published concerning the Gaelic Poetry, that it was reckoned unnecessary to prefix any dissertation on that subject.

The Editor humbly hopes the Poems will be found to be accurately printed.

Perth, June 15, 1786.

[DA 8]

[Blank]

[TD 1]

<gai>DAIN
AGUS
ORAIN
GHAI DHEALACH.

MORDUBH*.

AM bheil thusa air sgiathan do luathas,
A ghaoth, gu triall led' uile neart?

Thig le cairdeas a dh'ionnsuidh m'aois,
 Thoir sgrìob eutrom thar mo chraig.
 Comh-aois m'òige ghlac an t-eug.
 'S uaigneach m'aighe 'n uaimh mo bhròin.
 'S mòr mo leòn fo làimh na h-aois:
 Osaig tha 'g astar o thuath, na dean tuasaid rium 's mi lag.
 Bha mi uair gu'n robh mo cheum
 Cho eutrom riutsa, a ghaoth.
 Mo neart mar chraig a' Chruaidh-mhill?
 'S iomadh cath 'sna bhuaill mi beum.
 'S tric taibhse mo naimhdean ag astar
 Le ceum lag o bheinn gu beinn.
 Ach thig àm do bhròin-sa, a ghaoth,

<eng>* This beautiful fragment is part of the original of the poem which MR CLARK has translated into English, in his CALEDONIAN BARDS, under the title of MORDUTH.<gai>

[TD 2]

'Nuair a dhireas tu'n t-aonach gu mall.
 Cha'n imrich thu neoil thar coill,
 'S cha lub a' choille fod' làimh,
 'S cha ghéill am fraoch anfhann féin,
 Ach togaidh gach geug a ceann.
 Bi bàigheil riumsa, aghaoth,
 Oir tha 'n aois ort fèin ro-theann.

Cuir lasair re geug do'n ghallan,
 A shealgair coire a's áillidh snìomh.
 Tha'n oidhche a' siubhal o'n ear,
 Tha ghrian a critheadh 'san iar.
 Dh'fhosgail eilean Flaitheas sa' chuan
 Tri uairean dorsan nan nial,
 A' glaothaich, "Dean cabhag thar a' chuan
 'Led' chuach-fhalt àluinn, a Ghrian."
 Tha neoil dubh shiubhlach na h-oidhche
 Gun aoibhneas air chul nan tonn.
 'S tric iad ag amharc do thriall,
 A ghnùis àluinn tha 'g astar o'n ear.
 Ach éiribh le'r sgiathan o'n chuan,
 A neoil dhorcha nan iomadh gruaim.
 Tha sgàilean nan sonn o shean
 Tabhairt cuire do'n Ghréin gu Flaitheas.

Beannachd le rìbhinn chiuin do rùin!
 Buaidh le d' shaighid air gach beinn,
 A shealgair, tha tabhairt dhomh treoir,
 'S mi leònta fo làimh na h-aois!
 Ach suidh thusa ann am uaimh,
 Is éisd re tuasaid ghaoth is chrag.
 Innsidh mi dhuit sgeul a's mòr brìgh
 Air suinn a tha sinte fo'n lic.
 'S taitneach na smuaintean a thriall,
 'S miannach dreach nam bliadhn' a dh' fhalbh.
 Pill thusa, m'òige, le t'uile ghnìomh,
 Is feuch do m'anam bliadhn' mo neart.

[TD 3]

Feuch gach'cath 'sna bhuaill mi beum,
Is airm nan laoch bha treubhach borb.
Thugaibh sùil o neoil 'nar suain,
Fheara, bha cruaidh anns gach cath:
Cluinnidh bhur clann fuaime bhur cliu,
'S thig sileadh an sùl gu làr.
Tha m'anam a' soillseachadh le gnìomh
Nam bliadhn' a dh' fhalbh is nach pill.

Dh' fhaluich a' ghealach a ceann.
Bha codal reultan air chùl neoil.
Cabhadh ghaoth is chuan o chian:
Bu gharbh an cath bha eadar stuaidh
Is sileadh ghailbheach nan speur,
'Nuair a dh'èirich co'-shamhladh Shàilmhoir
O 'leabaidh fhuair sa' gharbh chuan,
A' siubhal air bharruibh nan stuadh
'S a' ghaoth cur meanbh chath mu'n cuairt.
Dh'èirich mac an aoig air sgiath
Na h-osaig gu gruaidh Chraig-mhòir,
'S bha anail fhiadhaich nan neul
Ag éirigh m'a shleagh gun ghuin.
Ag amharc a nuas o 'leabaidh fhuair
'S mòr a' bhrìgh a bha 'na ghuth:
"Dùisgibh, chlann Alba nam buadh,
"S garbh colg bhur naimhde o thuath.
"Ag gluasad air bharruibh nan tonn,
"Tha clann Lochlain nan lomadh long.
"Eiribh, chlann Alba nam buadh,
"S mòr neart bhur naimhde o thuath."

Air sgiath na h-osaig fhuair
Dh'fhalbh mac na h-oidhche gu luath.
Lùb an darach garbh fo chosan,
'S chrith gach gallan roimh fheirg.
"Tionailibh, mo shuinn, o'n t-sealg,"
Thubhairt Ceann-fine na h-Alba.

[TD 4]

"Soillsichibh sradh air Druim-feinne,
"S thig mo laoch o ghruaidh gach beinne."

Labhair Mordubh rìgh nan srath,
'S lionmhar crag tha 'g innseadh sgéil.
Chuala clann a' chath' am fonn,
Is leum iomadh lann ghlas a mach.
Dh' eirich a' mhadainn san ear,
'S dh'iarr i air fian gailbheach gluasad.
B' àluinn maiseach fiamh na gréine
A' tighinn a mach gu ciuin o'n chuan:
Boilsge a gathan air airm
Nan laoch mòr-bhuadhach anns gach cath.

Air adhart dh' eirich Ciabh-ghlas treun
Is iomadh sleagh air chùl Ceann-aird.
Tha Tom-mòr ag tional a shluaigh;
'S c'uime bhiodh Mordal air deireadh.
Labhair Ciabh-ghlas bu mhòr aois,

"Cò chunnaic Sùnar o thuath?
"Am bheil e togail iomadh sleagh?
"Thug mi féin a'm' òig' air buaidh.
"Ge fann mi 'n diugh anns a' chath,
"Bha mi 'n sin gu neartmhor cruaidh."

"Ni 'm bheil a'd' neart no d' chruadal feum,"
Thuirt mac Chordhuidh bu bheag cliu.
"S treun meanmnach Sùnar o thuath.
"Tha gathan na gréine ag leum
"Mu'n cuairt a dh'eidigh an t-seoid.
"Tha suinn gharbh neartmhor r'a thaobh,
"Is ard a choille lùbadh fo chosan.
"Tha cragan Thirmhòir beag fo cheum.
"S trom colgar gailbheach righ Lochlain,
"S cha toir mac Alba air buaidh."

[TD 5]

CIABH-GHLAS.

"Imich thus', a ghealtoire chlaoin,
"Gu aiseirigh shàmhach nam ban.
"Tha d'anam air crith mar dhuill' uaine
"A ghluaiseas roimh anail nan speur.
"Mar a thuiteas i roimh fhuachd a' gheamhraidh,
"Teich thusa o na naimhdean borba.
"Ach is iomadh craobh gharbh air a' bheinn so
"A sheasas 'nuair is ghailbheach sian.
"Is tric a thàinig naimhdean o thuath,
"Ach buannachd cha d'thug iad riamh uainn.
"Imich thusa, a mhic gun chliu,
"Gu aiseirigh chùil nan daoine crìon.
"Mur biodh aige-san tha gun chliu
"Naimhdean nach bu mhò na thu,
"B' aobhar eagail nach b' fhiu dha
"Airm a rùsgadh anns a' chath.
"A' feith' air cloinn Lochlain o thuath
"Bi'dh 'n cruaidh lann fhuilteach o' d' thaobh.
"Chualas d' fhocail gu beag tlà.
"A mhic an ardain, tog do gath."

Dh'éirich dà shleagh gu h-ard;
Bha rùsgadh lann air gach taobh.
Dhùisg a nis neart na h-Alba
Chum garbh chath thabhairt dhi fèin:
Ach thàinig sgiath láidir an t-sluaigh,
Righ àluin Albainn a nuas.
Le corruich mhòir 's le trom ghruaim,
Dh'amhairc e air na suinn làn fuath.
Tha shùil gu fiadhaich a' siubhal
Gu dubhach o fhear gu fear,
Air eagal gu'n tuiteadh an sluagh.
Borb, luath aig imeachd tha a ghuth,
"Na rùisgibh lann, a cloinn na fairge;
"Na canaibh gu'n leag sibh sinn."

[TD 6]

"Is tric a dh'éirich sleagh bhur n-Athaire;

"Is lionmhar an cill air an tràigh:
"Ach is aoibhinn dhuibhse, chloinn Lochlain,
"Leagar Alba le h-airm féin."

Làn maslaidh o fhearg an Rìgh
Shiubhail na laoich a dhùisg an stri,
Mar dhà neul ta siubhal air carn
'Nuair a shiubhlas a' ghrian air min dhrùchd:
Dubhach tha na glinn roimh 'n ceum,
Ag amharc tighinn 'an deoir nan speur.
Cha'n fhiu leo an cnocan crìon,
Tha triall chum gruaidh ard chraig.
Mar sin a shiùbhlach na suinn
'An coinneamh an naimhdean borb.
Air adhart tha ceum Rìgh Alba
Mar gharbh chraig 'an aghaidh tuinn mhòir,
'Nuair a chruinnicheas neart nan stuadh,
A' tabhairt garbh chath do thuilte.

Mar ghaoth oidhche shiubhlas air speur
Thàinig clann Lochlain nan sleagh.
Cha siubhail osag 'na h-aonar,
'S ann còmhluath tha dubh ghruaim nan sian.
Dh'èirich airm Albainn gu h-ard.
Mar thairneanach tha gairm nan cnoc,
Mar thuiteas dà chloich o Bheinn-ard,
'S iad a' tachairt air urlar a' ghlinn,
Mar sin bha toiseach a' gharbh chath.
Is iomadh nàmhaid a thuit leinn.
Bha uamhann a' bhlàir air an fhraoch.
Bha tuilte fola mu shleagh Cheann-aird.
B'iomadh creubhag a lot Dalmor.
Bu chruaidh, borb, flathail gach fear;
Ach cò b' urrainn seasamh roimh cheud?
Chuunaic an Rìgh ar ceum air ais.
Las anam a' ghaisgich le fearg,

[TD 7]

Allt dearg a' leantuinn a shleagha.
Bha taibhsean a naimhdean mu'n cuairt.
Ach fada o féin bha na laoich.
Thàinig e mu dheireadh 'nan déigh,
Mar thonn a' tuiteam o'n chraig;
'S tric a dh'iarr an fhairge air dìreadh,
'S tric a thilg an stuadh e o bhonn.

C'uime tha thu gruamach san iar,
A Ghrian àluinn ag astar nan nial?
Cha b' anfhann na suinn.
Cha do theich sinn roimh 'n mheata.
Is tric a chuir neoil dhorch ort féin smal,
'An aimsir ghailbheach nan sian.
Ach 'nuair a théid fògradh air a' ghaoth,
'Sa théid caonnag nan speur gu taobh;
'Nuair a bheir thu smachd air na neoil,
'Sa ghlacas a' ghaoth air do làimh;
'Nuair a sheallas tu oirne a nuas,
'S do chuach fhalt àluinn a' snìomh;
'Nuair a bhios fiamh ghàir air do ghnùis;

'S mòr aoibhneas éidigh gach cnuic:
'S aithearrach leinn do bhuidh sna speuran,
Is beannaichidh sinn do ghathan, a Ghrian.
Imich gud' leaba le ceòl,
Thusa, tha measg nan reultan mòr;
Bheir sinn buaidh fathast,
Ge do tha sinn an nochd fo leòn.
* * * * *

An dara Leabhar do Mhor-dubh.

TRI uairin chrath an oi'che
A sgiath dubh-cheo'ach san ear,
Tri uairin a sheall na reultan
Thair neoil ghruamach na'n speur.
Bha osna thamailte na'n Laoch

[TD 8]

'Sa ghaoith ag astar, na'n carn
Bha co-samhla na'n sonn o shean
Le corruich ag siubhal na'm beann.
Chualas trom osna na'm marbh;
'S b' anbhan an guth 'sna neoil;
Chuimhnich sinn gaisge an lamh
Is ghabh sinn tamailte mhor.

Air Ard-chraig dh' amhairc an Rìgh,
S' lionmhor gaisgeach bha foi ghruaim,
Bha 'n smuaintin soileir dho fein
Is labhair e le briathraibh borb.

Air cuis 'nuair a luidheas gruaim
Theid fuadach an cridhe crion,
S' theid fir fhann gu luath foi dhion,
Togaidh 'n calma chean roimh ghaillin
S' cha bhi fiamh taiseach'd na ghnuis.
Tha ceimine na'n sion 'san daire,
'S cha lùb an dárach a ghlùin.

Abraibh sibhse Cheinn na Feinne,
An d' thainic sinn o dhaoinibh crion?
An ann do gheugaibh fann ar sleagh?
O dhárach Albain na'm mor ghnìomh.

'S Tric thainig naimhdin o Thuath
'S cuin a theich ar sins'ridh gun bhuidh?
An geill sibhse do Chlainn na fairge?
Far am b' abhaist taibhse na'n naimhdin
Leim o osaig gu osaig,
Le trom osna bhroin na'm marbh?
Tha chloch ud, le mointich * liath,
Ag cumbhail cuimhne air treun laoich
Ag radh, 'Cha do theich bhar n aithreach riamh,
Fheara, leannaibh dian an lorg.

* Coinich.

[TD 9]

Ag eisteachd re briathraibh an Rìgh
Bu dubhach bha na suinn mu'n cuairt
Ag amharc cloidheamh, sgiath is sleagh,
'S le focail gu'n bhrìgh ann a chluais.

Sheasamh Morchean, Triath Alt-duibh,
Tri uairin chrath e chiabh,
Tri uairin bhuaile e 'n dárach;
Ainmic bha mo bhuillín fann,
Ainmic fhuair mo naimhdín buaidh,
Ge d' thug bha'n' air falbh mo neart
Nì bheil feith ghealtach am ghruaidh.
Shaoil leam gu'n togadh mo mhac
Mo leac 's gu'n caireadh e mo cheann;
Chaidh nì n' togar sgiath no leac
Le oig'ear flathail na'n deas lann.
Bha cheim air adhairt sa chath,
Ach dh' fhailig gach caraid mu'n cuairt
Bha ioma naimhdín na stri',
'S thuit an laoch roimh mhìle sluagh.
Beannachd, ars' an Rìgh, do'n laoch,
Ach na aonar nì 'm fead e falbh,
Theid Ceann d' Alba 'nocd na lorg;
'S dorch do choigrich tamh na'm marbh,

Ghlac Og-bhan mac Chorbhui a sgiath,
An diomhain duinn gu eirigh grein?
No 'n dean sibh feidh do 'n luchd mìo-ruin?
Ann sin do labhair Ceannard treun.

'S Tric thug siol Alb' an t slige ciuin,
Ach cuin a thainig bas air coigrich
Nuair a thachair iad le muirn?
Is treabhach maiseach linn Lochlainn,
'S buighnidh sinne fos ar cliuth.
Cìod uim' a thuiteadhmaid mar neul
A thig le scleo le linne bhuirn,

[TD 10]

A shnamhas air bharraibh na'm beann,
Nuair choidleas a ghealach foi shuain,
'S chrathas gaillinn clocha trom,
'S fiamh eagail air rinneag na'n sion?
Crathaidh a mhadain a ceann san Ear,
'S eirigh a Ghrian le cuach-fholt ciuin,
Biaidh solus a gath air gach sgiath,
'S Bas ag gearradh airm gach suinn.
Ag cuir air gach sgiath * Dunairm,
Dubhairt Mor-fholt, fuir'gheadh gach laoch
Air an tog lamh mhìn-gheal leac,
Ach luidhidh mise nochd air fraoch.
Cha bhi deur air gruidh am dhiaidh,
Cha 'n eirich cloch mo chliuth,
Cha 'n abair athair, mo mhac,
No gruagach, mo chreach, mo ruin!
Loit mo shaighead uchd na Rimhin
Bha tlachd-mhor thair mhìle mnaoi,

Tha fuil mo chairdin ag cuir smuid
Dhe' na h airm dhu'-ghorm na m'laimh.

Bu naimhdin d' Albain m' Aithreadh,
Aig Rìgh Lochlainn b' ain-meil, iad;
B' aite leam siubhal na fairge;
Thog sea gaisgich bhorb mo bhreid.
Thainig gaoth le cabhaig o Thuath,
'S thog na stuaigh le feirg an druim;
Bha meanbh-chith† ag eirigh mu'n cuairt
'S neoil ghruamach ag astar oscionn.

Dh' eirich Albain air barr tuinn
'S chrath gach dair an ciabh le failt',
Bha Sliabhain ghorm, ceol-mhor, binn,
Le chratha min roimh cheann ar barc.

B' e Dunairm ceann-uidhe, nan coigrich,

* Cairdein.
† Aithreach?
‡ Chath'.

[TD 11]

Is shìn ceannard gast a lamh;
'S i beatha clainn Lochlainn ann Albain,
Nuair bhios meirg sìochaidh air an laimh:
Is lìon-mhor ar feidh, is lan ar slioghaidh,
'S tha cliuth is meisneach 'nar sgeul
'S cuim' a chiteadh gruaim air coighreach?

Chaidh sùrd le sòlas air cuirm;
B' aoibhin leinn comhradh air sìth
'S bheannuich sinn naimhdin a tìr!

Mar ghath greine air maidin chiuin,
Nuair chromar le druchd gach geug
Bha Min-bhas an talla na muirn
S' ioma laoch toirt suil na diaidh.

Suireadh Oisein air Eamhair aluinn.

IS Cuth duine far nach Fionduin *
Deirimse riutsa nighean Iunnsai,
Gu'n raibh mi 'm dhea' laoch air bheirt eile,
Ge ta mi 'm sheann laoch san latha-s'.

Latha gu'n deachaidh leinn,
Eamhair aluinn fholt-ghrinn,
Nighean bu ghéal-lamhach glac,
Leannan coigrich Chormaig.

Ghluais sinn gu saoth Locha Leige,
An da fhear-dheug a b' fhear foi 'n ghrein,
Ge b' e dh' fhidireadh ar run,
Romhain bu theichmheach droch cuth.

Bheannuich an sin Brant mac Leacan
D' an t sluagh aluinn, ard, gheal-ghlacach,

* Iundriun, ionmhuinn?
† Brian.

[TD 12]

Gu narach, treoireach, néo-mheata,
Nach do phill scannal no ascal.

Dh' fharaid e dh' inn an gloir bhinn,
Ciod e an taisc* mu'n d'thainig sinn?
Caoilte fhreagair air ar ceann,
A dhiarraidh do nighin ortsa.

Co dha ta sibh ga h iarraidh?
Do dh'Oisein uasal mac Fheinn,
'S i mo nearac a gheabh thu.
A Laoic h laidir long-phortaich.

Labhair Brán 's ni dubhairt breug,
Ge do bhiodh agam da nighin deug,
Aig feabhas do chliuth san Fheinn,
Bhiodh a cheud nighean aig Oisein.

Dh' fhosgladh dhuinn an Grianant corr,
Air a thuthadh do chloth dhuinn,
Lion meanmna sinn uile,
'G amharc Eamhair chas-fholt bhuidhe.

'Nuair a chunnairc Eamhair fhial
Oisein Mac Fheinn flath na'm Fiann,
Thug an Ribhin a b' aille dreach
Gaol a h anma d' an dea' mhac.

Gu'n ghluais sinn gu Druim da-thorc,
'S bha cormac romhain na long-phort,
'S e dar feitheamh gu dana,
Le seachd catha d'an dea' mhalaidh†.

* * * * *

Sluagh Chormaig gu'n do chás
Aig na ghabh an sliabh bla lasair.

* Taiscealadh, taisge?
† <eng>A round turret or tent.<gai>
‡ Mhal-shluagh?

[TD 13]

Ochd-fhear do bhi aig Cormag cruinn,
Ionann an gníomh dh' Fhearaibh-Bolg,
Mac Colla is Daire nan creuchd,
Mac Toscair' treun agus Taog.

Freasdal baghach Mac an Righ,

Daire na'n gníomh bu mhor agh,
Daol bu mhaith fulang sa chuing,
'S Meirge Chormaig Chruinn na laimh.

Ochd-fhear bhi aig Oisein ard,
Ionann sa chath gharg ga dhion,
Mulla Mac Scein agus Fial,
Sgeulaiche fíor fllath na Feinn'.

Faolan agus Cairioll cás,
Dubh Mac Ribhinn níor thais colg,
Toscar an tus siar a Chlann,
Chaidh foi 'n chrann an' ceann na 'm Fearbolg*,

Thachair Toscar thachair Daol,
Taobh re taobh an lath'r an t sluaigh,
Bha comhrag an da churaidh chaoimh
Mar gu 'n doirteadh gaith a cuan.

Bu chomhrag dha leomhaint sin
'S cha 'n iarradh e scian d'an guin,
Ge bu mhaith saoirsinneachd na'm fear,
Bu cheo na taosgaibh am fuil.

Chuimhnich Toscar air an scein,
Arm bu mhiann leis an fhear mhaith,
Chuir e naoi guine, an taobh Dhaoil,
Sealan beag mu'n chlaon an cath.

Bha comhraig ag borbadh an t sluaigh,
Mar fhuaim uird le dearnaibh lamh,

* Ceann na 'm Bolg.

† Leoghain.

[TD 14]

Ag iarraidh gu Oisein gach uair
'S an cath cruaidh do bheir e dhoibh.

Do scoilt Oisein air an t sliabh
Caogad sciath gu Cormag Cruinn,
'S gu'n bhris Cormag mac Art
Caogad lann ghlas air an druim.

Thugas an ceann do Chormag Cruinn
Air an t sliabhsa gus an nochd,
'S gun do ghluais gu Flaith Fail,
'S an ceann sin am laimh air fholt.

Ge b' e dh' innseadh dhamhsa sin
An la sin ag cuir a chath',
Deireadh rium mar tha mi nochd
Gu 'm faigheadh e olc o m' laimh.

Laoidh Dhaibhidh mhic Ceallair.

MOLAIMAID Tighearna na gloir,

An Ti a' s' mo na gach neach,
Cruthai-fhear an t saogh'l gu leir
D' an cumhai' dhuinn geilleadh air fad*.

'S tu rinn an domhan 's na bheil ann,
Na cuantai domhainn is am fonn,
Is chuir thu iasg ga altrum ann
Is thug ciall a ghlacaidh dhuinn.

Rinneadh leat Gealach agus Grian,
Thogbhail fia'nais air do ghloir
Cha'n aithris mi am mile trian
Do Chruthaidheachd an Dia a 's mo.

'S tu rinn na h aingil ard air fad,
An t Aibherseoir foi smachd gu mor

* Gu beachd?

[TD 15]

Air slabhrai laidir aig a mhac,
Cunbhail ain-neart o theachd oirn.

'S tu rinn na Reulan air fad,
Riaghlachadh gu ceart na 'n trath;
Gheall thu faraon fuachd is teas,
Fogh'ar mu'n seach agus mairt.

Rinneadh leat an Duine ris,
Do reir t iomhaidh chum do ghloir
Chain e an oighreachd dhuinn gu'n luach,
Is cha 'n fhuasglar i le h òr.

'S tu chuir an radharc stigh sa cheann
Is folt roimh * na chlaigeann lom,
Is thug thu chluas gu h eisteachd dhuinn,
'S gluasachd a chuirp o na bhonn.

Chuir thu Adhamh an codal trom,
Chaidh Liaigh na'n gras os a cheann,
Agus do asna thaobh do rinn,
A Bhean o'n do ghin gach clann.

A stigh ann Garadh ciuin na'n seud,
Far an robh aoibhneas do ghraidh,
An uair a dh'ith a Bhean am meas,
Dh' fhuiling i 's a sliochd am Bas.

Cha robh a teasargain ag neach,
O'n Chumhnant a rinn i bhris',
'N tra ruisgeadh an sgeadacha' ceart,
Bha chuis na h eagal anois.

Ach moladh do Ard Righ na'm feart,
Leis nach b' aill teachd d' ar sgrios,

* Throimh.

[TD 16]

'Nuair chunnairc e Adhamh na airc,
Rinn e Cumhnant na'n Gras ris.

Criost a thainig anuas le thoil,
Is thug suas mar iobairt fhuil,
Mac na firinn ghloin Uan gu'n lochd,
Mar chionntach fhuair e a ghuin.

Cheusadh e air a chrann ann aird,
'S an t sleagh sait' ann a chorp,
Crun geur na pein a bha mu cheann,
Fhuair Mac De le naimhdibh lot.

Tairnge gu teann ga'n cuir an sas,
Am bosaibh a lamh le h ord,
Is fuil a chridh' ag ruidh o thaobh,
Ceannachd bu daoire na'n t òr.

'Nuair chaidh Criost gu pein a Bhais,
A' dh' fhulang ar son an t sluaigh,
Sgoilt Brat an Teampuill sios gu lar,
Dhuisg na mairbh ann aird o'n uaigh.

Chriothnuich an talamh trom le crith,
Is air a Ghrein thainig smál;
Le feirg Dhe a chrath e ann sin:
Dh' fhuiling Criost am Bas re seal.

Do adhlaic iad an t Uan foi lic,
Thug e buaidh, san uaigh cha d' fhan,
As a bhas thug e a gheur ghuin,
'S dh eirich an treas la gu'n smál.

Na shuidh aig Deas-laimh Athar 'ta,
Criosta le Gras os ar cionn,
Ag cuir Oifig Sagairt ann gnìomh,
A dheasachadh Rioghachd dhuinn.

[TD 17]

Ach thig an t am an tig Mac De,
Creidibh mi gur fìor an sceul.
Le mìtibh mìle d' ainglibh treun,
Thoirte oirn breith do reir ar gnìomh.

Seidir an Tromp ann sin gu h ard,
Leis na h ainglibh 's aille snuadh,
Eirigh na mairbh ann aird o'n ùir,
Is gabhar cuntas o 'n chuan.

Liubhraidh an uaigh na fhuair i fein,
Cha bhi neach d' an treud air chall,
Nochdar iad uil' am fia'nais De,
'S e Mhac fein a 's Breitheamh ann.

Biaidh iadsan soileir ann an sin,
Mar sholus dealrach an dreach,

Thig Criost na'n coinne-sin le gean,
'S biaidh sith an comunn na'n ceart*

Ni thu' 'n sin tearbadh air gach neach,
Is tearmunn do 'n ionmhuinn leat,
Mheud 's ata air na'n dearbhadh dhuit,
Cuirear foi dhion do chaoimh Bheirt†

Cuirear na gabhair air do chli,
Traille gu priosan a bhroin,
Druidear fos is gur cruaidh an sceul,
Flaitheamhnas De air an sroin.

Mallaichidh 'n nighean a Mhathair,
'S Mallaichidh mhathair, a chlann,
Mallaichidh an t athair am mac,
Nach do ghabh smachd uaidh na am.

* Laoch.

† Bhreith.

[TD 18]

Is ioma' sgairteachd is gul geur,
Re cluinntin doibh sgeul a chraidh.
Ag mallachadh cheile gu leir,
Scarachduinn re Uan a ghraidh.

Ann teach ga milleadh cuirfear iad,
'S iad foi dhio'ltas an Aird Righ,
Gun duil re furtachd no re bas,
Gu brath cha 'tig iad anios.

Fasaidh an cuirp co chruaidh re prais,
Mar iarunn an lamh 's an cas,
Ga'n cunbhail beo ann an sir phian,
Teine diain gu'n fhurtachd as.

Aon latha dhoibh mar bhlianaibh buan,
'N lagan loisgeach cruaidh ann sas,
Ga'n liodairt le teas agus fuachd;
Sud an duais cia fhad an dail.

M' achuinge riuts' air scàth do mhic,
Meaduich mo ghliocas le gras,
Thoir fuasgladh saor dhamh anns gach cuis,
Seal mu'n druid mo shuil le bas.

Comhrag Fheinn agus Mhanuis*.

GE b' e bhiodh leinne an laoi,
Air an traidh tha siar foi dheas,
Aig uisge Laoi're na'n sruth seamh,
Air an Fheinn bu mhor a mheas.

Beannachd air anam an Laoich,
Bu gharbh fraoch anns gach treis,
Ard Righ Lochlainn ceann na'n treun,

'S ann air a shloinnteadh an t eas.

<eng>* Magnus.<gai>

[TD 19]

La dhuinn ag fiaghach na'n dearg
'S nach d' eirich an t sealg 'nar car,
Gu faca sinn mile bàrc
Air an traidh ag teachd air lear.

Sheasamh sinn uil' air an leirg,
'S thionail an Fheinn as gach aird,
Dh' fhiosrachadh co iad na sloigh,
Rinn cruinneachadh mor air traidh.

Thainig an cabhlach gu tir,
Greadhuinn * nach bu mhin 'ar leinn,
Bu lionmhor ann pubull sroil,
Ga thogbhair leo os an ceinn.

Thog iad an gasradh o'n choill;
Ghlacadh leinn' ar 'n airm ghaidh, †
Da shleagh air gualainn gach fir mhoir
Agus thog sin oirn gu traidh.

Cea a gheabhamaid na'r Feinn
A rachadh ghabhail sceil d' an t sluagh,
'S e radh Fionn flath gun chleith,
Gu 'm beireadh e breath is buaidh.

Sin nuair labhair Conan a ris
Co a Rìgh, b' ail leat a dhol ann,
Ach Fearghus fìor ghlic do mhac,
O 's e chleachd a dhol na'n ceann?

Mallachd ort a Chonain mhaoil,
Labhair Fearghus bu caoine cruth,
Rachain-se ghabhail sceil
Do 'n Fheinn 's cha b' an air do ghuth.

* Greadhann?

† Chaith'?

[TD 20]

Ghluais Fearghus armoil óg,
Air an rod an coinne na 'm fear,
'S dh' fhiaruich e le comhradh foil,
Co iad na sloigh a thig air lear.

Manus fuileach fear'a fial,
Mac Rìgh Beatha na'n sciath dearg,
Ard Rìgh Lochlainn ceann na cliar,
Giolla bu mhor fiamh * is fearg.

Ciod a ghluais a bhuidhean bhorb,
O chriochaibh Lochlainn na'n colg sean,

An ann a chuideacha na 'm Fiann
A thainig an triath thair lear?

Air do laimhse Fhearghuis fheil,
As an Fheinn ge mor do mhuirn,
Cha ghabh sinn cumha gun Bhrán,
No a bhean a thoirt o Fhionn.

As do laimh ge mor do dhoigh,
'S as do shloigh ge mor do mhuirn,
Mhead agaibh 's thain' thair lear,
Cha tugadh sibh Bran air tuinn.

Bheireadh an Fheinn comhrag cruaidh,
Do d' shluagh mu'm faigheadh tu Brán
'S bheireadh Fionn comhrag treun
Duit fein mu 'm faigheadh tu bhean.

Thainig Fearghus mo bhrathair fein,
'S bu chosmhuil re grein a chruth,
'S dh' innis e sceula d' an Fheinn,
'S gu 'm b' oscaradh treun a ghuth.

* Fraoch?

[TD 21]

Mac Righ Lochlainn sud o 'n traidh,
Ciod e 'm fath dhamh bhi ga chleath?
Cha ghabh e gun chomhrag dluth,
No do bhean 's do chuth a bhi foi bhreath.

De cha d' thugainn-se mo bhean
Do dh' aon fhear ata foi'n ghrein,
'S Cha mho bheirinn Bran gu brath,
No gu'n d' theid am Bas am' bheul.

Labhair Mac Cuthaill re Goll,
Am mor an glonn duinn bhi 'nar tosd,
Nach tugadhmaid cath laidir borb
D' Ard Righ Lochlainn na'n sciath breac?

Seachd altrumain an lochain lain,
'S e labhair Goll gu'n fhas-cheilg,
Ge lionmhor acasan an sluagh,
Deangaidh mis' am buaidh 'san leirg.

Thuir an t Oscar bu mhor brigh,
Leig mise gu Righ Innse-torc,
Clann a dha chomhairlich dheug
Leig fa m' chomhair fein an cosg.

Labhair e Conull a ris,
Deangam-sa Righ Innse-con,
Is ceinn a shea-comhalta deug,
No biaidh mi fein ar an son.

Iarla Mumhan* ge mor a ghlonn,
Labhair Diarmad donn na'n cont,

Caisgidh mi sud d' ar Feinn,
No tuitidh mi fein ar a shon.

* Mudhan.

† Gun on.

[TD 22]

'S e feimeas a ghabh mi fein,
Ge ta mi gu'n treine an nocht,
Rìgh Teurmann na'n comhrag teann
Gu'n scaruinn a cheann r'a chorp.

Beiribh beannachd' beiribh buaidh,
Arsa Mac Cuthaill, na'n gruaidh dearg,
Manus Mac Garadh na'n sluagh,
Coisgear leam ge mor fhearg.

An oiche sinn duinne gu lo,
B' ainmic leinn a bhi' gun cheol,
Fleadh gu farsuing, fion is ceir
Gheibhte aig an Fheinn nias leor.

Chuncas mu'n do scar an lo
Gabhail doigh ann sa ghuint,
Meirgh' Rìgh Lochlainn an aigh
'Ga togbhair o'n traigh 'nar uchd.

Chuir sinn Deo-ghreine re crann,
Bratach Fheinn bu ghairge treis
Lomlan do chlochaibh 'n ór,
'S ann leinne * gu 'm bu mhor a meas.

'S iomad cloidheamh dorn-chrann oir,
'S iomad srol ga chuir re crann,
Ann Cath Mhic Cuthaill na'm fleadh,
'S bu lionmhor sleagh os ar ceann.

Iomad coitein iomad triath,
Iomad sciath is luireach gharbh,
Iomad tóiseach is Mac Rìgh,
Is ni 'n raibh fear dhiubh gu'n airm.

* Aig an Fheinn bu.

[TD 23]

Iomad clogaid maiseach cruaidh,
Iomad tuadh is iomad gath
Ann cath Rìgh Lochlainn na'm buadh,
Bu lionmhor ann Mac Rìgh is flath.

Rinneadar an urnaidh chruaidh,
Bhriseadar air sluagh na'n Gall,
Chrom gach fear a cheann sa chath,
Is rinneadh leis gach flath mar gheall.

Thachair Mac Cuthail na'n cuach

Is Manus na'n ruag aigh,
R'a cheile ann tuiteam an t sluaigh,
'S ann leinne gu 'm bu chruaidh an dail!

Gu 'm b' e sud an tuirlin teann,
Mar ghreann a bheireadh da órd,
Cath fuileach an da Righ,
Gu 'm bu ghuineach brigh an colg!

Air briseadh do sciath an Deirg,
Air eirigh dhoibh fearg is fraoch,
Thilg iad am buill air lár
'S thug iad spairn an da laoch.

'Nuair a thoiseach stríbh na'n Triath,
'S ann leinne gu 'm bu chian an clos!
Bha clochan agus talamh trom
Mosgladh foi spoirn an cos.

Leagadh Righ Lochlainn air an traidh,
Am fianais chaich air an fhraoch,
Air-sin, ge d' nach b' onoir Righ,
Chuireadh ceangal na'n tri chaol.

Sin nuair thuirt Conan a ris,
Mac Morna bha riamh re h olc,

[TD 24]

Leigir mi gu Manus na'n lann,
'S gu 'n scarainn a cheann r'a chorp.

Cha 'n 'eil agam cairdeas no caoin,
Riuts' a Chonain mhaoil gu'n iochd.
O tharladh mi 'n lamhaibh Fheinn
'S ionsa leam na bhi foi d' smachd.

O tharladh tu m' lamhaibh fein,
Cha 'n imir mi beud air flath,
Fuasglaidh mi thusa o m' fheinn
A Lamh threun a chuir mor-chath.

'S gheabh thu do roghainn a ris,
Do chuir dhathigh do d' thir fein*,
Cairdeas is comunn a ghnathach,
No do lamh a chuir fa m' Fheinn.

Fa t Fheinn cha chuir mi mo lamh
An cian a mhaireas cail am chorp,
Aon bhuille t aghaidh Fheinn
'S aithreach leam na rinneas ort.

Cha 'n ann ormsa rinn thu e,
'S ann duit fein a rinn thu 'n cron;
Do na thug thu shluagh o d' thir
'S beag a philleas ris an sinn.

Marbhadh Chonlaoich le Cuth-Ullin, athair fein.

NUAIR chaidh Cuth-ullin do dh' Eirinn, dh' fhag e a bhean, d' an gair
cuid Aoife, an Dun-scàthaich san Eilein Sciathanach, torrach air
Connlaoch. Nuair thainig a mac gu foirfeachd, chuir i dhionnsaidh athar
e: ach chuir i foi gheasabh e, nach innseadh e re bliana co e. Ann lorg
so a dhiultadh, bhuaill athair e leis a Ghath-bhulga, no

* Nuair tharlas tu d' thir fein.

[TD 25]

bhuilg, a dh' ionnsuich Aoife dha fein, ach a dhearmaid i ionnsachadh do
Chonnlaoch, agus leis ambu ghna leo comhrag ann uisge. Deirir gu'n
tilgeadh Connlaoch na gathan air athair ann coinne an earra, ach nach do
thuig se e, agus mar sin gu'n do mharbh e a mhac fein.

CHUALAS air fada o shean,
Soi-sceul a bhuineadh re m' chuimhne,
La bhi mi gu tuirseach trom
Air an taobhsa dh' Innse-roghuill.

Clanna Ruraibh na 'm breath mall,
O thigh * Chonchair 's o thigh Chonuill,
Le 'n ur chlainn oig air na maghaibh,
'S iad air urlar Chuige Ulunn.

Na 'm b' e 's gu'n d'thigeadh 'nar ceann
Fior laoch Ula, 's nior bhreath theann,
Gar an' tigeadh oirn o aon bhall eile
Thoirt diombuaidh do Chlanna ruraibh †.

Tigidh chugainn am borb fhraoch
Ancuraidh crothanta Connlaoch,
Do fhios na'm fear gradhach grinn,
O Dhun-scathaich gu h Eirinn.

Labhair Conchair re cach,
Co gheabh sinn chum an og-laoich,
A thoirt beachd no sgeula dh'e,
'S gu'n teachd le h àra uaidhe?

Ghluais Conull nach lag lamh,
Do ghabhail sceula d' an ogan,
Mar dhearbhadh air toradh an laoich,
Cheangladh Conull le Connlaoch.

* Thaobh.

† Chlannaibh-Rurudh.

[TD 26]

Greasar chugainn ar fir laoch'or
Gu Connlaoch fraoch'or furanach:
Ceud d' ar sluagh a cheangladh leis;
'S iongna sin 's is buan r'a innseadh.

Chuidh teachdairachd gu ceann na'n conn
O Ard Righ iongnaidh Uluinn,
Gu Dun-dealgunn grianach glan,

Seann Dun ciallach na'n Gaidheal.

An Dun sin a leaghar libh,
O Mhai aon nighean Ni Mhorguill,
Gu'n deach gnìomh saor na'n steud mear
Gu Rìgh failteach na 'm fear.

Do fhios na h Ula uaine
Tigidh Cuth na Craobh-ruaidhe,
Mac deud-gheal is gruaidh mar shugh
Nach d' eitich teachd 'nar comhair.

Labhair Conchair ris a Choin,
'S fhada bha thu gan teachd d' ar feachainn
Is Conull suireach na'n steud mear
Ann cuibhreach uainn is ceud d' ar sluaghaibh.

'S oil leinn am bith uainn am bruid,
Na fir a chabhradh air an cairdibh;
Ach ni 'n reidh dhol a shineadh lann
Ris an ti leis 'n do cheangladh Conull.

Na smuainich gan dol na choinne,
Lamh na'n geur arm graine'il,
Lamh nach lágadh roimh neach
Cuimhnich t Oide is e 'n cuibhreach.

Cuth-Ullin an lamh nach sliom*,
Re cuimhneach air cuibhreach Chonuill,

* Tiom.

[TD 27]

Ghluais e le treine a lann,
Ghabhail sceula d' an ogan.

Innis duinne, re teachd a d' dhail,
Labhair an Cuth 's nìor ghabh teagmhail,
O shlios Rìgh an abhraid duinn,
Fios do shlainne, 's cia do dhuthaich.

Geasan orm air teachd o 'm theach,
Gu'n sceula thabhairt do dh' aoidhe,
Na'n tugadh do dh' aon neach eile,
Do d' dhreachsa bheireath gu h araidh.

Comhrag is eigin duit,
No sceula thabhairt mar charaid;
Gabh do roghainn a chiabh bog,
Cha chiall toghaidh dhuit ga m' chomhrag.

Chum a chomhraig mar bu treun
Chaidh an Cuth 's a mhac fein:
A mhac fein gu'n d' fhuair a ghuin,
Le daltanaibh cruaidhe cath-bheura.

Innis duinn, ars Cuth na'n cleas,
O tharladh tu chaoidh' foi m' ailleas

Fios t' ainm no do shlainne gu lom,
'S na triall dol ga fholach uainn.

'S measa na sin mar thachair dhuit,
Aon Choin uir agh-mhoir,
A ghaisgich aird air thus truid;
Truaidh mo lus a bhith agad an-asgaidh.

Mise Connlaoch Mac a Choin,
Oighre dligheach Duin-tigh-dealgunn,
An Run a dh' fhag thu 'm broinn gu'n fhios,
Ann Dun-scàthaich ga m' fhoglam.

[TD 28]

Seachd blià'na san tìr sin
Ag foghlam gaisge o m' mhathair,
An cleas leis 'n do thorchradh mi
Bu dheas damh fhoghlam uaidhe.

Thoir thusa leat mo shleagh
Agus buain an sciath so diom-sa,
'S thoir leat mo chloidheamh cruadhach,
Lann fhuair mi air a liomhadh.

Thoir mo mhallachd gu mo mhathair,
O 's i chairich mi foi gheasaibh,
Is chuir mi an lathair m' fhuluing,
Cuth-ullin, b' ann le do chleasaibh.

Cuth-ullin chaoimh chrìos-ghil,
Leis am brisear gach bearn ghaibh *,
Nach amhairc thu is mi gun aithne,
Cia meur mu 'm bheil am faine.

'S olc a thuigeadh tusa uamsa,
Athair uailse ain-meinich †,
Gur mi thilgeadh gu fann fiar,
An t sleagh coinne a h earlain.

Nuair chunnairc an Cuth air dol eug
A mhac air call a choi-bheum,
Air smuainteach air failte an fhir,
Chaill e a chuimhne 's a cheutfaidh.

Cuth-Ullin ge b' ard a chail,
Gu'n d' islich sud triall da onoir,
A mhac fein a thorchradh leis
An t saor-shlat choranta choi-dheis.

Na 'm mairthinns' is Connlaoch slan,
Ag iomairt air chleas ann comhlan,

* Chaith.

† Anmainich.

[TD 29]

Chuireadhmaid cath formadach treun

Air fearaibh Alba agus Eirinn.

Dh'iath umam ceud cumha,
Mi bhi dubhach ni h iongnadh,
O m' chomhrag re m' aon mhac,
Mo chreuchda a nocht is ioma.

Aisling Mala-mhin.

'S E guth anma mo ruin at' ann!
O's ainmic gu aisling Mal-mhin thu.
Fosglaibh Talla na 'n speur,
Athraichidh Thoscair na'n cruaidh bheum;
Fosglaibh dorsaidh, na'n nial,
Ta ceimine Mal-mhine gu dian.

Chualas guth am aisling fein,
Ta foram mo chleibh gu h ard;
Cuim thainig an osag am' dhiaidh,
O dhubh-shuibhal na linn ud thall?
Bha do sciath fhuaimneach an gallan an aonuich,
Shiubhail aisling Mal-mhine gu dian:
Ach chunairc i a Run ag aomadh,
'Sa cheo-earradh ag taomadh mu chliabh:
Bha dearsa na Greine air thaobh ris,
Co boisceil re ór na'n daoi.
Is e guth anma mo Ruin at' ann!
O 's ainmic gu m' aisling fein thu.

Is comhnuidh dhuit anam Mal-mhine,
A mhic Oisein a's treine lamh,
Eirigh m' osna mar re dearsa o'n Ear,
Thaom mo dheoir am measg sileadh na h oiche.
Bu ghallan aluinn a d' fhianais mi Oscair,
Le m' uile gheugaibh uaine am' thimchioll;
Ach thainig do bhas-sa mar osaig

[TD 30]

O'n fhasach, is dh'aom mi sios:
Thainig Earrach le sileadh na'n speur,
Ach ni 'n d' eirich duill' uaine dhamh * fein.

Chunairc oighe mi gu samhach san talla,
Is bhuail iad clairseach na'm fonn:
Bha deoir ag taomadh le gruaidhin Mal-mhine,
Chunairc oigh mi 's mo thura gu trom.

Cuim am bheil thu co tuirseach am fhianais,
A chaomh ainnir aig Luatha' na'n sruth?
An robh e sgiamhach mar dhearsa na Greine;
Am bu co thlachd-mhor a shiubhal 's a chruth?

'S taitneach t fhonn an cluais Oisein,
A Nighean Luatha na'n sruth dian;
Thainig guth na'm Bard nach beo
Am measg t aisling air aomadh na'n sliabh;
'Nuair thuit codal air do shuilibh soirbhe
Air cluain Mor-shruth na'n ioma fuaim.

'Nuair phill thu flath'ail o'n t seilg,
Is grian lo ag scartha' † na beinn'.
Chualadh tu guth na'm Bard nach beo;
Is glan faiteal do cheoil fein,

Is caoin faiteal na'm fonn, a Mhal-mhine,
Ach claidhidh iad anam gu deoir:
Tha solas ann tuireadh le sith,
'Nuair dh'aomas cliabh tuirse gu bron.
Claoidhidh fad thuirse siol do'ruinn,
A thla nighean Thoscair na'n cruaidh bheum;
Is ainmic an laethe o'n neoil:
Tuitidh iad mar chuisseig foi 'n Ghrein,
'Nuair sheallas e sios na shoilse,
An diaidh d' an dubh cheathaich siubhal d' an bheinn,
'S a throm cheann foi shileadh na h oi'che,

* Duill' uaine orm fein?
† Sgarta.

[TD 31]

Braigh Uisge Spea.

'S Mor mo mhulad, 's cha'n aichea'm,
Mu'n sceul ur-s' tha mi claistin,
'S mi tearnadh stigh * braigh uisge spea,
'S mor mo mhulad, &c.

Bhuaill tacaoid san taobh mi,
Lion earrainn † do d' ghaol mi,
Thug sud orm bhi caochladh mo neil †.

'N rair a bhruadair mi 'm chadal
Thu bhi eadar \$ mo ghlacaidh,
Lub ur a chuil bhachlaich || dhuinn reidh.

Thug sud togbhail san uair orm,
Bhi ga t fhaicinn am brудар,
Ge do chuir e orm smuairain na dhiaidh.

Thug sud togbhail ** air m' inntin,
Gar an d' fhaod mi chach innseadh
Gus an d' fhag e mi dhiobhail mo cheill.

Lub ur a chuil chleachdai,
Fear h eagais †† cha'n fhaic mi,
Ge do rigeadh mi Clachain na'n ceud.

Tha do ghruaidh mar na subhan,
Mar ròs an garadh na'n ubhal,
'S e do ghaol tha ga m' ruighinn †† gu geur.

Ge d' bhiodh agam na buailtin,
Chrodh druim-'ionn is guail-'ionn
Gu'n d' thugainn duit suas iad is mi fein.

* Le?

† Stich.
‡ Neoil.
§ Sint' ann.
|| Chasurlaich,
** Mosgladh.
†† Aogais.
‡‡ Righinn.

[TD 32]

Ge d' bhiodh agam gu m' roghainn,
Fir ura an Domhain,
Run 's a ghaoil gur tu thoghain damh fein:

Dheanainn sugradh san fhraoch leat,
Cheart aindeoin na'n daoine,
Corp a's gil' thu na Aoilinn * na'n speur.

Cha b' e eagal an Uluidh,
Ge do dhiolainn e dubailt,
Thug (dhamh) do chunbhail far † cul ach dea' bheus.

Mi bhi fada o' m' chairdibh,
Agus teisteil mu m' naire,
Eagal scainneil ann ‡ ait tha foi 'n Ghrein.

'S ge d' nach d'rinn me leat lubadh,
'S e mo roghainn is mo runn e,
Dea' cheile maith cliuiteach dhuit fein.

Giod nach d' fhaod mi bhi laimh riut,
Biaidh mi 'g ol do dheoch-slainte
As gach sruthan an tarl mi leam § fein.

Deir gach tea ruim gu h uallach,
Nuair gheabh i ceile r'a gualuinn,
Togh thusa fear fuadain dhuit fein.

Na'm biodh tus mar tha mise,
Do chridhe bruite, trom ||, briste,
Cha d' thugadh tu idir dhamh beum.

Faighear cist a chinn chaoil damh,
Agus anart mu'n chre so,
'S taisgear mi ann tigh caol fuar ** gu'n lès.

* Faoilinn?
† Air cul?
‡ Aon; aoin.
§ A tharlas orm.
|| Goirt.
** An eig.

[TD 33]

Bha mi lathair an latha
'N d' eug mo mhathair is m' athair,
Cha 'n e sud rinn mo sgathadh co geur.

Ge d' fhalbhadh mo bhrathrin,
Chuid eile do m' chairdin
Dheanainn sugradh re m' Ghradh as an diai'.

An Cronan Muileach.

GURA mise tha ga m' lathadh,
Tha mo shuil na burn 's na ceathaich,
'S mi gun cheol gun òl gun aighir
Mu 'n dol sìos air sìol an tighe.
E ho io hu o eile,
E ho i o hu oirin no,
E ho io hu o eile,
'S i riu hu o ho ro u o ho.

Mu'n dol sìos, &c.
Lach'uinn a dh' fhalb mu Fheill-iain
Mo sheachd ruin chuaidh dhuibh mu shamhuinn
'S ceann mo mhuirn ann cunthart fadhasd;

Ris an deadh mhnaoi chinnidh m' athar
Mathair nam Mac min-gheal flathail,
Nach d' fhuair beum air ghleus ga' faighear.

'N sìthin na fairge, no 'n amhainn,
'N dobhrainn duinn fui ghairm bhur 'n abhaic,
Bheir sibh leim a ceile 'n aighe.

Chaill mi mo chail dh' fhalbh mo mheisneach,
Na fir ùr an tùs am pisich,
Comunn nan gruag 's na com slis-gheal
O 'n tigh mhor ann cluint am briotal.

[TD 34]

Taileasg air bhòrd clar ga phiocadh,
Tuathach ga òl, poiteach meisgeoil.
Beul an t sugraidh thu 's a ghliocais.

Gura mise t' air mo ghualadh
Mo chara na 'm fear (o'n tor) 's o'n Leath-uachdrach
Sliochd Ailein duinn chornuich chuachaich
O rudha ciar na h Airde-fuaire.

Gu Caol-muile loingis luaineach
Ag seoladh gu Dubh-art na'n stuadhan
Tuir ard' am bith baird air bhuannachd.

Leännaich, Camaronaich, Tuathaich,
Stiuartaich o'n Ghleannan uachdrach
'S Clann Dughail o Thur na'n cloch-uaine.

Briathran FHINN re OSCAR.

A MHIC mo Mhic, 'se thuirt an Rìgh,
Oscair, a rìgh nan òg fhath,
Chonnaic mi dealra do loinne, 's b'e m'uaill
Bhi 'g amharc do bhuidh sa' chath.

Lean gu dlùth re cliù do shinnsreachd,
'S na dìbir a bhi mar iadsan.
'N uair bu bheo Treunmhor nan rath,
Is Trathull athair nan treun laoch,
Chuir iad gach cath le buaidh,
Is bhuannaich iad cliu gach teugmhail;
Is mairidh an iomradh san dàn
Air chuimhn aig na baird 'an déigh so—
O! Oscair, claoidh thus' an treun-armach,
'S thoir tearmann do 'n lag-làmhach fheumach;
Bi mar bhuinne-shruth reothairt geamhraidh
Thoirt gleachd do naimhdean na Féinne,
Ach mar fhann-ghaoth shèimh thlà shamhraidh
Bi dhoibhsin a shireas do chobhair—

[TD 35]

Mar sin bha Treunmhor nam buadh
'S bha Trathull nan ruag 'na dhéigh ann:
'S bha Fionn 'na thaice do'n fhann,
'Ga dhìon o ainneart luchd eucoir.
'Na aobhar shìnn mo làmh,
Le fàilte rachainn 'na choinneamh,
Is gheibheadh e fasgadh is càird
Fo sgàil dhrithlinneach mo loinne.

Air GOLL MAC MORNA.

ARD aignidh Ghuill fear cogaidh Fhinn,
Laoch leoghar-lonn, fulangach, nach tiom,
Laoch fionn, fial, a's milse glòir;
Ni 'n saobh a chiall, laoch aoibhidh mòr.
A mhèine mèin, 'sa sgèimh gun chron,
'S e's gloine gean, oide nan sgoil.
Ni bheil rìgh os Goll; ni 'n ceil ort, Fhinn:
Treise na'n tonn, air ghaisge grinn,
Leòghan air àgh, cròdha 'na ghnìomh,
Neartmhor a làmh, rogha nan rìgh:
Cliath chòmhraig bhuan do shonas nam Fiann,
Mordhalach sluaigh, iorghuileach dian:
Buan rùin an fhir, buaidh chòmhraig air,
Leumnach a ghoil, euchdach a stair.
Fear deud-gheal caomh, nach tréig a dhàimh;
'An cogadh rìgh ni 'n lag a làmh;
Proinnteach a ghàir, confhach a threoir;
Fiùranda mìn, mìleanta mòr.

Dan na h INGHIN.

LA d'an robh sinn uille an Fhiann,
Air sliabh Sealmath nan sruth dian,
Choncas ag teachd sa' mhagh,
Inghean's i 'g imeachd 'na h aonar;

[TD 36]

An inghean bu ghloine sinuagh,
Bu ghile 's bu deirge gruaidh:

Bha dà rosg àillidh 'na ceann,
'S i 'gamharc falachaidh m'a timchioll.

Bha léine do'n t sròl a b' ùire
M'a cneas gràdhach, caoin, cùraidh,
Is gu 'm b' àillidh na'n gath-gréine
A bràghad a suas o caomh léine.

Chuir i comruich air Fionn,
'S air Goll muirneach Mac Morna,
'S air Oscar an àigh,
Làmh chosgair gach teugmhail.

AN INGHEAN.

"Mo chomruich oirbh, Fhianna matha,
"Eadar chloinn rìgh is ard fhlattha."
Ceist gach aon fhir do theaghlach Fhinn,
San uair sin thugadh do'n Inghin.

FIONN.

Dh' éirich Fionn féin 'na comhair,
"A rìoghainn donn bhois gheal nàrach,
"Am bheil tòrachd air do lorg,
"A gheug mhàlta nan saor cholg?"

An INGHEAN.

"Tha sin tòrachd orm féin,
"Fhinn uasail is rìoghail Féinn,
"Iulann an airm dheirg a's àillidh,
"Mac oighre rìgh na h Iarsmàile."

[TD 37]

CAIREALL, ROIDHNE, FAOLAN, agus FEARGUTH.

Dh' éirich ceathrar mac Fhinn gu baoth,
Caireall agus Roidhne ruadh,
Faolan agus Fearguth òg;
'S dh'àrdaich iad 'an glòir san uair.

"C' àit' am bheil e 'n oir no'n iar,
"No ann an ceithir rannaibh an domhain,
"Nach fàgadh eanchainn a chinn,
"Mum buineadh e leis thu, Inghean."

An INGHEAN.

"'S mòr m'eagalsa, Fhianna matha,
"D'ar leadairt is d'ar mòr dhòrainn.
"Tha 'm fear mòr, mìleanta, treun,
"Fiùranta, mear, bras san teugmhail."

FIONN.

"Suidh thus' an so air ar sgàth,
"Inghean o'm màlta comhradh,
"'S cha bhuin am fear mòr thu leis,

"Ge mòr do dhòchas as fheobhas."

Choncas am fear mòr uainn
Ag teannadh gu cal' as a' chuan,
Ag tarruing a luinge gu tìr,
Toirt gu 'r n ionnsuidh le h ain-mèin.

Mar illbhinn aillbhinn chraige,
Mar stuadhan ainmheasach thugainn,
'Na chaoiribh teinntidh o chladach,
Gu 'm b'e sin coslas a' mhìlidh.

[TD 38]

Bha seuchd do'n t sròl bhuidhe mu'n fhear,
A cheannbheairt chlochara nèamhain;
A lùireach mhòr iursach uallach,
'Sa dhá shleagh 'nan cuilg re ghualainn;

A chlaidheamh mòr froiseach neimhneach,
Cruaidh cosgara 's e co'-dhìreach:
Sgiath innealt, òrbhui', le 'm briste blagh,
Air dorn toisgealt' a' mhìlidh.

Thug e ruathar fir gun chéill;
Cha do bheannaich e dh' Fhionn no 'n Fhéinn.
Leum an t saighid le sàr bheachd,
'S thorchair le a làimh, an Inghean,
'S cheangail e ceathrar mhac Fhinn;
'S bha 'n t Iulann gu h armach eutrom.

Thionndaidh mo mhac-s', air an leirg.
An t Oscar 'se làn do throm fheirg;
'S thug e'n aire gu dùr, dàna,
Air an òglaoch mhòr, a tháinig.

B' e sin an còmhrag creuchdach,
Fuileachdach, feumannach,
Bos-luath, beumannach,
Ard-leumannach, gábhaidh.

Mar abhuinn a' ruith le gleann
Bha sgrios am fola cho teann;
Mar chaoiribh dearga o theallach
Torran nan laoch namhadach.

Ach thug Osgar beum feardha mear
Gu h Iulann ard an deud ghil,
'S thorchair leis a' bheum ghráineil
Mac oighre rìgh na h Iarsmáile.

[TD 39]

CONN MAC AN DEIRG.

AITHRIS dhuinne, Oisiain dhanaich,
Mhic Fhinn shuairce sho-ghrádhaich,
Sgheulachd air Chonn feardha fearail,
An sonn calma, caoin, ceanail.

Sgeulachd air Chonn mac an Deirg,
Air a lìonadh le trom fheirg,
Dol a dhioladh Athar gun fheall
Air uaislibh 's air maithibh na Fēinne.

Cia bu mhò Conn na'n Dearg mòr,
Oisiain nam briathra binn bheoil?
No'm b'ionann dealbh dha is dreach
'S do'n Dearg mhòr, mhear, mheanmnach?

OISIAN.

Bu mhò Conn gu mòr, mòr,
A' teachd an garadh ar slòigh,
A' tarruing a luinge a steach
'An cumhang cuain agus caolais.

Shuidh e air an tulaich 'gar còir
Am fiuidh curanta ro-mhòr,
Mar thrágha mara re treun thuinn,
Aig ro-mheud falachd an t-suinn.

Chaidh e'm frithleanaibh nan neul
Os ar cinn san ath-mheud;
Is ghabhadh e d'a chleasaibh gairge
Siar ann am bailcibh na h iarmailte.

A mhac-samhail cha'n fhacas riamh
Ag imeachd magha no mòr shliabh;

[TD 40]

'S cha b'áillidh neach fo'n ghréin
Na Conn nan arm faobhar-gheur.

Gruaidh chorcuir mar iubhar-chaor;
Rosg chorach ghorm fuidh mhala chaoil;
Falt ùr, òr-bhuidh, amlach, grinn,
Air an òg mheanmnach, fhearail, aoibhinn.

Colg nimhe gu liodairt chorp
Aig laoch àghmhor nan trom lot:
Bhiodh a chloidheamh làimh r'a sgéith,
Air an laoch re h aimh-réit'.

Buaidh sgach ball an robh e riamh
Air ghaisge, air meud a ghnìomh;
'S gu'm b'iomadh laoch a bha gun sgìos
A' tabhairt da géill agus mòr chis.

CONAN.

'Se labhair Conan maol mac Morna,
"Leigear thuige an ceud uair mi,
"S gu'm buin mi an ceann a mach
"Do Chonn dì-measach uaibhreach."

OSCAR.

"Marbhaisg ort, a Chonain mhaoil,

"Nach sguir thu d' lonan a chaoidh?
"Cha bhuineadh tu'n ceann do Chonn,"
Do ràdh Oscar nam mòr ghlonn.

Gluaisidh Conan na mi-chéill
A dh'aindeoin na Féinne gu léir
An coinneamh Chuinn bhuadhaich bhrais
Mu char tuathal aimh-leas.

[TD 41]

'Nuair a chunnaic an Conn bu chaoin dealbh.
Conan dol 'an sealbhaidh arm,
Rug e le sichd air an daoidh
'Se teicheadh gu luath uaith.

B'iomad sgread is iolach chruaidh
O bheul Chonain nam diom-bhuadh:
Chaidh air Conan maol gu deimhin
Na cùig caoil fuidh 'n aon cheangal.

"Beannachd aig an láimh rinn sin,"
'Se labhair Fionn a' chruth ghil.
Is sheall iad an sin air a chéile
Mòran do mhaithibh na Féinne.

Gur i chomhairle chinn doibh
Sár mhac Fhinn bu chaoine glòir
Chur a ghabhail sgeul do'n fhear dhocrach:
Gluaisidh Fearguth binn-fhoclach.

FEARGUTH.

"A Chuin mhòir, bhuadhaich, bhrais,
"Fhir shùgaich, ait, aoibhinn,
"A ghabhail sgeula thàinig mi.
"Ciod é fàth do thuruis do'n tìr?"

CONN.

"Innseamsa mo sgeul dhuitse,
"Fhearguth, agus buin leat e.
"Eiric m'athar b'àill leam uaibhse,
"O'r maithibh is o'r mòr uaislibh.

"Ceann Ghuill 'sa dhà mhic mhòir,
"Ceann Fhinn flath an t slòigh;

[TD 42]

"Cinn chlanna Morna uile
"Fhaotainn 'an éiric aon duine:

"An tìr uile o thuinn gu tuinn
"A ghéilleachduinn do m'aon chuing;
"No còmhrag cùig ceud d'ar fineadh
"Fhaotainn air madainn am màireach."

An sin labhair cùig ceud d'ar fineadh,
"Caisgidh sinne a luath mhireadh."

Cha robh sud doibh mar a ràdh
Re dol anns an iomarbhaidh.

Thug e mach claidheamh 'n Deirg mhòir
Le confhadh catha sa' cheud uair.
Thug e ruathar fir forthuinn,
Mar sheobhag measg ealta mhìn eun.

B'iomad cruth a chaochail greann,
Is cuirp ath-chumta le cruadhas lann:
Iomad làmh ann is leth chos,
Iomad cloigeann thall 'sa bhos.

Cùig ceud eile ged' bhiodh ann
Gu'n tuiteadh sin air aon bhall;
Is Conn a' calcadh a sgiath,
Ag iarruidh còmhraigh, 's gu'm b'an-iar.

Thogh sinn seachd fichead fear mòr
Do mhaithibh theaghlach ar mòr shlòigh
A thoirt a' chinn do mhac an Deirg;
Is dh'aithnich sinn Feann fuidh throm fheirg.

Chaidh ar seachd fichead 'na dhàil;
'S ann orra tháinig an dìobhail:
A' dol 'an cumasgadh na buidhinn
Bu luaithe e na roth Gall-mhuilinn.

[TD 43]

Thuit ar seachd fichead fear mòr;
B'aobhar tuirs' e is do-bròin:
Gu'n do leig an Fhiann gàir chruaidh
Re diothachadh a' mhòr shluaigh.

FIONN.

"A Ghuill mhic Morna nam mòr ghnìomh,
"Fhir a chleachd ar cobhair riamh,
"A mhiann sùile gach baile,
"A laoich làidir na teugmhaile,

"Is dána leam Conn a bhagradh ort,
"Is air clanna Morna uile,
"Nach buineadh tu'n ceann dheth gu fearail
"Mar a rinn thu dheth athair roimhe."

GOLL.

"Dheanainnse sin dhuitse, Fhinn,
"Fhir nam briathra blàtha binn.
"Cuireamaid fuath is falachd air cùl,
"Biomaid uile dh'aon rùn.

"Ged' mharbhta an Fhiann uile
"Gu diothachadh an aon duine,
"Bhithinn féin 's mo threuna leat,
"A rìgh na Féinne, 'gad chobhair."

Gluaisidh Goll 'na chulaidh chruaidh

Ann am fianuis a' mhòr shluaigh.
Bu gheal is dearg gnùis an fhir
Re dol 'an tùs na h-iorghuile.

Dh'èirich frith, is fearg, is fraoch
Air dà mhalaidh an dà mhór laoich.

[TD 44]

An dà churaidh bu mhòr cith,
Chuir iad an tulach air bhall-chrith.

Aon là deug agus tràth
Gu'm bu tuirseach mic is mnàì,
Gus 'na thuit le Goll nam beumannan
An sonn mòr air cheart éigin.

Gàir aoibhinn gu'n d'rinn an Fhiann
Nach d'rinneadh leo roimhe riamh
Re faicinn Ghuill chròdha 'n uachdar
Air Chonn meanmnach, mór, uaibhreach.

BIATAICH na FORAIS.

BHA aig Biataich na forais
Dithis do mhacabh àillidh;
A b'ionann fàs agus coimeas
Gun fhios cia 'm fear bu tàire.
Bha iad foinneamh mìleanta,
Air aon dreach bu mhath maise,
Gu glic suilbhir sòlasach,
Dhoibh b'ionann dùchas aigheadh.
'S air bhi do na bràithribh sin
Seal dheth 'n aimsir fhada,
Fear aca làn-bheartach,
Is fear gun aon dad aige;
Toiseach cuirm is conaltraidh,
Labhairt is mòr éisdeachd,
Gheibheadh am fear beartach,
'S am fear bochd air chùl na cléithe.
Toiseach gach mòr noimheachd
Thigeadh as na crìochaibh coigrich
Gheibheadh am fear saibhir,
'S cha'n fhaoineachdta fear na laige.
Am bràthair sin a b'eisearadh
Ge nach e bu mheasa beusan,

[TD 45]

Thilgt' air 'an cruth amaideachd
Gach aon fhocal ga'n déirste *
Ach thàinig sgrìob do chreich dha chlaoidh
Air an fhear bheartach, 's cha b'aobhar ghàire.
Thugadh uaith re h-aon oidhche
A chreach is a mhòr thàintean.
Am bràthair a bu laige,
'N sin 'nuair ghabh e treise,
Ghlachdta leis gu deogh thapaidh
Fearann an fhir bu deise.

'N sin gach fear aig am biodh tagraichean
Nach biodh e féin annt' fiosrach,
Thigeadh e am bràthair sin
Dh'iarraidh céille 's gliocais.
'S am fear bha roimhe làn-bheartach,
Nis o'n dh'fhàs e falamh,
An dream bha roimhe 'n càirdeas ris,
'N trá-s' cha dean iad fharraid.
Sin sgeula nam bràithrean
Bh' aig Biataich na forais;
'S a dhuine na bi àilleasach,
Cia mheud 's d'am faigh thu chothrom;
'S nior mò a bhios tu diomhanach
Cia lughad 's d'am faod thu chnuasachd,
'S nach 'eil anns a' chruinne
Ach beartas uile gu bhi uasal.

Le OIG-MHNAOI a chaidh mhealladh.

'S MI th'air snaidheadh 's air caitheamh.
O earrach a' chruadail!
O'n tha 'n criosan ag éirigh,
'S tric deur air mo ghruaidhibh.
Iula bheag u o ro,
Iulu bhi, iulu bhi,
Iulu bhi, iulu bhi o.
O'n tha'n criosan, &c.

* I.e. do theireadh.

[TD 46]

Fhir a mheuduich mo leatrom
Cha do leasuich thu uair mi.
Iula bheag, &c.

Cha do cheannuich thu bréid domh
Ge tric air féill san taobh-tuath thu;
Iula bheag, &c.

Ceannach ghiftean do d' leannan
'S nach fhuiling thu mo luadh riut.
Iula bheag, &c.

Tha do nèapagain sìde
Cumail dìon air a guaillibh.
Iula bheag, &c.

Tha do riobainean daithte
Cur las' ann a gruaidhibh.
Iula bheag, &c.

'S olc a rinn thu mo mhealladh,
Fìor leanabh 'n duin-uasail.
Iula bheag, &c.

'S mi gun mhàthair, gun athair,
Gun charaid mu'n cuairt domh.

Iula bheag, &c.

'S ann thall air a' chaolas
A thachair an cruadal.
Iula bheag, &c.

Bha m' athair gun aid ann
'S a chlaigeann 'g a bhualadh.
Iula bheag, &c.

[TD 47]

Bha mo mhàthair gun bhréid ann,
'S i reubadh a gruaige.
Iula bheag, &c.

Tha mo bhràithre 'n Jaimaica;
Truaighe léir 's fhada uam iad!
Iula bheag, &c.

Ach nan d'thigeadh iad dachaidh
Bhiodh Clann-Lachluin glé bhualte.
Iula bheag, &c.
'S mi th'air, &c.

ORAN IRTEACH.

THA fleasgach anns a' bhaile so
Ris an can iad Dònall,
'S nam faigheadh e saoghal
Gu'n saothraichedh e mòine.
Inn ala o ro i, o ro i al ala,
Inn ala o ro i, uru rui, uru i,
Inn ala o ro i, o ro i al ala.

Gu d' thugainnse comhairl' ort,
Nan gabhadh tu uam i,
Bhi gu h-ealamh misneachal
Ag dol am measg nan gruagach.
Inn ala, &c.

Ge do bhiodh tu bruithinn rium
'S a' briotas rium 'an còmhnuidh,
Cha d' thugadh tu na h-uibhean domh
'Nuair shuidheadh tu Di-dònaich.
Inn ala, &c.

'S truagh nach 'eil mo leannans'
Ann an ìochdar Leac-na-gàdaig,

[TD 48]

Acuinn air a smioradh air
Is mise bhi gu h-ard oirr'.
Inn ala, &c.

AILEAN DONN.

'S FHADA o 'na dh'fhalbh mo leannan;
Fear chùil dualaich, chuachaich, channaich;
Allein Duinn, o hi o ug oireann o,
Hiuru i riag o, hi o ug oireann o.
Fear chùil dualaich, &c.

'S guirme sùil 's a's caoile mala.
Ailein Duinn, &c.

Tha do ghruaidh mar chaoran meangain;
Ailein Duinn, &c.

Tha do phòg mar chìrean meala;
Ailein Duinn,

Tha do dheud gu dlù-gheal daingean;
Ailein Duinn, &c.

Tha do thaobh mar thaobh na h-eala;
Ailein Duinn, &c.

Calba cruinn an osain ghearra;
Ailein Duinn, &c.

Gur math a thig dhuit breacan ainneamh;
Ailein Duinn, &c.

Cota gorm do'n eudach staiminn;
Ailein Duinn, &c.

Boineid dhù-ghorm air chùl cannach.
Ailein Duinn, &c.

[TD 49]

Chuala mi gu'n deach' thu Ghallaibh;
Ailein Duinn, &c.

Gu'n d'rinn na Guinich do mhealladh
Ailein Duinn, &c.

Do chur ann am priòsan daingean;
Ailein Duinn, &c.

Far nach fhaic thu grian no gealach;
Ailein Duinn, &c.

Far nach cluinn thu guth do charaid;
Ailein Duinn, &c.

Fuaim do nàmhad sir-dhol tharad.
Ailein Duinn, &c.
'S fhada o 'na dh'fhalbh mo leannan,
Fear chùil, &c.

IURRAM.

SUD a rìgh gur trom m'eire
Nochd 's mi 'n eilein a' chaoil.

'Struagh gun mise bhi thall ud,
'N gleannaibh falaich mo ghaoil,
'Struagh, &c.

Far an d'fhàg mi 'n t-òg uasal,
'S e 'na shuain air an fhraoch.
Far, an d'fhag, &c.

Rìgh nach cluinninn deagh sgeul ort,
Do thi'n air éigin uaith 'n eug,
Rìgh nach cluinninn, &c.

[TD 50]

Mum biodh do chorp glé gheal,
Fuidh reuba nan daol!
Mum biodh, &c.

Do thi'n gu fearann Mhic-Ailein
No gu talla 'n fhir fhéil.
Do thi'n, &c.

Bu tu sealgair na h-eala,
'S neul à fal' air a taobh;
Bu tu sealgair, &c.

Agus sealgair a' chathain,
Théid san athar le scaoim:
Agus sealgair, &c.

Nàmhaid òg thu 'n róin mheillich
A thig o sgeiribh a' chaoil;
Nàmhaid òg thu, &c.

Mar sud 's a' bhuic bhioraich,
Thig o fhireach nan craobh;
Mar sud, &c.

Agus sealgair an fhìr-eoin,
'S eoin chrìn nan sgiath caol,
Agus sealgair, &c.

Is na circeige duinne
Bheireadh gur as an fhraoch;
Is na, &c.

Agus sealgair a' choilich
'S moch a ghoireadh air craoibh,
Agus sealgair, &c.

[TD 51]

Mar sud is na h-eilid
'Nuair a roinneadh tu ghaoth.
Mar sud, &c.

Rìgh gur iomad bean bhéil-dearg
Bhios gu deurach mu m' ghaol!
Rìgh gur iomad, &c.

Eadar Ile nan stuadhan
(Mach o'n chuan gus an Caol'
Eadar Ile, &c.

Agus Uibhist bheag riathaich
'Am bi na biataich' nach daor.
Sud a rìgh, &c.

BRAIGH LOCH-IALL

O THEID, c'uim nach d' théid?
Nàile théid mi thairis,

Gu innis nam bò
Far an ceòlar ainnir, Ill o bha ho,
Ho iriri u o, e ho rinn og u,
O iriri u o, ill o bha ho.
Gu innis nam bò,
Far an ceòlar ainnir;

Gu bràigh Loch-iall,
'N dean am fiadh an langan; Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Is earbag nan stùc,
Gu lùthmhor eangarra. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

A bhean an fhuilt réidh,
Guidheam féin mo bheannachd dhuit. Ill o bha o.
Ho iriri u o, &c.

[TD 52]

Beannachd ad dhéidh
O 'seigin dealachadh. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

'S math thig bréid bàn
Air a chàradh beannach ort, Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Mu aghaidh gun screang
Nan gorm-shùl meallanach. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Is minic a bha mi
'Nàraidh ghleannaich leat, Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

'Am bothan beag dlùth
Gun dùn' ach barrach air. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Làmh thogail an àil,
Bha tlàs riut ceangailte. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c,

'N àm gabhail gu tàmh
Cha bu chnàmhan teallaich dhuinn; Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Mo lamh fui' d' cheann
'S do làmh gheal tharam; Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.

Mo bheul red' bheul,
'S sinn maoth-chridh'ch tairis. Ill o bha ho,
Ho iriri u o, &c.
O théid, &c.

[TD 53]

ORAN do GHILLEASPUIC MAC CALUM Sealgair a bha sa Bheinne-mhoir; le Mhnaoi fein.

THA mulad, tha sgìos orm
'S mi nìos ris an stùic,
'S mi 'g am harc na frithe
'S tric a dhìrich mo rùn;
Anns 'na ghuin thu damh pìceach,
'S d'uileann chlìth air do ghlùn:
Sin an obair bu dual duit,
Is bha thu suaìrc air a cùl.

'S mi dìreadh a' bhruthaich
'S gun mo shiubhal dom' réir,
'S tric snidh air mo shùilean,
'S e sìr-dhrùthadh orm féin;
'S mi 'g amharc an fhirich,
Far am pilleadh tu'n spréidh;
'S mi faicinn daimh cabair
Is tric a leag thu san fheur.

'S tric a dh'fhàg thu mi 'm chadal
'S mi gun airtneul, gun ghruaim,
'S a thug thu 'm boc biorach
As an fhìreach ud shuas;
Agus coileach na géige,
Seal mu'n éireadh an sluagh.
Re ceòran na maidne,
'S tric a leag thu 'm fear ruadh.

'Nuair bhios mnathan a' bhaile
Re aithear dhoibh féin,
'Sann bhios mise 'nam chrùban
Agus tùchan a'm' bheul;
O nach d' thig e d'am dhùsgadh
'M fear 'gan robh an cùl réidh:

[TD 54]

Ged' fhaghainn gum' roghainn,
'S tu thoghainn roimh cheud.

'S mi 'm bothan beag brusgach
'S gun mo shùgradh ach mall,
Mi chuideachd air leanabh,

'S fear mo ghearain air chall;
'Nuair a dh'fhalbhadh am bainne,
'S bhiodh an t-aran oirn gann,
'Nuair a thigeadh tu dhachaidh
Bu leam tacar nam beann.

Dh'fhuirich mise gun tacar,
O'n mhaduinn sin féin,
Anns an deachaidh do thasgaidh
Ann an clachan nan ceud;
Dh'fhuirich m'iasg anns an aigeal
Gun fhaicinn le leus,
O Dhi-h-aoine roimh Innid,
'N do bhuin an iomairt riut geur.

'S beag an t-iongnath mi liathadh
'S a dhol bliadhn' ann an aois.
O'n taice so 'n uraidh
Mo chulaidh gu'n d'aom,
O na dh'fhalbh e Gilleaspuic,
An t-òg gasta glan caoin.
'S tric leam òigridh do sheanar
'Gan gearradh le h-aog.

'S beag an t-iongnath mi sheachdadh
'S a ghlasadh mo ghruag:
Thug mi giùlan do Shraithibh
A rinn mo sgathadh gu truagh.
Thug mi giùlan an Caorann
A chaochail mo shnuagh,

[TD 55]

Fleasgach òg a' chùil bhuidhe
D'am bu chubhaidh bhi suairc.

Cha 'n'eil i mar tha mi
Bean 'ga cràdh ann a stìr,
Ag iarguin m'a cairdibh;
Cha b'iad na tàcharain chrìon:
Laoich urranta dhàna,
Bu mhòr càil anns an strìbh;
Na fiùrain a b' àillidh,
Och! mo chràdh! air dol dìom.

Ged' tha mis' air mo shàrach
'S air mo chràdh ann ad dhéidh,
Bi'dh mo bheannachd le gràdh dhuit
Dh'ionnsuidh àrois Mhic De.
Cha d'thug thu riamh tàir dhomh,
No tàmailt led' bheul.
'S truagh nach mis' tha mar tha thu,
'S tu re h-àiteach a'm' dhéidh!

CUMHA le Fear GHRINNEARD, Uasal do Chlanna CHOINNICH; d'a Mhnaoi fein.

THA mo chrìdh' air fàs trom,
'S taobh mo leap' air fàs lom,
Cha togar leam fonn air chòir.

Tha, &c.

Bhuineadh dhìom leis an eug.
(Air m' fhìrinn cha bhreug)
Ni cho fìnealt re léig 'an òr.
Bhuineadh, &c.

O rìgh gu 'm b' àluinn do shnuadh,
Neul an t-sneachd' ort mu'n cuairt,

[TD 56]

Deud mar chailc, agus gruaidh mar ròs!
O rìgh, &c.

Do chiabh chas-lùbach dhonn,
Do shlios mar eala nan tonn,
Do bheul meachair o'm fonnar glòir.
Do chiabh, &c.

Do chos a b'ainneamh air feur,
Do shlios mar eal' air an t-sléig,
Do chorp mar chanach an t-sléibh 's e òg.
Do chos, &c.

Do shùil mar dhearcaig nan allt,
Do ghruaidh mar ròs air a' chrann,
Do ghuth mar smeoraich 'an gleann re ceò
Do shùil, &c.

'S anns a' choill nach robh crìon,
A fhuair mi 'n t-slat nach robh blìon,
'S i gu h-àluinn, ùr, fìnealt, òg.
'S anns, &c.

Dar a chaidh mi 'nad dhàil,
Is mòr a bh'umad do stàth,
Ge d' nach robh thu ach a'd' phàistean òg.
Dar a chaidh, &c.

Bu mhòr do mheas aig luchd-feum.
Bu bheag dheth 'n trusdar do bheus.
Cha robh do chomunn cho réidh dha 'n t-seòrs.
Bu mhor, &c.

A rìgh gu'm b' uasal na saoi,
O'n do bhuaineadh mo ghaol!
Orm cha suarach do laoidh a cròdh.
A rìgh, &c.

[TD 57]

B' iad sud na suinn, le mo bheachd,
O'n do bhuaineadh thu mach,
'S iad nach fhuil'geadh a' chreach gun tòir.
B' iad, &c.

Iarla Seafort do Chinneadh,
'S Iarla Chromba dheth 'n Fhineadh,
Tighearna Ghrant, is Mac Shimi's Mac Leoid.

Iarla, &c.

Bhris gach cabull 's gach ball.
Chaidh mo mhisneach air chall.
Tha mo sciop' air fàs mall gun treoir.
Bhris, &c.

Dh'fhàg thu mise bochd truagh,
Mar choltas luing air a' chuan,
'N déis a stiuir a thoirt uaithe 's a seoil
Dh'fhàg, &c.

Ach a thi chuir Ionas gu tìr
A broinn na muice le sith,
Cuir gu cala mi fhìn 's mo lòd.
Ach, &c.

Ged' dh'fhàg thu mise gu bochd,
Dh'fhàg thu linn is fhiach toirt.
Thogas inntinn o phort mar 's coir,
Ge d' dh'fhàg, &c.

C'uim an deanadh sinn uaill
Mu'n ti nach mair ach seal cuairt,
'An déis do chur anns an uaigh le bròn.
C'uim, &c.

Uime sin bi'dh sinn réidh
Mu 'n t-sìth a ludhaig Mac Dé,

[TD 58]

Chum 's gu faic sinn a chéil 'an glòir.
Uime, &c.

ORAN OIL, no BUIDEIL.

GUR beag m'uith dhol chunn na h-àiridh,
Shealltuinn air mo chuid cruiddh àluinn,
'S nach fhaic mi dhiubh ach na cnàmhan,
'S iad gun bhliochd, gun stà, gun laoigh.
O cuir a nall am bodach,
I cuir a nall am bodach,
'Nuair a thogadh e oirn sogan
'S e 'm botal a b' annsa leinn.

Biomaid criodhail, biomaid ceòlmhor,
Gabhamaid gach ni mar 's còir dhuinn;
As a' bheagan thig am mòran,
Tuille 's a dh'fhoghnas a chaoidh,
O cuir, &c.

Ciod e 'm fàth mu 'm biodh oirn dorrann?
Foghnaidh 'n saoghal duinn ge b'oil leinn.
'S lionmhor fear a chuir e dholuidh,
Mheud 's a thug e thoil d'a chinn.
O cuir, &c.

Fheara, na biodh oirbhse gruaman

Mu na thug an t-earrach uainne.
Gheibh sinn creideas feadh na tuatha,
A ni suas na thug e dhinn.
O cuir, &c.

Lìon am botul, lìon a dhà dhiubh,
Na biodh cùram ort a pàidh.
Muna tachair e san làimh dhuit,
Ni seiche bò chaidh an t-suin.
O cuir, &c.

[TD 59]

'S lionmhor fineag a tha beirteach.
'S caonag air an duine thapaidh;
'S b'fhearr a bhuileachadh le tlachd
Na esan ge do 's pailt a ni.
O cuir, &c.

Biomaid sùgach, biomaid geanail,
Cuireamaid air chùl an gearan,
Cinnidh rud aig math-an-airidh.
Sud mar tha mo bharrail dhuibh.
O cuir, &c.

ORAN do IARL ADHOILL.

'S MITHICH dhomhsa bhi 'g éirigh
'S a bhi 'g éileadh bhreacains' mu 'n ghlùn,
Dol a thriall air an astar;
Do shrath-teamhair * nam breac is math m' iul,
Dh' ionnsuidh Iarla nam bratach,
Leis nach b'fhiach a bhi tais ann an cùis:
Leam is bliadhna gach seachduin
O'n lá thriall mi a cleachda do chùirt.
Iarla Adhoill, t' fhaicinn slàn,
Ur-shlat ghasta 's cas-bhuidh bàrr,
Deud dhluth chailc air dhreach nam cnàmh,
Run mu 'n Phas is Lagan-ràt.

'S i mo ghrádh do lùb ladhach,
'S i bu sheòlta, 's bu sheaghaich', 's bu shuairc',
Bu neo-ghioganaich' gabhail
Nuair a dh'eireadh an latha glas fuar;
Air mullach a' cheathaich
Gheibhte ruaidhe nan abhall 'nad ghruaidh;
Ceanna-feadhn' thu 's fear tighe
Leis an éireadh na h-Adhollaich shuairc †.
Iarla Abhoill, &c.

* Tabha.

† Suas.

[TD 60]

Cha bu Cheatharnach cliobach
Gun mhodha, gun mhisnich, gun spéis,
Ris an do dhealuich o mise,

Mu'n taic-sa latha roimh 'n de,
Air fonn Bad-an-tiobairt,
Le do cheatharna sciobalta, ghleust,
Le do mhiòl-chonaibh seanga
Chuireadh diona re eangaibh an fhéidh.
Cha bhodach suàrach o uachdar frìth,
Ach boinne uasal so dh'fhuil rìgh,
Sàr cheannard sluaigh d' am buailt' an t-sìth
Aig meud a' chruadail 'nuair ghluaiseadh strìbh.

'Smòr m'eagal 's mo chùram
Mu do thaghall san dù-mhachair mhìn
Aig a' cheist thug an Crùn duit,
Oig aigiontaich shùl-ghuirm gun ghìomh,
Gu bheil Goill am mi-rùn duit,
Gu'n tairg iad do chùis a chur sìos,
'S gu 'n glais iad na tùir ort,
Ma tharlas tu 'n lùbaidh nan lion.
Is daor an éiric dhuinn ar bàrr
A bhi 'ga bhuaibh air chuaran ard,
'S aig deolach uait cho luath 's a ta
Gun fhios c'ì 'n uair an gluais am bàs.

Bheirinn mionnan air Bioball,
Gu 'm b'ionns' thu bhi 'n stiopaill nan creag,
Paidhir shuigeinìn feoir ort,
'S thu bhi siubhal air mòintich gun each,
'G amharc fraithin an aonaich
Far an cluinneamaid glaoth nan laogh breac,
Na bhi 'g amharc nam fallsoir
A bhiodh 'g imeachd air cabhsair Pheirt.
'S marcach steudmhor nan each seang,
Bhuidhneadh réis is sréin 'nan ceann;

[TD 61]

Fuilteach beumnach 'nuair dh'éight' adbhans;
A thoircadh t' fheim 's do bhréid re crann.

'S lìonmhor aigiontach gruagach,
Agus ruaidhe 'na gruaidh mar an ròs,
'Nuair a shuidhte r'a slìos-san
Gu bu chùbhraidh' na measa a pòg,
Aig am biodh am folt scaoilteach,
Cho buidhe re teudan a'n òr
Leis am b'aithreach t' fheadain
Fui bhrataibh daor dheth 'n t-sròl.
Ach thug thu gaol 's cha 'n fhead thu fuath
Gu'n d' thig an la 'm bi bhur dail re h-uaigh,
Do 'n gheig ùir àluinn a 's sàr bhuidhe gruag,
Ceist nam mnàì thu o 'n Airde tuath.

ORAN a rinn Oigh d'a Leannan 's e dol a shuireadh air Mnaoi eile air
comhairl' Athar.

O 'S tric mo shùil air an linne
Is air an fhireach a's airde;

'S tric mo shùil air mo dhiaidh,

Is e mo roghainn na dh'fhàg mi.

Beir mo shoruidh do'n fhleasgach
A dh'fhalbh mu fheascar le bhàirc uainn;

Chuir mo leannan a chùl rium,
Is chuir e chùram air bàta;

Ge do dhiùlt thu dhomh 'n t-aiseag,
A rìgh gu faiceadh mi slàn thu!

Ge do dh'eitich thu rum dhomh,
Cha bu diùbhail mi d' bhàta.

[TD 62]

'S tric a bha mi 's tu sùgradh
Ann am bùthan na ràimhe.

Ann an coille nam badan
Is tric a ghlac thu air làimh mi.

'S cha b'e t' fhuath thug dhomh t'eiteach,
Ach mi bhi teisteil mu m' nàire.

Ach ma chaidh thu nunn thairis
A dh'fhios na cail' tha 'n Dun-scàthaich;

Truagh a rìgh, nach tu gheibheadh;
Fuar fodhadh 'an déis a bàthaidh;

'S gach bean a chaidh luaidh riut
A bhi san uaigh o cheann ràith:

Ach mise bhi fallain,
Is thusa mairtheann 'nad' shlàinte;

Thus' is mise, laoigh ghaolaich,
A bhi 'nar n-aonar am fàsach;

Sinn bhi 'n eilein 'nar dithis;
O 's e mo chridhe tha 'n geall air!

Fìor thoiseach an dùbhlaich
Dh'fhalbh mo stiuir 's mo chroinn-bhràgad.

Ach a rìgh mhòir a' chruinne,
Cum 'na thur is 'na thàmh e;

Gus am beannuich iad Muile
Luchd a' chunthairt 's a' ghàbhaidh;

[TD 63]

Luchd a dhìreadh nan stuadhan
Air muir ruaidh nan tonn arda.

Tha gaoth mhòr air an latha
'S uisge reamhar, trom, tlà ann.

Tha do bhreacan fliuch fionn-fhuar,
Ge b'e ionad ann do thàmh thu.

'S truagh gun m'eudach, a ghaoil, agad
Gu moch maduinn am màireach;

'S e bhì rìs gun fhios uait,
Seal mu 'm fiosraicheadh cách e.

'S e do bhreacan ùr uasal
A chum am fuachd uam is mi m' phàisdein;

'S tric a chum thu mi tioram
Fuidh shileadh nan ard bheann.

O's tric mo shùil air an linne, &c.

[TD 64]

An t-Oran ceudna do 'n Chath-bhuidhinn Rioghail Ghaelich eadar-
theangaichte le — MORISON Foi-leigh do Chath-bhuidhinn an FHRISEALACH.

ANN an éididh Shean-Ghàel marre teinteachd na Ròimh,
O gharbhlach na h-Alba gu'n thearbadh sinn o'r slòigh,
O na beanntaibh 'sam b'aill leis na Romanaich tàmh,
A chaidh chosnadh le'r sinnsir gu brìoghoil am blàr.
Gar am bheil cùirte no cathraiche d' arn-earradh ann an sògh,
Gu'n thaisbein Mars gu barrantach ann an seanadh e do Jobh.
'S 'nar thug Pallas an aire dha gu'n sealladh e ro-chorr,
Fhuair Mars o Bhenus furan ann mar urama do 'n dòigh.

Mi-mheasarrachd neo-fheumail ar féithean cha dean fann.
No creidimh Francach gaoitheanach ar rioghachd chur fuidh chrann.
Ar pìoban 's ar brataichean a's fìor bheachdail srann,
Le'r cridhe rìoghail Breatainneach fìor sheasmhach air gach ám.
'Nuair chunnaic sinn na Taistealaich gu barpail re adbhans,
Ge b' lionmhor air gach bearradh iad 's Montcalum air an ceann,
Dh'fhàs caochan do'n fhuil Bhreatannaich sir-bhreabardaich sgach ball.
Aig gu'n chuir sinn fuadach fuidh le fuathas ar cuid lann.

O daonan cian fada sin o chladach Bhreatainn mhòir,
Gu robh ar naimhde doilgheasach, sìr-shuireadh air ar foir!
Na robh arrabhalaach garbh mòr ag sealg oirn a preas,
No 'n t-eucorach éiginneach 'g éirigh 'nar measg!
'Nar duthaich na robh uisligin luchd diumaidh ann an támh,
Ar comhairl' gu robh fallain is ar malairt re sìr fhàs,
Is ann an Albainn fhiùdhantaich gu'm faigh gach diùlnach grádh.
O chairdibh dearbha firinneach 's o nìonagan ciuin tlá!

[TD 65]

<eng>VERSES said to have been composed by Sir HENRY ERSKINE, to the
Royal-Highland Regiment, and to the Tune of their own March, composed by
Colonel J. REID.

WITH the garb of old Gaul, and the fire of old Rome,
From the heath-cover'd mountains of Scotia we come;
From the mountains where Romans attempted to reign,
But our ancestors fought, and they fought not in vain.
Though no cities nor courts of our habit approve,

'Twas presented by Mars at a synod of Jove;
And when Pallas observ'd, at a ball 'twould look odd,
Mar's receiv'd from his Venus a smile and a nod.

No intemperate tables our sinews unbrace,
Nor French faith nor French fopp'ry our country disgrace.
Still our hoarse-sounding pipes breathe the true martial strains,
And our heart still the true-British valour retains.
'Twas with grief and with rage that of late we beheld
Rebel forces rush down from the hills to the field;
For our hearts are devoted to GEORGE and the laws,
And we'll fight like true Britons in liberty's cause.

O still at a distance from Briton's lov'd shore
May our foes in confusion our mercies implore;
May our coasts ne'er with foreign invasion be spread,
Nor rebellion, that fiend, e'er again rear her head.
May the fury of party and faction long cease;
May our councils be wise and our commerce increase;
And, in Scotia's cold climate, may all of us find
That our friends will prove true, and our mistresses kind.<gai>

[TD 66]

Do Mhnaoi Uasail ann an GLEANNA-GARRADH.

AN ainnir a chunna mi m' chadal,
Cha robh i agam 'nar dhùisg mi.
'S e bhi smuaineachadh nach beo thu
A dh'fhàg na deoir ag ruidh o m' shùilibh.
Cha d'fhuair mi dhìot ach sealladh ruathair:
'S truagh nach robh 'm bruidhear ni b' fhaide,
'S gu faicin gach ni mu'n cuairt duit
Gun ghluasad o m' shuain gu maduinn.

Dh'iadhainn mo shùilean mar b' àbhaist
Re amharc àilleachd do phearsain,
Urla sholuis a 's glan dearsadh
Choisinn cliu gach armuinn bheachdail;
Do mhuineal mar chanach sléibhe,
Do dheud glé gheal 's do bheul meachair,
Do shlios mar fhiùran deas dealbhach
'S calbannan mar alabaster.

Aithnichear air an aitreabh uasail
A' bhuaidh a bhios fuaite ris an tàmhidh;
Aithnichear air a' cholainn phrìseil
An t'-anam am bi brìgh is càileachd:
Gun aithnicht' orts' o bha thu d' leanabh
Gu'm biodh tu gu banail bàigheil,
Gu'm biodh tu gu briathrach sgialach,
'S gu'm biodh tu gu ciallach nàrach.

Cha do mheall thu iad 'nam barail:
Bu tu barrachd nam ban àluinn.
Bu tu Phenics nam ban feumoil,
Bu tu 'n eucog threubhach stàmhor.
Na d chomhairle gheibhte fuasgladh
'Nuair bhiodh tuairip air do chairdibh;

[TD 67]

Bha thu làn misnich is cruadail;
'S gach deagh bhuaidh bha fuait' re d' nàtur.

B' fhoghaintich' thu na Deborah,
'S bha thu cho bòidheach re Judith;
Thu cho geannnuidh re Susana,
'S cho banail ri anns gach giùlan.
Bha thu iochdmhor, creidmheach, diadhaidh.
Mu d' chuid bha thu fialaidh pàirteil.
Aig lionmhoireachd do bhuaidhe uasal,
Bu tu bhean shuairc a bh'aig Nàbal.

C'ait' an gabh an gliocas cùmhnuidh
A nis o nach beo thu, Anna?
C'ait' an d'théid an gealladh cinnteach?
C'ait' an fhìrinn? C'ait' a' ghloine?
C'ait' an d'théid an labhairt bhlasta?
C'ait' an d'théid an tuigse chòmhnard?
C'ait' an d'théid an giùlan banail
A nis, Anna, o nach beo thu?

'S truagh leam do chlann bhi 'nan deoiribh.
'S truagh leam bròn bhi air do mhàthair.
'S truagh leam do pheathraichean deurach
Mu d' dhébhinn, 's cha dean e stà dhoibh;
'S gur truagh leam osnaich do bhràithrean
O nach d'fhuair iad dáil o'n eug dhuit.
'S o nach fhaic mi gu lá bhráth thu,
Mo bheannachd gu Phárrais Dé dhuit.

[TD 68]

ORAN do Dhuine Uasal chaidh bhathadh ag iasgach.

'S DAOR a cheannuich mi 'n t-iasgach.
'S i so bhliadhn' a chuir as domh.

Chaill mi snámhuich a' chaolais
Nach do ghlaodh riamh an t-aisioc.
Chaill mi, &c.

'S ann aig stoc beul an áthain
A bháthadh an gaisgeach.
'S ann aig, &c.

Sud a' bheart nach do shaoil mi
Air an t-saoghalsa thachairt;
Sud a bheart, &c.

Gu rachadh do bháthadh
Gu brath gun chuan farsaing.
Gu rachadh, &c.

Tha do bhreacan ur uasal
Air uachdar an aigeil:
Tha do, &c.

Tha ruidh nann tonn uaine

Mu bhruachaibh do leapa;
Tha ruidh, &c.

Tha t' fholtan donn dualach
'Na chuachaibh sna preasaibh.
Tha, &c.

Sár bhuachaille bhò thu
N gleann feoir nan crìoch farsuing
Sár, &c.

[TD 69]

Sàr choisiche beinn' thu,
'S cha bu deireadh air feachd thu.
Sàr, &c.

'S moch a ghoireas an ròcus
Di-dònuich mu t' aitreabh.
'S moch, &c.

Tha d'fhidheall gun ghleusadh,
'S na teudan air lasach',
Tha, &c.

Tha do thig mòr gun thuthadh.
O! 's dubhach leam t'aitreabh.
Tha do, &c.

Tha do phiuthar gun bhràthair;
Tha do mhàthair gun mhacan;
Tha do, &c.

Tha do bhean òg gun chéile;
'S tha mi fhein deth gun daltan.

'S daor, &c.

COMHAIRLE do na Mnai, le DONALL MACMHATHOIN Fear AITIODAIL ann an LOCH-CARTHUIN.

NAM bu teagasgach mi air an treud
D'an goirear-gu léir na mnài,
Cha b' achmhasan bheirinn gu geur,
'S cha chuirinn droch-bheus os aird.
Bhiodh m' impidh gu math air an cùl,
'S bu leo mo rùn do ghnà;
'S mo chomhairl' bhiodh aca gu réidh
D'an cumail o bheud gach là.

[TD 70]

[Taobh-duilleig 79 san leabhar fhèin]

O'n thòisich mi 'n teagasg ud duibh
'S nach b'e bhur claidheadh mo mhiann,
O'n a dh'innis mi m'intinn gu saor,
Na rachadh a h-aon san t-sliabh;
'S ma their mi ribh ni nach bi binn

O! innsibh dhomh fhéin mo ghiamh,
'S gur toileach leam cronachadh soilleir
Ge do choisneadh mo choire dhomh 'n t-srian.

O'n their luchd an iomadaidh eòlais
" 'S e gach ni ann an ordugh is fear,"
'Se comhairle thoirt air mnàì phòsda
Ghabhas mi 'n tòs os làimh:
'S o rinneadh thu, bhean, chum na crìche,
Umhal mur bi thu dha,
Bi'dh deireadh aig comunn mo rùin
Is measa na thùs gu brath.

Ma fhuaradh leat companach bras
Bha riamh ana-caisrigte 'n cùil,
'S gu'n d'éirich dha leantuinn re fhasan
A ghabh e mar chleachda o thùs,
Na biodh aig luchd tuailis r'a chantuinn
Gur iadach a mhaslaicheas thu,
Thoir feart nach bi t'achmhasan baoth
Mas caill sibh maraon bhur cliù.

Ge d'éireadh dhuit focal no dhá
At huitem le gàire uait,
Seadh focal no dhà am biodh brìgh
'S a chuireadh a ghnìomh-san suas,
Mur maothaichheadh sud e, cia 'm fàth?
Cha leasachadh càs no cruas.
Th' air leam gu'n dean faighidinn céile
Ni nach dean beum gun bhuaidh.

Ma fhuair thu fear danara truagh
Nach cuir anns an uailse suim,

[TD 71]

Fear dreaganta, creaganta, cruaidh,
A's urrainn thoirt fuath do mhnaoi,
Cleachd urram is fulangas da,
'S na lasadh air h-ardan daoi.
Mur d'thig e le sochair gu buaidh,
Gu mair e na bhuaidhanna chaoi'

Ma fhuaradh leat sloidhtire misgeach,
No slaodaire bristeach 'an céill,
Leigeas dheth chuid as a làimh
Am barrachd 's a thàras e féin,
'Nuair théid ort an trustar o stá,
'S a sheasas tu áit' am feum,
Ged' chuir thu le strùilleadh air geilt
Gu'n gabh sinn do leith-sgeul gu léir.

Ach ma bha t'fhortan ni's fearr,
'S gu'n do chuir ort an t-Ard-rìgh buaidh,
'S gu'n d'fhuair thu fear freasdalach cairdeil
Choisneadh do ghrádh gach uair,
O! sealgair a' choilich san fhraoch
A choisneadh do ghaol gun ghruaim,
Bi thusa a'd' dhleasdanas da
'S gu guidheam dhuibh slàinte bhuan

'S a ris, a bhean phòsda mo rùin,
Bi farasda ciuin re d'fhear.
Nach cuala tu 'n t-Apstol ud Pòl,
Mar thug e na mnái fa'near;
Oir thuirt e dhoibh sud gur a còir
Strìochdadh o òg gu sean.
Ach sguiridh mi nise do chiannt ribh,
Is éisdeadh a' bhantrach mhear.

'S a bhantrach, thoir faicill ort féin
(Ge do thubhairt mi fein riut mear)
Thoir feirt nach e buaireadh an t-saoghail
A thogas a chaoidh' do ghean;

[TD 72]

Am freasdal 's gu 'n d'thigeadh do t'iarruidh
Suir'ich o'n iar no o'n ear,
Da 'n d'thoir thu gu tairis do ghaol,
Ge do dh'urraich an t-aog air d'fhear.

Ma fhuaradh leat fearann is ni,
Na canar gur millteach thu.
Bi thusa 'nad' cheannas math teaghlaich,
'S is barrantach t'aobhar chliu.
Tha nàtur nam feara gu léir
Cho chreidmheach air bréig gun diù,
'S gur còir dhuit bhi fiosrach co dha
Ma 's innis thu chàch do rùin.

Ach aon ni 's éigin domh rádh,
'S tha e teachd a ghná fa m' smuain,
Nach cuir thu chaoidh' m' fiacha dha
'Nuair a gheibh thu fear cairdeil caoin,
Nach can thu ris, "Beannachd do m' chiad fhear,
"Choisinn e riamh mo ghaol;"
'S gu'n guidheam dhuibh maireantas buan
Air adhairt nam buadh faraon.

Ach ma 'sa cailleach gun bhrìgh thu
Air nach d'thoir saoi aon luaidh,
Cuir t'earbsa 's do mhuinghin 'an Dia,
Leig tharad do mhi-chuis thruagh,
Dean samhl' ann an gliocas do chách,
Thoir taisbeineadh áraidh uait.
Ge dualchas am bás do gach aon
'S ni dearbha dha 'n aois an uaigh,

* * * * *
* * * * *
* * * * *

Gu'n teagaisg mi caileag mo rùin,
An t-abhall is ùire blath,

[TD 73]

Cloch-tharruing nam feara gu léir,
'S i bhanoglach bheusach mhnà.

A mhaighdin, thoir faicill ort féin,
'S nach 'eil thu ach a'd chrèutair maoth.
Cha 'n fhuiling thu cruadal no gaill-shian,
'S do bhuaireadh cha mhair thu bhios baoth.
Ma leagas ort fleasgach a shùil,
Na Taisbein do rùin d'a thaobh.
Fad as uaithe faiceadh e thu
An aon uair is mò do ghaol.

Mu d' bheusa bi meachair a ghnà,
Gu h-iriosal, àillidh, ciuin.
Na rachadh do theanga gu luath's,
'S na maslaich do shluagh ni 's mò.
Bi' ùmhal do d' ghinteiribh talmhaidh,
Is faicear neo-fhalbhach thu:
Oir creid 'nuair bhios iomadh ag strìbh,
Gur meanbh an ni chi gach sùil.

Ma's e 'n t-aoidh a thig chum na h-oidhche
A leagas a dhruim re làr,
Ma chi e san teaghlach sin maighdean,
Caillidh se loinn do chàch;
Oir oirre-s' bi'dh inntinn gu dlùth,
'S e ag iarraidh gu sùgradh tlà;
Ach is beag an ni chluinneas a chluas
Nach leig e san uair os aird.

Bi'dh iomadh fear suarach an déigh
Air thusa bhi 'm mi-sta dha.
'Nuair a leigeas tu iarrtannas leis
'S a chailleas tu freasdal a's fearr;
O! coisnidh e sin dhuit gu truagh
Le eachdairidh fuath o chàch.
Thoir feirt air an fhear ud a chaoidh'
Ma's d'thig thu le maoin 'na dhàil.

[TD 74]

Ach ma thig fleasgach mu'n cuairt
A shaoileas tu 's uailse beus,
Chleachd cridhealas bhritheagach dha
Mar eireig' a bàrr fui sgéith.
Le dànadas amhailteach chiuin
Is soilleireachd sùl gu réidh
Ma bhios tu gu banail gu bràth,
Gu 'n tarruing thu cairdeas cheud.

l

'S a nise nan innseadh tu dhuinn
Ma thaitinn riut m'impidh thlá,
Gu'n do shoilleirich mise gu réidh.
Nan d' thigeadh ort beud gu bràth;
Thoir d'achmhasan seachad, ma thoill,
'S ni 'n cuiream fhéin suim sa bhàs.
Ma their thu gu'n chuir mi ort gruaim,
Bithidh mi gu la luain a'm' thàmh.

TUIRNEAL a' Chnatain; do Shir EOGHANN LOCH-IALL an deigh latha Sroin-
neamhais. Le IAN LOM MAC DHONAILL.

CHA b'e tuirneal a' chnatain
A chuir a'm' dhùisg mi sa mhaduinn,
Ach an tùchan-s' tha mareach air m' fhéithibh.

Do chéill bhí 'n Sagson
Gun fhios nach b'éigneach a' bheirt e,
Ma thig eug ort 'an taice Rìgh Seurlas.

Chraobh stáilinn chruaidh chuileann
Chaidh uainn air sàil do Lunduinn;
'S tearc mo ghàir ach gu 'n cluinneam deagh sgeul ort.

Do thighn fallain slàn uaith
Mar ruaig faloisg bhàrr cruadhlaich,
No o gharadh a' ghuail 's nam bolg-séididh.

[TD 75]

Dh'fhalbh Mac-Cailein fear buairidh
Le sac gearrain do thuaileas
A chur a' ghearain 'an gluasaibh Rìgh Seurlais.

Ge do scrìobhta leat Muile,
Bhiodh tu g'iarraidh gu tuille.
Cha rebh 'm bliadhna 's an uiridh cho réidh dhuit.

'S iumad tigheadas òrail,
Mhuirneach, aithreach, cheòlar,
A ghreas d'athair gu fòrnadh na déirce;

Ga 'n robh beathach bòidheach
Tha 'n diugh 'ga chaitheadh mu d' bhordsa:
Cleas an fhatha cur fui' cheart éigin:

Cleas a' bhaigeir mhòir làidir
Rinn a shaidseach a cháramh
Leis gach paidreig a thàthadh re chéile.

Ach b'ait leam Guinich san dranduil
Fo dhruim an Tùir Fhrancaich,
Agus cuibhreach ro-theann air am féithibh.

Mhaduinn duibh-riabhach smachdail
Dh'fhàg i 'n t-Iarla gun mharsainn.
Thug i 'm fiabhras a Marcus Earr-ghàidheal.

Caiptein caol Loch-nan-eala
Thug le feill as a bhail' e,
Gu do chaochail e talla 'n àm éiridh.

'S mairg a dhùisgeadh a chadal
An laoch nach mùchadh le bagradh,
'S e borb, ardanach, acuinneach, gleusta.

Ghabh thu bhráid air do mhuineal
Nach gabhadh càch orra chunntart
Thoirt do chàirdean a tonnaibh na féithe.

[TD 76]

Eoghain òig Torra-chaisteil,
Rinn thu chòir mar mo bheachdsa.
Thog thu crò agus geata nach leum iad.

Thog thu bàrd ann an Dubhart.
Streap thu 'm bàrr croinne giubhais.
Leat bu mhiann a bhi 'n druidhcachd an drèagoin.

Thog thu 'n t-sròl-bhratach bhuidhe
Os ceann stòl nam pic iudhair,
Caol chorcach an siubhal gach tè dhuibh.

Nam biodh a' chuis mar a deirinn,
Bhiodh tu d' Dhiùc fear nan eilean *.
Leat bu mhiann a bhi d' speir-sheog sna speuraibh.

'S ann latha Sròn-neamhais
Bu droch còcaire gill' thu.
Chuir thu spògan air bhiribh 's dhroch gréidh thu.

Thug thu fairige fairige
Do luchd nam falluinne dearga.
Bha ruidh fala is farra-dhearg † mu 'n sléisdibh.

Fhuair thu garbh bhata cuilein
Cheud la dhearbh thu bhi d' dhuine,
Mu'n d'fhás calg ort do fhionna no dh'fheusoig.

Cha bu shùgradh do shean-choin
An cnáimh smuais thoirt a d' dhream-chraos
'Nuair a theannadh tu teanchair do dhèudhaich.

Cha bu shùgradh do scoileir
Dol a dhrantan re d'choileir,
'Nuair a thionndadh thu chorr-fhiacaill gheur ris.

Le luchd nam feadana dù-ghorm
D'am bu fhreagarach fùdar,
'Nuair a spreigeadh na h-uird re spuir gheura;

* Air gach eilein.

† Earr-dhearg.

[TD 77]

Bheireadh dùsgadh le h-ainiochd
Air Utluich an langain,
Garbh, stùcach, mòr, eangach an t-sléibhe.

Bhiodh an t-sùil no dheò an t-ionchainn
Mu dheireadh drùthadh bhuir n-ionbhruich.
Cha bhi mise d'a sheachas na 's léir dhomh.

An Ciaran mabach, do GHILLEASPUIC RUADH Mac MHIC DHONUILL; le IAN LOM.

GED' tha mi m' eun fògraidh san tìrsa,
Air mo ruagadh as na crìochaibh,
Glòir do Dhia 's do Iarla Seafort,

Cha bhi sinn tuille fui 'r binne.
O ro ro sin, cò nam b' àil libh?
O ro ro sin, cò nam b' àill libh?
Call abhar inn o, calman codheal;
Trom orach as o, cò nam b' àill libh?

Sir Seumas nan tùr 's nam baideal,
Gheibh luchd muirne cuirm a' d' aitreabh.
Ge do rinn thu 'n dùiseal cadail,
'S éibhinn leom do dhùsgadh maduinn.
O ro ro sin, &c.

Slán fui d' thriall, a Chiarain mhabaich,
Shiùbhla' sliabh gun bhiodh, gun chadal;
Fraoch fui d' shìn' gun bhòsd, gun bhagradh;
Chuir thu ceo fui 'n ròiseal bhradaich.
O ro ro sin, &c.

Rinn thu mhoch-ēiri' Di-dònuich,
Cha b ann gu 'n aitreabh a chòmhdach,
Thoirt a mach nan cas-cheann dòite,
Chur sradaig fui bhraclaich na feòla.
O ro ro sin, &c.

[TD 78]

Mhoire 's buidheach mis' a Dhia dhiot,
Cuid do 'n athchuinge bha mi 'g iarraidh,
'N grad spadadh le glas lannaibh liatha,
Tarruing ghad air fad am fiacal.
O ro ro sin, &c.

Di-ciaduinn a chaidh thu t' uigheam
Le d' bhrataich aird 's do ghillibh dubha,
Scriob Ghilleaspuig Ruaidh a h-Uithist.
Bhuail e meall 'an ceann an uighe.
O ro ro sin, &c.

Cha d' iarr thu bàta no long dharaich
Re h-àm geamhraidh 'n tùs na gaillinn;
Triubhas teann feadh bheann is bhealach,
Coiseachd bhonn ge trom do mhealag.
O ro ro sin, &c.

Ach nan cuireadh tu gach cùis gu h-àite
Mu 'n do sgaoil thu t-itean air sàile
'Nuair a dh' eitich thu Inbher-làraidh,
B' fheird do mheas e measg nan Gàidheal.
O ro ro sin, &c.

'S ann leam fhéin nach bu chruaidh an t-sireachd
Bh' aig mnaibh galach nam falt sgaoilteach,
Bhi 'gan tarruing mar bheul-snaoisein
Sealg nam boc mu dhos na maoilseach.
O ro ro sin, &c.

'S mairg a rinn fhòlmuinn san droch-bheirt
'N déigh am plaosgadh fhuair bhur ploidne,
Claigne 'gam faoisneadh a copar
Mar chinn laoigh 'an déigh am plodadh.

O ro ro sin, &c.

[TD 79]

Le FEAR SRATH-MHATHAISIDH.

THA sluagh an t-saoghail-sa 'nan deannaibh
Fear ag sgaoileadh 's fear ag tional,
Fear ag carnadh òir 's 'ga mhùchadh,
'S fear eile ga mhùn re balladh.

Uainn e dhaoine, 's gàbhaidh 'n seòl e,
Bhi ro-ghlic, no bhi ro-ghòrach,
Leigibh dhibh e s' leanaibh mise,
Seall-sa nise dhuibh mo dhòighsa:

Gun bhi ro-chaithteach, no 'nam dhaòlaig,
Cruinneach' òir, no 'ga sgaoileadh.
Ma gheibh mi biadh, teine 's earradh,
Tha mi toilichte dheth 'n t-saoghal.

'Nuair bhuailleas an t-eug a ghath orm,
Tha mo Shlànuighear air a Chathair;
Bheir e mi cho luath do Phàrrais,
'S ge b'e Rìgh na Spàinne m'athair.

COMUNN an UISGE-BHEATHA. Le Fear SRATH-MHATHAISIDH.

FEAR mo ghaol an t-uisge-beatha,
Air am bi na daoine ag feitheamh!
'S tric a chuir e saoi 'na luidhe
Gun aon chlàidheamh rùsgadh.
Ciod eile chuireadh sunnt oirn,
Mur cuireadh bean is lionn e?

'Nuair choisgeas gach sluagh am pathadh,
'S a théid mac nam buadh air ghabhail,

[TD 80]

'S lionmhor uaisle feadh an tighe
'S biasd nach caitheadh cùinne.
Ciod eile, &c.

Cha b'e sud an comunn suarach.
'S maing a dh'iarradh an taobh shuas doibh.
'S iad nach cromadh chun na fuaraig,
Ge bu dual doibh 'n lùireach.
Ciod eile, &c.

Gheibht' an sin gach làmh bu chruaidhe,
'S cò b'fhearr na clann natuatha?
'M feàr bhiodh aig an amar-fhuail,
Gu 'm buaileadh e aon triur dhiubh.
Ciod eile, &c.

Bi'dh iad làn misnich is cruadail,
Gu h-aigiontach brisg tu tuasaid.
Chuireadh aon fhichead san uair sin

Tearlach Ruadh fui 'n chrùn duinn.
Ciod eile, &c.

Chluinneadh fear a bhiodh gun chluais iad,
Nan deanadh luinneag is fuaim e;
Comunn teangach, cainnteach, cuachach,
Dannsach, suairc, neo-bhrùideil.
Ciod eile, &c.

Comun aoidheil, òlmhor, pàirteil
Pògach, dornach, srònach, gábhaidh,
Spòrsail, ceòlmhor, cornach, gáireach,
Nach cuir cás gu smuaircin.
Ciod eile, &c.

Gar am páidhear an fheill-mártaunn
'S ged' rach an Rìgh — mháthair,
Leanaidh iads' an ioc-shlaint ádmhor
Guc am fág an lùths iad.
Ciod eile, &c.

[TD 81]

'M fear a chaidh choimhead na h-oidhche,
Leig a chosan air a dhruim e;
Thug e stigh an rud nach d'rinn e,
'S b'oillteil a bha chùltaobh.
Ciod eile, &c.

Dh'éirich am fear a bha làimh ris
Theiche roimh bholadh an fhàile.
Thuit e anns a' mhuighe-làgain,
'S mhill a' chàth a shùilean.
Ciod eile, &c.

Dh'éirich an treas fear gu dàicheil
Chum 's gu'n teasairgeadh e'm fear bàite.
Chuir e ghrìosach as le mhàsaibh,
'S còta Spàinneach ùr air.
Ciod eile, &c.

'N sin dar dh'éirich iad uile
Thuirtear fear, "Gabhar greim do 'n duine.
"Fhuair e masladh, 's cha b'e munar.
"Loisgeadh mu 'na ghlùn e."
Ciod eile, &c.

Thuirtear caraid an fhir a chaidh losgadh
"Tha thu fìor bhreugach, a losgain.
"Bi mach fhad 's tha 'n dorus fosgailt',
"Oglaich, lobhta dhùisg so."
Ciod eile, &c.

San uair a 's fearr a bhios aca
Bi'dh làmh air gach cuaille is bata.
Bi'dh fear buailte, 's fear ga thachdadh,
'S fear fui 'n casaibh ciùrta.
Ciod eile, &c.

Fear eile thig aileag 'na bhràgad.

Stiubhraidh e'm brollach a bhràthar

[TD 82]

Aran pronn, is im is càise,
Brucach, blà, cur smùid dheth.
Ciod eile, &c.

Their bean-an-tighe gu dìblidh,
"Dhuin', is olc an cáramh bìdh sin.
"S mòr a b'fhearr dhomh agam fìn e,
"S mòid a phrìs a's dùthaich."
Ciod eile, &c.

'N sin dar thig na coin sa chom-ith,
Leigidh iad air cimith comith.
Leasaichidh fear eile an nollaig
Le gleus ronnach ùrar.
Ciod eile, &c.

Dar dh'fhàsas a' bhangaid goirid,
Chuid nach d'tháinig ach mu dheireadh,
O nach faigh iad lán an goile,
Goiridh iad gu diumach.
Ciod eile, &c.

Théid iadsan a nise sa chéile,
'S chi gach mad e féin 'an déigh laimh.
Bi'dh surd air na h-armaibh gleusta,
'S deudaichean 'gan rùsgadh.
Ciod eile, &c.

'S ann an sin a bhios a' chaonag,
Firom farum chon is dhaoine,
Clann a' ránuich, mnái re caoine.
'S baobhail crost' a' chùirt iad.
Ciod eile, &c.

'S ma chreideas gach fear na chual e,
'S meas' e na thuirte Callum Ruadh rium.
'Siad na coin a bhios 'an uachdar.
'S bithidh daoine' uaisle mùchta.
Ciod eile, &c.

[TD 83]

SOIGHDEAN GHLINN-LIOBHUINN.

A MHIC an fhir ruaidh,
Bha gu misneachail cruaidh,
Do thuiteam san ruaig cha b'fheirde mi.

Triall 's tu dìreadh
Re cois frìghe,
Bhiodh coilibhear * dìreach dearbha leat.

Coin air iallaibh,
Garg 'an gnìomhan:
B'e do mhiann bhi sealgaireachd.

Pic nad' dhornaibh,
'S mill ni 's leòr oirr':
'S ann le treoir a thairngear i.

Glac nach leumadh
Re teas gréine,
Agus céir o'n Ghaille-bhinn oirr'.

It an eoin léith
Brice na déigh,
Air a gleus le bairbeireachd.

Sìd a h-Eirinn
'S meoir 'ga réiteach':
Cha d' thig brein' fir-ceird air sin;

Ach Fleisdeir fìnealt
O Ghleann-liòbhuinn,
Sìr-chur sìd air chalpannan.

Cinn bhreac sgiathach
Air dhreach dìoltaig †:
Cha d' thig iarunn garcail orr'.

* I.e. cuilbhair.
† I.e. ioltoig.

[TD 84]

Gun chron dlùthaidh
O d' láimh lùthoir;
Ite chùì' is earr air sin.

An saoi nach sòradh
Air thùs tòireachd:
'S mairg fear lòdail tharladh ort.

An saoi nach maimeadh
Air thùs feadhna;
Bhiodh sgian chaol o'n chearduich ort.

Triath na sròine,
Ma 's fhior dhomhs' e,
Gur i chòir a s' fheirde leat.

Dáimh ga d' mholadh
Triall gu solar;
Bhiodh do sporan earlaidh dhoibh.

Beoir air chuachaibh,
Ol aig t'uaislibh,
Anns gach uair dha 'n tarladh sinn.

Pìob 'ga spreigeadh,
Fìon 'ga leigeadh,
Luchd leadan ann re cearruchas.

Forthann air thì,
Dolaran sìos,

Galoin dheth 'n fhìon bhairceideach.

Cupannan lán
Musgar re daimh,
Usgar air mnaoi airg-bhraiteach.

Bhil a h-Eirin
Sin ort sgeula
Thig cùig ceud a shealltainn ort.

[TD 85]

An t-òg is deis' thu
Dh'fhalbh mu fheasgar;
Ghabh mi cead san anmoch dhiot.

An t-òg is sine,
'S searr do'n Chinneadh,
Nach d'rinns ceillein airgid riamh.

'S ann leam a b'aithreach
Gun bhi marruit,
Dol fui sparradh Ghall-bhodach.

ROINN a dh'ALASTAIR MAC COLLA.

IS fhad tha mis' ann am chodal,
'S mi tha fulang;
Gun an t-Alastair òg so mholadh
Mar threun duine.

Do mhac-samhailt mar ealt' eun o dhubh bheinn
Dol trid choille dharaich;
No mar fhrois mhòir ag reubadh tuinne
Air druim cuain mara.

Is leat Clann-Alastair nan arm guineach
A 's ro-mhath cinseal;
Sud na fir nach 'eil dhuit fallsa,
Taim d' an innseadh.

Tigfidh Raonull Dhùn-nan-ultach
'Na chraoibh thoraidh,
'M fear nach do ghabh sgàth roimh thi eile;
B'e 'n gnìomh doilich.

Tigfidh Aonghus mac Mhic Raonuill,
Féinnidh, fuileach;

[TD 86]

Is cha bhi feum air léigh am baile
'An dèidh do bhuille.

An uair a thogtadh fraoch is fearg
Air Triath an toghair,
Chluinnte fuaim do lann 'gan crathadh
'An criochaibh 'n domhain.

Thug thu 'n là ud 'an Cul-radhain
'An tùs t'òige;
Leagadh leat an sin luchd làstan
Bu mhòr bòsta.

Ag ailis air Goll mac Morna
La Uilt-eirinn;
Dh'fhàg thu Goill gu brònach
'S mnài gu deurach.

Ag ailis air Oscar nam beumann tric
La Pheirte;
Cha 'n fhéudadh duine chuca, leis
A' cheo a bh' aca,

Ag ailis air Fionn mac Cumhail
La Chill-saithe;
Chuir thu eich is Goill le bruthach
Gu breun brothach.

'Nuair thogadh tu do bhratach mhìn ruadh
Re crann gatha,
Bheireadh tu buaidh air gach rutha,
'S gaoth 'ga crathadh.

Cha robh coimeas ann do m' threun fhear
'An tùs troide,
O nach sàiteadh am mòine bhuig e
Carragh creige.

[TD 87]

DI-MOLADH Pioba DHONAILL BHAIN. Le Ian mac Codrum, no Ian Mac Fhearchair
mhic Imhir ann an Uibhist a' Chinn a Tuath, Bard Shir Seumais mhic
Donaill, a dh'eug san Roimh.

A' CHAINNT a thuirt Ian gu'n labhair e cearr i,
'S eudar dhuinn àicheadh is páidheadh dh'a chionn.
Dh'fhàg e Mac Cruimein, Conduili is Tearlach,
Is Dònallan Bán a tharruing gu prìs.
Orm is beag mòran sgeig
Agus bleid chòmhradh,
Thu labhairt na h-urrad
'S nach b'urrainn thu chòmhdach,
Ach pilleadh gu stòlda
Far 'n do thòisich thu dian.

An cual' thu cò 'n urram an taobh-sa do Lunduin?
Air na Piòbairan uile b'e Mac Cruimein an rìgh,
Le poncannan àluinn a b'fhonnaire fàilte,
Thairngeadh 'an càileachd gu sláinte fear tinn.
Caismeachd bhinn, 's i bras dian,
Ni tais' is fiamh fhògradh:
Gaisg' agus cruadal,
Tha bhuaidh air an òinsich,
Muim uasal nan Leòdach,
Ga spreotadh le spìd.

A' mhairisgeach spòrsail bha aig Tearlach 'ga pògadh,
An t-áilleagan ceòlar is bòiche guth cinn;

Tha na Gáidheil cho déigheil air manran a dh'éisdeachd,
'S na bheil 'an Dun-eidin do luchd beurla air tì.
Breac nan dual is neartmhor fuaim,
Bras 'an ruaig námhad,

[TD 88]

Leis 'm bu cheòl leadarra,
Feadain nan Spàinneach,
Luchd dheisichean màdair
Bhi cràdht' air dhroch dhìol.

Nan cluinnt' ann am Muile mar dh'fhàg thu Conduili,
Cho b'uileor leo t'fhuil bhi air mullach do chinn:
'S i bu ghreadanta dealachain air deas lámh na h-armachd;
Ag breabadh nan garbh phort bu shearbh a dol sìos.
Creach nach gann, sibh gun cheann,
Fuidh bhruid theann Sheoruis
Luchd nam beul fiara
'Gar pianadh 's 'gar fògradh:
Rinn iad le foirneart
Bhur còir a bhuin dibh.

Cha d'thug thu taing idir do briofgardaich Thearlaich,
Mach o Fhear Bhàli bhi ghnà air a thì.
Mhol thu Chor ghliogach nach d'thigeadh a bàidse.
Ach deannan beag gràin, o màm a dhroch shoil.
Shaoil thu suas maoin gun ghruaim,
Craobh nam buadh ceòlmhor,
Chuireadh fonn fuidh na creagan
Le breabadaich mheoirean
'S nach fuilgeadh odròchain
A thogail a cinn.

Cha'n fhaigh a' chùis bhuirt ud talla 'm bi muirn,
Ach áth air a mùchadh le dùdan 's le sùidh.
Cha bhi seithir aig Dònall 's cha'n éirich e cònard,
Ach suidh' air an t sorn agus sopag re dhruim.
Plaigh bhlaigh phuirt, gair dhroch dhuis,
Aile cuirp bhròite;
Ceòl tha cho-sgreataidh
Re sgreadail nan ròcus,
No iseinean òga
Bhiodh leòinte chean bidh.

[TD 89]

Nach gasta chùis bhurta bhi cneatraich air urlar
Gun phronnadh air lutha gun siubhlaichean grinn,
Sparradh odròchain 'an iurball odròchain,
Sparradh odròchain a tòn odrobhì.
Màl caol cam le h-aosg rann,
Gaoth mar ghreann reòta
Throimh na tuill fhiara
Nach diònaich na meoirean,
Nach tuigear air dòigh
Ach otheoin is othì.

Diùdha nam fiuidh bh'aig Tubal Cain,
'Nuair sheinn e puirt ghaidhlig 's a dh'àluich e Phìob.

Bha i tamull fuidh 'n uisge 'nar dhruideadh an Airc.
Thachair dhi cnàmhadh fuidh uisge 's fuidh ghaoith.
Thàinig smug agus dust
Anns na duis bhreotach,
Iumadach drochaid
'Ga stopadh na scornan.
Dh'fhàg i le crònan
Odròchain gun brìgh.

Bha i seal uair aig Maolruainidh o Dornan,
Chuireadh mi-dhòigheil bhàrr ordugh na fuinn.
Bha i treis aig Mac pheatrais a sheinneadh na dàin,
'Nar theirig a' chlàrsach 's a dh'fhàilig a prìs.
Shéid Balaam 'na màla
Osna chràmh chrònaidh.
Shearg i le tabhann
Seachd Cathan nam Fiantaidh.
'S i lagaich an ciad uair
Neart Dhiarmaid is Ghuill.

Turruraich an dòlais, bha treis aig Ian òg dh'i.
Chosgadh riobhaidean conlaich na chòmhnadh le ni.
Bha i corr is seachd bliadhna 'na h-atharais bhialain
Aig Mac Eachain 'ga riasladh air sliabh Chnoc-an-lìn.

[TD 90]

An fhiuidh shean nach dùisg gear,
Ghnùis nach glan còmhdach:
'S mairg dha 'm bu leannan
A' chrannalach dhòinidh.
Chaithteadh grán eòrna
Leis na dh'fhoghnadh dhi ghaoith.

Mu'n cuirear fuidh h-inneal Corrabhinneach na glaothaich,
'S inneach air eudach na dh'fheumas i shnàth.
Cha bheag a' chuis dhéistinn bhi 'g éisteachd a gáirich;
Dheanadh i aognaidh an taobh a bhiodh bláth.
Riasladh phort, scriachail dhos,
Fhir an droch shaothair,
Bheir i chiad éubhadh
Re séideadh a gaoithe,
Mar roncan bá caoilidh
'S i faotainn a' bháis.

Bithidh 'n iunsramaid ghlagach air a lùbadh 'an craiceann;
Cha'n fhuirich i 'n altaibh gun chearcail 'ga tádhdh'.
Seirbhe na gabhann re tabhann a cruin-luath,
Trumpaid a dhùisgeadh gach Iudas fhuair bás.
Mar chom geuraich 'ga chráhdhadh
Shéideadh lán gaoithe,
Turraich nach urradh mi
Tiunal a dh'innseadh,
Ach rodain ag sianoil
No sgiamhail laoiigh òig.

Com caithte na curra is tachdadh 'na muineal,
Meoir traiste gun fhurus cur triulluin 'an dán,
Sheinneadh a bhrollaich le solus an eolain,
Ruidhle gun ordon an cómhnuidh air lár.

'N aognaidh lom goath throimh tholl,
Gáir gun fhonn cómhraig,
A thaisicheadh cruadal
'S a luathaicheadh teoltachd,

[TD 91]

Ga beachdail don-dóchais
Mu 'n t-sorn am bi ghráisg.

Bi'dh goath a' mháil ghrodaidh cur gáir anns na dosaibh,
I daonan 'na trotan re propadh odrá.
Bi'dh seansar caol chrochta fuidh chaonaig aig ochdar,
Sruth staoineag 'ga stopadh cur droch cheól 'na thámh.
Fuaim mar ghlag dh'fhudach each,
Duan chur as frídhe.
Cha 'n abair mi tuille
Re di-moladh píoba,
Ach a leigeadh a chluinntinn
Gu'n thill mi mac Pháil.

Air Constribh eadar dithis ann an Uibhist a' Chinn a Tuath. Leis an IAN
Mac CODRUM cheudna.

CHA 'n e dhùisg mo sheanchas domh
Chùis mu bheil mi dearmalach,
Gach Hungaireach 's gach Gearmailteach,
Gach Francach 'an rùn marbhaidh dhuinn;
Muir no tìr cha tearmann duinn.

Tha mo dhùil 's gur firinneach,
Gach muiseag tha mi cluinntinn deth,
Nach dean iad unsa dhireadh oirn,
Nach buidh'n iad na h-Innsean oirn,
Gu 'n sguir iad far 'n do dh'inntig iad.

O chaidh na h-airm 'an tasgaidh oirn,
Ge tric a' ghairm gu faigh sinn iad,
Nach foghnadh claidhean maide dhuinn
Gu seasamh a' chrùin shagsonaich,
Mar thug an Diùc a dh'fhasan duinn?

[TD 92]

Ge mordhalach Rìgh Prusia
'S na rìghridh mòr tha 'n trioblaid ris,
'S co neònach leomsa 'm Frisealach,
'S am Bàideannach le measrachadh,
Bhi deanamh réit 's nach bris iad i.

Gu m' slàn dh'an armunn cheanalta,
Nach do chuir an rabhard eallach air,
Thug dhomhsa càil gun mhearachd dheth,
Ge ta cha d'thug e barantas domh
An réit' ud c'àit' a mhaireadh i.

Bha mise uair gu faca mi
Nach creidinn uaithe facal deth,
Nach bithinn suas 'nar thachradh e,

A liuthaid gruag is ———
Bha 'm fuasgladh anns an t-sabaid ud.

'Nuair dh'inntrigeadh an t-ascaoineas,
Is àrd a chluinnteadh 'm Pabaidh iad;
Fhreagair coill is clachan doibh;
Cha bhiodh bean 'an àite faicinn doibh,
Iad fhéin 's mac-talla bas-bhualadh.

'Nuair bhiodh iad sgìth sna tagraichean,
'Se crìochnach' a bhiodh aca-san,
Ag iarraidh iasad bhataichean,
Gach tuairisgeul re chlaistinn ann,
Nach cualas riamh o bhaisdeadh sinn.

Gur mairg a bhiodh 'san ubraid ud
'Nar ghabhadh iad gu tùirneulas.
Bhiodh fàsgadh air na sùilean ann;
Bu lionar duirn is glùinean ann;
Air bhreaban cha bhiodh cùmhnadh * ann;

Bhiodh rocladh air na claigeannan;
Bhiodh scornanan 'gan tachdadh ann;

* Caomhnadh.

[TD 93]

Bhiodh meoirean air an cagnadh ann,
Bhiodh cluasan air an stracadh ann,
Bhiodh spuaicean air an cnapadh ann.

'Nuair thuiteadh iad gu mi-cheudamh
Bhiodh rùsladh le is na h-inean ann,
Bhiodh piocadh leis na bìdeagan,
Bhiodh riabadh air na cìreinean,
Bhiodh cus na h-uile mi-loinn ann.

Mu'm biodh a' chonstridh dealaichte
Bhiodh doirneagan 'gan tarruing ann,
Bhiodh scrobaga na malaidh ann,
Bhiodh beoil re sileadh fala ann,
Bhiodh gu leòr aig fear dha aithris ann.

'Nuair nach maireadh giubhas Lochlanach,
'Sa' choill' an déis a stopadh oirn,
Bu mhath na h-airm na botrachain;
Bu sgiobailt e na 'm bogsaigeadh;
Cha bhriseadh e na coguisean.

Mac Fhiunlaimh Ghobha tha ealanta,
Tha dà iarun deug a 's teallach aig,
Iad uile dìolta garaidh aig,
A fear a bheir a tarag dhuibh,
Chuid eile dhiubh cha bhean e dhoibh.

'Sann do 'n tìr bu shámhach so;
Bu shòlas inntinn Báilli e;
Bu lionar fear gu'n áiteach' ann,

Dul gu sianais 's fiamh a bháthaidh air,
Cuing mu mhnaoi 's mu pháistean ann.

Bha Uibhist air a nárachadh.
Bha Iudharn air a fásachadh.
Le guidheachan na cáraid ud
Bha sòlas air an Abhairsear.
Bu neònach leis nach d'thàinig iad.

[TD 94]

Chluinn mac Cuinn an tolseach e.
Chluinn a rìs an Doctoir e,
Mar chrìochnaichear na portaidh ud.
Cha tairg e làn a' chopain domh,
Gu 'm bàraig e dà bhotul rium.

Innsidh mise dh'Uisdean e,
Dh'fhear Bhàlai pàirt do'n t-sùgradh, ud,
Do'n Bhàilli air an dùthaich e;
Air chàch cha dean mi cùmhnadh air,
Bheir iad bàids is dùrachd dhomh.

Do Shir SEUMAS TRIATH CHLOINN-DONAILL, a dh'eug san ROIMH; leis an IAN
Mac CODRUM cheudna.

AIR tuiteam a' m' chadal a nis o cheann fada
Gu'n thachair dhomh aiceid a stad ann am bhràgha.
Tha chneidh air mo ghiùlan ta àmhgharach ciùrraidh.
Cha bhi mi 'ga mùchadh, gu rùisg mi os aird i.
Ach Dia bhi 'ga chòmhnadh 's a riaghladh a ròidean!
An Ti bheil mo dhòchas fuidh chòmhnadh an Ard-rìgh,
Lagaich mo dhòrainn, neartaich mo shòlas,
Chuir mi an dòchas bhi ni 's òige na ta mi.

'S iomadh buille so b'eudar dhuinn fhulang.
Bha chuing air ar mùineal 's bu truim' i na phràiseach
Cho trom re clach-mhuileann 'na sìneadh air lunnaibh,
Do iargain nan Curaidh 's iad uil' air ar fàgail.
Gradan a' gheamhraidh a lagaich gu teann sinn`
'Nuair a chaill sinn ar Ceannard, nach robh shamhla measg Gháidheal,
Consmunn na h-aoidhealachd, leòmhan na riòghalachd,
Dòrainn re innseadh dha 'n linne nach d'thàinig:

Dòrainn re innseadh, an dòrainn a chlaoidh sinn,
Thoirleumar n-inntinn cho ìosal re 'r sàilean:

[TD 95]

Ar Ceann-feadhna mòr priseil bu mhòr urram san rioghachd,
Gu'n do bhuin an t-eug dhinn e, ar mi-fhortan làidir!
Fhir a chunnaic ar cruadal, leig umainn am fuaradh,
Bi thusa 'nad' bhuachaill air na fhuair sinn 'na áite.
Cuir dhachaidh Sir Seumas gun aiceid, gun éislean,
Gu chuideachda fhéin; mhuire 's éibhinn a tharsail.

Chrìosda, gléidh dhùinne ar buachaille cliuiteach,
Ar n-uachdaran dùcha; tha chùram antrà-s'oirn.
Allail ar n-Iùran, smiorail is grunntail,

Fearail re dhùsgadh nan tiunntadh am manran,
Ar baranta mùirneach, carraig ar bunntaist,
Ar n-aon 's ar cairt dhùbailt 's an crùn air an taileash,
An ràmh nach 'eil bristeach, ar lann ann an trioblaid,
Ar cannard 's ar misneach, fear bhriseadh a' bhàire.

Ann an dusgadh no'n cadal duinn, 'n ùrnuigh no'n athchuinge
Ar déirce ga nasgadh, cuir dhachaidh thu sabhailt.
Muint' ann an chleachd thu, cliùiteach re d' chlaistinn thu,
Muirneach re t'fhaicinn air each no air lar thu,
Ar 'n aithear 's ar sòlas, ar fìon air na bòrdaibh,
Ar mire 's ar ceol thu, 's ar doigh air ceòl-gaire,
Ar connsmunna féilidh a dheònaich Mac Dé dhuinn
Gu cóir chur air stéidhe, 's gu eucoir a smaladh.

Gur h-innealt' an consmunn Ceann-cineadh Chloinn-dónaill,
Fear iriosal stólta gun tóir air an ardan:
Eireachdail, coimhliont', soilleir 'an eólas,
Gairear an trogbhail, bòchdan mo lamhsa,
Cùirteir na sìobhaltachd, urla na h-aoidhealachd,
Thusail re dìleachdain 's cuimhneach air airidh,
Aigeantach insgineach, beachdail air rìoghalachd,
Gaisgeach roimh mhìlte nan sìneadh e 'n gairdean.

Mo rùn an sár ghaisgeach, fear òg a' chùil chleachdaich,
Fear mórdhalach gasta, gun ghaise, gun táire;
Curaidh nam brataichean guineach re 'm bagairt iad,
Chuireadh an t-sradag 'na lasair gun smáladh,

[TD 96]

A bhuaileadh a' chollaid mu 'n chluan air an cromadh iad,
A ghluaiseadh gun somaltachd an coinneamh nan námhad
Le spáinneachaibh loma, le musgaidibh troma,
Le fùdar caol meallach 'n ám teannadh re lámhach.

Ge fad a bha 'n aiceid 'na cómhnuidh fuidh m'asgoil,
Fógraidh mi as i, thig aiteas 'na áite;
Cuiridh mi airtneul air fógradh gu chairtealan,
'Nuair chuireas Dia dhachaidh na dh'aisig mo shláinte.
Moladh dha 'n Léigh a dh'fhág fallain mo chreuchdan,
Tharruing mo speuraid ni 's tréine na b'ábhaist!
Aghaidh Shir Seumais, aghaidh na féile,
Toghadh gach speuclair thug an léirsinn ni b'fhearr dhomh.

Aghaidh na staidealachd, aghaidh na scairtealachd,
Aghaidh na maisealachd, tlachd agus áilleachd,
Aghaidh na fearalachd, aghaidh na smioralachd,
Aghaidh is gloine bheir sealladh 'an sgáthan,
Aghaidh na stóltachd, aghaidh na mórchuis,
Aghaidh na léómhain, ach tóiseachadh cearr air!
Buinidh dha 'n óig-fhear bhí currant 'an constribh,
'S gur iomadh laoch dorn-gheal théid 'san tóireachd is aill leat.

Cha sùgradh re chlaistinn bhi dùsgadh do chaismeachd,
Bhi rùsgadh do bhratach gu h-aigeantach stàtoil,
Piob thollach 'ga spalpadh sìor-phronnadh nam bras phort,
Fraoch tomach nam badan re crann daitht' air a cháramh,
Barant do dh'uaislean ag tarruing mu'n cuairt di;
Gu'm b'fhearail an dulchas dol a bhuantach buaidh lárach,

Ceathairne ghruamach, gun athadh roimh luaidhe,
Dh'fhágadh gun gluasad cuirp fhuar anns an ár-fhaich.

Gur iomadh sár ghaisgeach tha urranta smachdail,
A thionnadh a steach riut 'n ám aisith no crámhain,
Le 'n spainneachaibh scaiteach cho cruaidh ris an ealtainn,
'N am bhualadh nan claigeann gu 'n spealtadh iad cnamhan,
Gu fireachail eutrom, air mhir' anns a' chaonaig,
Bhiodh fuil air na fraochaibh mu 'n traoghar an ardan

[TD 97]

Le comunn gun chlaonadh, gun somaltachd gairdein,
'N àm lomadh nam faobhar re eudan nan nàmhad.

Nam faicte Sir Seumas 's gu cuireadh e feum air,
Gur h-ìomadh taobh dh'éireadh leat réisimeid làidir
'An Alb' is 'an Eirinn co deònach le chéile,
O Chlach nan loung gleusta gu leum e Phort-phadrig:
Uaislean Chinn-tìre bu dual duit o d' shinnsribh,
Gu rachadh iad sìos leat gun di-chuimhn, gun fhàilinn,
Gu biodh iad cho tìdheach 's gu deanadh iad mi-sta
Mar leòmhana miannach 's gun bhiadh aig an álach.

Dh'éireadh na Leòdaich, dh'éireadh 's bu chòir dhoibh,
Dh'éireadh, 's bu deònach thaobh eòlais is càirdeis;
Thigeadh am mòr shluagh briosg ann an òrdon*,
Sgiolta na consmuinn 'an tòiseachadh blàir iad,
Dhearbhadh na fearralachd calma 'n àm tarruing iad,
An calg mar na nathraichean fearann 'ga raiteach,
Stròiceach le lannaibh iad, dòrtach air falanan,
Còcairean ealamh iad air cheannan 's air chnàmhan.

Dhùisgeadh 'nad charraid fir ùr Ghlinne-garadh,
B'e 'n dearmad gu'n ghoinne sìol Ailein a dh'fhàgail.
Daoine cho fearrail, cho saoireach air lannaibh,
Gu faicte neul fal' orr' gan tarruing a scàbard,
Inntinneach, togarach, impidh cha 'n obadh iad,
Fìor chruaidh gun bhogachadh 's obair air làrach,
Calma mar churainean, 's maing air an cuireadh iad;
Chuireadh am buillean gu fulang na Spainnich.

Dh'éireadh fir Mhuile le éibhe nan cluinneadh iad,
Dh'éireadh iad uile gu h-urranta làidir;
Dualchas a chumadh iad, gualainn re uileann iad,
Bhuaileadh iad buillean mu 'm fuiling thu tàmailt.
'S cràiteach re innseadh bhi 'g àireamh bhur dìobhail,
Na thuit dh'an dream rioghail am mi-fhortan Thearlaich,
Iadsan co ìosal fuidh shàilean nan Guineach,
Na cairdean cho dìleas 's a bha inc ris a' phaipeir.

* Ordugh.

[TD 98]

Do Shir SEUMAS Mac DHONAILL 'an deidh a bhais; leis an IAN Mac CODRUM
cheudna.

MOCH 'sa maduinn 's mi 'g éirigh,

Cha 'n e 'n codal tha streup rium,
Fliuch mo leaba gun seasdar, gun sàmhchar:
Fliuch mo leaba, &c.

Cho 'n eil agam da éis sin,
'N déidh mo thaic-sa 'gam thréigsinn,
Ach maille claiستهad is léirsinn is tàbhachd,
Ach maille, &c.

'S trom a' chuing-s' air ar muineal.
Air ar lionadh le mulad,
Tha sinn sgèth 's cha 'n ann ullamh a ta sinn:
Tha sinn, &c.

Sinn re iargain nan curaidh
Nach robh 'n iasad ach diombuan,
Gun fhear liath a bhi uil' air an làrach,
Gun fhear, &c.

Daoine mórchuisseach measail,
Daoine còrr ann an iochd iad,
Daoine cròdha gu bristeadh air nàmhad,
Daoine, &c.

Ann an ùine dà fhichead
Gur dò-bhail ar briseadh,
Gur a dùbailt a nis oirn e làthair.
Gur a, &c.

Chaill sin cóigear no seisir
Do na consmuinn bu treise,
Nach robh beo ann am Breatann an áicheádh
Nach robh, &c.

[TD 99]

Ann an uaisle 's 'an urram,
Anns gach deagh bhuaidh bh'air duine;
Ann an cruadal gu buinig buaidh lárach,
Ann an, &c.

'S bochd an ruaigs' oirn an còmhnuidh,
Dh'fhág ar gualainn 'na ònar,
Bhi sguabadh ar n-òigridh gun dáil uainn.
Bhi sguabadh, &c.

Tháinig meadhoil gu bròn duinn.
Tháinig aithear gu dòrainn.
Chaill sinn amharc is sòlas ar sgáthain.
Chaill sinn, &c.

Bás ar n-uachdarain phríseil,
Sgeul a's cruaidhe re chluinntinn:
Fhuair luchd fuath dhuinn is mìoruinn an áilleas.
Fhuair, &c.

Gur e 'm fuaradh-s' an uraidh
Chuir ar gluasad 'an trumad.
So 'n ruaig tha 'gar n-iomain gu anrath;
So 'n ruaig, &c.

Bhi fuidh adhar * an sgeoil ud
Gach aon latha re'r beo-shlaint,
Air bheag aithir, no sòlais, no sláinte.
Air bheag, &c.

Fhuair sinn naimheachd ar leatrom.
Fhuair sinn naimheachd na creiche.
Fhuair sinn naimheachd thug leagadh dh'ar n-ar
Fhuair sinn, &c.

'S trom an galar 's is dó-bhail
Móran uallaich re ghiúlan,
Rinn ar n-anail a mhúchadh 's ar dan;
Rinn ar, &c.

<eng>* Mark.<gai>

[TD 100]

Nis o 's díleachdan bochd mi,
Oighre díreach air oisinn,
Mi re innseadh cruas m' fhortain do Phádrúig;
Mi re innseadh, &c.

Mi ag innseadh cruas m' fhortain,
Mar a dh'inntrig e 'n toiseach:
Cha'n 'eil brigh dhomh, no toirt bhi 'ga áireamh.
Cha'n 'eil, &c.

Ach an sgrìob thug a' chreach oirn,
Dh'fhág a chaoidh' sinn 'ga h-acain,
So i 'n dìle chuir brat air na tháinig.
So i 'n dìle, &c.

Dh'fhalbh ar ceannard óg maiseach,
Bha gun agradh, gun ghaiseadh,
Muir a tháinig le grad a thug bhair oirn.
Muir, &c.

Chuir ar leaba san dreaghann,
'S gun ar cadal air faighinn,
Ar sùil frasach o'n naimheachd a tháinig.
Ar sùil, &c.

O nach dùil re Sir Seumas,
'S beag ar rùn 'an gáir eibhinn.
Bithidh sinn tuirseach 'na dhéidh gu la báis deth.
Bithidh, &c.

Chaill sinn duilleach ar géige,
Gráinne mullaich ar déise.
So an turus chuir éis air ar n-armainn.
So an turus, &c.

'S eudar fuireach re síochaint,
O nach urrainn air stríbh sinn,
Ach bhi fulang gu 'n stríochd sinn d'ar námhad.
Ach bhi, &c.

[TD 101]

Ma thig foirneart no bagr' oirn,
Sinn gun dòigh air am bacail:
Tha sinn leointe 'nar pearsa 's 'nar càileachd;
Tha sinn, &c.

O'n là thàinig am briseadh,
A thug tearnadh 'nar meas duinn,
Ar Cean-tànach 's ar misneach 'gar fàgail.
Ar, &c.

Dh'fhág e sinne bochd tùirseach
Ann an ionad ar cùraidh,
Gun e thilleadh g'a dhùchanna sàbhailt,
Gun e, &c.

Thug e scriob air ar n-uaislean.
Caoidh' cha dìrich an tuath e.
Tha sinn mi-gheanach truagh air bheag stàdha.
Tha sinn, &c.

Sinn mar chaoraich gun bhuachaill,
'N déis an t-adhair thoirt uatha,
Air ar sgaoileadh le ruaig ghille-mhàrtuinn.
Air ar, &c.

Ar toil-inntinn 's ar sòlas,
Craobh a dhìdionn ar còrach,
Ann an Cathair na Ròimh air a chàradh.
Ann an, &c.

Thu bhi 'n Cathair na Ròimhe,
Goirt re innseadh na sgeoil sin!
Dhe! cha dìrich Clann Dònaill ni 's àirde.
Dhè! cha, &c.

O'n la sgathadh ar n-ògan,
A' chraobh bu fhlaithaile còmhach,
Gun a h-abhall air dòigh dhuinn a thàrsail.
Gun a, &c.

[TD 102]

Mòr an sgeul san Roinn-Eòrp e,
Mòr a bheud le Rìgh Seorsa,
Mòr an éis air do sheòrsa gu bràth e!
Mòr an, &c.

Cha do dhùineadh an còta,
'S cha do ghiùlain na brògan,
Neach ann cunntadh iad còmhluath do phàirtean
Neach ann, &c.

Ann an gliocas, 'an eòlas,
Ann an tuisge 's am mòrchuis,
Is na giftinean mòr a bha fàs riut.
Is na, &c.

Tha sinn deurach bochd tùirseach,
Gun ghàir aoibhinn, gun dùil ris,
Mar an Fheinn agus Fiunn air am fágail.
Mar an, &c.

Sinn gun Oscar, gun Diarmad,
Gun Gholl osgarra fialaidh,
Gach craobh thoisich ag triall uainn gu Pharrais;
Gach craobh, &c.

Cinn nam biuinean calma
Leis an d'ùmhlaicheadh Alba.
'S iomadh Ughdair thug seanchas mar bha sinn.
'S iomadh, &c.

'S bochd a chrìochnuich ar n-aimsir,
Mar Mhaol Ciaran gun Fhearchair,
Sinn re iargain na dh'fhalbh uainn 's nach d'thàinig.
Sinn, &c.

'Se ni 's cosmhuil re sheanchas,
Lìonn sinn copan na h-aingeachd
Aig 'na bhrosnuich sinn fearg an Ti 's airde.
Aig na, &c.

[TD 103]

An Ti phrìseil thug uainn e
Chum na rioghachd is buaine,
O Chrìosda, cum suas duinn na bráithrean.
O Chrìosda, &c.

MOLADH Chloinn DONAILL, leis an IAN Mac CODRUM cheudna.

TOPADH leat, a Dho'ill mhic Fhionnlaimh,
Dhùisg thu mi le páirt dó d' chomhradh.
Air bheagan éolais as dùthaich,
Tha cunntas gur gille cóir thu.
Chuir thu do chomaine romhad,
'S fheirde do ghnothuch an cómhnuidh
'S cinnteach gur a leat ar báidse:
'S leat ar cairdeas 'm fad is beo thu.

Mhol thu ar daoine 's ar fearann,
Ar mnaithean baile, 's bu chóir dhuit.
Cha d'rinn thu di-chuimhn no mearachd:
Mhol thu gach sean is gach óg dhiubh.
Mhol thu 'n uaislean, mhol thu 'n islean.
Dh'fhág thu shìos air an aon dóigh iad.
Na bheil g'an ealainn re chluinntinn,
Cha chean dìchil a dh'fhág scód orr'.

Teannadh re moladh ar daoine,
Cha robh e saoireach air aon dóigh:
'An gleus, 'an gaisge 's 'an teómachd,
Air aon aobhar thig 'nan còdhail
Nochdadh an eudan re gradan
(Cha robh gaisedh anns a' phòr ud)
Cliu is pailteas, mais' is tábhachd;

Ciod e 'n cás nach faight' air chòir iad?

[TD 104]

Cha bu mhisd' thu mise láimh riut
'An ám a bhí 'g áireamh nan consmunn,
Gu innseadh am maise 's an uaisle,
An gaisge 's cruadal 'n ám trogbhail*.
B'iad sud na fir a bha fearrail
Thilleadh an-seasgair 'an tòireachd,
'S a dh'fhágadh salach an àr-fhaich
Nam fanadh an námhad re 'n còmhrag.

Ach nam faiceadh tu na sir ud
Re uchd teine 's iad 'an ordont†,
Coslas fiadhaich ag dol sìos orr',
Ag falbh gu dian air bheagan stòldachd;
Claidheamh ruisgt 'an làimh gach aon fhir,
Fearg 'nan eudan 's faobhar gleois orr',
Iad cho nimheil ris an iolair,
'S iad cho frioghail ris na leómhain.

Cha mhór a thionnal nan daoine ud
Bha re fhaotainn san Roinn-Eórpa.
Bha iad fearrail 'an ám caonaig,
Gu fuileach, faobharrach, stróiceach.
Nam faigheadh tu iad 'an gliocas
Mar bha am misneach is am mórchuis,
C' ait' am feudadh tu áireamh,
Aon daoine b'fhearr na Clann Dónaill.

Bha iad treubhach, fearail, foinnidh,
Gu neo lomara mu 'n stóras.
Bha iad cunbhalach 'nan gealladh,
Gun fheall, gun charachd, gun róidean.
Ge do dh'iarrtadh nuás an sinnsridh,
O mhullach an cinn gu'm brógan,
'N donas cron a bha re inns' orr',
Ach an rìoghalachd mar sheórsa.

Ach ma mhol thu ar daoine uaisle,
C'uim nach do luaidh thu Mac-Dhónaill?

* Togail.

† Ordugh.

[TD 105]

Aon Mhac De bhí air 'na bhuachail'
G'a ghleidhe buan duinn 'na bheò-shlainte
O 's curaidh a choisneas buaidh e,
Leanas re dhualchas 'an cómhnuidh,
Nach deachaidh neach riamh 'nan tuasaid
Rinn dad buannachd air an constribh.

C'áit an dh'fhág thu Mac Mhic ailein
'Nuair a thionaileadh e mhòr shluagh,
Na fir mhóra bu mhòr alladh,
Re linn Alastair 's Mhontrós?

'S mairg a dhùisgeadh ruin bhur n-aisith
No thionndadh taobh ascaoin bhur cleóca,
Ge b'e sùil a bhiodh 'gan amharc
Cromadh sìos gu abhuinn Lòchaidh.

Ach ma chaidh tu 'nan fealbhaidh,
C'uim nach do sheanchais thu air chóir iad,
Teaghlach uasal Ghlinne-garadh
S na h-iùrana o ghleannaibh Chnoideart
'S iomadh curaidh làidir uaibhreach
Sheasadh cruaidh 's a bhuaileadh stròicean,
O cheann Loch-Uthairn nam fuar bheann
Gu bun na stuaighe a Morrair.

An dh'fhàg thu teaghlach na Ceapaich
('S mòr a' chreach nach 'eil iad cò'lan)
Dh'éireadh leinn suas 'an aisith
Le 'm pìob 's le 'm brataiche sróltaidh,
Mac Ian a Gleanna-comhan,
Fir chothanta 'n am na constribh,
Daoine foinnidh, fearail, fearradha
Rùsgadh arm is fearg re 'n srónaibh?

Dh'fhág thu Mac Dhùghail a Ladharn
(Bu mhuirneach gabhail a chò'-lain)
Cuide re uaislean Chinntìre
O'n Roinn Ilich 's mhaol na h-Odha.

[TD 106]

Dh'fhàg thu Iarl Antrum a h-Eirinn
Rinn an t-euchd am blàr na Bòine.
'Nar a dhlùthaicheadh iad re chéile,
Co chunntadh féich air Clann Dònaill?

Alba, ge bu mhòr re inns' e,
Roinn iad i o thuinn gu mòintich.
Fhuair an còir o làimh Chloinn Dònaill.
Fhuair iad a ris an Rùta,
'S ioma urra mhòr bha innte
Cunntaidh Antrum ge bu mhòr i.
Sgrios iad as an naimhdean uile,
'S thuit mac Cuibhilein san tòireachd.

Bhuidhin iad baile 's leth Alba;
S e 'n claidheamh a shealbhaich cóir dhoibh.
Bhuidhin iad latha Chath Gairbheach.
Rinn iad an argumaid a chòmhdach.
Air bheagan cónaidh gu trioblaid
Thug iad am bristeadh a mòran,
Mac Ill-Ian ann le chuideachd,
'S Lachlan cutach mac an Tòisich.

Nan d'thigeadh feum air Sir Seumas,
Gun éireadh iad uile còmhluath
O Roinn Ghallaibh gu Roinn Ile,
Gach fear thug a shinnsridh còir dhoibh.
Thigeadh Mac coinnich a Bhrathain,
Mac Aoidh Strath neabhair 's Diùc Gordon,
Thigeadh Barraich, 's thigeadh Banaich,

Reothaich is Taillich is Ròsaich.

Ar luchd dàimh 's ar cairdean dìleas
Dh'èiridh leinn a sìos 'an constribh.
Thigeadh Uaisle Chloinne Ill-Ian
Mu'n cuairt cho daingean re d' chòta,
Iad fuidh ghruaim 'an uair a' chatha
Cruaidh 'nan lamhan sgathadh feòla,

[TD 107]

Tarraing spàinneach làidir lìobhar
Sgoilteadh díreach cinn gu brógan.

Bhuidheann fhuilteach glan nan geur lann,
Thigeadh Reisimeid nan Leodach,
Thigeadh Réisimeid nan Niallach
Le loingean lìonar 's le seòltaibh,
Foirbisich 's Frisealaich dhéireadh,
'S thigeadh Clann Reubhair 'an ordu.
'Nar a dhùisgeadh fir na h-Iuraich,
Co thigeadh air tùs ach Tomas?

Fraoch.

<eng>THE scene of the following poem is said to have been on the south shore, and on the Island near the south side of Loch-Cuaich, or Lochfraochy about two miles to the westward of Amalrie and eleven west from Dunkeld. About a quarter of a mile to the S. E. there is, on an eminence, a very ancient ruin, which has probably been the seat of May, and nearly the station of the Bard too, when he said, <gai>Ann san Iraidh tha siar fui dheas,<eng> i. e. nigh the shore to the west-ward on the south. May was in love with Fraoch; but her daughter (who by some is called <gai>Ceann-geal,<eng> or White-head,) and Fraoch mutually loved each other, and because the mother found that he preferred her daughter to herself, she contrived and effected his ruin in the manner related in the Poem.<gai>

Duan Fraoich.

OSNA Caraid an cluain Fhraoich.
Mar osna Laoich an caisteal Chro;
An osna sin o 'n tuirseach fear:
'S o'n trom ghulanach; bean og.

Sud e siar an carn am bheil;
Fraoch Mac Feadhaich, an fhuilt-mhaodh,

[TD 108]

'M fear a rinn buidheachas do Mhai
'S an air a shlointeadh Carn-Fraoich.

Gul nam ban o'n chruachan tuir;
'S cruaidh am fath mu'n guil a bhean
'S e dfhag m'osna gu trom trom
Fraoch Mac Feadhaich nan colg sean.

Gur i'n ainnir a ni 'n gul

Tein ga fhios do chluain Fhraoich
Donn or-bhuidh an fhuilt (chais) aill;
Aon ninghin Mai mu 'm biodh na laoich.

Aon ninghin Chòruill is greinne folt
Taobh re Taobh a nochd is Fraoch
Ge 'h iomadh fear a (ghradhaich) i
Nior ghradhaich i aon fhear ach Fraoch;

Nuair fhuair i a muigh e
Cairdeas an Laoich bu ghloinne gne
'S e abhar mu'n do reub i chorp,
Chionn gun olc a dheanamh lei;

Chuir e i gu càth a bhais;
(Taobh re mnai 's na dean a lochd)
'S tuirseach; do thuitim le Beist.
Dh innsin duibh gun cheilg a nos.

Caòran do bhi air Locha Mai;
Ann san traidh tha siar fa dheas
Gach a Raithe 's gach a mios
Bhi toradh abuidh ann sa mheas.

Bha buaidh air a mheasa dhearg
Bu mhilse e na mìl bhla
Gu 'n cumadh an caoran is e dearg
Neach beo gun bhidh car naoi Trath.

[TD 109]

Bliadhna do shaoghal gach fir;
Dh'innsin duibh anois a dhearbh
Gu cabhradh e air luchd chneadh,
Brigh a mheasa is e dearg.

'N aimcheist mhor a bha na dhiaidh,
Ge b'e leigh a chabhradh na sloigh.
A bheist nimh a bhi na bhun;
Gràbadh do dhuine dol d'a bhuaibh.

Do bhuaibh ea-slaime throm throm,
Air ninghean Odhuich na'n corn fial,
Chuireadh le fios air Fraoch
'S dfhiosruich an laoch ciod e a mian?

Labhair i nach biodh i slan
Mar fagha i lan a bos maoth
Do chàorann an lochain fhuair,
'S gun aon neach ga bhuaibh ach Fraoch.

Cnuasachd riamh ni 'n drinneam fein
Thuir Mac Feadhaich nan gruaidh tla;
Gar an drinneam arsa Fraoch
Theid mi bhuaibh a chaor'n do Mhai.

Ghluais Fraoch air cheimnibh aidh,
'S chuaidh è shnamh air an Loch;
Fhuair e bheist na suram suain;
'Sa craos suas ris an dós.

Fraoch mac Feadhaich nan arm geur.
Thanig e o'n bheist gun fhios,
'S ultach leis d'an chaoran dhearg
D'an bhall an raibh Mai na tigh.

Ge maith uile na rinneadh leat;
Labhair Mai bu chaoine cruth

[TD 110]

Ni 'm fodhain leamsa laoch luinn
Gun an t slat bhuaibh as a bun.

Ghluais Fraoch, s nior Laoch tiom
A shnamh air an linne bhoig.
Bu deacair, ge bu mhor a radh,
Teachd o'n bhas an raibh a chuid;

Ghlaic e an caoran air a bhar,
'S tharuing e 'n crann as a fhreamh,
Toirt a chosan do air tìr;
Rug i air, a ris a bheist.

Rug a bheist air, air an traigh,
Ghlaic i a lamh ann a craos,
Ghlaic eisin i air dha ghial,
Ochoin? gun a scian aig Fraoch?

Liodair a bheist a chneas bàn,
Liodair i a lamh gu leon,
Thainig ninghin ùr nan geal-ghlac
'S ghrad thug i dha scian d' an or.

Cha comhrag sud ach comhrag gearr,
Bhuaibh e an ceann na laimh leis.
Fraoch Mac Feadhaich is a bheist,
Mo chreach leir mar thug iad greis!

Gu do thuit iad bonn re bonn,
Air traidh nan clocha donn sa 'n iar.
Nuair chunairc an t saor ninghin aidh,
Thuit i air an traidh na-nial,

Nuair a mhosgail i as a pramh,
Ghlaic i a lamh na laimh-bhoig,
Ge d' tha thu nochd na d' chòdaibh eun,
'S mor an t euchd a rinn thu bhos.

[TD 111]

Truadh nach an còmhrag laoch,
A thuit Fraoch le 'm pronntadh òr,
'S tursach do thuitim le beist,
Aon mhic de! nach mairtheann thu beo.

Ionmhuinn Tighearn ionmhuinn Tuath,
Ionmhuinn gruaidh a's deirge ros,
Ionmhuinn beul leis an dioltath dan,
Air am biodh na mnai ag toirbheart phog.

Bu duibhe na 'm fiach a ghruag,
Bu deirge a ghruiaidh na fuil-laogh;
Bu mhine na cobhair an t sruth,
Bu ghile na'n sneachd corp Fhraoich.

Bu mhaise na 'n càisein fholt,
Bu ghuirme a rosge na eir-leac
Bu deirge na cruban a bheul
'S bu ghile a dheud na chailc.

Bu treise na Còmhlà a sciath
B'ìomad Triath a bhiodh r'a chul,
Bu chomh-fhad a lamh 's a lann,
Bu leine a chalb na clar luing;

B' airde shleagh na crann seoil
Bu bhinne na teud cheol a ghuth
Snamhuiche a b'fhear na Fraoch,
Cha do leig riamh a thaobh re sruth.

Bu mhaith spionnadh a dha laimh,
'S bu mhaith cail a dha chois;
Chuaidh d' aigne thair gach Rìgh
Roimh churaidh riamh cha diar fois!

Gu b'e sud an t uabhar mna
A's mo chuncas air m' dha rosge,

[TD 112]

Fraoch a chuir a bhuain a chrainn
Ann deis a 'n Caòran a bhi bhos.

Togamid anois an Cluain-Fhraoich.
Carn an Laoich an Caisteal-Chro;
O'n bhas ud a fhuair am fear
'S mairg as mairtheann na dhiaidh beo?

Air a chluain thugtadh 'n t ainm?
Loch Mai a raiteadh ris an Loch:
Am biodh a bheist anns gach uair;
'S a craos suas ris an dos.

Osna caraid an Cluain Fraoich, &c.

Rainn a riniadh air Oiche Bainse.

<eng>BRAVE lads be merry<gai> le feteran's le gradh,
<eng>Most willing<gai> attain le mireadh gu leor
<eng>As I am a sinner I cannot<gai> bhith 'm thamh,
<eng>While<gai> tha 'n cupan am laimh cuir tuille san stop,
<eng>Come call the lass, fill the glass,<gai>
Cuir mu'n seach cùmant e.
<eng>Here's a health<gai> do gach neach
Gad bhiodh seachd urad ann,
<eng>To the new couple that's buckl'd<gai> an trasa,
Bragad air bhragad re furan na'm pog,

<eng>The wheel of Fortune goes often<gai> m'un cuairt,
Cha'n oil leam san uair a mhalairt a th'ann,
<eng>I like it, I take it, I make it a<gai> suaip.
Gach mulad's gach gruaim a thachair reum ann,
<eng>I am glad on my bed,<gai> fhuair mi cead feadalaich,
Leam nach meist, <eng>I protest,<gai> ge'd raibh treis bheadra ann,
Aig deadh Mhac an duine, s a chailir gun ghruaim
Gur dmhin bu dual gh'n cinneadh bhur clann,

[TD 113]

<eng>The boy call'd cupid<gai> le bhògha 's le chuibhir;
Tha mi san duil nach raibh shuilin sin dall,
<eng>He charged so briskly and aimed so quickly,<gai>
Gun chuir e le clisce gu itibh an crann.
<eng>Such an art had the dart,<gai> cha d'rinn neart cumail ris
Urchair cheart, <eng>he did cast, sticked fast<gai> dh'fhuirich i
Ma dh'fhuiling an duine gun d'fhuiling i fein,
'S gur barail leam fein nach ea-coir a bh'ann.

Oran a rinneadh d'an chath-bhuidhinn Rioghail Ghaoidheallach nuair bha
iad dol d'America San bhliadhna 1756.

BEIR sorruidh uam le deagh rùn buaidh,
Dh'fhios ghaisgeach, stuamach gharbh-chrìoch;
Ogain uasla bhreacan uaine,
Eibhle sguabaidh's ghear-chot;
Lann dubh-ghorm chruaidh air Airm chrìos ualach,
'S deilg nan guailibh cear aca;
Ur laoi chruadalach thug buaidh,
Ann laimhseach luath lann's thargaid.

Buidheann chrìodheil Mhoir-fheir Ian,
Flaidh dan Fhineadh lamh-thrèun;
Ni naimhde dubhach's cairde suglach,
Deagh fhuil Mhuireach's ceannart;
'S ge hè Loudon theid air lear libh,
Tha e fearail suinsair;
Glic gun mhaile, trèun san tarruing,
Bheir sibh caithream Nall libh.

Leomh' naidh gharg; a fhuil Albnach,
Lean re'r 'n airm 's re'r 'n eididh;
Faghaibh taragaid eatrom bhall-bhuidh,
Ghabhas dearg-thuadh Chaoilt-Mhach;
'S cuilbheir earr-bhuidh 'n laimh gach sealgair,
Seott àir marbhadh chaoil-daimh;

[TD 114]

O's mighich d' Albanich dol a shealg,
Air Francaich chealgach's Choilt mhich.

Togaibh baideil ard re h aigein,
Stiuribh grad trèun Chabhlach;
Air Cuan cas thonn, stuadhach, bras, ard,
Uaibhreach, glacach, beantach;
Bèucach, tartrach, gaileach lasradh,
Bhuaileas Craig le tairn-thoirm;

Ach shleachdas grad do'r suaith eantas,
'S don Phìob toirt cais meachd falbh dhuibh.

Ta'n cuan gu mìn ag tairgse sith dhuibh,
Choisg e strìbh throm shiubhlach;
Ta thonna mion re plubraich bhinn,
Seinn iurram dhuibh is thùg air;
Ta dearsa grinn na grèine libh,
San spèur gach rinn air luasadh;
A sheoladh dhuibh bhar sligh thairtaibh,
D' an chala aidh is iunsadh.

Air Moir-thìr chì sibh oighe rimheach,
Teachd le mìle failte;
'S braon 's gach mìn shuil, mhaodh air shìr-chrìth,
Nan gnuis bhian-gheal ailidh;
Ag guidh' an dì dìon o'n luchd mìo-ruin,
Eignich milltidh 's chraidhidh;
A chreach an tìr, a mharbh an dìlse,
'N gradh, am feir 's am bràithre.

Mas oglaoich sibh a thug gaol,
Ars oighe nan eadan ghradhach;
Bithibh treabhach 's buidhnidh saors,
Do Mhnaibh's Chlainn bhar Cairdean;
Bheir buaidh air Coilt-mhìch's Frainc na faille,
Do rimhinn mhaodh na 'm ban bhas;
Mas fios do mhaidnibh rùn maidin,
Libh gu'n aom gun ain-deoin.

[TD 115]

Mas ail libh cliuth dhuibh fèin 's do'r duthaich,
'S gloir mar chumh'neamh-bhas mhor;
Ruagaibh's sgiursibh null gach mùsi,
Leim thair sruth Naomh Laurainn;
Gu deas O bhruaich na fagaibh cluain,
O cheann gu Cuan ag Francach.
No near O Mhìsisipi na cuairt,
Gu muir an lùailteach Cabhalach.

'S tearuint dochas chuir 'sna leomh'naibh,
Chleachd o'n oighe 'n cruadal;
Bhith measradh crodha, air bheg lòin,
Ag siubhal mointich's fh'uar-bheann;
Bhith luthmhor seolt air marbhadh eoin,
Air feachd, àir thoir, s an tuasaid;
Air claigne stroiceadh 'n cuis na corach,
'S saltr àir mor chuis uaibhreach.

'S Cuimseach sealgaire nan Garbh-chrìoch,
'N am an dararich theintich;
Nì aid call le 'm peiler tairnich,
Ge be ball re 'n caog iad;
Re rusg an lann's ard screatraich chnamh,
Bithidh ar na laimh dheis 's maidhm romp;
Bithidh sgrios do shasach le 'sguaib lair,
A chaidh 'm bun sail bhar Naimhde.

Re leanail ruaig mar ghaidh O thuath,

No seabhag luas nan eibhl-fhear;
Nach leag as uadha Francaich luaineach
No cos luath nan coilt-mheach;
A dh' fhogras ruadh-mhad, Frainc gu tuath,
Bhèir sìoth-shaimh shuas a bheinn dhoibh;
'S le giulan suairc a bheir or buaidh,
A chaomhnas luaidh a chaoidh dhuinn.

'N sin gabhaidh craobh na sith le freamh,
Teann ghream do 'n doimhne thalmhainn;

[TD 116]

Is sinfidh geuga gu rig neamh,
Gach aird le seamh-mheas 's geal-bhath;
Bithidh ceiler ebhinn eun na meaghlán,
'S daoine le'n clainn ag sealbhachadh;
Toradh is saoth'r an lamh gun mhaom,
Faoi dhubhar caomh a sgailsi sgailsin.

Gach gleann ni ebhnis's maoth-bhlath eirigh,
Air gach beinn bha fas-mhail;
Bithidh daoine is spreidh 's tuath iteach spèur,
Re mireig 's seirm luadh ghairich;
Thig pailtes, saorsa, gradh is aoidheachd,
A measg dhaoine, dh'aiteach;
Bheir sith dan ghrein teas 's lonrachd's glèus,
Do choimh-sheirm neamh luaidh's natuir.

Air fagail sith's gach maith thig dhi,
Is ceannacht 's tìr mar b'abhaist;
Mun Ohio rimhich nan lub lionmhor,
Thig sibh ris gur n' aros;
Thair cuan le piob-cheol sughach grinn;
'S le Caithreim binn na'r Cabhlach
Bithidh mai'dne rimheach mar na miltibh,
'S eisg mur piob ag damhsadh.

Bithidh cumh o'n Rìgh is buigh'chas tìre,
'S cliuth gach linn gù brath dhuibh;
Dhion coir bhar tìre o shant a mhilteir,
'S a dhearbh mor-bhrìgh na'n Gàoidheal;
'S nar thig sibh ris bithidh cairde mìn,
Is baird bheul-bhinn' da'r failteach;
'S cho diult an rimhinn lamh do 'n fhìor-laoch,
Thug 's gach strìbh buaidh-laraich.

Ni 'r deagh ghiulan Deors a lubadh,
'S bheir e dhuinn ar 'n Eididh;
'N Eididh shurdail bha o thùs ann,
O linn Abhlan's Ebha;
'S ma bhèir e 'n tras dhuinn mar a babhist,

[TD 117]

Air ninbh, ar 'n airm 's ar Eididh;
'S inn saighde 's fearr a bhios na bholg,
'S e 'n tìochd ni Alb dho fein d' inn.

Bithidh Breatuinn 's Erin's Eorp gu leir

Geur amhrac Ghaoidhl Albnach;
Bhar tìr 's mi fèin mar mhathair, chaomh
Ag guidh Neamh libh soirbheach;
Re ceol na caoidh, rèir mar thig dhuibh,
Chaidh cunnbaidh 'n cuimhn bhar 'n Aithreachd.
Nios beannachd luibh, lan shonas's buaidh
Gu 'r Cluithsa luadh-ghair, chairdean.

An t Eoin Gasta.

<eng>M'Donald's Highland Airs, No 98.<gai>

GE do theid mi do m' leaba
'S beag mo shunt ris a chadal,
'S mi caoidh' an Eoin ghasta so dh'eug.

Gur e b' aighir do m' shuilin
A bhi 'g amharc air t urluinn;
'S tu m' ailegan ùr air gach feill.

'S tu m' altrachan guailleach,
Rinn mi altrum sa chuallach;
Tha mi 'n diu gun do luach agam fhein.

'S ann am chichibh bha 'm bairn'
A chaidh liontachadh t fhala
Riut a dheanainn mo ghearan am fheim.

Dh'fhalbh do bhrath'rin is t athair
Leat gu Crosg mhic Ghill-Iain;
Dh' fhag sud sinne gun aighir 'nar diaidh.

[TD 118]

Tha do pheathraichin thall ud,
'S beag an luaigh air tigh'n thairis,
O na dh' fhuair iad an t anart mu d' bheul.

'S iomad bain-tighearn' òg uasal
A bha reubadh a cuailein,
Agus rosg air an d' fhuascail thu deur.

Their gach Tea ga 'm bheil gliocas
'S nach d' fhuair aobhar mo chliscidh,
Bhean mo ghaoil deansa meisneach na dhiaidh.

Cha d' fhuair mi d'ar giftin
Ach cead bhi 'g amharc do lice,
Bha mi aic na bu tric' na b' e m' fheim.

O's mi th' air mo chlisceadh
Mu 'n fhear a leaghadh mo litir;
Tha do Leabhraiche 'n ciste gun fheim.

Tha do Leabhraichin duinte
Ann an ciste gun dusgadh;
Chuir sud mulad 's gun dhruith e orm fhein.

Ge b' e chitheadh air faich thu,

'S a ghabhadh far bheachd ort,
Gu 'm bu cheannard mo dhalt-s' air chuig ceud.

<eng>North Highland Airs, No 40.<gai>

LATHA dhamhsa siubhal bheann,
Falbh gu teann eadar chragaidh,
Thachair orm a chruinneog dhonn
'M bun nan tom buain nan dearcog.
Thogainn fonn gun bhi trom
Air nigh'n duinn a bha 'n Cat-thamh
Nighean òg a chuil chruinn
Dh'eireadh sunnt orm re t fhaicinn.

[TD 119]

'Nuair theid mise chun na feill'
'S e do bhreid gu 'n tig dhathigh,
Ribein ùr air a chul
Bu lùr sùl a bhith 'g fhaicinn.
Thogainn fonn, &c.

Theid mi sios, theid mi suas
Bheir mi ruaig do Lochabar,
'S ge d' robh Rodhaich air a chàl
Bheir sinn pairt d'an chrodh bhreac uadh.
Thogainn fonn, &c.

B' fhearr leom fhein na mile bo
'S na tha dh' òr aig Rìgh Sagsonn
Gu 'm bithinn fhein 's a chruinneog dhonn
'M bun nan tom buain nan dearcog.
Thogainn fonn, &c.

'S tu mac-samhail na geil-ghrein
Moch aig eiridh sa mhaduinn!
Na 'm biodh tu edir mo dha laimh
Luidhinn teann ort san leaba.
Thogainn fonn, &c.

Tha Duthrachd mo chridhe dhuit.

THEID mi dh' Inbhir-neis o
Seachduin o' m maireach,
Theid mi gun amharus
Gu faidhir na Feill-Aindreas,
Biaidh leann air na tulaichin
Is tunnachan gle lan d'e,
'S gu dearbh ge d' chost e 'n t or dhamh
Gu'n ol mi do dheoch-slaiente.
Tha duthrachd mo chridhe dhuit
Seach nighin tha foi 'n Ghrein,
Ciod e 'm ball am bitheadh tu
Nach bithinn ort an deidh?

[TD 120]

Gur binne leam do chomh-radh

Nan smeorach air gheig,
Gu 'm b'aite leam bhith d' phogadh
An seomar leinn fein.

Cha teid mì d' an tigh ost'
Far an olar na cruintin,
Gun an nighean òr-bhuidh
Air bord cuide rium;
Dhamhsadh i re fidhleir
Is scriobhadh i le peann,
Cha 'n iarrainn leat mar stòras
Ach pògan is leann.
Tha duthrachd mo, &c.

Chunnaic mi Dia-domhnuich
An rimhinn òg a's t searmoin,
Ga 'm maith ga 'n tig na brogan
Le'm feoirneinibh airgid;
'S ioma fleasgach boidheach
Is ogan deas mainmneach,
Tha 'n lan doigh re d' phosadh
'S nach gabhadh òr an geall ort.
Tha duthrachd mo, &c.

'S moch a ghabh mi eolus
Air ainnir oig na feile,
Ann sna bailtibh mora
'S i foghlam na beurla,
Mu'n d'fhead mi bhi lan eolach
Air boichid a h eadain,
Gun leir i mo chrìdh' uam
'S a ris cha 'n fhaigh mi fhein e.
Tha duthrachd mo, &c.

Tha corp is gil' nan eala ort
Ag snamh air bharruibh thonn,
'S cumhraidh' leam blas t analach
Na'n canal is e donn;

[TD 121]

A ghaoil na bith 'g am mhealladh
O tha m'anam ort an geall;
Gu 'm b' ionnsa pòg do d' liopaibh
Na Inbhir-neis an geall.
Tha duthrachd mo, &c.

Cha 'n 'eil mo chrodh * air ailein,
'S cha 'n 'eil mo lair am preas;
Cha 'n 'eil m' fheur am fasach
'S cha 'n 'eil mo chàl an lios;
Cha 'd fhead mi a bhith 'n caoirich,
A ghaoil gabh mo lei-sceul;
An cròn a bhios san eadain
Cha 'n fheadar a cheiltin.
Tha duthrachd mo, &c.

Chunnai'c mi Dia'rdoin i,
'S i rimhinn nam ban grinn,
Chunnai'c mi Di-h-aoin i

'S i cireadh a cinn;
Leis na ghabh mi ghaol
Air a caoil mhala ghrinn,
Gle mhoch an la air mhaireach,
Gu 'n d' fhas mi gu tinn.
Tha duthrachd mo, &c.

Dh'eirich mi maidineach
Gle mhoch-thrath Di-domhnuich,
Bha mi tamull roimhe sin
Am luidh' am meadhon seomair,
Chunnai'c mi a ghruagach
'S a cuailein mar an t òr uirr',
'S dh'fhas mo chridh cho ebhinn
'S gu 'n leiminn mar an fheorog.
Tha duthrachd mo, &c.

Is ann am Baile-chaolais
A tha mo ghaols' a chomhnuidh,

* Chrobh?

[TD 122]

Innis d' i nach fhaod mi
Bhi d'aonan am onar;
Le mhead 's a thug mi 'm ghaol duit
'S nach d' fhead mi do phosadh,
Mur furtaich thu le d' ghaol orm
'S e 'n t aog m' aite comhnuidh.
Tha duthrachd mo, &c.

Oran Gaoil.

GUR muladach ata mi
'S mi scith 's mi siubhal fasaich
'S mo ghunna ga charamh foi shion.

An cuimhne leat a mhaltog
An oi'che luidh mi laimh riut,
'S mo lamh foi d' chul faineach gun scios.

Do shuilin mar na dearcán,
No mar dhruichd air maduinn dhealt-mhoir
Le feill chaidh do ghlacadh san lion.

Deud shnoighte thanadh dhluth gheal
Do phogan mar an siucar
Do chomhradh 's e lub mi o shion *.

Tha d' anailse cho chumhradh
Re aile bhlath nan ubhlan
'S e sin a chuir mi 'n tus air do thi.

Air leom fhein gur gorach
An seol a th' aig mo sheorsa,
An gaol a bhi cho og air an claidh.

'S i comhairle na corach
A nis a thug mo shron orm,
'S e dh' ionnsuich i dhomh-sa bhi crionn.

* Chian.

[TD 123]

Fanaidh mi mar tha mi
'S cha 'n iarr mi bean an trasa,
Gus am bi mi saibhir an ni.

An sin cha dean i tair orm,
Ach glacaidh i air laimh mi,
Nuair bhias agam aite do mhnaoi'.
Gur muladach, &c.

Tigh-tarladh nan Uailsin.

BEIR soruidh no dha
Gu Tigh-tarladh nan uailsin,
Far am bheil an aon nighean
Tha tri fir an luaidh ri.
O hug eile
O hi ri ri ri
O hi ri a hu
O hug eile, na hoa ho ro.
Far am bheil, &c.

Calum donn an fhuilt channaich
Caol mhala gun ghruaman.
O hug eile, &c.

Is Alastair eile
Cuim an ceileam mo luaidh ort?
O hug eile, &c.

Is Donacha do charaid,
O Bhaile nam fuaran.

Mo chomhairle fhein duit
'S mur fhiach i fag uait i;

Leig dhìot a Ní ghreannach
'S glac bean a chuil-dualaich:

[TD 124]

'S i chumadh do leine
'S bu cheatuich a dh' fhuaidheadh;

A dh'eireadh 'sa mhaduinn
'S a ghlacadh a bhuarach;

'S nuair thig an crodh dhathigh
Reachadh fasant' d'an bhuaile:

Dheanadh mulchog is mioscan,

'S biaidh meas aig Daoin uails' uirr.
Dheanadh còta is cosag
Breacan daite re h uail duit.

<eng>Perthshire Airs, No 91.<gai>

'S fhad tha mi 'm onaran.

'S Mi air airidh a ghleinne
'G eisteachd binneas nan smeoraichin;
'S fhad tha mi 'm onaran
'S fhad tha mi 's mi leom fhein
'S cian o thir m' eoluis mi
'S fhad tha mi 'm onaran.

Ann am buthan beag barraich
Cha tig caraid ga m' fheoruich ann.
'S fhad tha mi 'm onaran, &c.

Mi gun fhidheall gun chlairseach
'G eisteachd gairich nam bòthanan.

Beir mo shoruidh thair linne
Gu tigh gleinne am b' eolach mi;

Gu 'm bu mhiann leom bhith dluth dhuibh
'Nam dunadh dar seomraichibh.

[TD 125]

Bhiodh Cuadril aig bhur mnaidhin
Flut re aighir cuir ceoil aiste.

Bhiodh greis ann air dhistin,
'S farum phioba roimh 'r seomraichin;

Greis eil air chloich iomain,
Bhiodh bhur gillin cuir bost asaibh.

Moladh Oig-fhir air a Leannan.

AN nochd gur faoin mo chadal dhamh,
Sior acain na bheill uam,
Do chomun le deadh-choimnealachd,
Dh'fhag mi o'n raoir fuidh ghruaim,
Gur tric mi ann an aisling leat,
Gach uair da'n dean mi suain,
Trom-osnach 'n uair a dhùisgear mi,
Air bhith dhamh t iundrainn uam.

Air bhith dhamh 'g iundrainn suairceais uam,
'S tu leagh mo shnuadh 's mo bhlàth,
O chuaidh do ghaol air fuaradh orm,
Cho dualchas dhamh bhi slan,
'S ann riut a leiginn m' uireasbhuidh
Air ghleus nach cluinneadh càch,
Dh'fhag taogasg mi co-muladach,
'S gur cunntart nach e 'm bas.

Ga d' chuireadh 'm bàs gu m' fhulang mi,
'S tu b' urrain ga chuir dhìom,
Le t fhìor-chorp seang 's e furanach,
O'n d' fhailnicheadh mo mhiann,
Gur bochd an staid ann d' fhag thu mi,
'S a bhi ga m' thaladh riamh?
'S gu deanamh la do d' chairdeas dhamh,
Mo aisioc slàn mar Rìgh.

[TD 126]

Is mòr ata do ghiftin ort,
Ata gun fhios do chàch,
Corp seang gun fheill gun fhollachd ann,
Gur sàs thu mhealladh gràidh,
'S a liud oig-fhear deas furanach,
A thuilleadh orm an càs,
D'an tugadh t eadan faothachadh,
'S an t aog ga 'n cur gu bàs.

Cho chuireadh gaol gu geilteachd mi,
Na'm freagradh tu mo ghlòir,
Gur e do chomhradh maighdineil,
Mo roghain do gach ceòl,
'S gur iomad oidhch' neamh-aoibhneach,
Chum d' chaoimhneas mi fuaidh leòn,
Is biaidh mi nochd a' m' aonaran,
Ag smaoin air bean do neoil.

Tha bean do neoil am braithreachas,
Re Eala bhàn nan speur,
Gur binne leam bhi màran leat,
Na Clairsichin nan teud,
Is tha do thlachd is t aileallachd
Ag cur do ghraidh an ceill,
Gur cosmhuil thu re h àilleagan,
Da'n umhlaich càch gu leir.

'Dubh'rt cach gu raibh mi amaideach,
'S tu 's gloine gam bheill m' iul,
'S gur b' ann leam fein nach b' aithreachas,
Bhi 'n aon-fheachd agus thu
'S a dhain-dheoin beus d' an cleachdadh tu,
Cho d'theid do thlachd air chùl,
'S e liud sgeul ta ann cadal ort,
A chuir am fad do chliu.

Fhuair thu do chliu 's do eireachdas,
Nach teiric dhuit a choidhch',

[TD 127]

Le gifteileachd is adh-mhorachd;
'N ti thàrlas ort mar mhnaoi,
Is tha do thlachd is t ailleileachd,
Ga m' sharuchadh le gaol,
Gur nàir dhuit bhi 'n droch-chairdeas dhamh
'S gun d'rinn do ghradh mo chlaoidh.

Is beart a chlaoidh mo shochair thu,
'S a shocruigh ort mo ghaol;
'S gur e mheaduigh tuirse dhamh,
Gun thu bhì dhamh mar shaoil,
Sgeul fìor a fheadar aireamh leam,
Gur leir a bhlath 's a chaoin,
Gu d'fhàg gach caoin a bh'agam riut,
An nochd mo chadal faoin.

Gu'n d'rinn mi Alb a chuairteachadh,
O Chluaidh gu uisge Spea,
Is bean do neoil cha chualas
Bu neo-luainiche na beus;
Is corrach gorm do shuilin,
Gur geal 's gur dlu do dheud,
T fhalt buidhe ta na chuachaibh ort
'S a shnuagh air dhreach nan teud.

Thug mise gaol do rìreadh dhuit
'Nuair bha thu d' nìonàig oig,
Is air mo laimh nach dibrinn e
Air mhìle punt dhe 'n òr;
Ge d' fhaighinn fhein na chruintibh e
Ga chuntadh dhamh air bord,
Cha treiginn gaol na ribhinne
Tha 'n Ilea ghlas an fheoir.

Och oin mo Chaileog.

DH'EIRICH mi moch air mhaduin an de
'S gun ghearr mi 'n ear-thalmhainn do bhri mo sceil

[TD 128]

An dùil gu 'm faicinn fhein rùn mo chleibh
Och oin gu 'm facas 's a cul rium fein.
Och òch mo chailin 's mo shuil a' d' dhiaidh
Och òch mo chailin 's mo shuil a' d' dhiaidh
Mo Lili mo Lili 's mo shuil a' d' dhiaidh
Cha leur dhamh 'm beallach aig cumha nan deur.

Na 'm biodhadh sud agam mo luth 's mo leum
Mi 'm shuidh air a bheallach 's mo chuth air eill
Gu'n deanainse cogadh gu laidir treun
Mu'n leiginn mo leannan le fear tha foi 'n ghrein.
Och òch, &c.

Tha mulad orm-sa is fiabhras mòr
O chualas gu'n deach' thu le Brian a dh'òl
Mo chomunn cha deanain re mnaoi tha san fheoil
O rinn thu mo threigsinn 's mi fhein a bhith beo.

O cha'n 'eil uiseog no aoilinn bhàn
Am barr a chaisteil san robh mi 's mo ghradh
Nach bheil re tuireadh do dh'oi'che 's do la
O chual iad gun ghlacadh mo chailinn air laimh.

Nan tigeadh tu 'm baile le d' ghille 's le t each
Gu'm fosglainn an dorus 's gu leiginn thu 's teach,

Gu'n deanuinn do leaba 's gu'n luidhinn fhein leat
'S cha b' fhad leinn an oi'ch' ge d' bhiodh mios innt air fad.

Oran do Lachlann og Mac Ionmhuinn, leis an Aigeannuich Nighean Donuill
Ghuirm.

GU d' thug mi 'n ionnsuidh bhearraideach,
Mur do mhill * thu m' aithne mi,
Cha b' e t fhuath thug thairis mi
Ach t aithris air bhith falbh:
Cha b' e t fhuath, &c.

* Mheal.

[TD 129]

Ma chaidh * thu nunn thair linntichin,
O gu ma slàn a chi mi thu
Fhir chuil dualaich shniomhainich
'S ann leat bu mhian bhith mòr;
Fhir chuil, &c.

Bu mhiann leat bata dionach 's i
Gu cumtadh, fuai'te, finealta
Arachadh suas 's nach dibreadh i
'S a chiosuicheadh muir mhor.
A rachadh, &c.

Le d' sciopa threibhich fhurachail
Bu ro mhaith feim sna ruinigin †
A ghleithheadh air bharr tuinne i
Cheart ain-deoin cuir is ceo.
A ghleithheadh, &c.

Gu 'n innsinn cuid do t abhaistin,
'N am dol air tir am baghan duit
Bhiodh fion is branndai laidir ag
Cuir blas air ghillibh òg
Bhiodh fhion, &c.

Gu 'm fuighte cuirm gun easbhuidh
A 's tigh mhor nach foghnadh beagan doibh
Bhiodh òl is ceol nam feadan ag
Coi-fhreagaradh mu d' bòrd
Bhiodh òl, &c.

Bu dual duit sud o d' shinnsireachd
'N am suidheadh gu do dhinneir dhuit
Bhiodh clairseirin, bhiodh piobairin,
Bhiodh fileirin re ceol.
Bhiodh clairseirin, &c.

Gur maith thig leine 'n anart dhuit
Thig triubhas caol ro channach ‡ dhuit,

* Theid.

† Ruinigil.

‡ Ainneamh.

[TD 130]

Brog bhileach dhubh ga teannachadh
Mu 'n traigh nach gearain leon.
Brog bhileach, &c.

Thig cota 'n eadach spaineach dhuit
Theid ginea 's crùn a phaidheadh air,
O cha 'n 'eil cron r'a airimh ort
Ach aillealachd do neoil.
O cha 'n 'eil, &c.

Gu 'n tig na h airm gu h innealta
Air eile an crios iomachair;
Lann thanadh, gheur, ghorm, ghuineach,
Is i fulangach ni 's leor.
Lann thanadh, &c.

'N lann ris an caint an tri-chlaiseach
I ùr is sar cheann Ileadh innt'
Fuidh 'n ghualadh thiugh * nach dibreadh i
'S i dileas sios gu d' dhorn.
Fuidh 'n ghualadh, &c.

Airm eile gu 'm bu mhiannach leat,
Bhiodh dagaair ghleus † sniomhain ort,
Scian chaol d' an t seorsa liomharra
Fior innleachtach o'n ord.
Scian chaol, &c.

Gur maith thig adharc bhall- ‡ bhreac dhuit
Streang shiod' is stapuil airgid innt'
Guna caol air ghleus neo-chearbach
Leis an deant' an earb a leon.
Guna caol, &c.

Ge b' e chasadh ea-coir ort
'S tu ann san airm 's an eideadh ud
Gur barail leom gu 'm feimeadh e
Bhith tei'n ad reir || da dheoin
Gur barail, &c.

* Dheas.

† Ghleusaibh.

‡ Mhean.

|| Foi d' mhein.

[TD 131]

Gur sealgair Geoidh is Cathain thu,
Ròin mhaoil re taobh na mara thu,
Theid miol-choin ann an tabhann leat
'S biaidh abhaic air an lorg.
Theid miol-chion, &c.

'S beag iongnadh thu bhi ailleasach
Gur rioghail am Mac Gaidheil thu

'S a liuthad teaglach staiteil 'm bi
Do shlaint aca ga h òl.
'S a liuthad, &c.

'S beag iongnadh sud a thachairt duit
'S tu dearbh mhac ùr nam macanan
'S tu 'n leomhan trèabhach tartarach
Ceud oighre Lachluinn oig.
'S tu 'n leomhan, &c.

Biaidh chlann * sin mhic mhic Alastair
O Chnoideart 's o Ghleann-garadh leat
An aon Triath neart' gach cáraid leis
Am maith sibh a bhi beo.
An aon, &c.

Biaidh mac mhic Ailein Armailtich
Is uachdaran Chlann Chamroin leat
Ag sir dhol suas an ainmealachd
Le 'n aignidh mainmneach † mor
Ag sir dhol, &c.

Biaidh oighre Chaisteil-tirim leat,
Gur fai'neachdail luchd cinnidh air
O ghrunt na fola mireadh, bhiodh
Ag im'eachd feadh do phor ‡.
O ghrunt, &c.

Tha ghaoth an iar co caithreimeach
'S gun chunn i 'n rair am chaithris mi

* Clann
† Meamanach
‡ Phoir

[TD 132]

Ag smuainteach air na fearabh sin
'S mo mhile beannachd leo.
Ag smuainteach, &c.

Cha 'n 'eil mi fein gun churam orm
Mu 'n dh'fhalbh air a chuan Mhuideardach
Ach thus a Rìgh bhith d' stiuireadoir
Air chul nam feara og.
Hch thus, &c.

Lamh slaodadh rium.

Leis an urramach ALASTAIR MAC-PHARLAIN.

DH'AIN-DEOIN duine, no gun fhios do,
'N tog mi chreach no 'n goid mi chuid?
'N lamh fhuair mi gu h obair chneasda,
'N sin mi 'mach gu creich no braid?

'S mealltach faoin an ni do ghaduich'
Duil bhi aig re buidhinn chreach:

'S crìoch gu tric do theagar salach,
Gad mu mhuineal ris a chroich.

Co dhiu' 's crìoch dh'a croich, no tinneas,
Bas le h arm no anradh cuain,
Tilgear anam dh' ionnsuidh 'n donuis;
'S leis mar chòir luchd-braid is cluain.

Nach tric a chunnairc sinn og-ghaduich?
'S tionnsgnadh beatha dh'a mion-bhraid;
Ach air fas d'a na phrìomh-shladaidh,
'S crìoch d'a bheatha bàs a ghaid.

'N saoil sibh gu fead meirle fantainn
Foluicht' a chaoidh' o bheachd gach sul?
Air goideadh dhuinn an ni nach buin duinn
Chi an ti d'an leir gach duil.

[TD 133]

Gleidh mo chridh' a Rìgh is Athair,
O shant maoin nach buin damh;
O ghoid fheadail * ann do lathair,
M' anam gleidh agus mo lamh.

Oran air Sealgair am monadh Adhoill.

O Gur mòr mo chuid mulaid;
Gar am fuiling sibh luaidh;
Dol a dh' iarruidh nan caochan,
Do na daoinibh dh' fhalbh uainn.
Dol a dh' iarruibh, &c.

Is e Donull is Iain a
Dh' fhag snigh air mo ghruaidh:
Is e Donull, &c.

D'ar comunn cha scith mi
Gus an sintir mi 'n uaigh;
D'ar comunn, &c.

Ach gu'n cuirear mi 'n leabuidh,
Far nach acain mi 'm fuachd:

Gus an cuirear mi 'n ciste,
As nach tig gu la † luain.

'S ann a tha mo chion faluich
Air fear a bhaile so shuas:

Gur mòr mo chion fein air
Lamh threun nan arm cruaidh.

'S tric a thug do lamh teine
Mu loch-oireachd so shuas;

Leis a ghunna nach diultadh
Is leis an fhudar chaol chruaidh.

* Eadail
† Dia.

[TD 134]

Bu tu marbhaich a Choilich
Is moich * a ghoirreadh sa bhruaich;

Agus marbhaich an fhir-eoin,
'S eoin chrin nan sgiath ruadh:

Mar sud 's an roin mheillich
A thig o sceiribh a chuain:

'S na circeige duine
A bheireadh gur as a bhruaich.

'S tric a shuibh'l thu mon' Adhoill
Re la ceathaich fliuch fuar:

Ort cha chuireadh an laithe,
Cur no cathadh; sion cruaidh!

'S tric a thug mi ort comhairl',
Nan gabhadh tu uam;

Gun bhi 'n gaol air no mnaibh
Mu'n luidh ort leann-ruadh.

Oran do dhuin uasal a chaidh bhathadh.

<eng>No 90 M'Donald's Perth-shire Airs.<gai>

THA loingeas foi breidibh
Dol a dh' eiridh an ceart-uair;

Dh' fheuch'n am faigh iad beachd sceula,
Ciod a dh'eirich d'an ghaisgeach.
U oirinn o i ri riu,
U oirinn o ro ho io u oirinn o.
Dh' fheuch'n am faigh, &c.

[TD 135]

Aon mhac sin Sir Iain
Ga 'n robh 'n cridhe neo-ascaoin;
U oirinn o i ri riu.
U oirinn o ro ho io u oirinn o.
Aon mhac sin, &c.

Sar cheannuich' an fhion' thu
Ga scaoileadh fial farsuing.
U oirinn o i ri riu
U oirinn o ro ho io u oirinn o.
Sar cheannuic'h, &c.

Bu mhath san tigh mhoid thu
'Nam na còrach a sheasamh.

U oirinn o i ri riu
U oirinn o ro ho io u oirinn o.
Bu mhaith, &c.

Tha thu fein 's do chuid gillin
Ann an linne gun fhaicinn.

Tha do ghartana sioda
Nan siomain mu d' chasamh.

Tha do bunaid ghorm aillidh,
Snamh ard air chuan farsuing.

Tha do leine chaol Ho'laind
Aig na ronaibh ga sracadh.

Tha do chean aig an fhaoilinn,
Tha do thaobh aig an eascuinn.

Rìgh gur muladach tha mi
'S mi air àiridh lan airt-neil;

'S nach fhaic mi e tighin
'N t Iain cridhe Mac Lachluinn.

[TD 136]

Tha nighean Iain oig an
Agus leis air a basaibh,

'Nighean bhuighe na gruaige
Leom is truadh bhi ga d' fhaicinn,

'G amharc caigeal a bhata
Far 'n do bhathadh na gaisgich.

Oran le fear Chrannard an Gleann-ilea do thigh Piteaghabhann, do mhnaoi
do mhuintir Mharr a thug se am fuadach oi'ch' a cluiche.

'S Mor mo mhulad 's cha ludh' m' eis-lein
Ge b' e dh' eisteadh rium;

'S tric mi 'g amharc thair a bhealach
Is m' air' air dol a nunn.
'S tric mi 'g amharc, &c.

'S iom' oi'ch' anmoch a mhol mo mheanma
Dhamh dol d' an ghleann ud thall;
'S iom' oi'ch', &c.

Far am biodh a ghruagach shul-ghorm
Is i gu cul-bhuidhe cruinn.

Shiubhlainn Giusach re oiche dhu'-dhoirch
Ge do bhiodh an druchda trom:

Shnamhuinn thairis gun raimh gun darach,
Na'm biodh mo leannan thall;

Sruth d'a chaisid cha chunn air m' ais mi,
Ge do bhiodh mo leac foi thuinn.

Bheirin's d' i-sin a phaltog rimheach
Is siod air bun a duirn,

[TD 137]

'S bheireadh ise dhamhs' an criosan disteach
Air 'm bu lion-mhoire buill.

Gaol na ribhinn a rinn mo lionadh,
'S i bean nam min-rosg mall.

Ge d' rach mi 'm leaba cha 'n fhuigh mi cadal,
O cha 'n 'eil m' aignidh leam.

'S tric mi t fhaicsin ann am bruadar,
A bhean a chuailein duinn.

Do shlios mar fhaoilinn, do ghruaidh mar chaoran
Do mhala chaol foi thuinn.

Do bheul lùrach ag cuir orm furain,
A ghaoil cha duilich leam.

Anna bhoidheach is geanaile cheol-mhoir,'
O! 's truadh nach poist' thu rium.

Is mis' tha bronach 's thu dol a phosadh,
Is mi bhi chòir nam bean *;

Gun bhearn am dheudaich, gun chais' am eadain,
Tha uchd mo chleibh gun srann.

Cha b' e lughad m' eadail thug ort mo threigeadh,
Ach comunn geur nan Gall.

Gar am bheil mis' eolach mo chur an eorna,
Gu 'n gleidhinn duit feoil nam mang;

Fiadh a fireach, is breac a linne,
'S boc biorach donn nan carn;

An lachog riabhach, geagh glas nan Iar-inns'
Is eala 's ciatfaiche snamh;

* Gleann.

[TD 138]

Eun ruadh nan ciar-mhon', mac criosgheal liath-chirc
Is cabaire riabhach coill.

Ge bu leom-sa gu Loch-abar
Is ni b' fhaide thall;

Ailginn Muireadh, 's Dun-eidean mar ris,
'S na bheil do dh' fhearann ann;

Chuirinn suarach na rinn mi luaidh riut,
Mu'n tugainn uam an geall.

Aoire.

THOIR fios gu breabadoir na beirte
A thuirt rium gu 'n bhris mi aitreabh,
Gu 'm fuigh e paidhe air an fhaiche
Le tri chairt do mhaide seachduidh *.
O co-thorm laidir d' an chuth
Thug a bhairlin ud duinn,
Sud am paidhe 's maith lium
Thu bhi fag'ail na duth'ch.

Tha'r † leom fhein gur mor am beud sud,
Do dhuine gun bhraid gun bhreuguibh,
Dol ghabhail comhdach na beiste,
Gu 'n deachuidh e le dhalt a dh' Eirinn.
Gur h e 'm buabastair blàr
Bheireadh ruaig air an spàl
Fhir bu chruadaluich' lamh
Timchioll builg am biodh snath.

Nuair thogadh tu ri a h eadach,
'S a lionadh tu bolg na gaoithe,
Cha bhiodh crann gun ropa caol ris
Toirt abhsadh o thaobh gu taobh dh'i.

* Seacuidh.

† Air.

[TD 139]

O iomairt chruaidh air a deic,
Siubhal chuach agus leac;
Fhir a b' fhuasuiche sceith
Bhiodh gach cuth riut ag streap.

Cha do chuimhnich mi do bhoineid
Air 'n do chairich thu 'm breid soileir,
Air a chùl a dh' fhas neo loinneil
Dh' fhag na gadmuinn gartach * greannach.
O brogan ard air mo ghaol,
Da chois stabhaich 's iad caol,
B' e sud meirleach nam faob
Ceann nan cnambh a dh' fhas faoin.

Cha 'n iarradh tu solus gu d' shuipeir,
Ach síthe chrom mar a mhuc ann,
Bu leathann do lorg anns a bhútar
Bhiodh forc nan coig miar ga phútadh.
O fhir nach iarradh an scian
Gu dol sìobhalt air im,
Gu 'm b' i 'n ordog do mhian
Chuir greim geocuich gu d' bhial.

An fhiasog a b' fhaide gun ghlanadh,

Cha 'n fhagadh an siabunn geal i,
Cha daoine beo air an talamh
A dh'fheadadh seasamh re t anail,
Aig a cheo bha d'an bheist,
Fuil is feoil agus crèis;
Fhir bu chailltiche spreidh
Tuitim dluth air a chleith.

Comhradh edir luchd gaoil.

Ise.
CO theid far rium d' an tigh fhaire,
No ni sugradh ris a ghealuich?

* Gortach.

[TD 140]

Fhir a chuill duinn * 's a bhrolluich sholuis,
Ghlac thu mi sa choille dharuich.
Faill ill o agus o ro u eile
Faill ill o agus o ro u eile
Faill ill o agus o ro u eile
Ich irinn o 's tu m' anam is m' fheadail.

B' fhear leom fhein na bonn is peghinn
'S làn mo chroige d'an òr bhuidhe,
Gu 'm biodhainn fhein is gradh mo chridhe
'N leaba chaoil re taobh an t suidhe.
Faill ill o, &c.

Eise.
B'fhearr leom fhein na bo laoigh is gamhnach,
'S na bheil do chnodhan an diaidh na samhmadh,
Gu 'm biodhainn fhein 's mo chaileog ghreann'or
Am badan beag coile gu'n duine gar leanmhuinn.
Faill ill o, &c.

Ise.
Dh'fhoscuil mi 'n dorus is leig mi 's teach thu,
Leig mi suas air bruaich mo leap' thu,
Ghabh mi lei'sceul gu 'm b' e 'n cat thu,
'S mur b' e sin b' e <eng>my sweetheart<gai> thu.
Faill ill o, &c.

Eise.
Chaidh mi suas air bruaich do leapa
'S fhuair mi min † thu ann mo ghlacaibh!
Gabhuibh Albain, Eirinn 's Sagson,
'S leigibh leom-sa na bheil agam.
Faill ill o, &c.

Ise.
Fhuair mi pòg 's cha b' i phòg bhúis i,
Cha b' i pòg an roibein duibh i
Fhuair mi 'n rair, 's an de, 's an diu' i.
'S na rach eug sa bheul thug dhamh i.
Faill ill o, &c.

Eise.

Fhuair mi pòg 's cha b' i phog bhroin i,
Ge d' bhithinn crion gu 'n deanadh i mòr mi,

* Dualich, chuachuich, channuich.

† Blath.

[TD 141]

Ge d' bhithinn sean gu'n deanadh i òg mi,
'S ge d' bhithinn marbh gu'n d' thugadh i beo mi.
Faill ill o,

Oran le Silis ni Mhic Raonuill Bain Tighearna Bhail-Dornui, air Bas a fir.

'S i so blia'na' 's fhad a chlaoidh mi,
Gun cheol gun aidhir gun fhaoilteas, *
Mi mar bhàt air traidh air scaoileadh,
Gun stiuir, gun seol, gun ramh, gun taoman.
O 's coma' leom fhein na co dhuibh sin,
Mire, no aidhir, no sugradh,
'N diu' thionn mi r'a chunntadh,
'S e ceann na blia'na' thug riadh dhiom dùbailt.

'S i so blia'na' a chaisg air m' ailleas,
Chuir mi fear mo thighe 'n caradh,
'N ciste chaoil 's na saoir 'ga sabhadh;
O! 's mis tha faoin 's mo dhaoin' air m' fhagail.
O 's coma, &c.

Chaill mi sin 's mo chuilein gradhach,
Bha gu foinnidh, bha gu aillidh,
Bha gun bheum, gun leim, gun ardan;
Bha guth do bheil mar theud na clairsich.

Ma 's beag leom sud fhuair mi bàrr air
Ceann mo stuic is pruiip nan càirdin,
A leag na ceuid le bheum sna blàraibh,
Ga chuir foi 'n fhoid le òl na gràisge.

Ceud nan creachan a thug uainn thu
Thug do dh' Inbhir-neis air chuairt thu,
Dh' òl an fhiona lás do ghruaidhin
'S a dh'fhag na d' chorp gun lot gun luaidh' thu.

* Aoibhneas.

[TD 142]

'S mor a tha gun fhios do d' chairdibh
San tìr mhoir tha nunn o 'n t saile,
Thu bhith aig na Gaill ga d' charamh
'S do dhuthaich fein air a mort' le nimhdibh.

Bu tu 'n Curaidh fuilteach, buailteach,

Ceannsgalach, borb, laidir, uasal,
Na 'm b' ann am blar no 'n spairn a bhuailt' thu,
Gu 'm biodh do chairdin ag tair-leim suas orr'.

Curaidh gasta, crodha, feimeil,
Tionnsgalach, garg, beodha, euchdach;
'N Coille-chriothnuich 's la an t sleibhe,
Bu luath do lann 's bu teann do bheuman.

Mo chreach long nan leoghan garga,
Na 'm bratuiche sroil 's nan dath dearga,
Gur tric an t eug gu geur ag sealg oir'bh
Leigeil bhur crainn-siuil gu fairge.

'Nise o na dh'fhalbh na braithrin
'S nach bheil ach Uilleam dhuibh a lathair,
A Rìgh mhoir, (ma 's deonach) dail do,
Gus an deang an t oighre 'n t aite.

Ach a Rìgh mhoir tog s' an aird iad,
Mar chraoibh iulair, mheulair mheaghair,
Mar ghallan ùr nach lùb droch aimsir,
Mar phreasa fiona 's lionmhor leanmhuinn.

O 's e so deireadh 'n t saoghail bhruidhnich
Aird-Rìgh dean sinn orsta cuimhneach;
An diaidh an latha thig an oi'che
'S thig an t eug air chaochladh Staidhle.

Oran air Cath Raon-ruairidh, le Aonghus Mac Alastair Ruaidh o Ghleann Cumhan.

'S E do latha Raoin-ruairidh
Dh'fhag luaineach am dhuig mi,

[TD 143]

Mu na thuit do Chlainn Domhnuill
'S nach bu leon o'n taobh cuil doibh,
Toirt amuigh an Ratreuta
Choisinn ceutfaidh le diu-bhail;
'S ge bu thearnadh gu leir dhoibh
Bha bàs Chlebhris r'a chunntadh.

Leoghan fulangach rioghail
Nach d' rinn fhirinn a mhuthadh,
Chunn gu daingeann a lanntachd,
Mar a gheall e o thùs e;
Cha d' thug òr ort no eagal
Gun seasamh le dùthrachd;
'S ge do thuit thu le h onoir
Gu 'm b' ann do dhónus na cùis e.

Seabhac fireannach suairc thu,
Sar bhuchaille treud thu
Ga 'n cunbhail o ghabhadh,
Thoirt doibh ait agus reithlein,
'S tu nach cuireadh re ball' iad
Thoirt an dainginn air eigin

Dh' fheuch latha Dun-chailliann
Nach robh anam 'nad chreabhoig.

A Thighearn' oig Ghlinne-gáradh
Luidh smál air do shugradh,
Bu mhor do chall re * Righ seumus
Ge do dh' eigheadh e d' Dhiuc † thu;
Chaill thu Domhnull Gorm gaolach
'S fhuil chraobhach ag bruchdadh;
'S eiginn fhulang na thainig,
Dh'fhalbh do bhrathair na ùr-ros. ‡

Bu duin' urranta seolta,
Bu chraobh chomhruig roimh cheud e,
Do dh'fhear mòr bu mhaith cumadh
Bh' aig gach duine na speuclair,

* Do.

† Diuc dhiot.

‡ Fhiuran?

[TD 144]

Ge d' thug ro mheud do naire,
Braise 's ardan le cheile,
Ort gun athadh bhith d' phearsa,
Oig-fhir ghasta na feile.

Truadh gun chomus relibha
O d' dhilsibh 's o d' chairdibh,
Foid * air aghuidh gach duine
Ni gun chumadh gun airimh,
'S ann roimh d' fhraoch a bha 'n curam,
Giod bha diubhail is call ann
Fhuair thu 'n earalas chliuteach,
Ort a dhubladh na rancan.

'S truadh nach robh iad ga d' dhubladh
Na bha t iunais † do d' chairdibh
Air an tarruing mu 'n comhair
Fir Ghlinne-comhainn 's a bhraighid;
'N tùs an latha ghil sholuis
Chit' am follais gach faillinn;
Ach 's ann duinne is com' e
'N deis na phronnadh d'ar cairdibh.

Gur h e mheaduich mo champar
A liuthad bantr'ach tha d' dhuthaich
Agus oganach treubhach
Nach d' eigheadh am pusadh,
Thuit le luaidh ann san am ud
Bualadh lann, 's cha bu shugradh,
Thoirt a muigh an adbhansa
'S cha do shantuich sibh puiceadh. ‡

Leig bhur 'n inntinn an socair
Air chosnadh 's air chruadal,
Ag dol air bhur n adhart
Ann an aghuidh an fhuathais;

Cha do shantuich sibh pilleadh
O nach slinnein bu dual duibh,

* Thuit.
† Eug'ais.
‡ Cubadh.

[TD 145]

'S bha a chluiche sin caillteach
'S iad ag raite gur buaidh e.

Cha b' ann leis na cloidhin
Fhuair na daoine an leonadh,
Ach nach d' fhuair iad riamh fuireach
An lathair cumaisg re comhrug
'S mairg a chunnairc na saoidhin,
An tùs iorghuill na doruinn,
Bhith 'gan spadadh le luaidhe,
'S gu'n tilgeadh buachaille bho i.

A Dhomhnuill nan Domhnull
'S og a fhuair thu do dheuchainn,
'S iomad bean a bha bronach
Edir Troturneis 's Sleite,
Mu chinne mor * t athar
'S iad nan luidhe gun eiridh,
Luchd a bhualadh nam buillin
Air fuireach 'san teughbail.

B' ann diubh Domhnull is Seumus,
'S iad gun eiridh o'n chumasg
Mo chreach leir mar a dh'eirich
A chuid bu leithe bu duillich
Dhoibh bu dual a bhith treubhach
O'n athair fein thaìr gach duine,
Sgeul bu dona na dhiadh sud
Re leigheas leigh cha d' rinn fuireach.

Mo chreach mhor nan tri truaighe
Càradh Uaislin Chinntire!
Tighearn' og sin na Learguinn
'S goirt 's gur searbh bhith 'ga innseadh,
Mu d' Thuit'eir maith ciallach, †
'S cuis iargain a chaoidh e,
Air tuitim san doruinn,
'S bu duin' og san dol sios e.

* Maith.
† Ciatfach.

[TD 146]

Gun do mhac a bhith d' aite,
'S gun 'ad bhrathair ach leanabh,
Gun aon duine bhith lathair
Do na thainig o d' sheanair;
Sud an tigheadas rimheach *

Air nach dìreadh riamh scainneal
'S a bha fiudhantach rioghail,
Air dol sìos mar an ráineach.

A Shir Eoghainn o'n Chorpuich
'S e do dhochunn nach iarruinn,
A chneadh fein thair gach duine,
Bhios sinn uile ga iargain;
Mheud 's a bhuilich an rìgh ort
Cha bu ni e gun fhiachan,
'S ge d' fhaigheadh tu barr air
'S daor a phàidh thu e 'm blià'na.

Chaill thu rodhadh do dhaoine
Ann an abhar a bhrathar,
O t oige gu dó shineadh
Chunn thu 'n iomairt gun fhàilinn;
'S iomad sonn do dhuin' uasal
An robh cruadal is tabhachd,
A chaidh sìos leat do d' chinne
O 'n la ghineadh gu h ait thu.

O 'n la ghlac thu 'n ceud chloidheamh
Gun aon athadh do d' namhad,
Bu mhaith do chuis thionnscuil
An aghuidh Chrombail is Lambeirt;
'S na maireadh tu † uile
O 'n úiridh mar bha thu,
Gu 'm falbhadh Rìgh Uilleam
'S cha chunbhadh Mac Aoidh e.

Ach Fhir Airde-seile
'S mor do dheireas le 'm ‡ feachduibh

* Sud na suinn a bha uasal.
† Iad uile.
‡ Do 'm.

[TD 147]

Chaill thu brathair maith ciatfach
'S dìol Iarla do mhacuibh;
Iad fein 's fir a Bhraghad
Bhith 'gam marbhadh re caisteal
Le dìobhail deagh cheannairt,
'S gun an naimhdin re fhaicsin *.

Tha Tuitfhear na h Apuinn
Foi airtneal an comhnuidh,
'S lionn-dubh air ag druthadh
Foi dhunadh a chota,
'S e ag iargain mu bhraith'rin,
B' iad na h ailleagain bhoidheach,
Ge d' thug lughad an athadh
Orr' an la ud bhith gorach.

Chaill thu Tainisteir féaruinn,
'S gu 'm b' e 'n t Alastair suairc e,
'S mor am bearn as do dhuthaich

Thu † bhith 'ga t iuntraichinn uatha;
Cha b' aithne dhamh cuis
A bheireadh cliuth do dhuin' uasal,
Nach robh fuaite riut daingeann
Aig a bhail agus uaithe.

Bha thu urranta dana,
Bha thu aillidh deas treubhach,
Bha thu cinneadail cairdeil,
Bha thu garbh re am feime;
'Na 'm fuireadh an luaidhe
Gun do bhualadh san leim sin,
'S mairg fear do mhio-rùine
Air am bruchdadh làn feirg' thu ‡.

A mhic Dhomhnuill mhic Ailein
Gu 'm bu Bharraiche tir || thu
Fleascach suairce ciuin ceanalt
Fior fhearail ad' thiom thu;

* Ga fhaicinn.
† A bhith.
‡ Bruchtadh foi t fheirg thu.
|| Mharuiche fior.

[TD 148]

Bu mhor do bhair' 's cha bu taobhghail
Ris na daoinibh chaidh sios leat,
Bha triuir Iar-odh Mhic Raonuill
Air an taobh, 's gu 'm b' i diobhail,

Cha 'n aithne dhamh dileas
Ann san rioghachd so 'n ceart uair
O bhreothadh Clann Domhnuill
'S Clanna-chamaroin gun seachnadh;
Mac Ghill-iain o'n Dreolluinn
'S maith bu choir dho bhith ceart duinn,
Marr is Adholl * le duthrachd,
Mac Ian Stiuart 's mac Neachduin.

Oran Gaoil.

AS mo chadal cha bheag m' airtneal
Gun thu agam ghraidh,
Tareis dhamh t fhaicinn ann mo leaba
Edir mo dha laimh;
Sud an aislin uai nach ceart mi,
Chuir as damh gu brath;
Ta saighead Cupid gu geur guineach,
Ionamsa an sàs.

Ge b'e chi'eadh na chunnairc mis!
Cha b' ann gun fhios damh bha
Do chùl donn, dualach, bachlach, snuadh-mhor,
Lom lan chuach gu bharr,
Deud is gile, beul is binne
Meoir is grinne ta

Do chiche cumhraidh thaitneadh riums'
Air uchd nan tùr geal bàn.

Ann do mhuineal ta 'n deagh-chumadh
'M bheil gaol gach duine 'n tamh;

* Mac mhic Iain.

[TD 149]

Corp siong fallain ort mar eala
Air bharr tuinne snamh.
Thugsa ceist is cha bu bheag
Do bhean nan leadan tla,
Ur shlat shuairc thu nach fhaigh uamsa
Croidhe fuar gu brath.

Mar shlait d' fhiogh aluinn ann an garaidh
Air an d' fhas a meas;
No grainne cruineacht ann am pàirc
Nach d'fhas a meadhon dreish';
Do theanga ghasta nach d'fhas lappach
Leis 'n do ghlacadh mis;
Do chiche bana air t uchd sair-gheal,
'S galar bais damh 'nois.

An gaol bha aguinne o shean
Is cheangail reinn an uir:
Ann aite diomhuir no air leath
Cho 'n fhead mi chleath ni 's mo
'S eigin d'a nois bristeadh 'muigh
Olc ar mhaith sin duinn;
An gaol ta ceangailt ann mo chroidhs';
Cho leighis Lighich thu.

Thugsa gaol gu grad am shuain
Do bhean an scuab-fhuilt thla,
Ta teacht am inntin fein gu tric
Gun fhios agam cia 'm fa;
Ach ma's cuis e mhaireas buan
Gur paidhe duais damh 'm bàs:
Is fios bhith aic bhith 'm luidh gu tinn
'S nach d' fharraid cia mar bha.

Cul aoibhin, meachair, cuanta, grinn,
Aig geug nan cuachan reidh;
Aghaidh thanadh faoi chaoibh-mhala;
Slios mar chanach sleibh;

[TD 150]

Deud mar chailce, gruadh na maise,
Bean o'n tlacht-mhoir gleus;
Mar ghallan ùr air am fas ubhlan
Lubta sios gu feur.

Ann mo chadal thug mi gradh dh'i
Leag gu làr mo mheas,
M' fhuil aig dortadh ann mo bhrogabh

As mo phor gu tric:
Deidh do phoig' a rinn mo leon
Am fad 's as beo mi nois,
Chaidh cha phos mi ach re Coirneil
Bhios re foinneart glic

Beir an t sorruidh-s' uam air chuairt
Gu bean an sguab-fhuilt reidh,
Is guirme suil 's as buighe cùl
'S a snuagh air dhreach nan teud;
Cul faineach cas nan imid cleacht
Mar dhealradh teacht o'n Ghrein.
Ochoin! mo chreach! 's e dh' fhag mi lag
Am fad' ta uam an cein.

Do rosg ghorm, chaoin fui mhala chaoil
'S thu 'g amharc orm gu tla,
Gach sealla suairc a bheir thu uait
'S e bhuanuich dhuit mo ghradh:
Ge h iomadh crois bhiodh air mhile troch
Da phaipeir scribeuidh bàn
Gur liutha lot ata am corps
Ag osnuich ort gach la.

Mar chobhar traigh a chaidh' gach la
Do bhragad ta gu dearbh,
No faoluinn bhàn air cuan ag snamh,
No èiteag gheal nan carn;
Falt fada reidh air fiamh nan teud,
No 'n t or as deirge neul

[TD 151]

Ga t amharc uam mar bhoisg d'an Ghrein
As t eugmhuis ta mi dall.

Do bheul mu d' dheuduigh lan do cheil
Nach breugaich * sgeul ach dearbh:
As lionmhor creuchd a dh'fhag thu 'm chre
O'n ghabh mi speis do d' dhealbh;
Gur truadh nach mise bha am aon
A dh'fheadagh teacht os aird
Gach uair re 'm fheum a d'fhios mo leigh
Tra smeintichinn a h aill'.

Do chos o'n ghlun bu ro mhaith lùs
'S thu dul air urlar ard
Tra chluineadh tu na teuda ceuil
'S iad dhuisgeadh tu o d' phramh.
Gach cleas is mais ta fuaidhte riut
A dh'fhag mi caoidh gach la:
O Rìgh nan dùl cuir ceart gach cuis
Is leig dhuinn bhith mar b'àill.

Air Cath Raon-ruairidh, Le Ian Lom.

'N Ainm an aigh ni mi tùs
Air a mhainm-s' a tha 'm rùn
Cha 'n i so 'n aimsir mu 'n duin

An Ceitein duinn †.

Nach fhaic sibh loingis an Rìgh
Cuir an spionnuidh gu tìr
Cha 'n e 'n t Uilleam
Tha mi cho deigheil air.
Nach Fhaic, &c.

Ach Rìgh Seumas 's a shìol
A dh' orduich Triath gu ar dìon';
Cha Rìgh iasachd d' am fhiach
Dhuinn geilleachduinn.
Ach Rìgh Seumus, &c.

* Breugach.
† Oirn.

[TD 152]

Ach mur tig thu air ball
'S do leinte criosa 'ga 'n call
'S ceud miste leom thall
'S an Eiphit thu
Ach mur tig, &c.

An comunn ciotalach tìla
Shuidh an ionad nan Stait,
Mar choi-meata * chuir satan
Seula riu.

Paca slioghach nan cealg
Do 'm bu dligheach a mheirg,
Dhubh am fiach le salchar
Ea-coir sibh.

Cha b' e 'm brathadoir coir
Bha cuir gabhail foi 'n fhoid,
Ach fear † an tigh' nach bu choir
Bu pheacan duibh †.

Ann sa bheatha bheag òg
Bha foi bhaile Mhic Dheors',
Gur h iuma fear sroil
Bha reubtadh am.

'S iomad biorraid is gruag
Bha 'ga 'n spealtadh mu'n cnuac,
Bha fuil daite na stuaigh
Air feur a-muigh ||.

Fhuair sibh dìonnal sa choill
O lannuibh shìol Chuinn S
Chuir 'nar deannuibh thair tuinn
Trom chreuchtach sibh.

Ann Raon-ruaridh nam bad
'S lionmhor uaigh is corp rag

* <eng>Co-mate,<gai> cho-chaidreach?
† Mac an athar.
‡ Na sheconds orr.
|| Feuruibh ann.
§ Choll'.

[TD 153]

Mile sluaisid is caib
'Ga 'n leidigeadh *.

A shar Chleberis nan each
Bu Cheann feadhn' thu air feachd
Mo chreach-leir an tus cleachd †
Mar dh'eirich dhuit.

Bu lasair theine dhoibh t fhearg
Gus an d' eirich mi-shealbh,
Bhuail am peileir fuidh earball
T eididh thu.

Bu mhor cosgradh do lamh
Fuidh ‡ aon chloguide ban:
'S do chorp nochduidh geal dàn
Gun eididh air.

Cha robh eas-caraid suas
Edir Arc'amh is Tuaid
Mur bhiodh 'n tacaid a bhuail
'S an eadain || thu.

Nuair bhruichd t Uailsin amach,
Cha scaoth bhuachaillibh mhart,
Ach luchd buala' n' an cnap
Gu speuradail.

Air a bhrudhach a stad
Os cionn dubhar n' am bad
Luchd cuir n' an siubhal gu grad
Nan ea-corach.

Clann Domhnuill an aigh
Luchd a chonnsach gach blair,
Cha do ghabh iad riamh scàth
Roimh Reubaluich.

* Cuir sleite orr.
† Gleac.
‡ O aon.
|| Foi t eididh.

[TD 154]

'S lion'ar spalpaire * dian
Bha foi d' Bhrataich dol sios;
Cha b' ascardach lion
Do Reiseamaid.

'S ioma fiuran deas og,

Gun lan duirn air a dh'fheoil,
Ghearradh cloigne, is smois,
Is feidhinnin.

Mo ghaol an Domhnull gorm og
O 'n tùr shleibhteach 's o 'n Ord,
Fhuair thu deuchain 's bu mhor
An sceula e.

Mo ghaol an Tainisteir ùr
'S a gheur Spaineach na smuid
Cha b' e 'n t umadh air chul
Na sceithe e.

Gradh an t Alastair 'duth
O Ard-gharadh n' an sruth,
Chuir n' an siubhal gu tiugh
Na Reubaluich.

'S do bhrathair eile Ian og,
Dh' aonuich peileir throimh † fheoil,
'S caol a thearuinn e beo
O'n speileireachd.

Tha 'n cogadh so searbh
Air a thogail gu garg;
‡ Ge ceann naithreach bithidh earball
Peacoig air.

Oran an aghaidh an Uinein, le Ian Lom.

GE b' e dh' eireadh san lasair
Nam fadadh na smuide,

* Lascaire.

† S mar cheann mar 's ceann.

‡ Threir.

[TD 155]

Theid an cuimhreach mu'n chapull
Mur bhiodh fada foi gluinibh;
Ach fhir a dh' eirich le gradachd
Chuir am fastadh nan taod ria
Spar thu 'n goisnein mu ladhar
Mar eun chladhach an rucain.

Bhris thu lairg ann sa chrann sin
'S chuaidh an seann damh a mearachd
Na daimh oga ag beucaich
Chuaidh an Drobhair a mearoll
Fhir a b' abhaist an ceansach
'S an tiontadh le h ain-iochd
'S e Diuc Adhoill le durachd
A bhris do luban a dh' ain-deoin.

Ge b' e leanadh gu dìreach
Diuc fireannach Adhoill

'S Rainn * chruthaicht' thair sluagh e
Bhuidhneadh buaidh mar rinn athair,
Bha thu 'n aghaidh luchd cise
Ghabh na miltin mar rodhain
Ach fagaidh mis iad gu h iseal
Nan luidhe shios anns na spleadhan †.

'S mor tha ghliocas na Rioghachd
Deagh scribeht ann ad mheodhail
Bha thu g' fholmuinn as t oige
Chuir na corach air adhairt
'N aghaidh Banntairin misgeach
Bha re briseadh an lagha
Nam biodh iad uile gu m' ordu
Gheabhadh iad cord agus teadhair.

Na biodh ortsa bonn airtneal
Tha Fir Adhoill nan seasamh
Luchd nan gorm lanna geura
Dheanadh feum dhuit ga d' fhreasdal

* Rodhainn.
† Spadhan.

[TD 156]

Mar sud 's do dheadh Bhraithre
Luchd nan sar bhuillidh scaiteach *
Fir a chaitheadh nan saighead
'S a ro ghleithheadh na cartach.

Na biodh ortsa bonn mighean
Tha fir do thire gle ullamh
Corr mor is deich mile
Ge do libhinn † a thuille
Mhead 's a bhuinnig e phris duit
Chuaidh e scribhte do Lunduinn,
Na chuireadh dragh air an Alba
Gu roibh nan armaibh gle ullamh.

La Ranndabu 'n 't sleibhe
Bha mi fhein ann is chunnairc
Bha na trupana sreine ann
Bha na ceudan ag cruinneach
Ge b' e ghabhadh air anam
Gu raibh mnaì mar dhuin' ann
Gu rachadh saighead nan armaibh
Gus an tearrail i 'n fhuil ast'.

Mhor' air D-pl-n gun fhuireach
Dh'fhoscail fhuineog do scornain
Dh'èirigh roscal † ad chroidhe
'Nuair chual thu tighin an t òr ud,
Shluig thu 'n aileog d'an gheanach
Dh'at do scamhan is bhoc e,
Dh'fhoscail teanscal do ghoile
'S lasaich greallog do thona.

Cha b' iunadh sud duit a thachairt

Odha Bhaigeire Luinsai
'S a liudh dorus mor Caisteal
Ris 'n do stailc e chnaimh tiompain
Cha d'fhag e baile gun siubhal
O Chille-rudha gu Frainse ||

* Gastadh.
† <eng>Relate.<gai>
‡ <eng>Joy.<gai>
|| Grainse.

[TD 157]

Mar ghabhas sin 's an t ord gallach
Gu ruig e baile Earl Andrum.

Odha Baigeir na luirich
Ciod e do chuis an Tigh-Pharla
Mur deach thu dh'fholmuinn a gheanaich
Mar bha 'n seana'ir o'n d'fhas thu
Cha d'fhag e ursuinn gun locradh
Edir Rois is Ceanntaile
Bhiodh a dhiosg-san gle ullamh
Nam cromadh fui 'n fhardorus.

Tha <eng>Queensberry<gai> an trasa
Mar fhear straiice cuir thairis
Eis' ag tarruing gu direach
Mar ghearran dian ann an greallaig
'S luchd nam Putagan anairt *
Lan smior agus geire,
'S na 'm bu mhise an Ceannair'
Bhiodh an ceann d' an amull air deireadh

Tha Diuc Adhoill 's Diuc Gordon
Gle chloiste 's iad duinte
Air an scriobhadh gu daingeann
Ach tha Hamilton dubailt;
Earla Bhrathainn bhiodh mar ris
Cha bhiodh' mealla sa chuis ac,
Toirt a Chruin uain le ceannach
'N ceart fhradharc ar sul fhein †.

Tha Meinearach Uaimh ann
Gle luaineach na bhreathal,
'S e mar dhuine gun suilin
'G iarraidh iuil air feadh ceathaich;
Ach thig e fa'sd le umhlachd,
Chum an Diuc, ma's i bheatha,
'S biaidh a shannt 's a mhio-dhuthrachd
Ann san smur, gun aon rath air.

<eng>* Pock pudding.<gai>
† Suilin.

[TD 158]

Earla Bhrathuinn a Seaforth

Cha bhith sìoth-shaimh re d' bheo dhuit,
Gu 'm bith ortsa cruaidh fhaodhaid
Thall a stigh d'an Rainn Eorpa;
Ach nam faighinn mo roghainn
'S dearbh gu 'n leaghainn an t or dhuit
A stigh air faochaig do chlaiginn
Gus an cás e do Bhòtin.

* Miann a Bhaire aosa.

1

O! Cairibh mi ri taobh nan àllt
A shiubhlas mall le ceimibh ciùin
Fo sgàil a bharrach leag mo cheann,
'S bi thus a Ghrian ro-chàirdeil rium,

2

Gu socair sìn 'san fhèur mo thaobh
Air bruaich n' an dìthein, 's na'n gaoth tlà:
Mo chos 'ga sliobadh 'sa bhraon mhaoth,
'Sè lùbadh thairis caoin tre 'n bhlàr.

3

Biodh sòbhrach bhàn is àillidh snuadh
M'an cuairt do m' thulaich 's uain' fo dhrùchd,
'S an neoinein beag 's mo làmh fo chluain,
'S an ealabhuidh ri m'chluais gu cùr'.

4

M'an cuairt do bhruachaibh àrd mo ghlinn'
Biodh lùbadh ghèug, is orra blàth,
'S clann bheag n' am preas a' tabhairt sèinn.
Air chreagaibh aosd le h òrain graidh.

5

Briseadh tre chreig na 'n èithean dlù,
Am fuaran ùr le torraghan tròm;
Is freagradh Mac-talla gach ciùil
Ri srann-fhuaim srutha dlù na 'n tòn.

6

Freagradh gach cnoc, agus gach sliabh,
Le binn-fhuaim gheur n' an aithean mear,
'N sin cluinnidh mise mìle géum
A' ruidh m'an cuairt dhomh 'n iar 's an ear.

<eng>* This poem is more complete than the one published in M'Donald's collection.<gai>

[TD 159]

7

* Sruthadh air sgèith na h osaig mìn
Glaoghain mhaoth na 'n crò gu m' chluais;
'N sin freagraidh mheanbh-sprèidh 'n uair chluin.
An gineil, 's iad a' ruith a nuas.

8

M'an cuairt dhomh bithidh lùth-chleas na 'n laogh,
Ri taobh na 'n sruth, no air an leirg;
'S am minnein beag do 'n chòmhrag sgìth.
A'm' achlais a' codal gun cheilg.

9

O! ceum an t sealgair ri mo chluais,
Le srannadh ghath, is chon feadh slèibh;
'N sin dèarrsaidh an òig air mo ghruaidh
'Nuair dh'èireas toirm air sealg an fhèidh.

10

Duisgidh 'n smior a'm' chnàimh 'n uair chluinn'
Mi tailmrich dhos, is chon, is shreang;
'Nuair ghlaodhar "Thuit an damh" tha mo bhuinn
A' lèum gu beo ri àird na 'm beann.

11

'N sin chi mi, air leam, an gaothar,
A leanadh mi anamoch is moch;
'S na sleibh bu mhiann leam bhi taoghall,
'S na creagan a fhreagradh do 'n dos.

12

Chi mi 'n Uaimh a ghabh gu fial
'S gu tric ar ceimibh o 'n aoich:
Dhuisgeadh ar sùnd le blàs a crann,
'S 'na sòlas chuach bha mòr aoibhneas.

13

Bhiodh ceò ar fleadh bhàrr an fhèidh,
Ar deoch a Trèig, 's a tonn ar ceòl,
Ge d' sheinneadh † Tathaisg, 's ge d' rànadh slèibh,
Sinnt ann san Uaimh bu shèimh ar neòil.

14

Chi mi Bèinn-ard is àillidh ‡ sniamh,
Ceann-feadhna n' am mìle beann;
Bha aisling n' an damh 'na || ciabh,
'Si leaba n' an nial a ceann.

* Ruidhadh.

† <eng>Ghosts.<gai>

‡ Snuadh.

|| Cluain.

[TD 160]

15

Chi mi Sgur-eilt air bruaich a ghlinn'
An goir a chuach gu binn 'an tùs;
Is gorm mheall-ailt n' am mìle giubhas,
N' an luibhean n' an earba, 's n' an lon.

16

Biodh tuinn òg a' snàmh le sùnd
Thair linngidh, 's mine giubhas gu luath,
Srath-ghiubhais uain' air a cheann,
Is lùbadh caorran dearg air bruaich.

17

Bithidh * nighean àluinn an uchd-bhàin
A' snàmh le sprieich air bhàrr n' an tonn:
'Nuair thogas i sgiath an àird
A measg n' an nial, cha 'n fhàs i tròm.

18

'S tric i ag asdar thair a chuan,
Gu aisridh fhuar n' an ioma tonn,
Ann snach togar brèid ri crann,
'S nach do reub sròn daraich tuinn.

19

Bithidh d' thusa ri dosan n' an tòrn
Le cumhadh do ghaoil ann ad bheul,
Eala thriall o thìr n' an tonn,
'S tu sèinn dhomh ciùil 'an àird n' an spèur.

20

Co 'n tìr o'n ghluais a ghaoth
Tha giùlain glaoidh do bhròin o'n chraig,
Oig-fhir a chaidh uainn a thriall,
'S a dh'fhàg mo chiabh glas gun taichd?

21

Bheil deòir do roisg mo thùs na rìbhinn
Is mìne mais', 's is gile làmh?
Sòlas gun chrìoch do'n ghruaidh mhaoth
A chaidh nach gluais o'n leaba chaoil.

22

Eirich, O! thus', le d' òran ciùin,
'S cuir naigheachd bochd do cheòil a'm' bheul:
Eisd thus' a mhic-talla gach ceòil,
Ach an gath geal 'na muinnach pìll.

* Uchd-gheal n' an sruth.

[TD 161]

23

Tog do sgiath gu borb thair chuan,
Glac do luathas o neart na gaoith:
'S èibhinn ann am chluais an fhuaim,
O d' chriodhe lot', an t òran gaoil.

24

Innsibh, o thrèig mo shùil a ghaoth
C'ait' a bheil a chuilc a' gabhail tàmh,
Le * glaodhain bròin, 's na geal-bhric ri taobh
Le sgiath gun deò a' cumail blàir.

25

Togibh 's, càiribh mi le'r làimh thrèin,
Is cuiribh mo cheann fo 'n bharrach ùr:
'N uair dh'èireas a ghrian gu hàrd,
Bithidh sgiath uaine os cionn mo shùl.

26

'An sin thig thusa aisling chiùin.
Tha 'g astar dlù measg reult na h' aoich
Biodh gnìomh m' aoich ann ad cheòl,
'S thoir aimsir mo mhùirn gu m' chuimhn'.

27

O m' anam faic an Ribhinn òg,
Fo sgiath an daraich, Rìgh n' am flath;
'S a sneachd-lamh am measg chiabhan òir,
'S a meall-shùil chiùin air òg a gràidh.

28

Esan a' sèinn ri taobh, 's i balbh,
Le criodhe leum, 's a' snàmh 'na cheòl:
An gaol o shùil gu sùil a' falbh,
'Cuir stad air fèidh n' an slèibhte mòr.

29

'Nis thrèig an fhuaim, a cliabh geal mìn,
Ri uchd 's ri criodhe a gaoil a' fàs;
'S a bilibh ùr mar ròs gun smal
Mu bheul a gaoil gu dlù 'an sàs.

30

Sòlas gun chrìoch do'n chomunn chaomh:
A dhùisg dhomh 'n t aoibhneas ait nach pill
Is beannachd do t anams' a rùin,
A nighean chiùin n' an cuach chiabh grinn.

* Iurram.

[TD 162]

31

'N do thrèig thu mi, Aisling n' am buadh?
Pill fathast, aon cheum ele, pill;
Cha chluinn thu mi, Ochoin, 's mi truagh:
A bheannaibh mo ghráidh, slán leibh.

32

Slán le comunn caomh na h òige,
Is òigheannan bòidheach, slán leibh.
Cha lèir dhomh sibh; dhuibhse 'ta sòlas
Samhruidh, ach dhòmhsa ta 'n geamhradh a chaoidh.

33

O cuir mo chluas ri fuaim eas-mhòir,
Le chrònan a' tèarnadh o'n chraig,
Biodh cruit agus slige ri m' thaobh,
'S an sgiath a dhìon mo shinnsr 'sa chath.

34

Thig thu le d' cháirdeas thair a chuan,
Osag mhìn a ghluais gu mall:
Tog mo cheò air sgiath do luathais,
Is imich grad gu eilean Fhlaitheas,

35

Far a bheil na Laoich a dh'fhalbh o shean
'An cadal trom, na'n dol le cheòl;
Fosgluibhs', talladh Oissain is Dhaoil;
Thig an aoich, 's cha bhi 'm Bàrd air bhrath.

36

Ach O! m'an d' thig è, seal m'an triall mo cheò
Gu teach n' am Bàrd, air Aird-bheinn, as nach pill;
Thugaibh dhomh cruit, 's mo shlige dh' ionnsui 'n ròid,
'S 'an sin mo chruit 's mo shlige ghráidh, slán leibh.

Cath Rìgh Sorcha.

TA sgeul beag agam air Fionn,
Ge bè chuireadh an suim è
Air Mac Cuthail bu dearg dreagh,
'S eibhinn leam re mo rè,

Lath dhuinn air bheagan sluaigh.
Aig eas ruadh na n' éighin mall,

[TD 163]

Chunnacas fui sheòl o 'n Ear
Curachan oir is bean ann.

Caogaid Laoch sìnn fa thre.
Bu mhaith air gnìomh cairt,
Fir nar deigh gur mairg do chi,
Ge be tir am bi mid cuairt

Dh'eirigh sìnn uile gu dian,
Ach Fionn n' am Fiann agus Goll,
Dh fheitheamh an Curachan a b' 'airde
'S do bhi treun aig sgolta thonn.

Nior ghabh si eùradh no cosg,
Nior ghabh si caladh a'm port gnàth,
Air teachd don churachan air an eas,
'Se dheirich as macaibh Mnà.

B'ionann dealra dhi 'S do n' Ghrèin,
'Saoibhir a mead, maith a deilbh,
An Inghin ùr do thàinig an cèin,
Do bha sinn fein roimpe soirbh.

Do ghluais i gu pobull Fhinn,
Is bheannuigh i gu grinn dhà
Fhreagair Mac Cuthail gu binn
Am beannacha a roin li dhà

"Brìgh do thurais air gach ròd,
"Inghean òg as àilte dealbh,
"Airis an toisach do sgèul,
"Cia thu fein no creud è d' ainm"

'S Inghean mì do Rìgh na Suain
Innsim Dhuit gu cruinn mo sgèul,
Is ni bhuil sruth fui luidh grian,

Nach suibhlain, air iarrtas Fhiannibh fial

Mo chomarich ort fein ma's tu Fionn
Se thuirt ruinn an macaibh mnà,

[TD 164]

Do bhri do mhorachd 's do bhuidh,
Gabh mo Chomruich uam gu trà,

"Ghabhamsa do Chomruich a bhean,
"Thair aon fhear ga bheil sa Chrìch,
"Labhair mo Rìgh bu mhaith fios,
"Cia noise atà air do thi".

Fiachaibh ata orm thair muir,
Triath is mòr gaol air mo lorg
Mac Rìgh na Sorcha is gèur Airm,
Gur è 's ainm dha Daighre borb,

Do chuirfeas geasa ann a cheann,
Gu'm beireadh Fionn mi air sàil,
'S nach bithin aigesan mar mhnaoi,
Ge mòr leis a ghnìomh is àgh.

Se thuthairt Oscar le ghloir Mhir,
An Laoch sin a chaisgeadh gach Rìgh,
No gu 'n cuireadh Tionn do Gheis,
Ni 'n rachadh tù leis mar mhnaoi.

Chunnaca a teachd air steud,
Fear 's a mheud thar gach fear,
Marceach na fairge gu dian.
'San iùl cheudna, thainig a bhean.

Da Chraòiseach Catha na dhòrn.
A teachd san ròd air a stéud,
Air ghile, air dheirge, 's air dhreach,
Ni 'm faca mar neach mar e,

Do bhi flath agus rosg Rìgh,
'S an aoghaidh b' ailte lì is cruth,
Bu bhinne a ghuth no gach teud,
'S bu mhìreadh a steud no gach sruth.

Cloidheamh trom trosdail nach gann,
An teannt air taobh an fhir mhòir,

[TD 165]

Sgiath leobhar nach mochd air ais,
Se g 'iomairt a chleasa corr.

O thuinn trá thainig se gu tìr,
Labhair mo Rìogh bu mhaith cliù,
An aithnuigh thu fein a bhean,
'Ne sud am fear a deir thù?

Aithneachas a Mhic Cuthail ghrinn
'S mòr am pughar leibh gur he,

Tairgidh se mise a bhuin leis,
(Ge mòr bhur treis) as an Fheinn.

Na dean'sa bòsd a bhean,
As aon fhear da bhuil da phòr,
Ge 'd shiubhladh se n 'domhain gu leir
Gheibh't san Fheinn fear da chomh,

Dheirich Cairioll agus Goll,
Dias a fhuair an losgadh trom an cath,
'Nan seasamh an gar an t' sloigh,
Eadar am fear mor 's na Flaith.

Ni 'n d'fheuch é lann no sgiath,
Do Laoch na Triath da 'n rabh ann,
Gu 'n draoinn é tair air an Fheinn,
Gus an d' thainig é gu Fionn,

Air teachd do oig fhear bu mhaith, dreach
Thugainn le neart, feachd, is feirg,
Gu'n d'fhuaidich e uainn a bhean
Bhi 'n deas-ghar do laimh Fhinn eilg,

Thug Mac morn an urchair dhian,
Gu fada na dheigh do shleagh,
An urchair nior chuaidhe da reir,
'S da steud chearna si da bhloidh.

'N trà thuit an steud air an leirg,
Thionnda e le feirg 's le fraoch,

[TD 166]

Smaoinntich e ge cruaidh an càs,
Comhrag na'n tri chaogad Laoch.

Mar-bhith na laoich a bhi garg,
Is fhagail doibh do t' airm an leoir,
Bhidh siad fa chobhair a smachd,
Da n geibhte uaithe a cheart choir.

Leig e nàò naònar gu luath.
San iarguil chruaidh mu'n do sguir,
Ceangal guineach nan tri chaol,
Air gach Laoch dhiubh sin do chuir,

Clann Morna cruaidh an càs,
Fhuair iad bàs bu mhor an sgeul,
'S ni n' raibh aon neach a chuaidhe as,
Gun a chneas fa ioma créuchd.

Dheirigh Goll an aigne mhir,
Leadairt an fhir an cath gh'leo,
Ge be chifadh iad an sin,
Bu gharbh an gaoil is an sgleò.

Re sgoltadh sgiath, 's re leadairt chorp,
Gu feartha feur treun calma cruaidh,
Na leoghainn laidir, ghuineach, dhisgir,
Araon comh chiocrach gu buaidh.

Do chlaoidh Ioluinn na mòr fheachd
Mac Rìgh na Sorcha sgeul truagh,
Gur mairg gus an 'tainig a bhean,
Far thuit am fear on chuan.

Do Dhalaicmar aig an eas,
An gaisgeach bu mher treis is brìgh,
Is chuirfadh air fa bharr gach meòir,
Fail òir ann onoir mo Rìgh.

Do bhi inghean Rìgh fa thuinn,
Eliadhna na mhnaoi aig Feann san fheinn

[TD 167]

Taréis tuiteam an fhir mhòir,
Le neart an t sloigh, truagh an sgéul!

Marbh-rann Oscair.

AN cuala sibhse truas fhinn,
'N uair a ghluais è gu h innse Eirionn,
Cairbhair sleaghach lamhach garga,
Ghlac è Eirionn fa aon smachd.
Sud sgeul bu duilich leinn,
E bhuntainn uain ar Tighearnais.
'S dh'fhalbh sinn le dean damhair,
A lion do 'n Fheinne uile 's a bha sinn,
Leagadh leinn ar feachd 's ar sluagh,
An taobh mu thuath do dh' Eirionn.
Chuireadh le Cairbhair anuas,
Fios air Oscar óg na Féinne;
Dhol a dhionsuidh feisd an Rìgh.
'S gu faigheadh e cìs da rèir.
Ghluais (o nach d ób e namh,)
An t 'Oscar aluin gu teach an Rìgh,
Tri-chéud fear trein a dh imich leis,
A fhreasdal da thoil 's da fheum,
'S dhás briathra garbh leith mar leith,
Eadir Cairbhair agus Oscar,

CAIRBHAIR.

Malairt sleagh a baill leam uait
Oscair dhuinn a' h Albuinn:
An t sleagh a bha an talla an Rìgh,
Gur ann dhomh fein bu dual ì,

OSCAR.

Ciod a mhalairt sleagh a th' ort,
A Chairbhair mhoir n' an long-phort?
'S tric bu leat mi fein 's mo sleagh
An la cuir catha na comhraig,

[TD 168]

Ach malairt cinn, na iomloid croinn,

B' eucorach sud iarradh oirn,
'Se am fath mu 'n iart oirn è,
Sinn a bhi gun Fheinne gun athair,

CAIRBHAIR.

Ged a bhitheadh an Fheinne 's t athair,
Co maith sa bha iad re n lathaibh,
Cha builear leamsa re m' linn
Na seoid a dhiaruinn gu 'm fuighinn.
* 'Na'm bitheadh an Fheinne agus m' athair
'Co maith sa bha iad ra'n laithaibh,
Cha'n fhuigheadh tus a Charbhair Ruai
Leud do thraighith do dh Eirinn.
† Ghluais fuarachd na'n Laoch gach lamh,
Ri cluinntin na h iomairt aca bha,

CAIRBHAIR.

'N sin nuair a labhair Chairbhair ruadh,
Briathra bheirimse gu m' uaimh,
An t sleagh sin ann ad laimh,
Gur ann uimpe tha luaidh do bhàis.
Chualas Orran le guth tiom,
Air clarsaich bhinn a tuireadh bais,
Dheirich Oscar le mor th'eirg,
'S è mosgladh gu Righ na h Eirionn,
An t seisear a b fhaisge do 'n Righ,
Da m bu dual gaisg 's gnìomh,
Thuit sud le lamh Oscair thall,
'S é mosgladh gu Righ na h Eirionn.
Nuair chunnaic an Cairbhair ruadh
Oscar asnuigheadh a shluaigh,
An t sleagh neathe bha na laimh
Leig è sud na cho-dhail.
Chuaidh Oscar air a ghlùn deas,
'S an t sleagh neathe t-roimh a chneas,

<eng>* Oscar speaks.

† The bard speaks.<gai>

[TD 169]

Thug e urchair eile nunn-
'S mharbhadh leis Righ na h Eirionn.

CAIRBHAIR.

Art mhic Carbhair glac do chlainmh,
'S dean seasamh an aite t Athar,
'S mar dean an 't eug do thoirt
Diol mo bhas le meud do ratha,
Thuit le Oscar gnìomh nach cuimseach
Art mac Chairbhair air 'n ath urchair,
Sgar è dheth an clogaide, 's an ceann,
Be gnìomh mu dheirre mo dheagh-mhic.
Chualas aig an traigh mu thuath,
Eigheach sluaigh is faoghair arm,
Chlisg air gaisgich gu luath,

'S fhuaras Oscar-leith-mharbh.
'Sin nuair thainig oirne Fionn,
Air an tulaich os ar ceann,
Shileadh na deoir air a rosga,
Thiondaidh é ruinn a chul-thaobh,
"Mo laogh fein thu 's laogh mo laoigh!
"Leanamh mo leinimh ghil chaomh!
"'S é mo chridh th' air a lot gu trom,
"'Sgula bhràth cha 'n eirigh Oscar,
"—'S measa a mhic a bha thu dheth
"Ann la cur catha beinn Eudain
"Shnamh na corrain roimh d' chneas,
"Si mo lamhsa roinn do leigheas."

OSCAR.

"Mo leigheas cha n' eil è n' dàn,
"'S cha mho nithear è gu brath,
"An gath domhain am thaobh deas,
"Cha dual do n' Leigh a leigheas."
Chuir Carbar sleagh na 'n seachd seang,
Eidar m'airnean agus 'm iomlag

[TD 170]

Thug mise urchair eill a nunn
Mu chumachd fhuilt agus eadain,
'S n'an ruigeadh mo dhuirn a chneas
Cha deanadh Leigh a leigheas.

FINGAL.

'S truagh nach mise a thuiteadh ann,
An cath 'g àrach gnìomh nach gann;
'S thus a near 's a niar.
Bhi roimhe na Fiannaidh Oscar!

OSCAR.

Ge 'd bu tusa thuiteadh ann,
An cath 'g àrach gnìomh nach gann;
Ochoin! a near no niar
T' iarguin cha deanadh Oscar.
Cha didir duine riamh,
Gur criodhe feola bha am chliabh,
Ach criodhe do chuilbhne cuir,
Air achomhdacha le stàilinn
Tathanntaich n'an con re 'm thaobh,
'S buireadh n'an sean Laoch,
'S gul a pannail ma seach
Gur è sud a chraidh mi 'm chridh,
Thog sinn oirn an 't Oscar aluin,
Air ghuailibh n'an sleagh a 'b airde,
Thug as iomchar 's giulan grinn
Gus an d' thainig sinn Tigh Fhinn,
Cha chaoineadh fear a mhac Fein
'S cha mho a chaoineadh fear a bhrathair
Cia lion s a bha sinn mu'n teach
Bha sinn uile a' caoineadh Oscair

Mu mharbhadh Bhran.

AN la mharbh sinn an Torc,
'S iomad Fiann a bha san t sliabh,

[TD 171]

'S iomad Cuilean taobh gheal seang,
Bha taobh re taobh sa bheinn bhuig.
'Nuair a shuidhich Fionn an t sealg,
'Sin nuair a ghabh bran fearg ra chuid;
Throid an da choin sa 'n t sliabh
Bran gu dian agus Cu Ghuill.
Mun d' fheadas smachd a chuir air Bran,
Dhealaich è naoi uilt ra dhruim,
Dh'eirich Goll mòr mac smàil,
Cuis nach ba choir mu cheann coin
Bhagair e' n lamh an raibh Bran
Gun dail a thoirt da ach a mharbha,
Dheirich Ossian beag mac Fhinn,
'S cuig ceud deug an codhail Ghuill.
Thainig bran mun cuairt,
Sann leam bu chruaidh gu n'tainig,
Bhuail mi buille do 'n eil bhuighe,
'S do na bailgibh fui an dairnich,
Dh' adhlaic me 'n tòr na cheann,
'S truagh a roinn me am bèud ra theinn!
Sheall mo chuilain thair a ghualainn
Bioghnadh leis mi ga bhualadh;
An lamh sin leis an do bhuaileadh Bran,
'S truagh on ghualain nach do sgath,
Mun d rinn mi am beud a bhos,
Gur truagh nach ann eug a chuaidheas
-Ciod a bhuaidh a bhith air Bran?
(Arsa Connan uaibhreach mear)
On a 'b aois Cuilean do Bhran,
'S on chuir mi riabh Coin-ial air;
Cha'n fhacas le Fiandaibh fàil,
Lorg feigh an deigh 's fhagail,
'S bu mhaith e thoirt a Bhruic a tuill,
Bu mhaith thu chuman Dorain duin,
Achèud leigeadh fhuair Bran,
Air druim na caoilleadh coir-liath,
Naonar do gach Fiadh air bith,
Mharbh Bran air a cheud rith,

[TD 172]

Cosa buighe bhiodh, aig Bran,
Da shlios duth, is tarr geal;
Druim uaine on suighe sealg,
Cluasa corracha cro dhearg
An lamh sin leis an do bhuaileadh Bran
Struagh o 'n ghualain nach do sgath.

[TD 173]

ORAN
DO'N

OLLA SHASGUNNACH,
SAMUEL JOHNSON;

Eir fonn. 'S i laoidh mo chagair Mōrag, &c.

TUIRIBH. <eng>CHORUS.<gai>

O mosgladh Mit a Ghäidheil,
A's nochdadh Mit gu läetheil,
Do'n Fhocalair ro Sträiceil,
Nach fuigheal fochaid dh'ä Sinn.

A' (a) Lunduinn thainig (b) Siar Oirn
(c) Fear-turais na droch Scialachd,
Neo bhunailtach, gun Riasan,
Mar (d) Ulabeist (e) Mi-chiallach;
'S e (f) fuileachdach gu (g) Riasladh.
O mosgladh mit a Ghäidheil, &c.

Ach ma's Mac Iain fior thu
'S neo-dhlioghach thu re d' (h) Shinnsir,
'N uair rith thu a chur bhin orr';
'S a shuidhich thu a' d' Inntin,
Gach Uithim a chum Miltich.
O mosgladh mit a Ghäidheil, &c.

Cia mar fhuair thu dh' Aodunn,
Ceart bhualadh eir ar n (i) Aoireadh,
Le (k) Tuairisgeul gun A'bhar,

<eng>(a) London.
(b) West.
(c) Journalist, tourist.
(d) Monster.
(e) Mad.
(f) Sanguine.
(g) To tear asunder.
(h) Ancestors.
(i) To satirize.
(k) <gai>Sgeul-duaireachaidh,<eng> i.e. Dissuasive tale, slander.<gai>

[TD 174]

'Sa (a) gluasad feadh an t saoghail,
Lan Uaibhreachais a' d' shaothair?
O mosgladh mit a Ghäidheil, &c.

Bu tuile 's mōr an t eanchain
Dhuit, (b) sōnas chur eir Albainn,
'S a liughad (c) Dōruinn (d) ghailbheach,
A (e) chreōnadh le' gu (f) Meamnach:
Faic Leabhraichean an t sean'chais.
O mosgladh Mit feadh Albainn
A's Nochdadh mit gu Calma,
Do'n Fhocalair ro dhalma
Gu'm boicnich Sinn gu garbh e.

O n' bha thusa (g) Dōlum,
Lan Musaich agus (h) Rōice,

Bu ghusaire gu Mōr leat,
Le (i) rucas bhi ga (k) t fhōirneadh;
Na (l) trusadh do'n Tigh-ōsta.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

Nach b'e Aird (m) a Mhi-mhoidh
Dhuit, bhi to'irt Ghāsaid Scriobta,
Mu d' chāradh eir gach (n) Dīota,
'S tho'irt mar phaidheadh (o) Cīse
Dhoibh, (p) Tāir a's Nāir a's (q) Mīchliu.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

Tha (r) Mi-mhodh co'fuaighte,
'S nach h innleachd dhuitse fhuasgladh;
A's (s) Mionos tiugh a' d' ghruaidhean,

<eng>(a) To move, to circulate.
(b) To disoblige, to vex; to put into a pet.
(c) Calamity.
(d) Terrible, boisterous.
(e) To crush or depress; to prevent the growth of a young person by extreme poverty or sickness.
(f) Magnanimously.
(g) Sordid, nigardly.
(h) Luxury of the table, fondness of fat meats.
(i) Arrogance.
(k) Intruding.
(l) To go to; to repair to.
(m) Impertinence, unmannerliness.
(n) Dinner.
(o) Custom, tax. It is said in burlesque, of a person that sorns upon others, <gai>Tha e togail Cis diubh.<eng>
(p) Contempt.
(q) Defamation, infamy.
(r) Immodesty.
(s) Unchastity.<gai>

[TD 175]

A thī nach d' rug eir (a) Suirceas:
Tha 'n fhirinn dhuit ro fhuathach.
O mosgladh mit feadh Albainn, &c.

Tha (b) Droch-Oilein Spāirt ort,
'S cha deilich e gu brāth riut:
'S ge d' theirinn e cha (c) bhārdachd,
Gur trom an t eir' eir (d) fārdoich,
Do (e) Sheileir chumail (f) Sāghach.
O mosgladh mit feadh Albainn, &c.

Thug thu Leasan mōr dhuinn,
Na h uile (g) peasan (h) spōrsail,
A thig an feast 'n ar (i) Corsaibh,
A (k) sheiseachd mar bu chōir dhoibh;
'S an (l) eiteach o ar (m) Bōrdaibh.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

Fhuair thu ainmbhi (n) Ionnsaicht',
Eir (o) Canmhuinnin gach Prionnsa,

A dh'fhalbh, s na thann, O (p) thionnsgnadh;
Ach 's olc a dhearbh an ionnsaidh,
Thug thu eir Albainn, Dhuinn sid.
O mosgladh mit feadh Albainn &c.

Cad an fēum tha t fhōlum
'S nach ēighear Duine Cōir riut,
Gun spēish aig beag no Mōr dhiot;
Ach dēigh Aca Mar chōmhla,
Do chur do'n Eipht' eir (q) fōgradh.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Shocraich thu mar Mineach',
Eir (r) Focalair, a' d' Scriobhadh,
"(s) Gur Duine bochd ro dhīblidh,

<eng>(a) Clemency.
(b) Bad breeding, ill behaviour.
(c) Sarcasm.
(d) House, a dwelling-house.
(e) Cellar, pantry.
(f) Satisfied, full-bellied.
(g) Varlet.
(h) Foppish.
(i) Coasts, districts.
(k) To treat, to entertain.
(l) To refuse.
(m) Tables.
(n) Learned.
(o) Languages.
(p) Beginning.
(q) Banishment.
(r) <gai>Fhocal-fhear, no fhear-fhocal.<eng> Lexicographer.
(s) A harmless drudge cannot be rendered otherwise here.<gai>

[TD 176]

Neo-lochdach," is ceart bhrīdh dha':
Ach nochd thu nach tu fhīn sid.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Nach mōr tha ghabhail Cealgoir,
A' d' Stōruidh (a) labhar (b) chearbach?
Gach (c) Congnadh Rathaid, 's (d) tearmad,
A dhēonaich Maithibh Alb' dhuit,
(e) A sprēodadh, 's (f) faigheil Cearb orr'.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

'S tric le Daoine (g) faoine,
Bhi 'n (h) drip mu ghnothach aotrom;
'S ma gheibh iad lide 's caoile
(i) Chuis mhīosgoinn, eir aon taobh dhiubh;
Gu 'n (k) cuir iad ris na dh' fhaodas.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Rinn thusa suas do shean' chas,
Le (l) tuairisgeul, a's (m) aim'sgeachd,
Nach (n) luaigheadh Duine (o) geinmni:
Tha t (p) fhuarlanachd do dh' Albainn,

Eir cruaghachadh a' t ean'chainn.
O mosgladh mit fealdh Alb. &c.

'S e do Thuras (q) Aimilisc,
A bheir an (r) Dunaidh (s) gharbh ort,
Bi'dh gach Duine ann Albainn,
Gu (t) guineach ann do (u) shealbhan;
A's cō is urrainn (x) teanachdas?
O mosgladh mit fealdh Alb. &c.

<eng>(a) Loquacious.
(b) Awkward, inconsistent.
(c) Assistance.
(d) Defence, protection.
(e) To censure or blackguard, to treat scurrilously.
(f) To cavil.
(g) Trifling, vain.
(h) Perplexity.
(i) A reprehensible or blameable affair; or an affair causing
indifference or a slight disdain in the beholders.
(k) To exaggerate.
(l) Slander.
(m) Impurity.
(n) To mention.
(o) Chaste-Moderate.
(p) Malignity.
(q) Confused.
(r) Infelicity-Affliction.
(s) Great, Grievous.
(t) Keen.
(u) Throat.
(x) To defend, to save from imminent danger.<gai>

[TD 177]

Chuala mi na (a) chōmhra'
Gu 'n d' fhuair thu O Righ Deōrsa,
Tuarasdal re d' (b) bheo'laint':
Cha chual' e leath do (c) Dhō-bheairt,
No dh' (d) fhuadaich e thu 'n Olaint.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Cad an (e) tlachd no (f) chiatfa',
A bhio's 'n ar (g) beachd mu (h) Riagháilt,
Na h (i) aitim sin na (k) Diaghachd,
Thug (l) fasga dhuit fui' n sciathan?
'S cuis mhaslaidh sid d'an Iarmads'.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Tha mi ann an (m) imcheist,
Cad a (n) bharaill chuimiseach,
'S (o) airidh dhamh bhi 'g (p) iomachar,
Mu 'r Fearaibh; 'nuair a dh' fhuil'geadh
Iad, (q) anablas sin t (r) uirighioll.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Thug thu (s) Ionnsaidh (t) fhiadhaich,
Eir (u) Fionn a chur a' (x) miadh oirn,
Nochd sid do dhìom a's (y) t iadach,

A's t ionnsachadh lan (z) iargain;
'S cha Chungaisich thu (aa) Iarmad.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

Chi thu fein le d' shūilean,
Gu bheil a Ghāilig (bb) sūghar,
Gun fhaillin Deiseachd (cc) mūnaidh,
Gu lāidir, seasach, siubhlach;
Ge d' (dd) Chāin thus' i mar (ee) fhionnsgeul.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

<eng>(a) Conversation.
(b) Liferent.
(c) Vice.
(d) To banish, to chase away.
(e) Liking.
(f) Favourable opinion.
(g) Pointed thought, or conception.
(h) Regulation.
(i) Persons, folk.
(k) Divinity.
(l) Shelter.
(m) Anxiety.
(n) Suitable idea.
(o) Worthy, deserving.
(p) To entertain.
(q) Insipidity.
(r) Narration, oration.
(s) Essay, attempt.
(t) Wild.
(u) Fingal.
(x) Regard, esteem.
(y) Jealousy.
(z) Sediment, dregs.
(aa) Posterity, offspring.
(bb) Substantial.
(cc) Instruction.
(dd) To rail, revile.
(ee) Fable.<gai>

[TD 178]

Tha Ghāilig (a) Ri'teach, (b) lionmhor,
(c) So thá na h uilt, 's ro (d) shiolar,
(e) Ro-thlā, (f) neo-thuisleach, Cinteach:
Bu dāna dhuitse diteadh,
'S gu brāth nach tuig thu h (g) iomhaigh.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

'S e Leabhair Mhai'sdir Dōmhnul,
Thug Rabhadh dhamh mu d' (h) Rōisgeul;
Na 'm faighinn e na b' ōige
Cha mhathainn dhuit do (i) bhōilich
Gun (k) chathachadh san chōir riut.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

MAC NEACAIL a' Gleannurchaidh,
(l) Bheachdaich ceart le (m) cuimis' ort,
'S e thug o t eachdraidh (n) bunchar,

Mar leaghas sneachd' na (o) thuil-mhoim;
Le (p) leacontachd, gun (q) tulgadh
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

Dean aithreachas neo-chealgach,
Le caithris re math t anma,
A's aithris le balla chrith,
Gu 'm b' airidh thu eir Damnadh;
Mu 'n tarruing e ro anmoch.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Dean t aithri'-bheatha scriobhadh,
'S na bi' 'g a ghleathadh diomhair;
Bi h uile latha 'g inseadh,
Nach b' aon (r) fhear-noigheachd fìor thu:
A's ni sinn fathast sìoth riut.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

<eng>(a) Fluent.
(b) Copious.
(c) Easily connected.
(d) Generative.
(e) Soft, smooth, bland.
(f) Infallible, stable.
(g) Image, idiom.
(h) Romantic tales.
(i) Blustering.
(k) To contend, to battle.
(l) To point, to remark.
(m) Exactness.
(n) Foundation.
(o) Inundation, torrent.
(p) Precision.
(q) Firm, unshaken.
(r) Novelist, newsmonger.<gai>

[TD 179]

Cha'n Aideachadh no (a) faoisid,
Re sagairt no Fear adhradh,
A (b) chabaicheas ar faobhar,
No lagaicheas a chaonnag;
Ach aidmheil feadh an t saoghail.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

Labhradh mit le chēile,
Le farmad Co is (c) gēire,
San Charmasg thog an (d) t ēisg-fhear,
'S na dealcha' mit r'ar Reusan,
Cha 'n (e) Arrghloir a ni fēum dhuinn.
O mosgladh mit feadh Alb. &c.

So (f) Chaisiomachd ro Ghrādhach,
Do Ghaisgich-scriobhuidh Gāilig;
'S e M' (g) Athuinge gu brāth dhuibh,
Gu 'n taisbein sibh bhur (h) tābhachd,
Do 'n (i) Ascul a Rinn tāir Oirn.
O mosgladh mit a Ghāidheil, &c.

<eng>(a) Confession.
(b) To blunt.
(c) Accutest.
(d) Satirist.
(e) Nonsensical prattle, trifling loquacity.
(f) Alarm, i. e. <gai>Casiomachd, no Gluasad le Cabhaig.<eng>
(g) Entreaty or supplication.
(h) Valour.
(i) <gai>Ablach<eng>—The remains of a creature destroyed by the fox or eagle, &c. which is said to persons in contempt.<gai>

[TD 180]

[Blank]

[TD 181]

ORAN
CONNSACHAIDH, &c.

Eir fonn, <eng>Dainty Davie, as played upon the fiddle.

CHORUS.<gai> TUIRIBH.

Riasanaiche mit a Chūis
Ris an Olla, thog an Alla *,
'S feacha' mit ann sin Co-dhiū,
Gheibhir ann san eacoir.

'S Gach Cūis theid eir bhialabh brithe;
Eir tūs, 's 'ēadar scial na dithis,
A scrūdadh O fhreamh an Croidhe;
Man dlioghar an Rēiteach.
Riasanaiche mit, &c.

<eng>The CHARGE.<gai>
Thog thu oirn an Scainnil Oilteil,
Gu bheill sinn ain-eolach, boisceil,
Mar Mhadaidh-alla nan Coiltean,
Bhios eir Scoim feadh Slēabha.
Riasanaiche mit, &c.

Rud eile chanadh gu dearbh leat,
Gu bheil sinn (a) An-fhiosrach, (b) All'mhar',
'S gach Eilein, Camus, a's Garbhlach;
'S barbarra, Michēillidh.
Riasan. &c.

* Alla <eng>here signifies Defamation, though in other cases it means Fame. As<gai> Droch alla, <eng>a bad report:<gai> Deagh alla, <eng>good report. Also wild, or not tame.

(a) Ignorant,
(b) Savage.<gai>

[TD 182]

Athais a thilg thu 's i 's (a) Neonaich,
Nach athach leinn bhi' gun Eolas

'S nach Moa tha sinn ann tōir eir,
O'r n oige gu'n ēug sinn.
Riasan. &c.

Osbārr, thu'irt thu ni 's mor (b) iūnadh,
Nach bheil grādh againn do dh' ionnsach',
'S nach pāirtich sinn aon ni 's (c) fionn duinn,
No chluinn sinn, re chēile.
Riasan. &c.

Maraon, thu'irt thu, 'nuair a mhūthas
A h aon againn eir a Dhūthaich,
Nach radhnaich e ria tiūntadh,
Thaobh nach fiu a (d) gne leis.
Riasan. &c.

Dh' airis thu le briotal bōilich,
Nach aithne dhuinn (e) Litir-fhōlum,
No Chann'ainn ann tric ar Comhradh,
Chuir ann Clō, no lēughadh.
Riasan. &c.

Chuir thu (h) Sāradh ann sna Fiantaibh,
Ag āicheadh nach rabh iad riabh ann,
'S gur ni dh' āraich sinn an scialachd
Chum ar Miadh a (g) Shēideadh.
Riasan. &c.

Thu'irt thu Mōran tuille mearachd,
Ach fōnaidh na rinn mi airis,
Abhōradh gach Cluais tha (h) Screamhail
San bheil ceineal ēisteachd.
Riasan. &c.

<eng>(a) Strange.
(b) Curiosity.
(c) To know by experience.
(d) The native property.
(e) Literary learning.
(f) Opposition, obstacle.
(g) To spread by report; to sound the praise.
(h) Disgustful.<gai>

[TD 183]

<eng>REPLY.<gai>

Chuidh tu mu Thuath eir droch Thuras,
Gabhail ort suaircis a's furain;
San cheart uair a bha thu guineach,
Thun ar fuil a (a) dhēabhadh.
Riasan. &c.

Ge d' tha ar n aineolas ainmeil,
Ann a d' sclāmhrúinn, shalaich, aimsgis'.
Nam b' aithne dhuit Cāil ar seanchais,
Dhearbhadh e do bhreug dhuit.
Riasan. &c.

'S ioma Duine cōir 'n ar Dūthaich,
A chuireadh (b) Scleō eir do Shūilean,
Nan cluinneadh tu chōmhra'-dūrachd,
Eir chūisibh na Clēire.
Riasan, &c.

Bheir iad ann Caint Cūntas Riochdail,
Eir gach Clann, a's co d'an Sliochd iad;
'S gach aon Dream ata 'n a'r Measg-ne:
'S nach fiosrachadh gēur sin?
Riasanaiche, &c.

'S ioma fear-riomhach tha 'n Sasgunn,
Nach urrain innse co as d'a,
No co shinnsearrachd chuaidh seachad,
Gu beachdail, tri (c) lēabhaidh.
Riasan. &c.

Tha sinn gu suithichte, ciallach;
Le lan bhuitheachas do'n Trianaid;
'S gun a liuthad cron 'g a dheanadh
'S tha measg Chiadan (d) Easaics.
Riasan. &c.

<eng>(a) To drain, to dry up.
(b) Glaucoma, to cloud the sight as after looking long at the sun, &c.
(c) Generations.
(d) Essex.<gai>

[TD 184]

Ge d' dh'fhalbhas mi eir feadh Albainn,
Gun Armachd, ann srath san Garblach;
Cha mharbh iad mi eir son M'airgid;
'S cha tairg iad mi-bhēus damh.
Riasan. &c.

Feuch an d' ēirich sin do shasgunn?
Ma dh' fhēumas tu dol eir Astar,
Bio'dh an (a) Clēireineach a' tachlais,
'S paithir Dhag 's gach sgēath ort.
Riasan. &c.

Cia lion latha thig sa bhli'a'nna,
Nach cluinn sinn nuaigheachd le (b) iargain,
Eir millteachd Rathaid, 's luchd trialla,
'Niarmhain'steir, no'n Dēvon?
Riasan. &c.

'S ioma Fear-spuinnidh a's Murt-fhear,
Fear-millidh Cuinnidh, a's Cusmuinn,
Tha d' Dhuthaichse faidheil (c) Duischill;
Seach aig luchd an Fhēilidh.
Riasan. &c.

Caite bheil Mnāidh tha co'lochdach
'S tha eadar Fālmouth a's Portsmouth?
'S mor an tamailte do'n Dotair
Bhi 'n fochar nam bēistean.

Riasan. &c.

B'ainmeil Sodom a's Gomōrah,
Eir ana-cneastachd, agus Do-bheirt,
Ach bu mheanbh an Ainiceachd fheōlar,
Seach an Pōr tha d' (d) chlēabhsa.
Riasan. &c.

<eng>(a) Sword.
(b) Sympathetic sorrow.
(c) Sanctuary.
(d) Association, connection.<gai>

[TD 185]

(a) Bhur mor Luchd-adhraidh tha Stoirmeil,
A ni mōrchuis as na h Orgain,
Cha sōr iad Dōmhnach gu Mearrachdas,
'N uair dh'fhalbas 'n luchd-ēisteachd.
Riasan. &c.

'S lionmhor (b) Deadhan, a's Pears'-Eaglais,
A chiotar Saoth'reach nan Teagaisg;
Le iota, 's gaorrsachd, nam breislich,
Mu eadradh ag ēiridh.
Riasan. &c.

A chrūnadh bhur Rag-bheirt thrāilleil,
Dh' fhūdraich fibh sagairt, a's Pāpa,
(c) Ath urach' againn, mar b' ābhaist;
Ave-Māiri, 's (d) Easb'loid.
Riasan. &c.

Cha 'n fhior nach Spēiseil leinn Eolas,
Do-rīreadh tha sinn ann tōir eir,
Ag strī cō is Moa porsan,
'S gach cōmhdhail ann d' theid sinn.
Riasan, &c.

Tha ionnsachadh leinn ro luachar,
'S e prionnsapal gach deadh-bhuaidh e;
G'ar n ionnsaidh gabhaidh, 's bheir uainn e
Gun uabhar, gun (e) ēislein.
Riasan. &c.

Tha mis' ann am fhia'nuis Mairionn,
Measg nan Ciad dhe' 'n iarmad thairis,
Le 'm bu mhiann bhi 'g iarruidh barrachd,
Gach Bealach a thēid sinn.
Riasan. &c.

Ge d' tha mi sann am so chōmhnuidh
Ann sa Ghleann aig Ceann na Mōintich;

<eng>(a) Your.
(b) Dear.
(c) To renew.
(d) i. e. <gai>Easbulloid,<eng> viz. Absolution.

(e) Grudge.<gai>

[TD 186]

Tha mi 'n Geall eir Rann a's Rōsg ann,
San Chōmhradh nach lēugh thu.
Riasan. &c.

Na'm bio'dh Clō-bhualadh cho' ulladh
D'ar cōirne, 's tha dhuits' ann Lunduinn;
Bheire' mit fōlum do'n (a) Chruinne,
A' (b) ionnas ar (c) Sēudan.
Riasan. &c.

Ge do scriobhadh mit na Ciadan,
Eir na firinnibh is Ciataich;
Dheannadh tu 'n dīteadh nach b'fhiach iad,
Mar na Fianntaibh thrēubhach.
Riasan. &c.

Bi'dh an Fhiann gu mōr na 's alloil,
(Mar is fiach 's is Math an Airidh.)
Cuig Ciad blianna 'n dēigh dhuit (d) faileadh,
Na do Scallais Eisceils'.
Riasan. &c.

Dearbhadh lāidir agus fallain;
An ainm dh'fhāg iad eir am Fearuinn,
Gun tearbadh a ghnā, 's a'mairionn
O'n (e) Alloid, gun trēigsin.
Riasan. &c.

'S beag a chunnaic thu do Ghāidheil;
Chuaidh eir Turas do (f) Thir-nābaidh,
A thuinich ann fad an lāethean,
'S nach tāirneadh gu 'n (g) Rēlic.
Riasan. &c.

Tha sinn cho' Grādhach, 's cho' ēudmhor,
Mu'r naite tāmh, 's ar (h) reamh-chēumaibh;

<eng>(a) Universe.

(b) Riches.

(c) Jewels.

(d) To putrify; this is said of a creature that lies dead till its hair is falling off.

(e) Antiquity.

(f) Neighbouring country.

(g) Church yard.

(h) Ancestors, generations that were before us.<gai>

[TD 187]

'S a bha Jacob mu Mhachpēlah;
'S e san Eipht' eir chēilidh.
Riasan. &c.

B' fhiu dhuit an Earaoil 'san fairebhein,
Bhi ūr a' t' arie gun Dearmad;

"Gun smuirnein tharruinn a' m' bhalg-shuils',
"Feadh tha spealg a' d' Rēasp-shuil" *.
Riasan. &c.

Nois a Bhrithe tha gun leath-phairt,
Chual' thu nar dithis ar Teistias,
Innis O d' Chroidhe, co 's treise,
Gun Eisimeil, 's ēisdim.
Riasanaiche mit a chuis,
Ris an Olla thog an (a) Doirionn.
'S feacha' mit ann sin Co-dhiu,
Gheibhir ann san ēacoir.

<eng>* The Author is sorry for the violence he has been obliged to do the
sacred text here, for metre's sake.

(a) <gai>Dov-shion; Sion dona:<eng> Storm.<gai>

[TD 188]

[Blank]

[TD 189]

ORAN

DO

MR. DOMHNUL MACNEACAIL,
MINISDEIR LIOSMOIR,

Eirson a ro scairtealachd agus a Chothaich e, ann Adhaigh an Olla
Lunduinnich.

Eir sēisd; 'Scoma leom Mur d'thig thu idir, &c.
<eng>To the Tune of, Sir ALEXANDER M'DONALD's Reel.<gai>

TUIRIBH. <eng>CHORUS.<gai>

'S e Mai'sdir Dōmhul Mac Neacail,
An (a) Gaisgeach Cōmhraig tha (b) reachdmhor,
Chuir (c) Gasd' ann ōrda an eachdraidh,
Thug (d) feachdadh do'n (e) daormunn.

'NUAIR a bha Albainn (f) fui' lighe,
Aig a Chealgair Mac Iain,
Chuaidh tu gu Calm' ann a tuighim,
'S thug thu rithis Saor i.
Se Mr. Domhnul, &c.

Bha na Gāidheil aig Mac Iain,
Mar a bha Saul aig Goliah:
'S tusa Mar Dhaibhidh 'n deadh Chroighe,
O (g) Righe nan Caorach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'Nuair bhā sinn uile fui' (h) Mhasladh,
Gun Aird sa Chruinne dol as duinn,

<eng>(a) Conflicting hero, or champion.
(b) Energetic, pithy; high-spirited.

- (c) Handsome, prettily.
- (d) Flexure, curve, a bend.
- (e) Curmudgeon, a niggard.
- (f) Overwhelmed.
- (g) Sheepfold.
- (h) Reproach.<gai>

[TD 190]

'S tu (a) thārr sa Chumasg gu Tapaidd,
 Agus (b) thachd thu 'n (c) Craosair'.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

'S ni bhā sinn uile mar bhalbhain,
 No Duin' eir am bio'dh (d) Glascharbaid,
 Gus 'n do chuir thu umad tarmachd,
 Ghuineach, Ghailbheach, (e) fhaoluimt'.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

'Nuair a bheachdaich thu Mu'n cuairt duit,
 'S nach deachaidh do thaic re d' Ghualainn,
 Chuir thu (f) spraic ort ris a Chruadal,
 'S bhuaill thu Steach do'n (g) Schaonnaig.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

'S mor an t ēibhneas bh' orm re fhaicsin,
 Gach lēum thug thu eir an t Sas'nach,
 A's tu 'g ēiridh eir le d' Chasan,
 Ann an Clais an Aolaich.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

'S mor Maoitheadh nan Cinneach Tuathach
 As an (h) Saoithean a's an Cruadal;
 (Eadar Siol-Chuinn 's an taobh shuas diubh.)
 Gun ghluasad a' tabhar.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

Ge d' theirir gu bheil a (i) Chēolraidh
 Ann sna h Eileinibh ann Comhnuidh,
 Cha d, rinn iad (k) Ceileir, no Oran,
 Do Dhōmhnul mo Ghaoilse.
 'S e Mr. Domhnul, &c.

'S mall leam gach (l) Filidh 's luchd fōlum,
 Feadh Galtachd, Innis, a's Mōrr-thir;

- (a) Tharr ann; <eng>entered into, or engaged.
- (b) Suffocated: To stop a person from speaking by, exposing his falsehood, &c.
- (c) Gaper.
- (d) Jaw lock.
- (e) Disciplined.
- (f) Terrific countenance.
- (g) A battle or fight.
- (h) Brave or gallant men.
- (i) The muses.
- (k) Recitative.
- (l) Philosopher.<gai>

[TD 191]

Nach d'rinn rann, no (a) grinneas rōsg dhuit,
Chuir ann Clō gu (b) Scaoileadh.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Cha Mhoa fhuair iad do Chroighe,
Dol san tuasaid re Mac Iain;
Ge do 's iad a fhuair an (c) Ruigheachd,
Le (d) Fiothach nan Aoirean.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Ge d' thā ar Colaisdean (e) Oirdheirc,
Fui' (f) dholaidh (g) scoilim an (h) oilbheum;
Cha do chonaich iad na (i) lorg sid,
(k) Coirbeach a (l) bheoil scaoilte.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'S tusa an t aon Duin' ann an Albainn,
Dhei' 'n d' rinneadh (m) umpair na h (n) arguin;
Chhaidh t (o) ungradh mar (p) radha (q) seanchaidh,
'S dhearbh thu gu (r) neo-chlaon e.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Nois O na sheas thu 'n ar āite,
Tha sinn a' t (s) eisimeil āraid,
'S mor an easbhuidh e 'n ar (t) Cāileachd
Mur pāidh sinn thu t saothair.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'S duillich leom gu 'm faod mi īnse,
Eir (u) guinich do Dhaoine (x) spiochdach,
Tha cur (y) cuinnil thaobh do Ghniomhsa
'S aig īnse gur (z) baoth e.
'S e Mr. Domhnul, &c.

<eng>(a) Finery elegance.
(b) To promulgate or spread abroad.
(c) To penetrate or affect the mind.
(d) Raven.
(e) Excellent.
(f) Harm, loss.
(g) Trivial loquacity, chatterer.
(h) Offence.
(i) In consequence of.
(k) That which corrupts or vitiates.
(l) Open-mouthed, brawling.
(m) Umpire.
(n) Argument.
(o) Anointed.
(p) Choice, best.
(q) Genealogist, historian.
(r) Honestly, not declining from the right.
(s) Under obligation to, owing regard or reverence. Beholden.
(t) Constitution.
(u) Bitter minded, keen antagonists.
(x) Low-lived, mean spirited.
(y) Objection.
(z) Morally bad.<gai>

[TD 192]

Ach (a) dhainn-deoin a (b) miosguinn (c) ascaoin,
'S mor a' meas th'aig luchd blas eir;
'S cha 'n fhag (d) luchd-tiolpaidh nan facal
Co' taitneach san t saoghal.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'S ioma Pears-Eaglais ro scairteil,
B' ionunnsan (e) dreug, leo gu 'm faicte,
Do Leabhar (f) Eigse na 'n (g) t asguidh,
Le 'n gealtachd roi' 'n (h) daor-chu.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'S tusa fhuair an Barrachd Misnich,
Cha ghabh thu fuathas, no (i) miotag;
Bheir thu uabhar (k) Fir na brisc-ghloir,
A chlisgeadh gu (l) faoisid.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Eir leam fein gur (m) breamas (n) Cearbach
Do'n Ardsheanadh sin na H Alba',
Nach d'rinn ni (o) Ceinealta thairgse
'N co' leanmhuin do shaoth' reach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

'S ioma gnìomh (p) suarrach (q) neo-shnasor,
Tha 'g iomachd mu 'n cuairt (r) fui' fhasga,
Nach ionunn luach re d' Remarksa
Dh' fhāg ar (s) Macaibh aobhach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Bi'dh (t) beannachd (u) coisrigte ghaidheil,
Leanailt do chois-cheum sgach aite,
Eadar Oisein a's a Chairdean
'S ar Bardan is aosda.
'S e Mr. Domhnul, &c.

<eng>(a) In spite of.
(b) Malice.
(c) Inclement, unsound; harsh.
(d) Cavillars; captious disputants.
(e) A meteor supposed to foretel the death of great men.
(f) Science.
(g) Repository; custody.
(h) <gai>Dobhur-chu,<eng> i. e. King of the otters.
(i) Fright.
(k) Tatler, or prattler.
(l) Confession, i. e. to confess his demerit.
(m) Accident.
(n) Absurd.
(o) Genteel.
(p) Invaluable.
(q) Inelegant.
(r) Shelter, patronage.
(s) the Macs; meaning the Highlanders in general.
(u) Benediction. Consecrated.<gai>

[TD 193]

'S cinteach mi gur (a) cliuteach t (b) alla,
Diaidh dhuit a bhi d' smur san (c) Taladh,
Na san uine tha thu Mairionn;
Thaobh nach d' 'ainich Daoin' thu.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Na 'm bio'dh (d) MacCailein na Ghāidheal,
Mar na h Athraichean o 'n d' thāinig,
B' airidh dh'a Baile, no dhā dhiubh,
Tho'irt re d' lāethean saor dhuit.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Insidh mis' an fhirinu trā dh'a;
Ma leigeas e sios a Ghāilig,
Bi'dh meas iosal ann sna Blāimeir,
Le (e) how's a' 's le'n Caoirich.
'S e Mr Domhnul, &c.

Na 'm bio'dh ar Roigh Deorsa na (f) shuighe,
Mar bu (g) deōnach leom a (h) ghuighe;
Bheireadh a (i) Mhōrrachd dhuit (k) luigheachd,
Bu (l) chuibhidh dhuit fhaotainn.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Bheireadh e dhuit cāraid Chiadan,
Fad do lāethean h uile bliadhna,
Bharrachd eir (m) Pārraiste (n) fiacheil,
Bhios tri Chiad na h (o) aoradh.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Righ nach mise fhuair an Comas,
Duais tho'irt duit eir son na (p) Comain;
An Ruaig a chur eir an Olla:
'S bu (q) sheomalta (r) maoin dhuit.
'S e Mr. Domhnul, &c.

<eng>(a) Famous, renowned.
(b) Report. Popular fame.
(c) Earth.
(d) The Duke of Argyle's most ancient Galic name.
(e) Alluding to the shepherds usual salutation. Settled, free from disturbance.
(g) Willingly, very fain.
(h) To wish, to imprecate.
(i) His Majesty.
(k) Recompense, allowance.
(l) Due, fit, proper.
(m) Parish.
(n) Valuable, worthy.
(o) Adhering, following; peculiar to.
(p) Obligation; favour which binds to gratitude.
(q) Largely, bulky.
(r) Wealth, means.<gai>

[TD 194]

Gabhaidh mi 'n uair so mo chead diot,

'S na bio'dh gruaman ort re m' bheadachd,
Ge d' rinn mi 'n Duanag (a) neo-eagnaigh,
Mar Eisempleir (b) aotrom.
'S e Mr. Domhnul, &c.

<eng>(a) Inexact, inaccurate.
(b) Light, slight.<gai>

[TD 195]

ORAN GAOIL
LE
SOMHAIRLE CAMERON,
ann an RAINACH.

'S mi m' shuidhe m' ònar air Tulich bhoidhich,
'S mi gabhail òrain 's cha d' thèid e leam;
Mo chriodhe 'n comhnuidh mar chloich air moinntich,
Is mòran seoil aig air dol gu grùnnt;
Gu grùnnt cha d' thèid e gun fhios d' an Eucaig,
'S ma ni i rèite rium gur fheard a chùis;
'S mur taobh i fèin mi gur leis an èug mi,
Le shaighidibh gèuradh teachd orm as ùr.

Do shaighiden gèur annam taobh ga chèile',
A dh'fhàg mi rèibte le iomad lott;
Gur turrisach m' èislein gach là 'g èiridh,
Gur trichd mo lèine' co fhliuch ri lòn;
Mar ghaoidh o thuath a thig bharr n'an cuainntan,
A dh' fhalabhas uainne mar chi sibh an ceò;
'S e 'n samhladh thuair mi do ghaol na gruagaich,
A rinn mo bhuairadh air iomad seol.

Ochòin! a ghruagach nach gabh thu truas rium,
Do ghaol a bhuair mi gun fhios do'n t-sloigh;
'S mur faigh mi fuarach o 'n ghaol so bhuair mi,
Gu dearbh cha dual domh bhi fada beò;
Mo chriodhe luaineach gach là air luasgan,
Mar Luing air chuan agus i gun seol;
Na tuinn le buairas 'g eiridh suas ri,
S mur eirich buaidh leith cha d' theid gu seor.

Gu seor cha d' thèid i 's gur beg mo speis dhi,
Mur faigh mi an Eucag as gile' dreach;

[TD 196]

Do shlios an glè-gheal mar shneachd air ghèugaibh,
Gur turrisach m' èiridh gun luith leat;
Tha m' intinn cianail gach là ga riabadh,
'S mi 'n tòir air d' iarraidh le cogais cheart;
Do nàdur comhnard a chlaoidh as m' òig mi,
'S cha'n e do stòras a bh' ann mo bheachd.

Stòr no fèdail ga mòr ar speis dhiubh,
An diugh cha leir leam a bhi g' an dìth;
Is stochd no airnais cha'n e a b'fhear leam,
'S cha bhraid no meilre air a bheil mi'n tì;
Cha chrodh air bhualtibh 's cha ghreidh air fuaran,

A chuir an duairas so ann mo chrìodhe;
Ach Eala bhuaidhach 's ì snamh n'an cuainntan,
'S mo lìan m'an cuairt dhi ga toirt gu tìr.

'S mas d' thus an Eala tha air a chuan sin,
Gur mise 'n t-uan a tha air an traigh;
'S na mengain bhuaidhach ag fàs m'an cuairt domh,
Mur tuit mi 'an buair air do shon a ghraidh;
Cha dibhail ceille' thug miad mo speis dhuit,
'S ma ni thu rèite' cha deigh dhomh e;
O's tu mo chèad ghradh 's gu'n lùb thu fein leam,
Gu 'm bith mi aoibhneach dheth gach aon là.

Do chuach-fholt boidheach air dhath, an neònain,
'S e fàs gu modhar na dhualibh grinn;
Na chiobhan òr-bhuigh mar shiain eòrnna,
Gu bann do chota' o chùl do cheinn;
Camlubach dualach gu cleachdach cuachach,
Is car m'an cuairt anns gach foiltain min;
Air a thrusa' suas ann an sìodadh buaidheach,
An leadan dualach nach dochinn cìr.

Do shlios mar chanach mar bhrèid do 'n anart,
Mar shneachd air bharrach gun dol gu làr;
Do ghruaidh dhearg thana mar chaorrann mengain,
Fo d' fhuil ghuirm mheallaich gun ghoimh gun sgàth;

[TD 197]

Tha maise a' d' aodann thar clann n'an daoine,
'S e dh'fhàg mi daonnan co daor a' d' ghràdh;
Ach thig le d' ghaol 's thoir a' glacaibh an aoig mi,
No dhain-deoin daoine gun faigh mi bàs.

'S ma gheabhter bàs leam air son do ghraidhsa',
Cha bheg an tamailt e m' chairdibh mòr;
'S na craoinn o'n d'fhàs mi co maidh ri d' phairti 's,
Ge d' iarr thu naird iad gu nuig na meoir,
O linn gulinn, iar a mach mo shinnsir,
'S ma gheibh thu mì-mhodh do dhuine 'n t-sloigh;
Grad chul do cheinn ris gach gèig a chinn diubh,
'S cha raibh do thiom dhiubh ach gearr gu leor.

'S ma chumar uam thu le goimh an t-sluaigh sin,
A thogas tuailas le cainnt am beoil;
Tha cairdean dìleas m' an cuairt O's 'n iosal,
A thogas mi-thlachd 's nach strìochd d'an choir;
Luchd bhrèug is tuailais ga'n gnath bhi buaireadh,
Tha m' fhuil air fuachadh riu, 's m' fheoil;
Buinidh an trèud ud do mhammon dèistneach,
Le 'n tèngibh èisgail toirt bèum do'n choir.

Tha naimhdean fallsail fo sgaile cairdis,
A togail fhanngseulen oirn le cheile;
Luchd mì-ruin teanga pioca taingeadh,
A dealbh an aimhlais 's a dèanibh bhrèug;
An puinsain mar lòn agus neimh re ol doibh,
Is e bhi 'n comhnuidh gu searbh 'n am bèul;
Luchd dheanaibh sgeoil buinidh iad do Mhomman,
'S iad a sheilbh gu sonruight luchd dheanibh bhreug.

Ma chi sibh neach bhis a cur re cheile,
Mar Phiaid thrèubhaich 's i deanibh neid;
Bithidh neach a cuairtachadh steach le h' èginn,
Is neach a reiteachadh cuairt an neid;
Ma thig gaoth luaineach oir' bhar n'an cuainntan,
A chuireas luasgan air meoir a phreis,

[TD 198]

Falbhi uaipeadh an nead 's a chuairtag,
Is faic an truaigh cia mòr i nis.

Mar sin mo Bhantag na gabh's angar,
Ge d' their do chairdean gu bheil mi bochd
Tuig Rìgh Daibhe san staid an b' aird e,
Bha chrìodhe trailleil mar dhuine bochd;
Cha d' ghabh an Rìgh sin a bheg thoilintinn,
'S a chaithair rìgheil ách moran sprochd;
'S ma lèubh thu an pioball tha pairt de 'g inseadh,
Gu'n d' rinn e isleach mar dhuine bochd.

Thug mise as m' òige re tamaill gorrach,
Nis tha tha mi deonach air cintinn glichd;
Tha tiom gu bròn agus tiom gu sòlas,
'S e dara seol air na chaochail mis;
Glacfidh mi gu seolta mo rìbhaid cheolbhar,
On tha mo shòlas a nis air teachd;
Is theid mi chomnuidh gu Tulich bhoidhich,
'S bithidh mi mar smeorich 'an barr a phris.

Iseabail Nic Aoidh.

ISEABAIL Nic Aoidh aig a chrobh Laoigh
Iseabail Nic Aoidh 's i na h aonar.
Iseabail Nic Aoidh aig a chrobh Laoigh
Iseabail Nic Aoidh 's i na h aonar
Iseabail Nic Aoidh aig a chrobh Laoigh
Iseabail Nic Aoidh 's i na h aonar.
Iseabail Nic Aoidh aig a chrobh Laoigh
Iseabail Nic Aoidh 's i na h aonar.

Mhuire 's a Rìgh!
A dhuine gun Mhnaoi,
Ma thig thu a chaoidh'
'S i so do linn:
Nach faic thu nic Aoidh,
Aig a Chrobh laoigh,
Am bonnaibh na frith
'S i na h aonar?

[TD 199]

Nach faic sibh bean tigh'
Air Rìghean nan damh
Muigh aig a chrobh
Gun duine mar ri
Nach faic sibh bean tigh
Air Rìghean nan damh

Muigh aig a chrobh
'S i na h aonar?
Ach duine sam bith
Th' air son a Cluich,
Do chinneadh mhaith,
Le meud a Croidh,
Deanadh e ruidh
Do Rithean nan Damh
'S gheabh e Bean Mhaith
Cuireadh e ri
Nach faic sibh an obsec
A 's coslach r'a glacadh
Am bliadhna ga cleachda
Air acha na h aonar?
Nach neonach am fasan
Do fhleascaich tha dh' easbhuidh
Na'n nithin bu taitneach
Dhoibh fein a bhith aca;
Bhith fulang ga faicin?
Am bliadhna ga cleachdadh
Le Crobh agus Eachaibh
Air Acha na h' aonar:

Nach faic sibh fein a cheannuidheachd
Ann imealaibh nam mullaichin
Am bliadhna 's i gu muladach
Na h' uile la n h aonar
Innsidh mis ann rannuidheachd
Do na h' uile neach a chluineas iad
Gu m bheil i air a cunbhail
As na h' uil aite follasach
Am bliadhn' is i gu Mulladoch

[TD 200]

Le ballanan is cuineagan
Ann imealaibh na Mullaichin
'N ha uile la na h' aonar.

Thogaireadh bean Aoith.

THOGAIREADH, Bean Aoidh, Thogaireadh Bean Aoith
Thogaireadh, Bean Aoidh, Uain do dh' Aishear
Thogaireadh, Bean Aoith, 'n aghaidh na gaoith
Rinn iad Mac Aoidh 'n lochan nan claimheach.
Nach suarach an t uighim
Do Ghruagach no Ninghin
Bhith pronnadh 's a bruigheann
'S Caib orra Gaireachdaich
Bhi trial chum na h uidhe
Gun ghnothach gun ghuidhe
Ach do mhealladh le n teangaidh
Paisteachan ba-bhuachaill
Ma ta aguibhs do chriodhe
Na philleas mo bhruighin
Theid mis chum na h Uidhe
Agus feachaidh mi n taite Dhuibh
An raibh sibh nar deis
Nar luidhe 's nar suidhe

'S mun ruithe Ghillduibh
B'fhearr gun chlaistin e

Cairdean bu dealaidh a stigh
Chairich iad iomad fear reimh
Dh' fheachain an cumadh iad uaith
Ailleas nach fhuilig an Lagh
Thiondadh i bus ris an fhraidh
Bhoidich i nach tilleadh i traigh
Chaoidh gus an rigeadh i n fheadh
B' abhaist do n ghille bhith reimh

[TD 201]

Dh'fhag i an t aran bha bruigh
'S dh'fhalbh i o thilleadh a chroidh
Dh' aicheadh i comhairl sam bith
'S shnamh i n Amhain air chrith
'N diaidh a ghille Mhoileinich Dhuibh
Thogairiadh bean Aoith, &c.

Ann Comunn.

'N Rair a chunna mi 'm Bruadair,
Ribhinn shuairce nam choir;
Beul meochair gun ghruaman,
O'n Suairc an tig gloir,
Nar a Dh'eirigh mi 'm Shuighe,
Los ruighin air Poig,
Cha b' fhas a dhamh feadain,
Na na Reult os no Neoil

Chuidh an Comunn an Comunn,
Chuidh an Comunn air chul,
Dhealuigh Comunn re cheile,
'S deanaibh fein d' e sgeul urr
O nach raibh mi co gleusta,
'S gun tugin beum air do chul,
'S gaoil an Comunn o cheile,
'S thug e deur air mo shuile.

'M fear a thigeadh an Tosach
Gheabh e cost an da thradh,
'M fear a thigeadh a ris
Gheabh e criodh 's e blàth,
'M fear a thigeadh fa Dheireadh
Gheabh e soileireachd Graidh,
Car san Iuchar 's na ceil e,
Lasair choi-'lions dam Ghraidh,

Ninghin og a chuil dualich,
Bha Mi uair is tu reidh,

[TD 202]

Nios on thiontadh thu t fhuath orm,
Chuir sud suarach mi fein,
Chiur thu t aireadh air Duine uasal,
Deang an Cruas 's dean da feum,

Dh'fhag thu mise mu'n cuairt duit,
Mar chaoradh fhuadain air Spreidh.

Dh'innsin aogas mo Leannain,
Cul Clannach, Cas, Dluth;
Ruit a dheilcheas gach sgannaill
Ruit a Leannas gach Cluith,
'S maith sineadh do mhala,
'S glan sealladh do shuil,
Aghaidh shoillear an sgathan,
'S glan Dearsa do ghnuis.

Dh'innsin Cleas nam ban Diolan,
Co cinnte re bas,
Bios iad Bead arach priosail,
Car tioma na dha,
Nar a dh'eireas an Criosan,
'S a bhios na Ciochan fas lān,
Togaidh 'n t ogan a ghaol dhuibh,
Mar Ghaidh air Cuan ard.

Ach na 'm faice sibh Maighdin,
'S i gu faireachail glic,
Mis am am adan Gorach,
Cost mo Storaais 's mo Neith?
Nar a thiondadh i Cul rium,
Bhiodh mo Chrun air a crios,
Fear eile toirt phog Dhi,
'S ag cost a Storaais gu tric.

Rìgh gur Carrach an Sionnach,
Theid air thuris d' an Ghlean,
Bheir e Baite do Chuilein,
Agus fuil as a Mheann?

[TD 203]

Gam bheil fhiacail co guinneach,
'S i fuireach na cheann,
Gun sgoilt i 'n Cuillin
Bhiodh an uilleann nan Ald.

Tha na Maighdinin Seolta,
'S tha na h' Og-fhearran ba,
Ge do ghealladh iad Pog Dhuit,
Bhiodh car na Seoltachd nan Dail,
Am fear a Leagadh iad Seachad,
B' e sud fasan a b' fhearr.
An tea a's Ailt' thig a stech dhiu,
Biaidh na faicill do ghna,

A Cheithir Bliadhna na taic so,
Ghabh mi tlachd dhiot an tos,
Le sugradh 's le Macnus,
Mar a 's cleachd le Cloinn Oig
Bha Car fo d' laimhse gun fhios,
Nach do Dh'fhiosraich mi nos,
Dh'fhag thu mise mar thalcais,
Beannach leat ma's i Choir.

'S gur truadh nach bheil mise,
Faoi Lic an diaidh Bhais,
Mun tug mi 'n Gaol falaich
Dan Ealla chaol bhain?
'S mi mar sheabhaig na h' ealta,
Bhios ag Glacadh nan Eun,
Ciod e 'm fadh bhi ga Chuiltin,
Sud i Bh'acsan Air Laimh.

Tha mo chion air a mhaidin,
Gur h i maidhre glan ur,
Ge do dhiult thu mo chaimhneas,
Air 'n aile dh'fhaineachdainn tha
'S tu mo Chainil ann Cailleir,
'S tu mo Reul 's mo Chirt Juil,

[TD 204]

'S mo bhan chompanach Chacail,
Tair gu 'm facadh mi thu.

Och, nan och, mar tha mise,
Gun fhios do 'm luchd daimh,
'S nach innis me Dhuine,
Faddh mo mhulaid 's mo phraimh?
Mar Chraobh as a bun mi,
'N deis a Duilich a chall,
Threig mo spionadh 's mu luth mi,
Agus lùb mi gu lar.

Mile mallachd dh'aon Duine,
'S ann tuile gu brath,
A chreidas sgeul Cinnnte.
Bh' arr Inntine mnaise?
Nar mheabladh i d' chuid uait,
'S bhi gad shior chuir air Dail,
'S a ghealladh a beul Duit,
Na Reultan a b' Laimh.

Bealach a Ghraidh.

Ochain a Laoigh, leag iad thu,
Ochain a Laoigh, leag iad thu,
Ochain a Laoigh, leag iad thu,
'M bealach a ghraidh.

'S Truagh nach raibh mis ann sin,
'S truagh nach raibh mis ann sin,
'S truagh nach raibh mis ann sin,
As Ceathr' air cach laimh Dhamh.

An Leann thog iad gu d' bhanais,
An Leann thog iad gu d' bhanais,
An Leann thog iad gu d' bhanais,
Air t fhaireiri' bha e.

Bha Mi 'm Bhreidich, a m' Ghruagaich,
Am bhreidich, a m' Ghruagich,

[TD 205]

Am bhreidich, a m' Ghruagich,
'S a 'm bhantraich san aon uair ud.

Gun chron air an t saoghal ort,
Gun chron air an t saoghal ort,
G unchron air an t saoghal art,
Acù nach d'fheud thu saoghal buan ffastinn
Leag iad thu laoigh, &c.

Do Mhinistair Cill-an-Inair.

CHUNNE mi brudar a chuir smuaircean gu leòr orm,
Bha mi a' m' chaddal a's dhuisc sud mì;
An leannan bha agam a' nochd dol a phòsa,
Bha mi, &c.

'S tu's millse pòg 's as folminnte labhairt,
'An Gaelic 'an Bearle 'an Grèigis 's 'an Laidinn;
Cha 'n fhaichdear a d' dheigh fear d' èugais 'an crannaig,
G' an rabh mi a' m' chaddal a's dhùisc sud mì.
Aig taobh na h-aibhne bo chaoineil leam d' fhailte.
Bha mi, &c.

Le soilse na grèine cha bo lèir dho bhi nàrach;
Bha mi, &c.

Cha rabh aon ni 'an folach nach fhaca' tu ghraigheìn,
O mhullach mo cheinn gu bònn mo shailte;
G'an rabh mi ma d' choinnibh mar bha mo chèid mhathair,
Bha mi, &c.

'Nuair thain' fios cinnteach gu'n deacha' tu seachad orm.
Bha mi, &c.

Thàr leam fhèin ga'm bo mhòr a' mearachd sud;
Bha mi, &c.

Nan dianadh d' thu m' iarruidh reachainn gu d'Bhainis leat,

[TD 206]

A's dhenainn duit maiddeann dhileas thairist;
Cha bhiodh air do chùl aon ni ann an an-fhios duit,
Bha mi, &c.

Ach thaoth thusa cailin n'an meall-shuile' mòdhar,
Bha mi, &c.

Tha * a mala gun ghruaman 's ì 's binne † guth òrain;
Bha mi, &c.

'S i m' achuinge bhuan gach buaidh bhi maille ribh,
Sibh bhi gu muirneach ceòlar aithearach;
Crodh air ar buailidh 's clann m' ar teallach,
'S 'n uair thèid sibh a chaddal g'an fairich sibh slàn.

Cuachag an Fhasaich.

A Bhanarach dhonn a chroidh
Chaoin a chroidh dhonn a chroidh
Cailin deas donn a chroidh
Cuachag an Fhasaich.

A Bhanarach mhiagach
'S e do ghaol thug so chis mi,
'S maith thig lamhinnean siod'
Air do mhin-bhosabh bàna'.
Bhanarach dhonn a chroidh, &c.

'S mòr bo bhinne bhi d' èisteachd
'An àm bhi bleothan na spreidh,
N'an smeorach 's a Chèiteain
'An barr gèig ann an fàs-chaoil'.
Bhanarach, &c.

'N úair a sheinne' tu chaoilleag
A leigeil mairt ann an caoilleidh,
Dhèleaigh eunlaidh gach daoire'
Dhèisteachd caorail do mhàrrain.
Bhanarach, &c.

* A-mute.
† Gu oran.

[TD 207]

'S ga b' fhònnar an fhiodhall
'S a tèudan 'an rithidh,
'S e bhèireadh damhns' air gach criodhe
Ceòl nìghinn na h-àiridh.
Bhanarach, &c.

Ceòl farasta fìor-bhinn
Fònnar faramach dìanach,
A Shèinn an Cailin donn miagach
A bheireadh bìog air an Arainn.
Bhanarach, &c.

Gu'm bo mhòdar mo bheadradh
Teachd do'n bhuaile' m'an ead' thra,
Seaghach seang-chorpach beitir
A's bùarach greasad an Ail aichd.
Bhanarach, &c.

'Sciatach nùallan na gruagaich,
A bleothann croidh ghuaillinn,
A' steolladh bairn' ann an Cuachaig
A's boghar ùaim aig a chlàrabh.
Bhanarach, &c.

Da mhao-bhois bo ghrinne'
Fo'n da ghaoirdean bo gheile',
'Nuair a shinnt iad gu sgileil
Gu sininnean fhasga'.
Bhanarach, &c.

Glachd gheal a b' aird gleothar
A Steolladh bairn an cuaich bhleoinn,
A seinn luinneagadh seaghach
Na suidh an gothal na blaraig.
Bhanarach, &c.

Do chùl amlagach teudach
Buchdlach feoirnn eanach cèutach

[TD 208]

Do chnomhan na gèige'
A cheapadh gleatach a làn diu.
Bhanarach, &c.

Chuireadh maill air do lèirsinn
Ann an madainn dhrùchd chèitein,
Na gaithnean grèine
Thig o d' thèud-chul cas fainneach.
Bhanarach, &c.

Bheireadh dùlan na grèine
A dearsa' moch air fhoir d'eùdainn,
'S gum b' aite leam r'a lèirseinn
Bòisgeadh èibhinn Cùil Màri.
Bhanarach, &c.

'S taitneach siubhal a Cùaillein
Ga chrathadh m'a cluasaibh,
A toirt Muigh air seit lùachrach
'An Tigh buaile' an gleann fàsaich,
Bhanarach, &c.

Do mhuineal geal boidheach
M'an iathadh an t òmar,
A's dhàth fèin air gach seòrsa'
Chìte dorte tre d' bhràgad.
Bhanarach, &c.

'Nuair a thogadh i bhuarach
Cuach a's currasan na buaile',
B'e-coltach a gluasad
Ri Guanaig na sraide'.
Bhanarach, &c.

Do chalapanna menmneach
Mar Philerean marabill,
Co-ghile re canachein
Chinneadh fanna-gheal 's na blàraibh.
Bhanarach, &c.

[TD 209]

Tha dèirg agus gile'
Cleachd an gruaibh na fine',
Bèul mìn mar an t-shirist
G'an milis thig failte.
Bhanarach, &c.

Mar phàirc thaitnich d'an Ibhi

Tha deudach na Ribhinn,
Gur i an Donna-ghealach smideach
Is ro mhig-shuilich failte.

Bhanarach dhonn a chruidh
Chaoin a chruidh dhonn a chruidh
Cailin deas donn a chruidh
Cuachag an Fhasaich.

Oran Luathaidh.

'TOGAMID fonn air luathadh a chlomain,
Gabhamid ceol is orain mhatha.
Horo gu'n togain air shugan fhathasd,
Horo i io man d' theid mi laidhidh;
Horo gu'n togain air shugan fhathasd.

B'fheaird' an clo bhith choir nan gruagach,
Dheanadh an luathadh le 'n lamhan.
Horo, &c.

Nuair thiondadh iad air cle e
Chluinteadh fuaimean gach te dhiu labhairt.
Horo, &c.

Orain ghrinne, bhinne, mhisle
Aig na ribhinnan 'g an gabhail.
Horo, &c.

[TD 210]

Mhahline's Brughdar le Ossain.

'S E guth anaim mo ruin a tha 'nn,
O! 's ainmach gu aislin Mhalmhin' thu,
Fosgluibh-se talla nan speur,
Aithir Oscair nan cruaidh-bheum;
Fosgluibh-se doirsa nan nial,
Tha ceumma Mhalmhine go dian.
Chualam guth a' m' aislin fein,
Tha fathrum mo chleibh go ard.
C' uime thanic an Ossag a' m' dheigh
O dhubh-shiubhal na linne od thall?

Bha do sgiath fhuaimneach ann gallan an aonaich,
Shiubhall aislin Mhalmhine go dian,
Ach chunnic is' a run ag aomadh,
'S a cheo-earradh ag aomadh m' a chliabh:
Bha dearsa na greine air thaobh ris,
Co boisgeal ri or nan daimh.

'S e guth anaim mo ruin a tha 'nn,
O! 's ainmach gu m' aislin fein thu.
'S comhnuidh dhuit anam Mhalmhine,
Mhic Ossain is treine lamh.
Dh'eirich m' osna marri dearsa o near,
Thaom mo dheoir measg shioladh na h oiche.
Bu ghallan Aluin a' t fhianais mi Oscair,
Le m' uile gheuga uaine ma m' thimchiol?
Ach thanic do bhas-sa mar Ossaig
O 'n fhasach, i dhaom mi sios.

Thanic earrach le sioladh nan speur,
Cha d'eirich duill' uaine dhamh fein;
Chunic oigha me samhach 's an talla,
Agus bhuaill iad clarsach nan fonn.
Bha deoir ag taomadh le gruaidhean Mhalmhine;
Chunic oigh me 's mo thuirladh gu trom.
C' uime am bheil thu co tuirseach, a' m' fhianis,
Chaomh Ainnir-og Luath-ath nan sruth.
An robh e sgiamhach mar dhearsa na greine?
Am bu cho tlachdor a' shiubhal 's a chruth?

[TD 211]

'S taitneach t fhonn an cluais Ossain,
Nighean Luath-ath nan sruth dian.

Thanic guth nam bard nach beo,
Am measg t aislin air aomadh nan sliabh,
Nuair thuit codal air do shuilean soirbh,
Aig cuan mor -shruth nan ioma fuaim,
Nuair phil thu flathail o 'n t seilg,
'S grian la thu ag sgaolta na bein.—
Chual thu guth nam bard nach beo:
'S glan faiteal do chiuil fein.
'S caoin faiteal nam fonn o Mhalmhine!
Ach claonidh iad anam gu deoir;
Tha solas ann Tuireadh le sioth,
Nuair dh'aomas cliabh tuirse gu bron;
Ach claoidheadh fad-thuirse siol dorthuin,
Fhlath-nighean Oscair nan cruaidh-bheum.
'S ainmach an la gan nial
Thuiteas iad, mar chuisag, fo 'n ghrian,
Nuair sheallas i sios 'n a soilse,
Andeigh do'n dubh cheathach siubhal do'n bheinn,
'S a throm-cheann fo shioladh na h oiche.

Claidhamh Guth-ullin.

CHUIR e an claidheamh, fada, fiorchruaidh,
Fulanach, tean, tainic, geur,
'S a cheann air a chur ann gu socair,
Mar chuis mholta gan dochair lein,
'S e gu direach, diasadach, dubh-ghorm,
'S e cultuidh, cumtadh, conalach,
Gu leathan, liobhadh, liobharadh,
Gu socair, sasdadh, so-bhuailte,
Air laimh-chli a' ghaisgich;
Gur aisaiche do naimhdean a sheachnadh,
Na tachairt ris 's an am sin;
Cha bu lughe no cnoc sleibh,
Gach ceum a dheanadh an gaisgeach.

[TD 212]

Moladh Moraig.

Air fonn Pibaireachd.

URLAR.

'S Truagh gun me 's an choill
'Nuair bha Morag ann,
Thilgimid na crainn
Co ba bhòich againn:
Inghean a chùil duinn,
Ar a bheil a loinn,
Bhimid air ar broinn
Feadh na ròsanann;
Bhreugamid sinn-fein,
Mireag air ar blion,
A buain shobhrach mionbhui
Na cosagan:
Theannamid ri strì
'S thaoghlaimid 's an fhri,
'S chaillimid sinn shìn
Feadh na strònagan.

URLAR.

Suil mar ghormdhearc driùchd
Ann an ceo mhaidin;
Deirg' is gil' na d' ghnùis
Mar bhla òirseidean.
Shuas choi'-min ri plùr;
Shios garbh mo chuluidhchiuil;
Grian na planaoid coùrs,
A measg oigheanann;
Réula glan gun smùr
Measg na rionag-uill;
Sgathan-maise air flour
No bòichid u;

[TD 213]

Aileagan glan ùr,
A dhallas ruisg gu'n cùl;
Ma's ann do chriaghaich ù
'S aobhar mòr-iunaidh.

URLAR.

O' n thainig gné do thùr
O m' aois òige dhomh,
Nir fhacas créatair dhiu,
Bu chomh-glormhoire;
Bha Malli's dearbha caoin,
'S a gruaigh ar dreach na'n caor;
Ach caochlaideach mar ghaoi,
'S i ro òranach;
Bha Pegi fad an aois,
Mar bhith sin b' i mo ghaol;
Bha Marsaili fìor aotrom.
Làn neonachais;
Bha Lili a taitne rium,
Mar bhith a ruisg bhi fiunn;
Ach cha bu shà buirniunlaid,
Do 'n Mhoraigs' iad.

SIUBHAL.

O! 's coma lium, 's coma lium,
Uile iad ach Morag;
Ribhainn dheas chulach
Gun uireasabh fòlum;
Cha 'n fhaidhir a tiunnail,
Air mhaise no bhunailt,
No 'm beusamh neamhchumanta,
Am Muile no 'n Leoghus.
Gu genmni deas furanach,
Duinail gun mhòrchuis;
Ar thaogha na cumachd,
O mullach gu brogamh;
Ar néul tha neamhchuri,
'S a h aignidh ro lurach;

[TD 214]

Gu bridalach, cuireadeach,
Urramach, seolta.

SIUBHAL.

O guillieagag, guillieagag,
Guillieagag Morag!
Aice ata chuluidh
Gu cuiridh na 'n òigfhear':
B' é 'n t aidhir 's a sulas,
Bhi sinte ri 't ulaidh,
Seach daonan bhi fuireach
Ri munaran pòsaidh.
D' am pianadh, 's d' am ruagadh;
Le buaireadh na feola;
Le aislingin connain
No colna d' am leonadh;
'Nuair chidhinn ma m'choinnimh,
A ciochan le coinneal,
Theid m' aignidh air bhoille,
'S na theine dearg sòlais.

SIUBHAL.

O Fairigan, fairigan,
Fairigan Morag!
Aice ata chroiteag
As toite 's 'n Eorpa;
A ciochan geal criostoil,
Na faice tu stoit' iad,
Ga 'n tairnidh ga beagnair',
Ceann eaglais na Ròimhe.
Air bhuige 's air ghile,
Mar lili na lònán;
Nuair dheana tu 'n dinnidh
Ga 'n cinnidh tu deonach;
An deirgiod, an grinniod,
Am minead, 's an tinniod;

[TD 215]

Ga 'm b' àsainn chur spionnaidh,
Agus spiorad a feoil iad.

URLAR.

Thogamid ar fonn,
Anns an ògmhadin;
'S Phebus 'dath na 'n tonn,
Air fiobh òrensin;
Fa'r céil cha bhiodh conn.
Ar sga' dhor' is thom,
Sinn air daradh trom
Le 'r cuid gorraileis;
Direach mar gu 'm biodh
Maoiseach 's boc a fri,
Cromruaig a cheile dian
Timchiull òganan;
Chaillimid ar cli
Ag gaireachdich linn-shin,
Le bras mhacnas dian sin
Na h' ògalachd.

SIUBHAL.

O dastram, dastram,
Dastram Morag!
Ribhinn bhui bhastalach,
Leacruiteach ròsach;
A gruaidhin air lasadh,
Mar an lasair chlach dhaite,
'S a deud mar a sneachda,
Cruinn-shnaite an dlu òrdu.
Ri Venus chomhtlachdor,
An taitneachdainn fheolar;
Ri Dido cho'-maiseach,
Cho'-snasor 's chomh-còrr r'i;
'S e thionsgain dhomh caithibh,
'S a laodaich mo raithin,

[TD 216]

A bhallag ghrinn laodhach,
Chuir na gaithionsa m' fheoils'.

SIUBHAL.

'S mar bìthinn fa ghlasamh,
Cruaigh paisgte le pòsadh,
Dh' iobrainn chridhe mo phearsan
Air an altairse Moraig;
Gu n' libhrain gun air steal,
Ag stòllibh a cas e;
'S mar gabhadh i tlachd dhiom,
Cha b'fhad a sin béo me.
O n' urram, an urram,
An urram, do Mhòraig!
Cha mhor nach do chuir i
M' fhuil uile as a h òrdu;
Gu 'n d' rug orra ceumtuislidh,
Fa iomach dmo chuislion,
Le teas is le murtachd,
O mhochthra Diadonaich.

SIUBHAL.

'S tu réula na 'n caillean,
Làn lannir gun cheo ort;
Fior chomhnard gun charraid,
Gun arral, gun bhéolam;
Choi'-min ri cloigh eala,
'S choi'-geal ris a ghaillinn;
Do sheangshlios séamh fallain,
Thug barrachd ar mòran.
'S tu Bainrigh na 'n ainir,
Cha sgallais an còmhradh;
Ard foinni na d' ghallan
Gun bhallart, gun mhòrchuis;
Tha u coimhliont na d' bhallamh
Gu h insgineach ealamh;

[TD 217]

Caoin, mechair farast,
Gun fhathrom, gun ròpal.

URLAR.

B' fhearr gu bithinn sgaoilt
As na còrdamhsa,
Thug me tuilleadh gaoil
A's ba chòir dho' dhuit;
Go d' thig fa dhuine taom,
Gu droch gnìomh bhio's claon,
Cuireadh é cruaiigh-shnuim
Air on ghòrraich sin:
Ach thug i so mo chiall,
Uile uam gu trian;
Cha 'n fhaca me riabh
Tiunnail Mòraigs,
Ghaid i uam mo chrì,
'S shlaid i uam mo chlà,
'S cuiridh i 's an chill,
Fa na fòdamh me.

SIUAHAL.

Mo cheist agus m' ullaidh
Do 'n chunnaic me d' shéors' thu,
Le d' bhroilleach gealthuireid,
Na mullaichion boidheach;
Cha 'n fhaidh me do dh' fhuras,
Na ni mionaid uait fuireach,
Ga d' tha buarach na dunach
D'am chumail o d' phòsadh.
Do bheul mar an tsirist,
'S e milis ri phògadh,
Choimhdearg ri bhermilion,
Mar bhileagan ròsan:
Gu 'n d' rinn thu mo mhilleadh,
Le d' Cupid d' am bhioradh,

[TD 218]

'S le d' shaighdean caol biorach,
A rinn cìothram fa 'm chòta,

SIUBHAA.

Tha me lan mullaid,
O 'n chunnaig me Morag,
Chomh trom ri cloch mhuillinn,
Air lunnabh d'a séoladh:
Mac samhailt na cruinnaig,
Cha 'neil anns a chruinnidh;
Mo chri air a ghuin leat,
O 'n chunnaig me t òrchul
Na shlamagan bachlach,
Casurlach, còrnach;
Gu fainneagach, cleachdagach,
Dreachlubach, glòrmhor;
Na reullagan cearclach;
Mar usgruichion dreachor,
Le fudar 's an fhasan
Grianlasda, ciabh òrbhui.

SIUBHAL.

Do shlios mar an canach;
Mar chaineal do phogan;
Ri Phenix cho' ainnibh;
'S glan lainnir do chòta:
Gu mùirneaneach banoil,
Gun àrdan gun stannart;
'S i còrr ann an ceneal,
Gun ainnis gun òtus.
Na faichte mo leannan
'S an mhathshluagh Diadòmhaich,
B' i coltas an aingil,
Na h earradh 's na còmhradh;
A pearsa gun talach
Air a gibhtin tha barrachd;

[TD 219]

A 'n, ti dh' fhàg thu gun ainimh,
A rinn do thalamh rud boidheach.

URLAR.

Tha saoghal lan do smaointeanan feolar,
Mamón bi'dh d'ar claonadh
Le ghoisnichion;
A choluin bheir oir'n gaol
Gabhail gu ro fhaoin,
Ar striopachas, air craos,
Agus strothalachd:
Ach cha do chreid me riabh
Gu'n do sheas air sliabh,
Aon do bha choi'-ciatoch
Ri Moraigs';
A subhailcean 's a ciall,
Mar gu 'm biodh bairidia.

Leugh i crì am cliabh
Le cuid òrrachan.

SIUBHAL.

Ar comhairle na ceilibh or'm.
Ciod eile a h eir na ni me?
Ma 'n ribhainn ba tearc ceileireadh,
A sheinneadh air an fhìdeig;
Cha 'n fhaidhir a leit eile so,
Air tir-mòr na 'n oienibh;
Coimhiuain, 's coimheireachdail,
Coimhteiridneach, 's coimhìogail,
'S nì cinntéach gur nì deireasach
Mar ceilir so air Sìona,
Me thuitim an goal leathphairteach,
'S mo cherenion am dhiobhail;
Cha 'n eil do bhùrn a Seile sud,
No shneachd an Chru. nan eilideach,

[TD 220]

Nabheir aon fhionnachd eiridneach
Do 'n teine a 't' ann am ìnsin.

SIUBHAL.

'Nuar chuala me ceol leudanach
An fheadain a bha 'g Moraig,
Rinn 'm aignidh damhsa beudarach,
'S é freagra dh' à le sòlas;
Sèamh ùrlar, sochdair, leudurra
A puirt, 's a meoir a breabadaich;
B' e sid an oirfeid euggurra,
Do 'n bhéus na creuga mòra.
O chòin! a feadan bailleugach,
Cruaigh sgailleugach, glan céolar,
Nam bionn-phort stuirteoil trileonta,
Ré mindhìonach, bog rò chaoin;
A màrsal comhnard staideoil sin,
'S e lùthor grasor caismichdeach;
Fior chruinnlùadh, brisg, spalppara,
Fa clialù baschaoin sporsoil.

SIUBHAL.

Chinn pròis, is stuirte, is sprachdolachd,
Am ghnuis 'nuair bheachdaich guamag,
A seinn an fheadain ioroltaich,
B' ard iolach ann am chluasabh;
A suain cheol, siatha mireneach;
Mearstoirmeil, poncoil, mionaideach;
Na b' fhoirmeile nach sireamaid,
Ar mhirid ri h uchd tuasaid.
O 'm buille meoir ba lomorra,
Go pronnadh a phuirt uairich!
'S na h uilt ba luthor cromaidhin
Ar thollabh a chrainn bhuaghaich!
Gun slaoidmheoirich, gun ronnaireachd,
Brisg, tioram, sochdair, collaideach;

[TD 221]

Geal-lùdag na 'n gearracholluinnin,
Na craplù, loinneoil, guanach!

URLAR.

Caisgimid ar n ìot
Le glain fhion a sin,
'S bhuaillimit gu dian
Air gloir shìbhalta;
Tuilleadh cha bhiodh ann,
Gos an tigidh am,
A bhi cluidh air dam,
Air na tìodhan-sin:
Dh' òlaimid ar dram,
Dh' fhògradh uainn gun tainc,
Gach nì chuireadh maill
A bhi mìogchuisseach;
Maighdean na'n ciabh fann,
Shniomhanach na 'n clann;
Mala chaol, dhonn, cham,
Channach, fhionalta.

AN CRUNLUATH.

Mo cheann tha làn do sheillenibh
O dheilich me ri d' bhriodal;
Mo shròn tha stoidte a dh' elebor,
Na deil, le teine dìmbis;
Mo shuilean tha choi'-deireasach,
Nach faic me gné gun telescop.
'S go d' bhiodh méadach beinnidh ann
'S ann h eirinn gur e frìd é.
Dh fhalbh mo chéudfa corporra
Go docharach le brудар,
'Nuair shaoil me fortan tha chairt domh,
'S me 'm thorroichim air mo chluasaig:
Ar dusgadh as a chaithream sin
Cha 'd fhuair me ach aon failéus d'eth

[TD 222]

An ionad na maoin bearraideach
A mheal me gu seachd uairion.

Ach, ciod thug me gu glan fhaireachadh,
Ach carachadh rinn Cluanag:
'S co so, o thus, ba Mhorag ann,
Ach Siona an òrfhuilt chuachaig;
'Nuair thùr i go 'n do lagaich me,
'S go féimin rag chuir stalcaidh ann,
Go 'n d' rinn i draoidheachd-cadoil domh,
Rinn cruaiigh fìor rag d' am luaidh'ibh
Bha chleasachdsa choi fionalta,
'S coimhinleachdach mancuairt d'i,
Nach faoidainn shin thaobh sìobhaltachd,
Gun dligheadh crìon thoirt uam dh'i;
Go 'n thiuntaidh me go h orduil r'i;

'S gu 'n shaoil me gu 'm b' i Mòrag i;
'S gu 'n d' aisig me na pògan d'i,
'S cha ro d' a coir dad uaith'.

Oran na Comhachaig.

A Chomhachag bochd na sroine,
A nochd is bronach do leabadh,
Ma bha u ann re linn Donnaghail,
Cha n iunadh ge trom leat t aigne.

'S co-aoise mise do'n daraig,
Bha na fhaillein ann sa choinnich,
'S ioma linn a chuir mi romham,
'S gur mi comhachag bochd na stròine.

Nois o'n thà u aosda,
Deansa t aoisid ris an t shagart,
Agus innis dhà gun èaradh,
Gach aon sgèul ga bheil agad.

Cha d' rinn mise braid no brèugan,
Na claodh na tearmad a bhriste,

[TD 223]

Air m fhear fèin cha d' rinn mi iumluas,
Gur cailleach bhochd iùnraig mise.

Chunncas mac a Bbrithe chalma,
Agus Feargus mor an gaisgeach,
Agus Torradan liath na sroine,
Sin na laoich bha domhail taicail.

O'n thòisich u re seanchas,
A's èigin do leamhuinn nas faide,
Gu 'n ra 'n triur bha sin air foghnadh,
Ma 'n raibh Donnaghail an san Fhearsaid.

Chunnaic mi Alastair carrach,
An Duine is alloile bha 'n Albainn,
'S minig a bha mi ga èisteachd,
'S e aig reiteach na'n tom sealga.

Chunnaic mi Aonghus na dheaghaidh,
Cha b' e sin raghuinn ba tàire,
'S ann san Fhearsaid a bha thuinidh,
'Sroinn e muileann air allt Laraich.

Bu lionar cogadh a's creachadh,
Bha 'n Lochabar ann san uair sin,
Caite am biodh tusa gad' fhalach,
Eoin bhig na mala gruamaich.

A's ann a bha cuid do m' shinsridh,
Eadar ann Innse a's an Fhearsaid,
Bha cuid eile dhiu' ma'n dèathagh;
Bhiodh iad aig èabhach sa'n fheasgar.

'N uair a chithinnse dol seachad,
Na creachan agus am fuathas,
Bheirinn car beag fàr an rathaid,
'S bhi'inn grathunn sa chreig ghuanich.

Creag mo chridhe-se a chreag ghuanach,
Chreag an d' fhuair mi greis do m' àrach,

[TD 224]

Creag na'n aighin 's na'n domh siùbhlach,
A chreag aidhireach urail ianach.

Chreag ma'n iathadh an fhàoghaid,
Bu mhiann leam a bhi ga taoghal,
'N uair bu bhinn guth gallain gaothair,
A cur graidh gu gabhail chumhainn.

'S binn na h h iolarain ma bruachabh,
'S binn a cuachan 's binn a h eala,
A's binne na sin am blaoghan,
Ni an laoghan mean-bhreac ballach.

A's binn leam toraman na'n dos,
Re uilin na'n corri-bheann cas,
'San ellid bhiorach is caol cos,
Ni fois fuidh duilleach ri-teas.

Gun do chèil aic ach an damh,
'S e 's muime dhi fèur a's cneamh,
Mathair an laoigh mhean'-bhric mhir,
Bean an fhir mhal-rosgaich ghlain.

'Siùbhlach a dh' fhalbhas e raon,
Codal cha dean ann sa'n smuir,
B' fhearr leis na plaide fui thaobh,
Bàr an fhraoich bhadanaich ùir.

Gur aluinn sgeamh an Daimh dhuinn,
Thearnas o shireadh na m beann,
Mac na h eilte ris an t shonn,
Nach do chrom le spid a cheann.

Eilid bhinneach, mheargant, bhallach,
Odhar eangach uchd re h àrd,
Damh togbhalach croic-cheannach sgiamhach
Cronanach ceann-riadhach dearg.

Gur gasda a rithe tu suas
Re leachduinn chruaigh a's i cas,

[TD 225]

Moladh gach aon neach an cù,
Ach molams 'n tru tha dol as.

Creag mo chridhe-se a chreag mhor,
'S ionmhuinn an lòn tha fuidh ceann,
'S annsa an lag tha air a cul,
Na machthir a's * mùr na'n gall.

M' annsachd beinn sheasgach nam fuaran,
'N riasgach o'n dean an damh rànán,
Chuireadh gaodhar is glan nuallan,
Feidh na'n ruaig gu h inbhir-mheorain.

B' annsa leam na dùrdan bodaich,
Os ceann lic aig eararadh sil,
Bùirein an daimh 'm bi gne dhuinnid,
Air leacainn beinne 's e ri sin.

'N uair bhùiris damh beinne bige,
'S a bheucas damh beinn na craige,
Freagraidh na daimh ud da cheile
'S thig feidh a' coire na snaige.

Bha mi o'n rugadh mi riabh,
Ann an caidribh fhiagh a's earb',
Cha n fhachda mi dath air bian,
Ach buidhe, riadhach, a's dearg

Cha mhi fhin a sgaoil an comunn,
A bha eadar mi 's creag ghuanach,
Ach an aois ga'r to'irt o cheile,
Gur grathunn an fheil a fhuaras.

Si creag mo chridhe-se chreag ghuanach,
A chreag dhuilleach, bhiolaireach, bhraonach,
Na 'n tulach àrd, aluinn, fiarach,
Gur cian a ghabh i o'n mhaorach.

* Daingneach.

[TD 226]

Cha mhinig a bha mi'g eisteachd,
Re seitrìch na muice mara,
Ach 's tric a chuala mi moran,
Do chrònanaich nan Damh allaidh.

Cha do chuir mi duil san iasgach,
Bhi ga iaraidh leis a mhadhar,
'S mor gu'm b' annsa leam am fiaghach,
'S bhi air falbh na'n sliabh is t fhaghar.

'S aoibhinn an obair an t shealg,
'S àit a cuairt ann airde beachd,
Gur binne a h, aidhir 's à fonn
Na long a's i dol fuidh beairt.

Fad a bhithinn beo na mairinnn.
Deo dheth 'n anam ann mo chorp,
Dh' fhanainn am fochar an fheigh,
Sin an spreidh ann robh mo thoirt.

Càite an cualas ceol bu bhinne,
Na mothar gaodhair mhoir a' teachd,
Daimh sheanga na'n rith le gleann,
Miolchoin a' dol annta 's ast'.

'N uair a bha mi air an da chois,
'S moch a shiubhlain bhos a's thall,
Ach anois on fhuair mi tri,
Cha ghluais mi ach gu min mall.

Tha blagh mo bhogh' ann am uchd,
Le aogh maol odhar is ait,
Ise geanail 's mise gruamach,
'S cruaiigh an diu nach buan an t shlat.

'S truagh an diu nach beò an fheoghain,
Gun ann ach an ceo do'n bhùidhinn,
Leis 'm bu mhiannach gloir na'n gaothar,
Gun mheoghail gun òl gnn bhrithinn.

[TD 227]

Bratach Alastair na'n Gleann,
A strol faramach re crann,
Suaic heantas soilleir shiol Chuinn,
Nach d' chuir suim ann clannabh gall.

'S ann an Cinn-ghiubhsaich na laidhe,
Tha namhaid na graighe deirge,
Lamh dheas a mharbhadh a bhradain,
Bu mhath e 'n t shabaid na feirge.

Dh' fhag mi san ruidhe so shios,
Am fear a b' olc dhomhsa bhas,
'S tric a chuir e a thagradh an cruas,
Ann cluais an Daimh chabrich ann sas

Raonull Macdhomhnuill ghlais,
Fear a fhuair fòghlum gu deas,
Deagh Mhac Dhonuill a chuil chais,
Ni'm beo neach a charaig leis.

Alastair cridhe na'n gleann,
Gun e bhi ann mor a chreach,
'S tric a leag u air an tom,
Mac na sonn leis a choin ghlais.

Alastair Mac Ailain mhoir,
'S tric a mharbh sa bheinn na féigh,
'Sa leanadh fad air an toir,
Mo dhoigh gur Domhnullach treun.

A's Dòmhnallach u gun mhearachd,
Gur tu buinne geal na cruaghach,
Gur càirdeach u do Chlannchattain,
'S gur a dallt u don chreig ghuaaich.

Ma dh' fhàgadh Domhnull a muigh,
Na aonar a' tigh na fleagh,
'S gearr a bhios gucag air bhuil,
Luchd a chruigh bioidh iad a stigh.

[TD 228]

Mi'm shuidh air sìth bhruth na m beann,
A coimhead air ceann loch a treig,
Creag ghuanach am biodh an t sheàlg,
Grianan àrd am biodh na fèigh.

Chi mi na dubh-lochain uam,
Chi mi chruach a's beinn bhreàc,
Chi mi strath Oissian na m Fiann,
Chi mi ghrian air meall nan leàc.

Chi mi beinn iobhas gu àrd,
Agus an càrn dearg re bun,
A's coire beag eile re taobh,
Chit a's munadh faoin as muir.

Gur ríomhach an coire dearg,
Far 'm bu mhiannach leinn bhi sealg,
Coir' na'n tulachanan fraoich,
Innis na'n laogh 's na'n Damh garbh.

Chi mi braidh bhidin nan dòs,
'N taobh so bhos do sgura líth,
Sgura chòinneach nan Damh seang,
Ionmhuinn leam an diu na chi.

Chi mi strath farsaing a chruigh,
Far an labhar guth na'n sòn, n,
A's coire creagach a mhaim,
A' minig an tug mo làmh toll.

Chi mi garbh bheinn na'n damh donn,
Agus slat bheinn na'n tom síth,
Mar sin agus a'n leitir dhubh,
'S tric a rinn mi fuil na' frí.

Soraidh gu beinn allta uam,
O'n 'si fhuair urram na'm beann,
Gu slios Loch-eireachd an fheigh,
Gu'm b' ionmhuinn leam fèin bhi ann.

[TD 229]

Thòir soraidh uam thun an Loch,
Far am faic mi 'bhos a's thall,
Gu uisge Leamhna na'n lach,
Muime na'n laogh breac 's na meann.

S è Loch mo chridhse an Loch,
An Loch air am biodh n Lach,
Agus iomad eala bhàn,
'S bhiodh iad a snàmh ma n seach,

Olaidh mi a' Trèig mo theann-sath,
Na dhèidh cha-bhiodh mi fui' mhulad,
Uisge glan na m fuaran fallain,
O'n seang am fiagh a ní 'n langan.

'S buan an comunn gun bhristeadh,
Bha eadar mise 's an t uisge,
Sùgh na mor bheann gun mhisge,

Mise ga òl gun trosgeadh,

'S ann a bha an communn bristeach,
Eadar mise 's a chreag sheilich,
Mise gu brath cha dirich,
Ise gu dilinn cha teirinn.

O labhair mi sibh gu lèir,
Gabhaidh mi fhein dibh mo chead,
Dearmad cha dean mi san àm,
Air fiaghach ghleann na m beann beag.

Cead is truaighe ghabhas riàbh,
Do 'n fhiaghach bu mhòr mo thoil,
Cha 'n fhalbh le bogha fui' m' sgè,
'S gu la bhràth cha leig mi coin.

Mise a's tusa ghaothair bhàin,
'S tursach air turas do 'n ealain,
Chaill sinn an tathunn 's an dàn,
Ge d' bhà sinn grathunn re ceanail.

[TD 230]

Thug a choille dhiotsa an earb',
'S thug an tàrd dhiomsa na féigh,
Cha n eil nàire dhùinn a Laoich,
O'n luidhe an aois òirn le chèil'.

Aois cha n'eil u meachair.
Ge nach fèadar leinn do sheachnadh,
Cromaidd tu 'n duine dìreach,
A dh' fhàs gu mìleanta gàsda.

Gearraichidh tu a shaoghal,
A's caolaichidh tu 'chasan,
Fagaidh tu cheann gun deadach,
'S ni u eadunn a chasadh.

A shine chasaodunnach, pheallach,
A shream-shuileach, odhar, èididh,
Cum ma 'n leigin leat a lobhair,
Mo bhogha thoirt diom airèiginn.

O'n 's mi fhin ab' fhearr an airidh,
Air mo bhogha ro-mhath iubhair,
Na thusa aois bhothar sgallach,
Bhios aig an teallach ad shuidhe.

Labhair an aois a rithis,
'S mo 's righinn tha thu leantail.
Ris a bhogha sin a ghiùlan,
'S gur mò bù chuibhte dhuit bàta.

Gabh thusa uamsa 'm batà,
Aois ghrànda chairtidh na pléide,
Cha leiginn mo bhogh' leatsa,
Do mhathas na d'ar, eiginn.

'S iomadh laoch ab' fhearr na thusa,

Dh' fhág mise gu tuisleach an-fhann,
'N dèigh fhaobhach as a sheasamh,
Bha roimhe na fhleasgach mainmnach.

[TD 231]

Luinneag le Calum a Ghleinne.

Mo Chailin donn òg 's mo nighean duth thogarrach,
Thogainn ort fonn 's neo thròm gu'n togainn,
Mo nighean duth gun iarraidh, mo bhriathar gan Togainn,
'S gan innsinn an t-aobhar, mu nach eil is gad Thogradh,
Mo nighean donn og.

GU bheil thu gu boidheach bàndaidh Banail
Gun chron ort fo'n ghrein, gun bhèum gun sgainir;
Gur gile thu fo d' lèine' na èiteag na mara,
'S tha chaoir agam fèin gun chèile' bhi ma' riut.
Mo Chailin, &c.

Gur muladach mi 's mì'n dèigh nach maith leam
Na dheanadh dhomh stà aig càch ga mhalairt;
Bhiodh d' athair an comhnaid 'g òl le caithream,
'Se eòlas n'an còrnn a dh'fhag co-falabh.
Mo Chailin, &c.

Nan bithinn ag òl mu bhòrd na dithe
'S gu'n faichdinn mo mhìann 's mo chiall a' teighinn;
'S e 'n copan beg donn thogadh fònn air mo chriodhe
'S cha d' ugainn mo bhriathar nach iaruinne è rithist.
Mo Chailin, &c.

Bithidh bodaich na dùcha' ri bùirt 's ri fanaid,
A canntainn rium fhein nach gèill mi dhainnis,
Ge d' tha mi gun sprèidh tha tèud re tharrainn
'S cha sguir mi do'n òl fad as beò mi air thalamh.
Mo Chailin, &c.

'S iomad bodachan gnù nach dùrig m' aithris,
Le theanal air spreidh 's iad ga threigsinn a's t-earrach,
Nach cosg ann an bliodhna blaigh trìan a ghalain
'S cha d' oir e fo'n ùir ni's mòth na bheir Calum.
Mo Chailin, &c.

[TD 232]

Na'n bithinn air fèill 's na cèudan ma' rium
Do chuideachda' chòir a dhola' drama';
Gun suidhinn mu bhòrd's gun traighinn mo shearag;
'Scha duirt mo bhean riamh rium ach Dia leat a Chalum.
Mo Chailin, &c.

Ge d' tha mi gun stòr le h-òl's le h iomairt
Air bheagan do nì le prìs na mine';
Tha m' fhòrtan aig Dia 's e fialaidh uime
'S ma gheibh mi mo shlàinte gun pàigh mi na shir mi.
Mo Chailin, &c.

Ge mòr le cach a tha mi milleadh
Cha d' thugainn mo bhòid nach òlainn tuilleadh;

'Se gaol a bhi mòr tha m'fheoil a' sireadh;
Tha 'n sgeul ud ri aithris air Calum a Ghleinne.

Mo Chailin donn òg 's mo nighean duth thogarrach,
Thogainn ort fonn 's neo-thròm gun togainn,
Mo nighean duth gun iarraidh, mo bhriathar gan Togainn,
'S gan innsinn an t-aobhar, mu nach eil is gad Thogradh,
Mo Chailin donn òg, &c.

<eng>Translation from A. R.<gai>

BHEIL fhios co chunna' mise an raoir,
A teachd a nuas an t-sraid a'm' chòir,
Mo leannan fèin 'an breachdan ùr,
Bo mhaiseach i 'sa cùl mar òr;
Thuirt mise buicheas d'an ùair *,
Nach d' iar luchd gaoil a chuir 'an call;
'S on tha do mhathair gun bhi d' chòir,
Nach doir sinn sraid d'an bheinn ud thall.

A Cheit a ghaoil nach fhalbh thu leam,
A's fàg an Baile' so gun tamh;
Tha chaoille' 's gach gleann fo bhlàth gu tròm,
'S an samhradh seoltainn air gu caomh;

* Aòiche.

[TD 233]

Bithidh smeorach 's uisag air gach bac,
'S an Eilit bheag le a meann 's a choill':
'S gach ailein gorm a's lòn a's pairc,
Bheir dhuit buan shlainte 's beath oil.

Nis on thain' an samhradh blà,
'S a dhoirteas è a nuas a dhirùchd;
Theid sinn gu taobh an aoilt gun tamh,
A thrusadh lus mu bhun n'an stùchd;
Gheibh sinn an neonain a's an creamh,
'S a bhuigheag anns an lòn gu dlù;
'S aig glachda' chèileadh laimh air laimh,
Gun tuit sinn air a chòinich ùir.

'Sa ghleannan chèutach bhrighear bhlá,
Tha dháras taitneach m' Athar dlù;
Chì thu easan lusach tlá,
'S an beatha fàsm'an cuairt mar bhù;
'S'an am d'an ghrèin bhi ard a's blá,
Gu áite duthair gluaisidh sinn;
'S a' m' lamhaibh glachda' mi thu trà,
A's bhéir mi gaol a's pòg a's rùn.

Ceardach Mhic Luin.

LA dhuinn air Luachar Leobhar
Do chearar chrogha do'n bhuighinn
Mi fein *, is Oscar † is Daorghlas

Bha Fionn fein ann, is b'e Mac-Cumhail.

Chunncas tighinn o'n mhadh
An toglach mor is e air aon chois
Le chochal dubh, ciar-dubh craicion,
Le cheann-bheirt lachdainn is i ruadh-mheirg.

Bu ghranda coslas an òglaich,
Bu ghranda sin agus bu duaicnidh,

* Ossian.
† Diarmad.

[TD 234]

Le chlogaid ceann-mhor cèutach,
Mar mhaol eidi' dh'fhàs duaicail.

Labhair ris Fionn Mac-Cumhail,
Mar dhuine bhiodh dol seachad;
Cia i an tir am bheil do thuini'
Ghiulla le do chulai' chraicion.

Lun Mac-Liobhain, 's e m' ainm ceart,
Na 'm biodh agaibhse beachd sgeul orm,
'S gu 'm bithinn re obair Gobhainn
Aig Ri Lochlainn ann an Spaoili'.

Thainig mi gur cuir fo gheasaibh
O 's luchd sibh tha freasdal armaibh,
Sibh gu mo leantain buighinn shocair,
Siar gu dorsaibh mo Cheardaich.

Ciod am ball am bheil do Cheardach?
Na 'm fearda sinne g'a faicsin?
Faiceadh sibhse sin, ma dh' fhaodas,
Ach ma dh' fhaodas mise, cha'n fhaicsibh.

Sin n'ar chuaidh iad nan siubhal,
Mar chuige mugha na luimedheirg
Air sliabh buidhe mar bheithir
Gu'n robh sinn' nar ceathrar buighnibh.

Bu bhuighinn dhiubh sin an Gobhainn
'S bu bhuighinn eile dhiubh Daorghlas,
Bha Fionn 'nar deidh san uair sin
Is beagan do dh'uaislibh na Fèine.

Cha deanadh an Gobhain ach aon-cheum,
Thair gach gleannan faoin 'n robh fàsach
Cha ruigeadh oirne ach air eigin,
Cearb d'ar n' aodach shuas ar masaibh.

Tearna gu urlar a choire
Dire re bealach na saothair;

[TD 235]

Fosa beag ort, ars' an Gobhain,

Druidse romham arsa Daorghlas.

'S na fàg mi 'n dorsaibh do Cheardaich
Ann aite tean is mi'm aonar.
* * * * *
* * * * *

Fhuaras ann sin builg g'an seide
Fhuaras air eigin ceardach
Fhuaras ceathrar Goibhnibh re meirbhidh
Do dhaoine dairbhe mi dhealbhach.

Gu'n do labhair fear do na Goibhnibh
Gu grimeach agus ga gruamach
Co e am fear caol gun timeadh,
A shineadh mach tinne Cruadhach.

Dubhairt Fionn fear fuasgla' na ceiste,
(An lamh nach teagamh 'san fhiadhach)
Cha bhi 'n t ainm sin sgaoilte,
Bha Daorghlas air gus an uair so.

Bha seachd lamhan air a Ghobhin
Agus seachd teanchair leobhar aotrom,
Na seachd ùird a bha gà spreige,
'S cha bu meas a fhreagra Caoilte.

Caoilte fear fhaire na Ceardaich,
Sgeul deirbhte gu'n troid e
Gu'm bu deirge na'n gual daraich
A shnuadh, a toradh na h oibre.

Fhuaras ann sin na'n sìne,
Do armaibh dìreach daite
'S an coliana air an deanaibh
Do dh'armaibh sìnte na faiche.

Fead, agus Faoi' agus Fasdai,
Is a Chonnlann nic na Ceardaich,

[TD 236]

'S an lann fhad' a bh'aig Diarmad
'S ioma' la riamh a dhearbh i.

Agam fein a bha Deire na'n colag,
Bu mhor farum a truide
'S Mac-an-Lùin a bh'aig Mac-Cumhail,
Nach d' fhag fuigheal do fheoil dhaoine.

Gu'n do ghabh sinne ma shiubhal,
Gabhail sgeula do Rì Lochlan;
Sin n'ar labhair an Rì uasal,
Le neart suairc mar bu chuma.

Cha tugamaid air bhur eagal
Sgeul do sheisir do'r buighinn
Gu na thog sinn na sleaghan
'S gu'm b'ann re aghaidh na'm bratach.

Bha iadsan ann na'n seachd cathan,
Cha do smuainich fllath re teiche
Ach air lar na foide fineadh,
Cha robh sinne ann ach seisir.

Bu dithis diubh sin mis; agus Caoilte
'S bu triuir dhiubh Faolan feall,
Bu cheathrar dhiubh Fionn air thoiseach,
'S bu chuigear dhiubh an t Oscar calma.

B' e sheisir Goll Mac-Mòrna,
Nach d' fhuiling tàir re m' chùine
Togaibh mi tuile dheth 'n àireamh,
O chuaidh 'n Fheinn gu sodra'.

Ba mhath mi la na teann-ruith
Ann am Ceardaich Lònach Liubhain.
An nochd 's anmann mo chàil
An dèis a bhi 'g rìreamh na buighne.

[TD 237]

ORAN cumhadh Choire-'n eas-a leis a Phiobaire dhall.

MI 'N diu a' fàg' ail na tìre,
'Siubhal na frìgh air a leath-taobh,
'S è dh' fhàg gun airgid mo phòca.
Ceann mo stòir bhi fuaidh na leacabh.

'S mi ag gràighe 'n alltain riabhaich,
Aig iaraidh gu beallach na fèatha,
Far am bi Damh dearg na cròice
M' fhèill-eoin-roid a dol san dànsuair.

'S mi 'g iaraidh gu Coire an easa,
Far a minig 'n do sgapadh fùdar,
Far am biodh miol-choin ga 'n teirbairt,
Cur mac na h èilte gu dhùbhlán.

'Coire gun easbhuidh gun iomrall,
'S tric a bha Reabard ma d' chomraich,
Cha n'èil uair a ni mi t imradh,
Nach tuit mo chridhe gu trom-chràdh.

'S è sin mise coire an easa,
Tha mi seasamh mar a b' àbhaist,
Ma thà thusa an t fhear ealain,
Cluinneamid annas do làimhe.

An aill leat mise a rusgadh ceoil dhuit,
'S mi am shuidhe mar cheò air bealach,
Gun speis aig duine tha beò dhìom,
O'n chuaidh an Còirneilair fuaidh thalamh.

Mo chreach mo thùrsa 's mo thruaighe,
Ga chuir san uair so dhomh ann fhìre,
Mhuintir a chumadh rium uaisle,
Bhi 'n diu ann san uaigh ga m dhì-se.

[TD 238]

Na'n creide tu uam a choire,
Gur e doran sud air m' inntinn,
'S cuid mhoir e dh' abhar mo lei-sgail,
Nach urraim mi seasa re seinn duit.

Measar dhomh gur tu mac Ruairidh,
Chunairc mi marris a Chòirneal,
'N uair a bha è beo na bheatha,
Bu mhian leis do leathaid na sheòmar.

Bu lion'ar do mhaithin na h Eirinn,
Thigeadh gu m' rèlain le h eàlaidh,
Sheinneadh Ruairidh dall dhomh fàilte,
Bhiodh mac Aoidh 's a chairdin mar ris.

O'n tha thusa a' caoidh na'n armunn,
Leis am b' abhaist bhi' ga d' thaghal,
Gu 'n seinnims' eàlain gun duais duit,
Ge fada uam 's mi gun fhradharc,

'S lionar caochladh teachd san t shaobhal,
Agus aobhar gu bhi dubhach,
Ma sheinneadh san uair sin dhuit failte,
Seinnear an tra so dhuit cumha.

'S è sin ceòl is binne thruaighe,
Chualas o linn mhic Aoidh is Dhòmhnuille,
'S fada mhairis è na 'm chluasabh,
An fhuam a bh' aig tathunn do mheòirin.

Beannachd dhuit agus buaidh làrach,
Ann 's gach aite 'n dean u seasamh,
Air son do phuirt bhlasda dhionach,
Sa ghrian aig teannadh re feasgar.

'S grianach t uirsin fèin a Choire,
'S gun fhèidh a' tearnadh gu d' Bhaile,
'S iomad neach da m b' fhiach do mholadh,
Do chliath chorrach, bhia'char, bhainneach.

[TD 239]

Do chlob do bhorran do mhìnlteach,
Do shlios a choire gur lianach,
Lubach, luitheach, daite dionach,
'S fasgach do chuilidh 's gur fiarach.

Tha t èideadh uil air dhreach a chanaich,
Cireain do mhullaich cha chreannaich,
Far 'm bi' na fèigh gu torach,
'G èiridh faramach ma d' fhireach.

Sleamhuin slios fhad do shliochd araich,
Gun an gart na'n cal ma t iosail,
Mangach, mabhach, aoghach, tearnach,
Graidheach craiceach fradharc frithe.

Nòineineach, gucagach, mealach,
Lòineineach, lusanach, iumaidh,

'S bòrcach do ghorm luachair bh'ealaich,
Gun fhuachd re doinionn ach cireach.

Simragach, sealbhagach, duilleach,
Min-leachdach gorm-shlèiteach gleannach,
Biachar, riabhach, riasgach, luidheach,
Le 'n dilte cuideachd gun cheannach.

'S scuirtail leam gabhail do bhraighe,
Biolaire 't uisge ma t innsibh,
Miodar maghach, cnochdach cathair,
Gu breac blathair ann uchd min fheoir.

Gu gormanach, tolmanach, aluin,
Lochach, lachach, dosach, crai-ghia'ch,
Gadnarach, faghaideach, braieach,
'G imain na h eilid gu namhaid.

Bùireineach, dubharach, bruachach,
Fradharcach, cròic-cheannach, uallach,
Feòirneineach uisg na 'm fuaran,
Grad ghasgeant' air ghasgan cruu'laich.

[TD 240]

Balg shuileach fàileantadh, biorach,
Sheangshronach, eanglarach,
'S an anmoch is meanbh-luath sireadh,
Air mhìre a' dìreadh sa chòire.

'Sa mhadin aig èiridh le'r miolchoin,
Gu muirneach, maiseach, gasda, gnìomhach,
Lubach, leacach, sgiamhach,
Carach, cabrach, cnagach, fiamhach.

'Nam da'n Ghrèin dol air a h uilinn,
Gu suilteach, rèubach, glèusda, gunnach,
Snapach, armach, calgach, ullamh,
Riachach, marbhach, tarbhach, giullach.

'Nàm dhuinn bhi' tearna gu d' rètlain,
Teinnteach, cainteach, cainnleach, cèireach,
Fionach, cornach, ceòlar, tèudach,
Ordail, eòlach, 'g òl le rèite.

Sguiridh mi nois dhiot a choire,
O'n tha mi toilicht do d' sheanchas,
Sguiridh mise shiubhal t aonaich,
Gu's an tig mac Aoidh do dh Albain.

Ach 's è mo dhùrachd dhuit a Choire,
O'n 's mor mo dhùil re dol tharad,
O'n tha sinn tuisleach sa mhunadh,
Biodh mid a' triall thun a Bhaile.

ORAN le Uilliam Mac Coinnich, do inghean Choinnich ruaidh mhic sir na Comraic.

'S Cianail m' aigne o na mhaduinn,

Ghabh mi cead do 'n ribhin,
Tì Chomh-thaitneach riut cha'n fhaic mi
Ann an dreach no fiamhachd;
Bu trian do m' lòn do bhriathribh beòil
A teachd mar cheol a sìoth-bhruth,

[TD 241]

'S an t sheirc atà'nad' bhraighe bàn,
A thaisg mo ghràdh gu diomhair.

Ciochan corrach, lìonta soluis,
Air do bhroilleach rè ghlan;
Do sheang-shlios fallain mar an eala,
Na mar chanach sleibhe;
Bas ionmhuinn caoin na'n geal mheur caol,
A' dealbh na'n craobh air pèurlain,
'S tu fialaigh glic 's do chiall gun tig,
Air diamhaireachd na rèultan.

Do bhràighe gle-gheal mar ghath grèine;
T aghaidh re ghlan mhòthar;
Tiunnail t eug'ais tearc re fhèatuin,
Gur tu rèul na n òighean;
Gur bachlach, dualach, casbhui, cuachach,
T' fhalt ma'n cuairt ann òrdubh;
'S ann tha gach ciobh mar fhàin air sniamh,
'S gach aon air fiamh an òir dhiubh.

Inghean aingil na rosg malla,
'S na'n gruaigh glan tha narach;
Dà shùil ghorm mheallach, fuid chaol mala,
'S gach aon a' mhealladh graidh dhiubh;
Tha maise ad ghnuis, gun easbhuidh muirn;
Beul meachair ciuin ni màran;
Do bhriodal caomh, 's do loinn màraon,
A rinn mo ghaol-sa shàradh.

Corp seamhaidh bàn, cho-lìonas gràdh
Gach tì a tharbhich iul ort;
'S ann tha do shnuagh, to'rt bàr air sluagh,
'S tu 'n ainnir shuairc chliuiteach;
Do dheas chalpannan ro dhealbhach,
Gun bhi' meanbh na domhail;
Troigh chruinn chòmhnard' fhalbhas mòthar,
Nach dean fèoirn' a lùbadh.

[TD 242]

Choimh glain is tù 's neo-shoilleir dhùinn,
'S mar gheallach u 'n tùs èiridh;
Beul tana dearg mùint' 's anail chùbhraidh,
'S tiunnail u do Vènus.
'S e chrùn do thlachd deud mùirn mar chailc,
Air a dhluth a ceart re chèile,
O' n tig an t oran, èatrom ceolmhor,
Mar an smeorach chèitain.

O thla nan dùl tùs rath' fhuair thu,
Bhiodh modhail, ciuin gun àrdan;

Tha iochd is cliù, as loinn, as muirn
Air a ghlaigh dlù re d' nàdor;
'S tu air do bhuaibh a freamh na'm buagh,
Do 'n trèun fhuil uasail statoil;
U fialaidh pailt ann gnìomh san tlachd,
'S do chiall co-shreip rè t àilteachd.

Os cionn t àilteachd riäbh cha dàinig
Gnùis o laimh na trianaid;
Gur soilleir dhùinn, 'n uair rinneadh thu,
Nach robh na Dùilin diamhain;
Ur riomhin thlà 's ro rioghail gna's,
Do dhilsin graidh tha lion'ar;
A ghèug na m buàgh, ge cian mi bhuat,
Na gèill-sa chluain luchd mì-ruin.

Mi cian o d' chaidribh, 's buan dhomh fhaidid,
Dh' fhàg sùd m' aigne piänail;
Osnadh ghna gun fhois gun tamh,
A fhrois gach blàth do m' fhion-fhuil.
'S e bhrosnaich deoir 's a chlaoidh mo threòir
An ribhinn òg so thrial uain;
'S tu 's trom a dh' fhag mi, oigh mo ghràidh,
Le d' bhron atà mi cianail.

Oran le Oig-mhnaoi d' a Leannan.

GUR e m' anam is m' eudail
Chaidh 'n de do Ghleann-garradh;

[TD 243]

Fear na gruaig' mar an t òr
'S na poig air bhlas meala.

Ho ao o ho u o
Ho ao o ho u o
I ri ri o ho ao o
I ri ri 's i o dhiali o.
Fear na gruaig, &c.

'S tu 's fhearr do 'n tig deise
Do na sheasamh air thalamh.
Ho ao o, &c.

'S tu 's fhearr do 'n tig culaddh
Do na chunna mi dh' fhearuibh.

Coitain Lunduinneach du-ghorm,
'S biaidh na cruintain ga cheannach.

'S tu 's fearr do 'n tig osan
'S brog shocrach nam barr-iall.

'Nuair a rigeadh tu 'n fheill
'S e mo ghear-s' a thig dhathigh.

Mo chriosan, mo chire
'S mo stiomag chaol cheangail.

Mo lamhainne boidheach
'S deis oir air am barruibh.
Mo sporan donn iallach
Mar re scian nan cas aineamh.

Thig mò chrios a Dun eudain
'S mo bhreid a Dun-chailliunn.

Cuim am biodhmaid gun eadail
Agus ni aig na Gallaibh?

[TD 244]

Gheibh sinn Crobh as a Mhaorann
Agus Caoirich a Gallamh.

'S an a bhios sinn ga 'n arach
Air airidh 'm Braidh-raineach.

Ann am bothan an t sugraidh
'S gur e bu dhuna' dha barrach.

Bhiodh a chuag 's an smudan
Ag gabhail ciuil duinn air chrannaibh.

Bhiodh an damh donn sa bhuireadh
Gar dusgadh sa mhaduin *.

A Bhainnis bhan, le Fear Srath-mhaisidh.

AIR FONN.

Mo rùn air a chomunn ud
Cha somolta neo-thomadach,
Mo dhùrachd do 'n chomunn ud
Gun bhò gun bholla gann doibh †.

AN cuala' sibhs' a bhainnis bhàn,
Bh'aig Eohban Mac-Dhùghail Dia-mairt,
Ann am Pachd-ulla gu h ard
Aig na thràigh iad angar.

'Nuair a thainig iad a nios
Rinn iad ath-chuinge re Brian
Iad a bhi uille co-liath,
Re ciabhag Fhir na bainse.

Labhair Fear na bainse fein
Tha dath airgid oirn' gu leir
Ciod an cron tha oirn fui' 'n ghrein
Mar dean fear-beurra rann oirn.

* Le langan.

† Pacculla.

‡ Orr.

[TD 245]

Thuirt Paul Mac-Mhuirich gu fòil
Agam-sa 'ta bhratach shroil
Is mar sguir am Bàrd ga sgleo
Mar tha mi beo theid sreang air.

Thuirt an Cleireach gu dàn'
Agam-sa 'ta ceart thair chàch;
Theid am Ministair am' phairt
'S gun d' theid am Bàrd sa Bhrangas.
Thuirt am Maighisdir-Scoile liath
Mu 'se gleus air mhas a mhiann,
Mo roghuinn-s' e th'air seachd ciad
'S i cheaird bha riamh cuir ann damh.

Thu'irt fear bu dàine na càch
Agam cha'n'eil speis d'ar dàn,
Eiribh 's cuimt' * an t urlar blà'
'S gu'n lion mo lamh-sa dram dhuibh.

Dh'eirich iad uil co bhras
'S ann an sud bha farum chos,
Mar gu'm bìodh an Troup ghlas,
Ag dol am baiteal Frangach.

Cha di-chuimhnich mi gu bràth
Gus an d' theid mo chridh o 'n lar
Comunn ciar-duth glas mo graidh
A bha san am so dannsadh.

Duanag.

CHUNA' mise mo leannan
'S cha d' aithnich e 'n de mi.

Na hi u i horin, o
O ho chall eile
Na hi u i horin o.

[TD 246]

Cha d' fhiosraich, cha d' fharraid,
Cha do ghabh e mo sgeula.
Na h u, &c.

Cha bann aig bha choire,
Ach nach d' fhuirich mi fhein ris.

Gu'n cinnich an Domhnach
Le Clann-Domhnuil nan geur lann.

Luchd na'm boghanna iudhair
Chuiridh siubhal fuidh shaighdibh.

Luchd nan claidheanna geala
Chuireadh faileas re grein diubh.

Luchd nam musgaide tromabh
Chumail coinneamh re cheile.

Thug sibh mionnan a Bhiobail
Ann srath iosal uilt-eirinn.

Nach d' re' cloidheamh an duille
Gus an cruinte Rìgh seumus.

Oran le oigh d'a leannan, a bha 'n cunntart a treigeadh.

TRI nithean gun iarruidh
'S e eagal, is iadach is gaol,
'S bu bheag a chuis mhaslaidh
Ge d' ghlacadh leis mis air a h aon,
'S a liuthad bean uasal
A fhuaras sa chiont ud robh mi,
A thug an gaol fuadain
Air ro bheagan duaise ga chionn.

Fail irin illirinn uillirinn.
Oro laoidh

[TD 247]

Cruaidh fhortan gun fhios
A dh'fhag mise fo thruim do ghaoil.

Bu laoghaid mo thamailt
Na m b' earruinn a b' fhearr a bhiodh ann,
Ach dubh chail' a bhuachair
'Nuair ghlacadh i buarach na laimh;
'Nuair a thig an droch earrach
'S a chaillear an ni ann sa ghleann,
Biaidh aois' air an tulaich
Gun tuille ga bunailteas ann.
Fail irinn, &c.

Fhir a dhireas am beallach
Beir mo shoruidh d' an ghleann o thuath
Is innis do m' leannan,
Gur mairionn an gaol 's gur buan
Fear eile cha ghabh mi
'S cha 'n fhuiling mi rium a luaidh;
Gus an dean thu ghaoil m' aicheadh,
Cha chreid mi o chach gur fuath.

Mur d' thig thu fein tuilleadh
Gur taitneach ata mo chliu,
Cha d' rinn mi riut comunn
'S cha do luidh mi leat riamh an cuil,
Cha ghabhain bonn maslaidh
O dhuine chuir ad air a chrùn,
Bha m' intinn cho beachdail
'S gu'n smachduichinn gaol nach b'fhiu.

Mur d' thig thu fein tuilleadh
Gur aithneamh 'm mhalairt a bh'ann,
Nach robh mi cho beairteach
Re cailinn an achaidh ud thall
Cha toirinn mo mheisneach,

Mo ghliocas is gnìomh mo lamh
Air buaile chrobh ballach
Is cailinn gun iul nan ceann.

[TD 248]

Fhir nan gorm shuile meallach
O'n ghleannan am biodh an ceo,
Ga 'm biodh a chaoin mhala
Mar chanach an t sleibh fo dhriuchd;
Nuar rachadh tu air h uillinn
Bhiodh Fear dhireadh nan stùc,
'S nam biodh do ghaol mar riut
Cha b' aireach an ceile leam thu.

Cha b' ann air son gaduichd
No idir mar thailceas air spreidh,
Cha b' ann do shiol bhodach
Bha m' osna cho trom ad dhiaidh,
Sar mhac an duin' uasail
Fhuair buaidh air an duthaich gu leir
Ge do bhithmaid falamh
'S ioma caraid a chitheadh oirn feum.

'S truadh nach bheil mi 's mo leannan
'S a chrannaig air stiuireadh le gaoith,
No 'm buthaig bhig bharraich
Aig imeal na mara fo thuinn,
No 'n loistean d' an darach
Aig taobh na mara o thuath,
Gun chuimhn' air a chailinn
A dh' fhag mi an caraibh chruidh laoidh.

Oran do Mhac Baroin nan Crun an Arasaig.

AN diu 's mor lium a ghaoth
Th' aig buigheann mo ghaoil
Air ruidheachuibh faoin gun aird orra.

'S tu m' anam 's mo ruin
Mar ai-leus an t iuil,
Mhic Baroin nan Crun air Arasaig:

A mhic an Athar gun ghruaim
Air an ro mhor mo luaidh,
Gu ma fallain 's gach uair slainte dhuibh.

[TD 249]

Clann Domhnuill mo ruin
Luchd a dhioladh nan crun,
Bheirin tosach air thus failte dhuibh.

Sud an comunn gun gho
Ga 'm bu chomus an t ol,
'Nuair a shuidheadh na h oig san tabhairne.

Dream eile fo dheas
Gu'n eirgheadh sud leat

Clann Neil cha b' e 'n treas fagalach.

Siol Dughaill a ris,
Fìr ura 's mor pris
'S iad nach fhuilngheadh an spid thamailteach.

Mac Mhic Mhastair oig
O Chaisteal an t sroim,
'S Mac Ionmhuinn o'n Chro 's gu'm fheird sibh e

Thig sud oirn a nall
Mar sud anns gach am,
Fìr mhuideart nar ceann is Arasaig.

B' ait leam sud or r'a sheinn
Ga 'm bu Thormaideach treun,
Siol Torcuill o'n Bheinn 's o'n Bhana leat.

Ri gu 'm b' ait leam bhur cliu
Dhol farsuing 's gach taobh,
'S e 'm pailteas a's tus natuir dhuibh.

'N taobh eile d'an chaol,
Cuim an ceilinn na laoich,
Tha Mac-Coinnich 's Mac-Aoidh cairdeach dhuibh.

Clann Ghill-Eoin nan tur,
Cha mhearachd da m' run,
O 's sean agus ur bhur cairdeis riu.

[TD 250]

Ach beir soruidh no dho
Da m' Ghraugaich ghil oig,
Ann di-chuimhn' da m' dheoin cha 'n fhagàin i.

Ach nam faighin o m' Rìgh
Mar thaghain damh fhein
Cha chluinninn fhein gnìomh bhur naire chaoidh.

Duan a Mhuireartuich, no Mhuileartuich.

LATHA d' an Fheinn air tulaich shoir
Ag amharc Eirinn mu'n timchioll
Chunnairc iad ag teachd air fonn
An t arracht eitidh creathoil crom.

'S e b' ainm d' an fhuath nach robh tiom
Am Muireartach maol ruadh Muingeann
Bha eadan du-ghlas air dhreach guail
Bha deud a charbuid claon ruadh.

Bha aon suil ghlogach na cheann
S bu luaithe e na rionnach maodhair
Bha greann ghlas-dubh air a cheann
Mar choille chrionuich fo chrith-reo.

Re faic'inn na Feinne bu mhor goil
Shantuich a bheist a bhith nan innis

An tosaich mireadh agus àir
Rinneadh leis gean gun chomain,
Mharbh e le abhachd ceud laoch
'S a ghaire na gharbh chraos.

O loch nan Cuach thainig mi
Gu teith diomasach deadh dhian,
Geill as gach aon fhear sa chath
Gur e dh' iar am fuath gu comhrag.

Fear is fear mar chomhrag cheud
Chuireadh an rìgh dh' fhios na beist,

[TD 251]

'S mar ruitheadh a mhuir-chlach muigh
Mharbhadh am Muireartach Muingeann.

C'ait am bheil fir a's fear na sud;
'S e labhair am Muireartach Muingeann,
San tìr san tainig mi chugaibh,
Mhic Cumhaill, gu grain nan oilein.

Chuirinn-se sud air do laimh
A Mhuileartuich Muingeann chlaoin chaim,
Air scath luchd chumail nan cón
Na bith oirne ga d' mhaoitheadh.

Gheibh thu cumhadh 's gabh sith,
Thuirt Mac Cumhaill an t ard rìgh,
Deich ceud ubhall d' an òr ghlan
'S tog dh'inn a chulanuichnan coin.

Ge d' gheabhuinn-se brìgh Eirinn uile
A h or a h airgiod 's ah ionmhas
B' fhearr leam fo chosgairt mò shleagh
Oscar, is Raoine, is Cairioll.

Labhair laoch nach d' fhuiling tair
Mac Mornai d'am b' ainm Conan,
Caillidh tu dos a chinn chrin
Re deagh Mhac Oissain d' fhoir rìgh.

B' asadh dhuit ord crothadh nan cloch
A chagnadh fo d' dheudaich
Na comhrug nam Fiann fuileach
Air nach do bhuadhaich aon duine.

Dh'eir'ich Fionn flath na Feinne,
Nuair chunnairc e colg na beiste
Dh'eir'ich Oissain flath nam fear
Dh'ei'rich Oscar agus Iulunn.

Dh'eir'ich Ceothach nan arm nuadh
Dh'eir'ich sud is Raoine ruadh

[TD 252]

Dh'eir'ich Ciar-dhubh Mac Brabh
Dh'èir'ich Art Mac Morain nam Mionn,

Dh'eir'ich diais a b' aluin dreach
Cuchuluinn is Faolan neo mheas.

Dh'eir'ich na laoich nach bu tiom
Laoich Mhic Cumhaill nan arm grinn
Rinn iad cro chum a chatha mhoir
Mu'n arracht air faiche nan scleo.

A cheathrar laoch a b' fhearr san fheinn
Chomhruigeadh e iad gu leir
Is fhrithealadh e iad mu'n seach
Mar ghath rainne na lasrach.

Thachair Mac Cumhaill an aigh
Is a bheiste laimh air laimh;
Bha taobh a cholla re guin bualuidh
Bha braon d' a fhuil air na fraochuibh.

Thuit am Muileartach leis an righ,
Ach ma thuit cha b' ann gun stri
Deuchainn cha d' fhuair e mar sin
O la ceardaich Lóin Mhic Libhainn.

Dh'fhalbh an Gobhain leis a bhrigh
Gu teach athar an aird righ;
Rinneadh beud, deir Gobhain nan cuan,
Mharbhadh am Muireartach ruadh.

A righ Beatha dhuit is nair
Ar saruchadh le luchd aon oilein.

Mur do loisg teine, mur do bhath tonn,
Mur do shluig muir leathann lom,
Cha robh do dhaoinibh air domhain
Na Mharbhadh am Muileartach Muingeann.

Cha b'e mharbh e ach an Fhiann
Buidheann leis nach gabhtadh fiamh;

[TD 253]

Cha d' theid fuath na airrachtas
O'n t sluagh aluin fhalt-bhuidhe chas.

Bheir mise briathar a ris
Ma mharbhadh am Muileartach min
Nach tog mi do Eirinn aigh
Tom, innis, no oilein;

Nach tog mi an corruibh mo long
Eirinn chorranta cho-throm
Cuiream breabanuich air muir
Ga togbail as a tonn-bhalla,
Crocaín chroma re tir
Ga tarruing as a taibhe.

Is mor an luach do loingis bhain
Eirinn uile a dh' aon laimh
'S nach deachaidh loingear air sal
A thogadh cuige do dh' Eirinn.

Chuir e fios gu flathaibh Fail
Am Muireartach fhaotain da slan
No barra brigh Eirinn uile
Eadar mhac righ is aon duine.

Gabh mo chomhairle, 's in choir
Labhair Mac Cumhail mhic Trein-mhoir,
Is fearr or cruinte nan clach
Na comhrag nam Fiann fuileach.

Marbhadh, no Fionnghuill Ghlinne-cumhainn.

LAMH Dhia leinn * a shaoghail!
Tha thu carach mar chaochladh nan sian;
Beirt nach guidheamaid fhaotuin,
'Taid † na sruthuidh ag taom ‡ oirn anios;
'S a chneadh fein air gach aobhar,
Bhios gach duine ag caoineadh 's e tinn,

* Marbh-phasgort.
† Marb na.
‡ aomadh.

[TD 254]

Breth Mhic-samhain * r 'ar n aois oirn †
S iad ag gleac rinn o thaobh cuil ar cinn.

A Righ fheartuich na greine
A tha 'n cathair na feile dean sith
Re cloinn an fhir a bha ceutach
'S nach bu choslach re feileagan crion;
'Nuair a thogtadh leat bratach
Nan crann caol, nan srol daite 's nam piob
Bhiodh mnaoi ag caoidh le fuaim bhas
O neart laoch nan arm scaiteach san strì.

Gheibhte aignidh duin' uasail
Aig a bhail' agus uaidh' agad beo,
Cha b' i ghèire gun tuigse
Bha sa bheul bu neo thuisliche gloir,
Ceann na ceille 's na cuideachd
Ge d' rinn eacoruich cuspoir do t fheoil
Cha b' e 'm breugair a mhurtadh †
Aig luchd a sheideadh am pluice mu d' stol.

Fear mor bu mhaith cumadh,
Bu neo scathach an curuidh gun ghiomh
Cha robh barr aig mac duin' ort
Ann an aille no 'n uiricleadh \$ cinn
Ann sa bhlar fhuair thu urram
Toirt cath' laidir an cumasg an righ;
Mo sgeul craiteach am fulach
Bha 's tigh chlair || an robh furan nam beus.

Cha robh do chridhe mar dhreugan
Tarruing slighe na h ea-coir a' d' chuis

'S tu le d' chloidheamh aig eiridh
As leith t athar 's righ seumus a chruin;
'Taid ann Albainn 's ann Eirinn
Luchd a thaithich 's a reiteach do chuis,
Biaidh la eile ga dheuchuinn
'S tu d' luidhe an ceiste san uir.

* shamsain.

† air saoidhin.

‡ Cha b' e 'm breugaire Murtaidh bh'aig.

§ Gun uireasbhuidh cinn.

|| tigh-lair an robh iomairt. nam pias.

[TD 255]

Thrus do chinneadh r' a cheile
Dheanamh coinne an de ann san dùn;
Cha d' aithris thu sceula,
Fhir a b' urra a reiteach gach cuis;
Eite dhaingeann an sceith thu,
'S am baranta treun air an cul;
Biaidh la eile ga reiteach
'S mise druidt' fo dheilibh san uir.

Cha b' i sud an fhuil shalach
A chaidh dhortadh le falachd * sa ghleann,
A liughad umuidh mar ghearrann,
Bha cuir fuduir na dhionnuibh mu 'r ceann!
A Righ dhuluich nan aingeal
Gabhsa curam d' ar 'n anam-ainn thall
Chaidh ar cuntus an tanaid
O gharbh dhusgadh na malart a bh' ann.

B' iad mo ghradh na cuirp gheala
Bha gu fiughantach, fearoil, neo-chrion;
'S mairg a chunnairc bhur n uailsin
Dol fo bhinne luchd suathadh an lìn;
Na 'm biodhmaid uile 'nar armuibh
Mu 'n do chruinnich an t sealg ud da'n tìr,
Bhiodh luchdcho tacha dearga
Gun dol tuille' do dh' armailt an righ.

Cha robh gnothach aig leighibh
Dol a leigheas nan creuchd a bha slan,
Ag call am fola fo 'n leintibh
Sud na fir bu mhor feileachd roimh dhaimh †
Na'm b'e cothrom na Feinne
A bhiodh edir sibh fein 's Clann-Gall

* Gu talamh, air talamh, le faileachd.

† Cha d' fhuair sibh riamh leigh a
Dhol a leigheas bhnr creuchd gu bhi slan,
Ach call am fola foi'n leintibh
Bha na fir bu mhor feil' re luchd dhàn.

[TD 256]

Bhiodh eoin shalach an t sleibhe
Gairsinn molach air chreabhugan chaich.

Cha b'e cruadal bhur cridhe
Choisinn buaidh dhuibh air sithinn * mo run
Ag tilgeadh luaighe na srithibh,
Sud an uair a bha mi-shealbhach † dhuinn
Edir uaislin is mhithin
Sud an uair a bha ruidh oirn o thus
O's i 'n uaigh ar ceann uighe
Biaidh na sluaistin ag frithealadh dhuinn.

Cha bu chorcana gioraig
Chumail comhnard an slinnein roimh chach
Uaidh 'n la thoisich an iomairt
Chaill Clann-domhnuill ceann fineadh no dha;
'N gleacair og ar Ceann-cinnidh
Chuir a dhochas an smioruibh a chnamh;
Gheabhadh cocaire biora
Rogha spoig o dheagh spionna a lamh.

Luchd a thraoghadh nam buideal
Bheireadh earach a ruban do 'n fhion
'Nuair a tharladh sibh cuideachd
Bu neo-bhrudeil mu 'n chupan ud sibh
Aig iomairt thaileasg is chluichidh
Air a chlar bu neo thruineil bhur gnìomh;
Cha bu cheaird a measg truid sibh
'Nam paidheadh na cuideachd 's ga 'n diol,

Gu'm bheil mise fo mhulad
Ag amharc bhur gunna air steill,
Sar ghiomanach ullamh
Leis an cinneadh an fhuil ann sa bheinn;
Ann am frith nan damh mullaich
Far an deantar libh munasg air seilg;
Ge bu tric sibh gan rusgadh
Cha d' iar sibh riamh cuntas sna bein.

* Buidhinn.

† Mio-altrach. Mio-thorach.

[TD 257]

Cha bu sclealpuirin gealtach
A bhiodh ag maoidheadh an gaisge gach la,
Tha san oilein nan cadal
Is nach duisg gus am faicear am brath;
Luchd a dhireadh nan eit-bheann
Le 'n cuilbheiribh gleust' air an laimh
'S lionar fear nach d' fheud eiridh
Bha na ghiomanach treun air a h earr.

Ata mise lan artneil
Re am a bhith faicinn bhur beann,
Cha luidh' mo chuidh curaim
Re bhith cuimhneach bhur duchanna thall;
Mura bhiodh dhamh mar thachair
Is ann leomsa gu 'm b' ait a dhol ann,

Ach gu'n tainig * a chreach oirn
Mar gu 'n ruitheadh † a chlach leis a ghleann.

Is lion ar fear faraid ‡
Th' aig tighearn' og loch-nan-eala so th' ann,
Edir ceann Locha-raineach,
Rugha-shleite 's bun gharaidh nam beann:
Bha thu t fheichean gle dhaingeann
Far an eisdte re d' theanga an caint,
Mar earball § peacoig ga tharruing
'S mar ghath reubaidh na nathrach gu feall ||.

Leum an stiuir bharr a chlaiginn
Le muir suigh 's gun sinn ath-chainteach dho,
Dh' fhalbh na crainn 's na buill-bheirte,
'S leig sinn ullach na slait air an sgoid **;
'S bochd an dusgadh sa mhaduinn
So fhuair sinn gu grad a theachd oirn;
Ma gheabh sinn uine r'a fhaicinn ††,
Bheir sinn fucadh mu'n seac air a chloth.

* Gus an d'thainig.

† Tuiteadh.

‡ Molaidh.

|| Ga'm biodh feich-iondas dhaingeann, 's nach eisteadh re maithibh nan caint.

§ Eite, pheann ga taruing.

** Reubta na nathrach gu call.

†† A scoid.

[TD 258]

Oran Gaoil.

BEIR mo shoruidh le duthrachd
A dh' fhios na h ùr * chalin oig,
Air an d'fhas na meoir ghrinne
O'n tig binneas is ceol;
'S e do ghradh chuir orm mulad
Agus doilichinn † mhor,
Nach d' fhead mi dol laimh riut
A dh' eisleachd marain do bheoil

Moch maduinn 's thu 'g eir'idh
'S tu 'n ribhin glan ur,
Cha b' e ruaidhe nan eibhleog
A chit' ag eiridh na d' ghnuis,
Ach t fhuil shoileir ghlan uasal
Mar shruth fuarain o ghrunt,
Corp a's gile na'n fhaoilinn
Ag snamh air chaochaladh buirn.

O 's ioma duin' uasal
A th' air a bhuaidreadh mu d' ghradh,
'S e na shineadh air uileann
Mar dhuine foi phraimh;
Ge do dheantar dho leaba
Cha chadal 's cha tamh,
Ach smuain air bean t fhasain

A Ribhinn ghasht' a chuil bhain.

A Ribhinn ghasta ghlan speiseoil
D'am bi' ceutfaidh ro mhor,
Tha do dheud mar na distin,
Blas fion' air do phoig,
Slat d'an abhall ur uasal
Do 'm bu dual bhi re spors;
'S lionmhor sruthan ard uaibhreachd
Tha 'g eiridh suas an ad phor.

* Uir.

† Duilichinn.

[TD 259]

Tha mulad air m' inntin
Agus mi-ghean gu leor,
Mur gabh thu grad thruas rium
'S mi 'n cruadh-chas ro mhor;
Cinntte 's gorach a bharail
Do dh' fhear falamh bochd og,
A bhi' staor' a bean fearainn,
Is e gun earras gun stor.

Cha 'n earras 's cha storas
A tha mi 'g ionndruichinn uam,
Ach do phearsa dheas dìreach
A dh' fhas gu sìobhalta suairc;
'S ceart co lionar do shloinne
Anns gach oilein mu 'n cuairt,
Beul o'n tairise comh-radh!
'S tu 's boich' tha 's Taobh-tuath.

Ge mor e ra raiteadh
Na chaidh is na theid,
C'ait am bheil e sa chruiinne
Neach a chumadh riut beus,
Ann an aille do phearsa
'S gach aon tlachd tha da reir;
Calb is cuimire 'n osan,
A's luthair coiseachd air feur

Bheirinn mionnan air Biobla
Ceart co chinnte 's am bas,
Ge d' bhiodh agam-sa oighreachd
Agus staile ro cheart,
Coir bhi agam air duthaich
Gun aon duil re dhol aist',
Na 'n deanadh tu lubadh,
Na bu leam gu 'm bu leat.

[TD 260]

CAOI' Dhoirdir airson Naois agus Clan Uisnich, dhimich Deurdir uaith
Chonchair rìgh Ulamh le Nais Mac Uisnich agus a dhithis bhrathairibh,
(iodhain, Ailbhe agus Ardan) gu h Albain, ionad ann rabhadar gu sona
snaibhneach re uin' fhada, gus na chuir Conchair teachdaireachd shithaimh
chairdeil nan dei' gus na phrill iad gu Rìgh-Eirinn, ach d' imir an rìgh

feall orra, agus mharbh, an triuir chùraibh 'n am dheidh teachd air tìr,
an sin dhruid, Deirdir nis na cuirp agus chaoine gu cumhach iad agus
chuir, lamh am ach anam fein.

CLANN Uisnich nan each geala;
Thainig a tìr nam fear fùileach,
Creud so do bhiodh air ar n eachaibh
No creid e a ta g'ar cumail,

Ta g'ar cumail fada uaine,
Creid is fa nach cumhain an ruaig
* Lamhan air bhog attaibh bàn
Nir cheol cadail dhuinn an cogadh.

Còdal uile 's beag a lochd,
Do dhaoine bhiodh ri deoireachd;
Ge d' nach biodh coga fo na ghrein
Ach daòine bhi as an tìr fein.

Chuirmear ar luingeas amach,
A chaith' a chuain gu h eolach,
Bha sinn subhach ri seoladh
Is bha Deirdir dubhach do-bhronach.

Creud e fa do thuirse bhean
Agus sinne beo 'n ar beatha
Ni h aithne dhuinn neach d'ar bualadh
Ni h eagal luinn fuath no sichaimh.

Aislinn do chunnacas an raoir;
Oirbhse thriuir braithre barra chaoin (a)

<eng>* (Soft brooks) threatning white hand. More than mild.<gai>

[TD 261]

Ar cùibhreach is ar cuir san uaigh,
Leis a Chònchair chlaoin ruagh.

Air chlochaibh sin is air chrannàibh.
Agus air lachaibh na linne
Is air chuileinibh na'm fiadh chor
Is air earbas fiar an t Seannaich.

Creud bheir sinne 'n daill an laoich
Is farsaing na fairge amach
'S a liughad cala caol is cuan
A b' fheudar tarruing (a) gun uabhas.

An am luidhe do na ghrein
Nir b' aobhar suain dhuin e
C'ait ionnar ar ghabh long tìr
Ach fo Bhaile mor Rìgh Conchair.

Thainig Conchair amach le
Sheachd fichid laoch cheann-uallach
Is dh' fhiosraich le briara brais
Cia na sloi' 'ta air an luingeas.

Clann do pheathar àta ann;
Sin triar a thainig air tuinn
Air oineach 's air chomairc an Ri
Aig tagradh dilseachd ar cairdeas

Cha chlann peathar dhamsa sibh
Nir bheairt saoi (b) do rinn sibh orm
Thug sibh mo bhean uam a b' fhoill (c)
Si Dèirdiri dhonn shuileach ghlei' gheal.

An uair a sgaoil do long mu làn
Is tu a mullach na mara dillin
Thug sinn dhuit ar long fein
Do bhi'mar ann nair sin a' do reir. (d)

<eng>(a) Without fear.<gai>
(b) Sona.
(c) Le foill.
<eng>(d) Friends.<gai>

[TD 262]

De d' mhàrbha sibh caogad righ
Air mo bhui'eachas gu fior
Ni am faigheadh sibh an diu do m' shith
Ach gach uil' èasai' 'm faodain (e)

Do rinne mar dhuit bàì' bheag eile
O 's e nis an tam do chuimhnicheadh
Chuir sinn' thu 'n comaonibh lionar.
'S dilleas ar còir air do chomraich.

An tann do chuir Murcha Mac Briàn
Na seachd caithibh am binn Eadair (f)
Thug sinn' thugan gun easbhui'
Cinn Mhic righ na h Earrdheise.

Ge d' mharbha sibh caogad Ri'
Air mo bhui'eachas gur fior
Ni am bheil sibh an diu do m' shith
Ach gach uil' eas-shith do 'm feadain.

Eirich a Naois is glae do chlai'
A dheagh mhic an Ri is glan coimhead
Creud fa 'm faigheadh a cholain shuairc
Ach a mhàin aon chuairt do 'n anam.

Chuir Naois a shalta (g) ri clàr
Is ghlac a chloi 'n a dhorn
'S bu gharg deanal nan laoch
Tuitim air gach taobh do bhord.

Gluais a Dheurdrunn as do luing
A gheug ur nan (h) abhra dhuinn
Is ni h eagal do ghnuis ghloin
Fuath no 'eud no achmhasan. (i)

Ni 'n rachar am seasd as mo luing
Gu 'm faighe mi mo raogha achuinge

(e) (Ea sith) <eng>mischief.<gai>
(f) Eadinn.
<eng>(g) Resolved.
(h) Brown complexion.
(i) Reproach.<gai>

[TD 263]

Cha tir, cha talamh 's cha tuar
Cha triuir braithre fa ghlan snua' th
Cha 'n or, cha'n airgiod 's cha 'n eich
Ni mo is bean uaireach mise.

Ach mo chead a dhol an trai'
Far am bheil clann uisnich nan tamh,
Gu'n tibhrim mo thri poga meala
Do na tri corpa caomh geala.

Sgabileadh a falt dualach tlà
(k) Aig a mhnaoi bu chuana cail'
Mu 'm bearra si leith a b feill (l)
Atrad a bhruid bu choirle,

Do ghluais Deirdir an tràì'
Is fhuair si Saor aig sna (m) isheadh raimh
A sgian aige cion (n) na leith lamh
Is a thuagh iona (o) na lamh eile

A shaoir is aile am facas riamh
Creud air an tiubhra tu an sgian
Gur e bheirinn duit g'a ceann,
Aon fhaine buaghach na h-Eirinn

C'ait an robh am fàine geasach (p)
An la do bhaòghluisheadh clann uisnich
'L iongna le buaighibh an fhaine,
Mar fhuarah an cràdh no 'n guinsin (q)

La gu 'n robh Naoine cur cloiche
Ann 'n ursainn cath fiann na faiche;
Do sgaoil an fhàil (r) oir fa mheur
'S thug dhamhsa i mo ghragh da ta sgai,

Och do chuimhnich mo ghradh gealsa
Am faine feartach a bhi na fhochair
N baoghal do o ghoil nan sluaghaibh
A ghuin le thuath no le sochai'

<eng>(k) Strong constitution.
(l) Unintelligible.
(m) Shaving oars.<gai>
(n) Aon.
(o) Ann.
<eng>(p) King of Charms.<gai>
(q) Guin, <eng>stitch.<gai>
(r) Failbheag.

[TD 264]

An sin do shannntaich an saor am faine
Air dheise 's air àilne
Gur e bheirin duit ga cheann
Aon sgian aghmhor na h Eirinn.

Caoi', no Triabhunn Deirdir
Cha ghairdeachas gun chlann uisnich
O! s tuirseach gun bhi' nar cuallach
Tri mic righ le 'n diolfai deoraibh.

Tri leoghain a chnuic na h-uamha
Tri manuinn a bh' Ti Bratain, (s)
Tri seobhaig o shliabh a chuillinn;
An triar d'an geile na gaisgich
'S do n tiubhra na h amh thuis uram.

Thri Steallain do 'n ubhal oir
Nach fuilingeadh deannal nan tir,
Tri mic uisnich o Dhun mona,
O tri eoin a chochail chaomh.

Na tri eoin a b' aille snuagh,
A thainig air chuan nam bare
Tri mic uisnich o 'n charra-chruinn (t)
Tri lachaibh air tuinn a snamh.

(u) Soiri' soir gu h-Albain uam
Farma mhath fraorac cuain is gleann
Ann am biodh clann uisnich ri sealg,
Bu aobhain suidhe air leirg a beann.

(x) Nior b' iongna mi thabhairt grai
Do dh' Albain ur fa re roid
Bu ghlan mo choili na measg
Bu leam a h-eich is a h-or (y)

Bail' agus leath Albain fein
Do bhiodh agam ard an ceum,
Is le Fergus nan colg laidir
Gur maisg a thainig gu h-Eirinn.

(s) Albainn.

<eng>(t) Round rock.<gai>

(u) Bheir soiri.

(x) Rion bhi agam bu bhreagh .oidin.

(y) Seirc.

[TD 265]

O ghlinn Maisinn sin gleann Maisin,
Gor a chreamh is geal a dhosan
Minic do romneas codal iorrach
Air do mhulachsa ghlinn Maisinn

Gleann Daruail sin, Gleann Daruail
An gleann is binne guth cuaich
Is binne guth gaodh-air fo 'n choille chruim.

Os ar ceann ann Gleann Daruail.

Aoibhinn Dòn Meaghr is Dun Fhionn
Aoibhinn an dùn bha os a cheann
Aoibhin Innis Dreoghainn leathain
Leis sin agus Dun suibhne.

Cearthar sin ann Innis Dreoghain
Far nach faodfadh na slogh ar noisheadh
Mise fein 's ni moid an àgh,
Naois Aillbhe agus Ardan.

Bhiodh Aillbhe againn ri toirbheirt
Is Ardan ri seilg sèanta
Is Naois fein ceann ar muintir
Is mise ri fuaim nan teuda

La gu'n robh fir Alba 'g ol
Is clann uisnich bu mor cean (z)
Do inghean Draosach Dhun Ireoir
Thug Naois dhi pog gun fhios

Gu na gheall e dhi alldaimh aon
Agh allaigh is lao' na cois
Is thaghaill se aic air chuairt
Air pilleadh o shluagh Innarnis

Thug a bhean sin o Dhun Ireoin
Briaran is a boid mhear
Gur an racha Naois a dh'eug
Nach i racha si fein le fear

(z) Gheall e nar philleadh e chuairt.

[TD 266]

O choin nar chuala mise sin
Lian mo cheann lan do 'n eud
Tilgeadar mo churach air tuinn
Coimheas leam bhi beo no eug

Do thug naois a bhriara fior
Is a lugha more am fianuis arm
Nach cuireadh ormsa feirg no gruaim
Gus an rachamad air sluagh nam marbh

Do leanadar mise amach
Aillbhe is Ardan a bha treun
Is philleadar mi ris a steach
An diais a chuireadh cath air cheudan.

O da chluinne sibhs anochd
Naois dhol fo bhrot an cre
Throm ghuile sibh gu bras
Is ghuilins a sheachd leath.

'S iad clann uisnich sud tha thall
Is iad nan luidhe bonn ri bonn
Is da 'n suimluigheadh marbh roimh mhairbh eile

Gu'n suimlighe sibhse romhamsa

Tri Dreagno dhunmonai
Triar currai' na craobh ruaighe
Tareis nan Triath nior bheo mise
Triar a bhriseadh gach aon ruaigh.

Do threigeas aoibhneas ulamh
Fa 'n triar curaibh do b'annsa
Mo shaoghal am feasd mor fhade
Na 'n laighear aon fheas leamsa

Dair fosgladh a phartainn
Na deantaran uaibh le gu docair
Biaidh mi 'm fochair na huaighe
Far a deantar truai' agus ochain,

[TD 267]

'S mor a gheibhinn do shochair
Ann am fochair nan curaibh.
Le (a) 'm fuinn iad gun teach gun teine
Och mise am feasd nach biodh dubhach.

An tri sgiatha is an tri sleagha
Ann san leabai dhuinn gu minic
Cuirir' an tri cloi' cruadha
Sint' osceann uaigh nan gillaibh

An tri conaibh is an tri sealbhaic
Biatar am feasd gun luchd seilge
Tri triari choimhead catha
Triar dhalaibh chonnail chearnaich.

Tri iallaima nan tri Iun sin
Do bhuin osna o mo chridhe
'S ann agamsa do bhiodh an tasgai'
Ga 'm faicsin is aobhar caoi.

Och is truagh mo shealla orra
'S e dh'fhag mi fo dhochair is fo thuirse
Trua' nach deach mise san talamh
Sol fa 'n do mharbha clann uisnich,

O's truagh ar tuirse le Fergus
Gur cealgach chum na craobh ruaidhe
Le na briara blasda binne
Fadh ma n' mhilleadh sibh aon uair

Och 's mise Deirdir gun aoibhneas
Anis aig criochnacha mo bheatha
Bronnfam do'n triar mo thri pogaibh
Is duinas ann am bron mo laeth.

(a) Na'm faighinn.

[TD 268]

ORAN le Iain Lom air dha fearg aghabhail ri Mac mhic Alasdair Ghlinne
garradh thoisich e air moladh Shir Alasdair Mac Comhnuil, agus Shir
Seumas a Mhac.

A BHEAN leasaich an stop dhuinn,
'S lion an cupa le solas,
Mas a branndi na beoir i,
Tha mi toileach athola
'N deochsa air Chaipain chlann Domhnuil,
'S air Shir Alasdair òg thig on chaol.

'M fear nach duirig athola
Gun tuit 'n t shuil air a bhord as,
Tha mo dhurachd don oigfhear,
Crann curi chlann Domhnuil,
Rìgh nan dùl bhi gad chonadh fhir chaoimh.

Greas muguairt feah 'n taigh i,
Chum gun gluaisain le aidhir,
Le slìochd uaibhreach an athar,
A choisin buaigh leis chlaideamh,
Fion ga ruagadh 's ga chaitheamh gu daor.

Sliochd a ghabhail nan steud u,
Dh' fhas gu slaitheasach faoili,
Do shìochd gasta chiuin cheutaich,
'S d bha tathaich n Eirin,
Gad a fhuair an claideamh 's an tèug oirbh sgrìb.

Bhìgh an t iubhar ga lubadh,
Aig do fhleasgaichin ùra,
Dol a shiubhal nan stùc bheann,
Ann 's an uighe gun churam,
Leis a bhuithin ro an ruisgte na gill.

'S tha mo dhuil ann 's an Trianaid,
Gad thainig laigse air t fhion'uil,

[TD 269]

'S lat don chuilin bha ciatfach,
Dh' fhas gu furanach fialai,
'Theasadh duineil air beulamh an Rìgh.

'S an am dhuit gluasad o d aitreameh,
Le d cheol cluaise agus caismeachd,
O thir-usal nan glas-charn,
Gan ro cruadal 's gaisge,
Cam bu shuaicheantas bar gaganach fraoich.

Nuar a chairte fo luchd i,
Bhi tarruing suas air a cupail,
Bord a fuarach 's ruidh chuip air,
Snaim air fuathail a fliuch a bhuid,
'S truth mu guailibh 's i suchta le gaoith.

'S nuar a chairte fo seol i,
Le crainn ghasda 's le cocaich,
Aig iomart cleasan 's ga seoladh,
Aig a comhlann bu bhoighich,

Seal mun togta orra roseal o thir.

Gu Duntuilm nan fear fallain,
Far an greadhnaich luchd eallaigh,
Gabhail failte le cairrim,
As na clairsiche glana,
Do mhnaoi oig nan teud banala binn.

Sliochd nan cuirinn talmhai,
Leis n do chuireadh cath garabhach,
D fhuair mi urrad gar seannachas,
Gun robh an turas ud ainmail,
Gun ro tigh 's le alba foir cis.

'S iuma neach a fhuair coir uaibh,
Ann sann àm ud le'r goraich,
Ban diu Rothaich 's Rosaich,
M'Coinich 's Diuc Gordon,
M'Illeain o Dreolain 's M'Caoid.

[TD 270]

Be do shuachaintes taitnich,
Long 's leomhan 's braddan,
Air chuan liobhara an aiggeal,
A chraobh fhiguis gun ghaise,
A chuireadh fion di le pailteas,
Lamh dhearg roi ghaisgeach nan tim.

Nuair bu sgi do luchd theud e,
Gheibhte bioba lga leubhadh,
Le fìor chreidimh ceile,
Mar a dh' orduich mac De dhuibh,
'S gheibhte teagasg na cleir uaibh le sith.

Mhic Shir Seumas nam bratach,
O bhun sleitibh nam bradan,
A ghlac an fheile 's a mhaise,
O cheann ceile do leapa,
Cum do reite air a casabh,
Bi gu reusanta macanta min.

Sliochd na mìle na fear u,
Na srol 's nam pios 's na cup geala,
Thogadh sìoda ri crannaibh,
Nuair bu rioghala tarruing,
Bhi pic ribhach na meallan na teinn.

Gum bu slan 's gum bu h iomlan,
Gach ni tha mi g iomra,
Do theaghlach Rìgh Fionghall,
Oighre dligheach dhùntuilm thu
Olar deoch air do chuilm gun bhi sgi.

ORAN Rinnruari, le Eoin M'Alasdair Ruaidh.

'S e Latha Rinnruari,
A dh fhag luanch mo dhùsgadh,
Mu thuitim chlann Domhnuil,

Cha bu leoghain thaobh cuil iad,

[TD 271]

Thug sibh mach an ratreate,
Choisin ceitibh le diu bhail,
Ga bu thearnadh gu leir dhuibh,
Bha bàs Chleibhir ra chunnta.

An leoghan fuileachdaich rioghail,
Nach drinn fhirinn a mhuchadh,
A chum gu dainginn a lanntachd,
Mur a gheall e o thus e,
Cha d thug òr ort na eagal,
Gun seasabh ri'd chumhnant,
Ach ma thuit u le onair,
Bann do dhonas na cùis e.

Bu sheobhag fireannach suairc u,
Bu mhath am buachaille air treud u,
Gan cumail a gábhadh,
Thoirt dhoibh aite agus rèlain,
'S tu nach cùiridh ri ball iad,
Thabhairt an danguing air eiginn,
Dhinnis sinn Dunchailean,
Nach ro anam a d chrebhaig.

Thighearn og glinn a gairidh,
Luidh 's màl air do shugradh,
'S mor do chàll ri rìgh Seumas,
Gad a dheighidh e diuc dhiot,
Bha Domhnul gorm gaolach,
'S fhuil chraobhach a bruchdadh,
'S eigin fhulang na thainig,
Dh fhalbh do bhrathair.—na ùr-às

Bu duine urranta seolta,
'S bu chraobh choraig roi cheud e,
Do dh fhear mor bu mhá cumá,
Bhaig gach duinne na speachlair,
Gad thug ro mhead do nairidh,
Bras is ardan le cheile,
Ort gun athadh gad phearsuin
Oig ghaiste na feile.

[TD 272]

U gun a fhuasgladh o tiom sa,
Od dhislin na d chairdin,
Fòid air aghaidh gach duinne,
Ni gun chumadh gun aireamh,
San ro d fhraoich a bha n cùram,
Gad bha diubhail is call ann,
Thuair u n tearalas cliutach,
Ort a dhubailt na rancan.

'S truadh nach ro iad gad dhubladh,
Na bha tianais gad chairden,
Air an tarruing mun comhair,
Fir ghlinn cothan 's a bhraighe,

'S toisich latha ghil sholais,
Chite am fòlais gach fàilin,
'S gur thainn duine a coim e,
Ar deigh bhì pronadh.

Cur he mhiadaich mo champar,
Liuthad bantrach tha d dhuthaich,
Agus oganach treibhich,
Nach d' eithidh am pusadh,
Thuit le luaith e san àm ud,
Buala lann cha bu shùgradh,
Thoirt a mach an a d bhanse,
'S cha do shantaich sibh pùicidh.

Leag bhur n intin an socair,
Air chosnadh 's air chruadal,
Adol air bhur naoghairt,
Ann an aoghaidh an fhuathais,
Cha do shàntaich sibh pillidh.
Bho nach slinnein ba dual duibh,
S bha an cluidhe sinn cailtich,
'S iad ag raithin gur buaidh e.

'S cha n ann leis na claidhean,
Fhuair ar daoine an leonadh,
Ach nach d' fhuair iad riamh fuirich,
An lathair cumasg ri còmhrag,

[TD 273]

'S mairg a chunnaic na sùighin,
An tùs irraghail na dorin,
Bhì gan spadagh le luaithe,
'S gun tilgidh buachaille bho i.

S a Dhonail nan Donul,
'S òg a fhuair u do dh'fheachain,
'S gur iumad bean bhrònach,
Eadar troiternis 's sleitibh,
Mu chinnidh mor t athar,
'S iad nan luidhe gun eiridh,
'S tha luchd bhualadh nan buillin,
Air furich san teipail.

B ann dhiu Do mhnul 's Seumas,
Iad ann eiridh fon chumasg,
Mu chreach mhòr mar a dh'eirich,
A chuid bu leithe bu duilich,
Dhoibh bu dual a bhì treibheach,
O n athair fein thar gach duine,
'S geul bu dona na d' eigh sud,
Ri leighis leigh cha d' rinn fuireach.

Mo chreach mhor nan tri truaighe,
Caradh uaislin chintire,
Tighearn òg sin na leargann,
'S goirt 's gur searbh bhì ga innse,
Mud tuit fhear mà calfhach,
'S cuis iargain a chuigh e,
Air tuitir san doirinn,

'S bu duin og san dol sios e.

Gun do mhac a bhi ad aite,
'S gun ad bhrathair ach leanabh,
'S gun aon duinne a lathair,
Do na thainig od sheanair,
Sud an sonn a bha uasal,
Nach d fhuair riamh an scainneal,

[TD 274]

'S a bha ga fiughantach rioghail,
Air dol a sios mar an ranach.

A Shir Eoin fon Chorpaich,
'S e do Dhochain nach Iarrain,
A chnadh fein thar gach duinne,
A bhis sinn uille ga iargain,
Meid 's a bhuillich an Rìgh ort,
Cha ba ni e gun fhiachain,
'S gad fhaithidh tu bàr air,
'S daor a phaigh u e am bliadhna.

Chaill u raodha do dhaoine,
Ann an adhbhar a bhrathar,
Bho 't oige gud shinne,
Chum u an imairt gun fhailin,
Siomad fonn do dhuin uasal,
An robh cruadal le abhachd,
Chaidh e sios leat dod chinnidh,
On la a ghinnidh gu h'aite u.

On la a ghlac u do chlaidheamh,
Gun athadh dod nàmhaid,
Bu mhath do chuis thuins gail,
An aoghaidh chrombail 's lambeat,
'S nam mairidh tu uille,
On uirridh mar bha u,
Gun falamha rìgh Uilliam,
'S cha chumadh M'Cai e.

Ach fhir aird a seille,
'S mor do Dheireas le'm feachdabh,
Chaill u braithrin ma ciatfhaich,
'S diol do Iarla Mhacabh,
Iad fein 's fir a bhraidhe,
Bhi gam marbhadh ri caisteal,
Le dibhail commande,
'S gun an naimhdin ga fhaicsin.

[TD 275]

Tha tuitfhear na h apuin,
Fo airsneal an comhnuidh,
Slinn duth air a druthadh,
Fuidh dhunadh a chòta,
'S e ag iargain mu bhrai'ribh,
B iad na hailigin bhoigheach,
Gad thug luighid an athaidh,
Orra n là ud bhi gorach.

Chail u t ànaisdir fearrain,
'S gum be t Alasdair suairc e,
'S mor am bearna as a dhuthaich,
Bhi gad uintrachain uatha,
Cha b aithne dho cùis,
A bheiridh cliu do dhuin ùasal
Nach ro fuaite riut daingin,
Aig a bhaille agus uaithe.

Bha u urranta dàna,
Bha u aili diagh reibhich,
Bha u cinneadail cairdail,
Bha u garbh ri àm fèime,
Nàm fuiridh an luaithe,
Gun do bhualadh san leim sin,
'S mairg fear do mhi rùine,
Air am brùichde lann d feirg u.

'S a mhic Dhomnuil mhic Ailein,
Gum bu mhairiche fìor u,
Fleasgach suairce ciuin ceannalt,
Fìr shearrail ad thim u,
Bu mhor do bhaigh 's cha bu taobhghail,
Ris na daoine chaidh sìos leat,
Bha triuir Iar-o mhic Raonuil,
Air an taobh 's gum bu di bhail.

Cha n aithnidh dho dilis,
Ann san rìghachd so 'n geart uair,

[TD 276]

O bhreothadh clann Domhnuil,
'S clann Chamerain gun seachnadh,
Mac Illean bhon dreoilain,
'S ma bu choir dha bhi ceart dhuinn,
Mar 's a bhuil le dhurachd,
Mac Iain Stiùart 's M'Neichdin.

Mac Grigair a Ruaro.

<eng>Perth Shire Airs No 88.<gai>

THA mulad, tha mulad,
Tha mulad gam lionadh,
Tha mulad, bochd truadh orm,
Nach dual damh chaidh' dìreadh.
Tha mulad, &c.

Mu Mhac Grigair a Ruaro,
Ga'm bu dual bhi 'n glein-liobhuinn
Mu Mhac Grigair, &c.

Mu Mhac Grigair na'm bratach
Dha 'm bu tartarach pioba.
Mu Mhac Grigair, &c.

Ga'm bu shuaicheantas giubhas,

Re bruthach ga dhireadh.
Ga'm bu, &c.

Crann caol ar dheagh locradh,
'S ite dhosach an fhir-eoin.
Crann caol, &c.

Crann caol air dheadh shaitheadh,
Cuid do dh' aighir mhic Rìgh e;
Crann caol, &c.

[TD 277]

Ann an laimh dheadh mhich Mhuirich,
Ga chumail reidh dìreach.
Ann an, &c.

Ge do bhuail e mi 'm ba-laoch,
Gu n' ghearan cha bhi mi.
Ge do, &c.

Ge do dhean iad orm ea-coir,
A thi fein co ni dhioladh?
Ge do, &c.

'S luchd a ghabhail mo leith sgeul,
Ann san t sheapail so shios uam,
'S luchd a, &c.

Luchd a sheasamh mo chorach,
Is e mo leon am bi dhi orm.
Luchd a, &c.

Mo chomh-altan gaolach,
Ann leabai chaoil 's an ceann iosal.
Mo chomh-altan, &c.

Ann an lein chaoil anairt,
Gun bhannan gun sid orr.
An an, &c.

'S nach d' iar sibh ga fualadh,
Mnaiean uaisle na tire.
'S nach, &c.

Ort a bheirine comhairle,
Na'n gabhadh tu dhìom i.
Ort a' &c.

Nuair a theid thu 'n tigh-osda,
Na h ol ann ach aon deoch.
Nuair i, &c.

[TD 278]

Gabh do dhrama na d' sheasamh,
Is bi freasdlach mu d' dhaoineadh.
Gabh do, &c.

Na dean diuthadh mu d' shaitheach,

Gabh an ladar no'n taoman.
Gabh an, &c.

Dean am faoghar do'n gheamhra,
'S dean an samhra do'n fhaoilteach.
Dean am, &c.

Dean do leaba 's na cragaibh,
Is na caidil ach ea-trom.
Dean do, &c.

Ge h aineamh an fheorag,
Gheabhar seol ar a feadain.
Ge h, &c.

Ge h uasal an seabhag,
Is tric a gabhar le feall e.
Ge h, &c.

Tha mulad, tha mulad,
Tha mulad gam lionadh.

ODE.

'S Luaimnach mo chodal an nochd,
Ge beo mi, cha bheo mo thlachd,
Mo chridh air searg ann 'm uchd,
'S trom dubhach m' intin gu beachd.
'S anns an arach, annso shios,
Tha bean is meachire, min-gheal cruth,
Deud air dhreach cailc 'n a beul,
Bu bhinne no teud chiuil a guth.
Mar chobhar an uisge ghloin,
Mar shlios eala ri uisge merr,

[TD 279]

Glan leug mar an cathamh-cuir
Dfhag thu me gan chobhair ann d' dheigh
Slat ur nam faina fionn,
Bean is mine, moghar, suil,
'S a gruaidh, mar an caoran dearg,
Air lasadh mur dhealbh an rois.
Meoir fhionn air bhasa ban,
Uchd soluis is aile snuadh,
An gaol a thug mi dhi r'a luadh
Ochan nan och, is cruaidh an cas!
Cho dirich mi aonach no bein,
Mo cheum air a lagadh gu trom,
Aighar cho tig air mo ghnuic,
Gus an dean an uir me slan.
Mar ghraine mulaich na deis,
Mar ghallan 's an og-choille fas,
Mar ghrian ri folach nan reul,
Bi thu fein am measg nam mna.

Air fonn, Coire 'n Easa.

M'anam, iomuigh thusa samhach,
Fuidh gach amhghar, agus Leatrom,
'Se do thruailleachd a thaobh nadair,
Adhbhar t anrath mar mo bheachdsa.

Greas is amhairc cia mar tha thu,
Seall le naire re do chleachdadh,
'S faic an sac tha air do Ghuailleabh.
Le do ghluasachd bhi gun fhaicill

O'n a rugadh ann do thrail thu,
Thaobh do Phairtidh sa cheud seachran,
Iomruich foidhidneach gach Doruinn,
'S biodh do bhron arson do Pheacuidh.

Tha do thoil an deis a truailleadh,
Rag re gluasad chum do Leasa;

[TD 280]

Dh'easbhuidh Cumhachd a bheir buaidh orr'
Gheibh thu m'bas is duais do'n pheacadh.

Seall anoise ciod a ni thu',
'S teich le dichionn dh'ionnsuidh Taice,
Fàg do chud throm air do † Rathan,
Tha e ghna cbomh maith re fhocall.

Thig le Irisleachd is Dochas
Dh'iaruidh Comhnadh o'n Aon bheartach,
Creid an tus gu bhuil e maoineach,
'S iar do Dhoannachd reir a Phailteis.

Thig le d' Dhoille, Ciont', is Daoirse,
Fag na Aonar airsan 'n Leathrom,
Dh'iaruidh Teagasg, Riaghladh, 's Saoradh;
Ta e annta re 'n toirt seachad.

Seall le muinighin an airde,
Chum na m Beann da' m bhuil do thaitneadh,
'N uair is trioblaidich a Chual duit,
Amhairc suas re Triath na m feartan;

Cairich d' Eallach air a Ghuailleabh;
Oir 's ann uaithe thig do Neartsa.
'S ge nach beachduich thus' a Ghluasachd,
Creid gu luath gu' m bhuil e faisg ort,

'S feith gu foighidneach re thiomsan,
'S imich dìreach reir a Rachda;
Rith do Reis le fair' is dichionn.
'S ann le stri' a ni thu streapadh.

'N uair bhios Fiaradh ann do Chrannchar,
Creid gu'n tiunndaich e gu d'thaitneadh.
Bheir Seillein maith o Luithean Searbha,
Mil bhios tarbhach, brigherr, blasda.

Ge'd 'bhiodh Freasdal dhuit ar Uaireabh,
Tuill' is cruaidh a reir do bheachdsa,

† Urras

[TD 281]

Tuig gur Gliocas thug ma'n cuairt e;
'S gheibh thu buannachd as am pailteas.'

Biosa furachar mu Aitheantaibh,
O staid naduir teich na thaice;
'S Glac a Ghealladh lan do shi-chaimh,
Ann an Criosd, a dhiol a Cheartas.

Air do Thuras do Chanaan,
Ge d' robh 'n fhasach lan do chrosadh
'S iomadh bruthadh air do shailibh,
Leansa ghna' re Lorg a Ghaisgich,

Thug e buaidh oscionn do shailibh,
'S bheir e gras an am na h airce
Rith d'a ionnsuidh le fein Aicheamh
'S dearbh' nach failnich do Chulthaice.

An t Ailleagan.

O Soruidhslan don Ailleagan
Bha 'n so mu 'n tra-s' an de,
Gu'n lot i mu na h airne mi
'S mi craitealach a d' dhiaidh;
Ma 's teachdair tha o'n bhas thu
'S nach slanuich mi gun leigh,
Gu'n tugas gaol o 'm chridhe
Do dh'oig nighean nan rosg redh.

Dh'fhalbh thu 'n de mu'n tra-sa uain
'S dh'fhag mi fo chradh 's fo leon;
'S e 'n gaol a thug mi 'n ciad la dhuit
A thaigh air m'fhuil 's air m'fheoil:
Ach chi mi 'n diu' cha d' thainig thu
'S air 'n aile cha b' i choir;
Tha m' osna trom an uagnuidheas
Ag smuain air bean do neoil.

[TD 282]

O tha mo smuainean cairiseach
O dhealuich sinn Dia-luan,
Gheug ur na'n glaca min-bhasach,
A leannain chaoimh gun ghruaim:
Ma ta buaidh mu 'n t sugradh ort
'S nach lub thu le meud stuaim,
Do ghaol a leasaich m' iomagain *
'S a chuir an giorrad m' uair.

'S e chuir an uair an taice rium
Gu 'n ghlac thu 'n cleachdadh ur,
Gu'n d' rinn thu 'n gnìomh nach b' abhaist duit,
Mo ghradh-s' a chuir air chul:

Cha d' aithnich mi riamh failing ort
O chairich mi ort iul,
Gu h uasal, banail, baruigeach,
Min tairis, cairdeil, ciuin.

'S min, tairis, ciuin a labhradh tu,
Gheug ur nach gann mu d' cheill;
Air Mach-thir no air Gaidhealtachd
'S tearc samhla bean do bheus:
Cha 'n iongnad cliu bhith fuaighte riut,
'S gun d' fhuaras thu gun bheud
Do shiol na fola connspuilluich
D' an suaich'nteas ceann an fheidh,

'S min, soimhe, † seamhuidh, suaimhneasach
An ribhinn uasal og;
Gur lionar cis a bhuannuich leat
Nach d' fhuaras riamh 'n co mor,
Do dha ghruaidh dhearg co taitneach,
Do shlios mar shneachd an loin,
Do shuile mealla, miogach
Mar ghrian air tionntadh neoil.

'S ann riut a lean na h abhaistin,
Leann-talaidh na'm fear og;

* Immeadan.

† Soidheamh.

[TD 283]

Gur lionar fear is oighreachd aig
Bhiodh faoidhneachd bean do neoi'l:
A measg bhan og is mhaidne
Mar dhaimein thu an òr,
Le d' chul buidh', daite, faileasach
Mar chiabha faoidh nam bo. *

'S e mheud leom fein 's a fhuair mi dhiot
A ghaoil is fuath d'a cheann,
D'an ni nach robh mo choire ris;
A ghaoil na dealich rium;
Ma ta tlas air haire rium
Na bith ga chealach orm:
O scuir mi fein do d' mhithilein
'S e dh'fhag mo chridhe trom.

Tha ni air m' aim 's cha 'n àr mi e,
Ge nàr a chuir an ceill,
Fharaid na 'm bu deonach leat
Mo phosadh o na chleir?
Cha do chuir mi teachdair uam
Gu'm facadh mi thu fein.
Ach soruidh slan d'an ailleagan
Bha 'n so mu'n tras' an de.

Domhnull Ruadh gaolach.

OCH a Dhomhnuil Ruaidh ghaolaich,
Call o ho i ri hu o,

'Se do ghaol th'air mo mhealladh;
I i ri ri u, io o ho hug eile,
Call o ho i ri hu o.

'S e do ghaol th'air mo mhealladh,
Call o ho i ri hu o.

* Cha 'n 'eil an t aite so soileir.

[TD 284]

'S truadh nach fhaicinn do bhata,
I i ri ri u, io o ho hug eile,
Call o ho i ri hu o.

'S truadh nach fhaicinn do bhata,
Call o ho i ri u o.

Teachd air aird an t siuil mhara;
I i ri ri u, io o ho hug eile,
Call o ho i ri hu o.

Siuil arda r'a crannuibh;
Sciop uirre dhaoin' uailse,
Chuireadh cluain a muir greannach. *
Bhiodh mo ghradh-s' air an stiuir ann,
Og ur a chuil chlannuich:
'S e do ghradh thug do 'n tir mi,
Fhir na mig-shuile meallach.

Bas Dhiarmuid.

EISTIBH beag † ma's aill libh laoidh
Air a chuideachd' chaoimh so chuaidh,
Air Grainne, air Fionn fial
'S air Mac o Duimhne nan scial truadh.

'N Gleann sith sin 's an gleann r'a thaobh ‡
Far 'm bu bhinn guth feidh || is loin,
Far am minic an robh 'n Fhiann
An Ear 's an iar an diaidh an con.

Air an t suth sin Ghulbunn ghuirm
Is aillidh' tulachain tha fo 'n ghrein,
'S tric a bha na sruthain dearg
An diaidh na'm Fiann bhith sealg an fheidh.

* Muir ghreannuich.

† Beagan.

‡ R'a'r thaobh.

|| Fead feidh.

[TD 285]

Dh'imir iad 's bu mhor a chealg
Air Mac o Duimhne bu dearg li,
Dol do Bheinn-Ghulhunn a shealg
Tuirc nach feadadh airm a chaoidh.

A Dhiarmuid na freagair an fhaghaid
'S na tadhaill am fiadhach breige,
Na rach teann air Fionn Mac Cumhaill,
O 's cumhadh leis a bhi gun cheile.

A ghradh nam ban a Ghrainne
Na toill-se naire do d' cheile,
Fhreagairinn-se guth na seilge
Dh'ain-deoin feirge fir * na Feinne.

Dhuisg iad a bheist as a shuain,
Bha freiceadan air shuas an gleann,
'G eisteachd re garaich nam Fiann
Is iad gu dian fo cheann.†

An seann torc nimhe a bha garg
Thainig o Bhall ard nan Alla-mhuc,
B' fhaide iongna na gath sleagha
Bu treise fhriogh na gath builge.

Leig iad ris na deadh ghadhair,
Gadhair Fhinn is fir na seilge,
Chuir iad a mhuc a bhan le liodra ‡
'S bha na t-eun choin air a tionntadh.

A mhic o duimhne fhir threin,
Ma 's e 's gu 'n d'rinneadh euchda leat,
Bith-se cuimhneach air do laimh,
So an ti fa 'n dearnar leat.

Mac o Duimhne nan arm aigh,
Air faicinn do a bheist uile,
O'n t slos thaobh-gheal shlamhnuich thla
Chas e 'n t sleagh an sail an tuirc.

* Fhear.

† Is iad ag cuir gu dian mu cheann.

‡ Mhan gu leath-trath.

[TD 286]

Tharruing e 'n t sleagh o'n dorn gheal bhan
Chum a sathadh ann a chorp,
Bhriseadh leis an cran na thri
Gun aon mhir dh'e bhith san torc.

Tharruing e 'n t seann lann as an truaille,
O's i bhuidhneadh buaidh 's gach blar,
'S mharbhadh leis an uile bheist
Is thearuinn e na dhiaidh slan.

Luidh sproc air Fionn fial
Is leig e siar e ris a chnoc,
Mac o Duimhne nan arm aigh

A dhol as gu slan o 'n torc.

Air dh'a bhith tamull na thosd
Labhair Fionn 's gu'm b' olc r'a radh;
A Dhiarmuid tomhis an torc
Cia meud traigh o shoc gu shail.

Cha do dhiult e achuing' Fhinn,
'S aithreach leinn a theachd o'n tigh,
Thomhis e 'n torc air a dhruim
Mac o Duimhne nior throm traigh

Se traighe deuga do dh'fhior thomhas
A tha 'n druim na muice fiadhuich,
Cha n e sin idir a thomhas
Tomhis e ris a Dhiarmid.a

A Dhiarmid tomhis a ris
Na aghuidh gu min an torc;
Roghainn a gheabhadh tu ga cheann
Togha nan lano rinn-gheur goirt.

Thomhuis e, 's cha bu turus aigh,
Mac o Duimhne nach trom traigh;
Tholl am friogh nimhe bha garg
Bonn an laoich bu gharg san trod.

[TD 287]

Aon deoch dhamh-s' a' d' chuaich Fhinn
Dheadh mhic mo righ do m' chabhair;
O chaill mi mo bhlagh 's mo bhrigh,
Ochoin! is truadh mi mur tabhair.

Cha toir mise dhuit deoch
'S cha mho choisgeas mi air h iota,
O 'S beag a rinn thu do m' leas
'S is mor a rinn thu do m' aimhleas.

Cha d'rinn mise cron ort riamh
Thall no bhos, an ear n 'n iar;
Ach im'eachd le Grainne am braid
'S a tuar gam' thabhairt fo gheasuibh.

Thuit se an sin fo chreuchd,
Mac o Duimhne ciabh nan cleachd,
Sar mhac fulangach nam Fiann,
Air an tuluich siar fa dheas.

Cumhachdach gu mealladh bhan
Mac o Duimhne bu mhor buaidh;
An t suireadh cha do thog a suil
O chaidh an uir do ghruaidh.

Bha guirme bha glaise na shuil,
Bha mine bha maise na ghruaidh,
Bha spionnadh bha tabhachd san laoch
Bha sud saor fo chneas bàn.

Dh' adhluic iad air aon tuluich,

Air sith-dhun na muice fiadhuich,
Grainne Ni Chormaig a churuich,
Da choin gheal' agus Diarmud.

Eas Mhor-oir, Le Eachann Mac Leoid ann Uibhist a Chinn a Deas.

'M ionmhuin, is 'm annsachd, 's mo thlachd,
Ga 'n tug mi toirt;

[TD 288]

Cho'n aicheadhain do'n Chleir nach deanain stad,
'Sa Choill sin Chròs.

S binn Cruit Cheolar is Clairseach cheart,
'S Piob le cuid dos;
Ach 's binne na h eoin aig seinn mu'n seach,
'S a choill sin Chros.

Dh' aon intleachd d'an d' fhuaradh amach,
Gu dion o'n olc,
B' fhearr dubhar nan craobh le smuaintin ceart,
'Sa Choil sin Chros

Ge do bhiodh tu gun radharc sul gun luth do chos,
A d' dheoire bochd;
Na'm bu mhaith leat do shlainte philleadh air nais,
Ruig Coille chros.

Aig ailleachd a lùs aig misleachd a meas,
'S aig feabhas a bhlas;
Cho'n iarradh tu sholas nam bi tu glic,
'Sa Choill sin Chros.

Am bheil ceol cluaise san t saogal-sa bhos,
Co binn 's co brás?
Re sior-bhorcadh stoir mil an Eas,
Re taobh Coille Chros.

Tearnadh na buinne le creag,
Gun uireasbhaidh neart;
Nach traoth 's nach tradh 's nach fas beag,
Nach rodh 's nach stad.

Is lionar bradan tarra-gheal duirm-bhreac,
A leimeas ris;
Co luath 's a tharas iad as,
Ag comh-ruith o'n Eas.

'S luath an Iag-shamh le h iomadaidh saoth'r,
Aig an ruig iad a mathair;

[TD 289]

Far am fèad iad an anail a thraotha'
Gun fhiamh gabhadh.

Eas Mhor-oir sóraidh le d' stoirm,
Bu mhoradhalach, gleodhrach do thriall,

Bu bharragheal fliuch dortadh nam Bàrc,
Bha toir-leim le braidhidh do chleibh.

Na maodh-linntin tha balbh mall,
Far nach bith saobh-shruth ag leim,
'S gile 'n cop re 'n taobh tha tamh
Nan canach is ail' air an t sliabh.

'S a choille tha timchioll do bhruach,
Bu cheolar ceileiridh ian,
Gu lùrach air bharruibh nan geug,
'Nam do'n ghrein togbhail o nial.

As t Samhra nar thigeadh am blàs,
Bu chumhraidh faile nan ròs
A dh' fhasadh 's na fasaichin fraoich,
Tha 'n taobhs' d'an Eas mheadhrach mhòr.

As t Fhobhar anns a Choill sin chros,
Nam biodh tu coiseachd na measg,
Chitheadh tu croit air gach gas,
A lubadh fa chudrum a meas.

Bu nuallanach, binn-ghuthach spreidh,
Geimhich, iad fhein 's an cuid àil,
Mu Innis mhullaich an Turr,
Far am bith 'n t sobhrach a' fas.

Nar thigeadh am Buachail a mach,
'S a ghabhadh e mu chul a Ni,
Mu'n cuairt do Bhad-nan-clach-glas,
A bhuail' air 'm bu mhinic am Bliochd.

Thigeadh Ban-aireach na spreidhe,
Ballog do Nighin chruinn aluinn,

[TD 290]

Falt clannach fionn-bhuighe dualach,
Mu'n cuairt da guaille gu faineach.

A gruaidhin air dreach meas a chaorain,
'S a ciochan nan cnocanaibh àluinn,
Air uchd geal is sollta mhine
Na sioda is fris na bhelbheid.

Shealladh i air feadh na spreidhe,
'S dh' eibheadh Buigheag is Blarag,
Niosag is Donnag is Guailleann,
Brine 's an t Agh ruagh is Casgag.

Shuigheadh i gu conard cruinn.
'S cuman edir a da ghlun,
'S ghabhadh i 'n t òran gu binn,
"Thoir am Baine a Bho dhonn."

Nar thigeadh an spreidh a ris,
Dh' A cha-uladail air fhodar,
B' òranach ceolar Clann Iän,
Nan suidheadh fon chrodh g'am bleodhan.

Bu bhinne na cuachan an fhasaich,
Nuallan nan gruagaichin boidheach,
Ann', is Catriona is Mairi,
Fionnaghuail is Beathag is Seonaid.

Lionadh iad gach uile shoitheach,
'S cha b' eagal gu'n tradhadh an dithe,
Giod thigeadh na sluaigh san radhad,
Gheabhadh iad linntin na dibhe;

Gu slamanach, finne-mheogach, ònach,
Mulchogach, miosganach, blachach,
Muigheach, miosrach, miodrach, cuachach,
Gruthach, uachdrach, sligeach, spaineach.

Nar dhireamid o'n Bhuaile,
Suas ris na glacagan aluin,

[TD 291]

'M bi Creamh 's am bi Mianan, 's an Neonain,
An t sobhrach, 's am Braonan, 's an t sealbhag.

Bu ruideasach gamhan' agus laoigh,
Bu mhigideach min is uain,
B' aigiondach fiadh agus earb,
Ag direadh 's tearnadh nan cruach.

B' ebhin an sealladh o'n traidh
Loingis a' snamh troimh na caoil;
Turadh, is teas anns gach aird,
'S an Fhairge na clar co-reidh caoin.

Nuair stadaimid aig a bhaile
An diaidh a bhi sgith 's a mhunadh,
Bhiodh duil aguinn re lan glaine
A searrag Mari Ni Cholla.

Seanchas na Piob' o thus, le Nial Mor Mac Mhuirich.

EATROMAN Muice o hò,
Air a sheideadh gu h an-mhor,
A cheud mhala nach raibh binn,
Thainig o thus na dilinn.

Bha seal re Eatroman mhuc,
Ga lionadh suas as gach pluic,
Craice an sean mhuilt na dhiaidh sin,
Re searbhadas agus re dùrduil.

Cha raibh 'n uair sin ann sa phiob,
Ach siunnsair agus aon liop,
Agus maide chumadh na fuinn,
Do 'm cho-ainm an sumaire.

Tamull doibh na dhiaidh sin
Do fhuair ais-innleachd inneil,

[TD 292]

Fear fada, leobhar, garbh,
Do dhùrdan reamhar ro shearbh.

Air faghail an dùrdain sheirbh,
Agus a ghoithin gu loma leir,
Chraobh-scaoil a Chrannaghail mar sin,
Re seirbhidis agus re dùrdan.

Piob sgreadain Ian mhic Artuir,
Mar eun curra air dol air 'n ais,
Lan ronn is i labhar luirgneach,
Com galair mar ghuilbnich ghlais.

Piob Dhomhnuill do cheol na Cruinne
Crannaghail bhreòite is breun roimh shluagh,
Cathadh a mhuin do 'n mhala ghrodaidh,
Fo 'n t suil ghrande robaich ruaidh.

Ball Dhomhnuill is dos na pioba.
Da bheist chursta a chlaiginn mhaoil,
Seinnidh Corra-ghluineach a ghatuinn
Fuaim truilich an tathuinn sheirbh.

Do-cheol do bhi 'n Ifrinn iochdrach,
Faodhar pioba nan dos cruaidh,
Culaidh a dhusgadh nan deamhan,
Lùgail do mheoir reamhair ruaidh.

Mar fheasgar ann Earrach min,
Mar mhart caòilidh teachd gu tìus,
Thig sgreadadh a chruim riabhaich,
Mar bhreim toine 'n diabhail duibh.

Chuir bhènus a bha seal an Ifrinn,
Mar dhearbhadh sgeul gu fearaibh Dhomhuin,
Gur corranach Bhan is piob ghleadhair,
Da leannan ciuil cluas nan Deomhan.

[TD 293]

Bean gun Leannan.

NA 'm faiceadh tu Bean gun Leannan,
Bean gun leannan, bean gun leannan,
N 'm faiceadh tu bean gun leannan
Cha bhiodh fana' uair aic';
Bith còta 's deacaid, gùn is breacan,
Brogan daite ùr mu casan,
Falbh gu faic'leach air feadh faiche,
Ma bhios eisin shuas roimp'.

Na 'm faiceadh tu gaol nan nighean,
Gaol nan nighean, gaol nan nighean,
Na 'm faiceadh tu gaol nan nighean
'S i na ruith roimh 'n bhuaile.
Sud amach i, cuman aice,
Buarach paisgte 's teach fo h achlais,
'A chuilein sheircich, deansa stad rium

'S gheabh thu scailc do 'n uachdar'.

Do bheathasa ghaoil nan nighean,
Ghaoil nan nighean, ghaoil nan nighean,
Do bheathasa ghaoil nan nighean,
Na biodh cridhe fuar agad.
Sud a shladai' bu tu bradaidh,
Bith dol da-thigh le d' dhroch cleachdaibh
Cuim a chaisg thu 'm fear a bh'agam,
No na bhac thu uam e?

Na 'm faiceadh tu beadradh bodaich,
Beadradh bodaich, beadradh bodaich,
Na 'm faiceadh tu beadradh bodaich,
'Nuair bhiodh sógan uair air;
E lan meisnich, s e lan gliocais,
Nigheadh iosgaidin an uisge,
Paighir phiostal air a chrìos aig,
'S a cheim brisg mu'n luaithre.

[TD 294]

Duil aige gu'm faigh e cailin,
Faigh e cailin, faigh e cailin,
Duil aige gu 'm faigh e cailin,
Ma bhios barrachd gruaig air;
Ach och mo chlisge, mar tha mise,
Cum a gliogaid uam mas tig e
Ge d' raibh a mheisneach ud air tiotan
Cha 'n fhear brisg no buan e.

Na 'n tugadh tu 'n aire chailich,
'Naire chailich, 'n aire chailich,
Na 'n tugadh tu 'n aire chailich,
Nuair bhios barrachd uail oirre
Gu 'm bi' spaid oirr' bith raspars oirr'
Craicinn cas oirr' is ceann glas oirr'
Agus caisbheart mhaith mu casan,
Breid is breacan uallach.

Duil aice gu'm faigh i fleasgach
Faigh i fleasgach, faigh i fleasgach.
Duil aice gu'm faigh i fleasgach,
Ge 'd raibh peirclin cruaidh aice;
Fear gun mheisnich a gheabh ise
Dh' aindeoin britis, no cuid nith-sin,
Cha tig piseach air fear idir
Phosas Briogaid shuarach.

Na 'm faiceadh tu fear mor fada
Fear mor fada, fear mor fada,
Na 'm faiceadh tu fear mor fada,
Nuair a lagadh fuachd e;
'S moran taip' aige mo chasan,
Bhiodh a chasadaich ga thachda,
Gun aon tachas na Bhall bearta,
Ach mar ghád air ruadhach.

Na 'm faiceadh tu maighdin mhoiteil,
Maighdin mhoiteil, maighdin mhoiteil

Na'm faiceadh tu maighdin mhoiteil
'S i lan stuirt is gruaime;

[TD 295]

Cha chan facall, cha dean casad,
Dha 'n ith dadum, deur cha bhlais i,
Bith och aice dol na leaba,
'S b'fheird i acuinn shuaite.

Greasaibh duine dh' iarruidh liaich
Dh' iarruidh liaich, dh' iarruidh liaich,
Greasaibh duine dh' iarruidh liaich,
Cha bhith 'n nighean buan dé.
Mur teid thus ann gun teid mis 'ann
Dh' iarruidh Cliostair 's luithin bruiche,
Rud beag peapair 's barr na'm brisgein
Beirear sud da uair dhi.

Comhairlin Duine Ghlic do mhac.

COMHAIRLE' a thug ormsa Brian,
Gun mo chiall a bhi gu tais,
Gun dol an cogadh no 'n sgleo,
Mun' saoilinn teachd beo as.

Thug e orm comhairl' eile,
'S ar leamsa nach i bu taire,
Ge bu leam earras an Domhain,
Gun a chuir ann comh-ard re m' naire.

Cuimhnich sior-thathaich an Teampuill,
'S na cuir do theann-gheall san ea-coir,
'S na tugadh art or no beatha
Mionnan eithich a thoirt ar eadail.

Ma chluinn thu faoin-sgeul air fann,
Na cuir do leath lamh na luib,
Na bith na d' urruinn anns' a bhreig,
Leig an sceul ud seachad uait.

Bith ceutfach macant air h eolas,
'S na tog trogbhail air h ain-eoil,

[TD 296]

Na h abair gu 'n diult thu coir,
Na h ob is na h iarr onoir.

Bior na d' dhearn fein na faisg,
T easbhuidh re d' namhad na ruisg,
Faobhar sgine re t fheoil no h eist,
Beist nimhe do d' dheoin na duisg.

Na bi gu sracanta borb,
Na taghail gun lorg an sruth,
'S na tigeadh amach as do bheul,
Aon ni thoilleanas duit fein guth.

Na dean tair air buirbidh fir,
'S na h ol balgum garbh a goil,
'N tra chi thu 'n ealtain gheur ghlan,
Saltair gu seamh seach a saigh.

Na bi ro mhor is na bi beag,
Air fal-ni na caith do chuid,
Air ghradh h oinich na tog troid
'S na h ob i ma 's eiginn duit.

Na bi cairiseach air sra
Na dean cnaid air duine bochd,
Na mol 's na dis-moil an dao
Na gu'm faighear saoi gun lochd.

A laoigh o 's leor h oige,
Na comhduich cuis chonnsoid,
Na ruisg le rabhladh do bhlagh,
Is na tog a' bhar gun ughdoir.

Comhairlin Chormaig do mhac.

An tus ga fheachain, thubhairt e.

NUAIR a theid thu thigh an oil,
Tionntadh choir bonn os cionn,

[TD 297]

Suidh gu somalt' air cuid chaich,
Di-mail is na pai' an leann.

Na d' theirig san oiche 'mach,
Air eagal gu 'n glac thu fuachd,
Dean na bhias agad na d' leaba fein,
'S na eirich gu pris an fhuail.

Smachduich t athair na am,
Tuig nach fearr e na thu fein,
Aon fhocal air am bi blas,
Na leig a mach as a bheul.

Bi neo-shiobhalta re mnaoi.
'S bi gu garbh re duine bochd,
Bi gu di-chuimhneach air t arm,
'S bi gu tla re dol an troid.

An Cormaig ceudna da rireadh.

SEACHAIN caonag dhìomhidis,
Is ni e ciall a ghleithheadh dhuit.

Seachain a mhuintear mhi-ruineach,
Da'm biodh an teanga bhaobh-rathach,
Leis an ionnsa breug na fireantachd,
Mu'n toill e naire saoghalt duit.

Na bi striudhail frisealair, *

Ann tigh an oil ma thuiteas tu,
Gle teangaidh sheamhaidh shicir ann,
Nach toill nair an cuideachd dhuit.

Dean taghall beag na'n companach,
O 's ol gu costach millteach dhoibh;
Bi ceart air cul gach aon duine,
'S cha 'n fhead iad aon lochd innseadh ort.

* Doichiollach.

[TD 298]

Na h innis-se do d' chompanach,
Ann uaignaidheas d' uil' inntin,
Air eagal 's ma thig amh-ghar air,
Am feirg gu'n dean e innseadh ort.

Thoir gaol do d' mhnaoi a ris-dich,
Ma 's ail leat gras * mu chomhair sin;
'S aon fhuil is fheoil 'nar diais sibh,
An fhad 's is beo air Domhain sibh.

Na bi bruineach an tigh mor;
Na bi saoth'reach air sean-fhear.

An onoir nach fhaigh thu ghna,
Na bi ga h iarraidh aon tra;
An fhailt bhruineach gun bhi buan,
Mur runnnach an cuan ag snamh.

Beannachd ort 's na cum an fhearg,
'S na dean cealg air duine bochd,
Na bi dian ge d' robh ort dith,
Oir 's e Dia a bheir ni dhuit.

Thoir do chomhairle mu'n seach,
Air gach neach a bhios na feim;
An rud a dhi-moileas tu 'chach
A shamhuil gu brath na dean fein.

Comhairle do chomhairlin Phoil,
Na d' theirig an spairn do d' dheoin;
Na dean sugradh riu sud,
O 's tric friogh air an fhior-bhruid.

Caoidh Oig-mhna ann deis a leannain a mharbhadh le h Athair agus le
Brathairin.

GE grianach an latha, o †
'S beag m' aighir 's is mor m' eislein;

* Gradh.

† Re bhi gabhail an rathaid o.

[TD 299]

Mu mhac Dhughaill Mhic Ruaraidh, o
Cha ghluaisedh da fhear dheug e.
Mu Mhac Dhughaill, &c.

Re bhi cuimhneach mo leannain o
Cha bu greannach air feil thu
Re bhi cuimhneach, &c.

'S maith a thigeadh an t suaineach,
Ghlas uaine gu feur dhuit. *

Gur maith thigeadh balg dhuit o
Agus calg a bhruic leith air.

Agus bogha do 'n iuair o
Chuireadh siubhal fo shaighdibh.

Crios do leathar na'n aighin o
Ceann leathann is deadh thaim air. †

Agus cloidheamh geur tharad o
Neul fala o dheis air.

Mile malachd d' an bhuachaille
Chaidh chuaiртеach na spreidhe,

Chaidh dhusgadh na'n abhac o,
Roimh latha mu'n d' eirich.

'S ann am bealach a gharaidh o,
Fhuair mo gradhs a cheud eislein.

'S i mo ghradh do chos lu-mhor o,
A chaidh gu glun ann san fheidhe.

S ann an sin a bha triumir ort o
Mu 'n d' fhuair thu riamh eirigh.

Truadh a Righ nach robh mis' anno
'S tri fichead fear treabhach;

* Air uachdar do leine.

† Air dhea'-ghreadha.

[TD 300]

Chuirin sgaoileadh na m' bhraithrin o,
'S dheanain àr air luchd m' eislein;

Mu'n do chuir iad t fhuil bhruite
Air urlar do chleibhe;

Mu'n robh fuil do chuirp chiuirte
A ghaoil druthadh fo d' leine:

Gur diumach mi do m' mhathair o,
'S i naraich o m' cheil mi;

'S cha bhuigh' mi do m' athair o,

'S tric e gabhail droch sgeil orm.

Truadh nach mise bha 'n sason o,
No air Machair na beurla;

Mu'n do chuir mi riamh bac ort
Moch maduin is tu 'g eiridh.

Dearg Mac Deirg.

BHA fhios aig an Dearg gu'n robh mór ghradh aig a mhnaoi dho; ghabh cuid fa laimh a dhearbhadh dho nach robe agradh treibh-dhireach, agus chum na criche-sin; chuir iad teachdair d'a h ionnsuidh, le cuid eadach lan fola, a dh'innseadh dh'i gu do mharbhadh an Dearg le Fiachullach. Air cluintin an sceil dhubhaich, chum i an dan so, ghabh i air a clairsich e, bhris a cridhe agus chaochail i.

AN Dearg Mac Deirg gur mis a bhean;
Air an fhear ni 'n * d' fhidir lochd;
Ni 'm bheil saoi nach d'fhuair a leireadh †
'S truadh ata mi fein an nochd.

Dearg Mac Cholla ‡ craobh d' an Tu'r ||
Leis an seinnte gu ciuin cruit;

* Sud am fear nach.

† Leir.

‡ Mac cholla

|| An iuil.

[TD 301]

'S ionmhuinn aoidh air nach luidh fearg:
Chlaidheadh an Dearg leis a mhuic.

B' ionmhuinn t aghaidh mhin-dearg mhor,
Bu deacair a cloth ann an cath
Sin is cridhe farsuing fial,
'S bu ghile na Ghrian a dhath.

Mac Cuinn * a Innis Da-bhi,
B'ionmhuinn Righ air son ar sealbh; †
Giolla gun ghaol bo no eich
Re am creich, ach cloidheamh Dearg.

Ni 'n eitich e duine mu d' ni,
'S ni 'n d' iarr ni air neach fo 'n Ghrein:
Fear bu mho 's bu ghlaine dealbh:
Cha'n fhacas ann ach Dearg fein.

Ni'n d' iarr tha duine fa sheud,
Ni 'n d'rinn breug 's ni 'n d' fhidir lochd;
'S niar mho dhiult thu comhrag arm
O neach 'gan robh an'm na chorp.

'S mi nighean Laomuinn Mhic Roidh,
Dha 'n tric 'na phronnadh or air cheird; ‡
Ge b' iomadh ga m' iarruidh saoi

B'fhear leam bhi 'nam mhnaoi aig Dearg.

Gur mi nighean Athain fheinn
Leis am fiosraicheadh gach dealbh;
O sgaradh mo cheud fhear uam
Cuirear mi san uaigh le Dearg.

Sud a sheabhac 's a dha choin,
Leis an doi'lich || cron na sealg;
An tea leis am b' ionmhuinn an truir
Cuirear i nochd uir le Dearg.

<eng>* Print, picture.<gai>
† Saoghn'.
‡ B'ionnann 's Righ ar sonn 's ar sealbh.
|| Le ceard.

[TD 302]

Bha mi ann tigh an rair, *
Dia an t sliabh sin Chnoc na learg,
'S biaidh mi ann an uaigh an nochd
Mu'n scarar mo chorp re Dearg.

Laoidh Laomuinn Mhic an Uaimh-fhir.

IS cian o sin a Thulach ard,
Gu facas air do bharr uair
A bhuigheann nach diultadh roimh neach,
Ge d' tha thu 'n diu gun teach gun tuar.

'S ann ortsa bhiodh Laomann mor
Mac Nuagh-fhir † a chlaoi gach treis,
Fear a chuir Alb fo aon chain,
Le spionna dha laimh 's a chleis

Acruineachd, a h airgiod 's a h or,
A h iasga geal, a feoil 's a fion,
A leuga logmhor is a maoin
Ghabhadh leis an laoch gun fhiach.

A ris thainig cairioll 's an Fhiann
Mac Righ Alba na'n sciath 'n oir;
Cha bu ladhaid thu sud mu d' rath
A thulach dhaite dhea' ghlan snuagh.

Bha sinn ann cath niar thiom,
Nach do phill re aite cruaidh,
Gun easbhuidh faobhair no rainn,
Ge mor a bh'air ar ceinn do shluagh.

Thainig Diarmad 's Caoilte cruaidh,
Fo 'n bhrataich euchdaich arm-ruaidh,
Le 'n eathaibh millteach gun dail
Bu dearg sochair an iomairaidh.

Thaing an ceathramh Cath d'ar Feinn,
Curaidh bu mhaith feim air tos,

* Gorta.

† Cha bhi mi 's an laoch a riar.

[TD 303]

An laoch nach tugadh briathar tais,
Iolunn bras Mac Mornai moir.

Naoi mic-fhichead Mornai moir
Thainig chugainn le 'n sloigh mhear,
Naoi fichead sciath gharg ann goil,
A dheangadh ceud gach aon fhear.

Thainig chugainn Faolan fial,
Deich ceud sciath is cloidheamh glas,
Goisridh do mhaithibh na'm Fiann,
Gu Dun-laomunn nan ciabh cas.

Glaisein connachdach na'n tonn
Choncas an cath trom ag teachd,
Fa choinne Feinn flathail Fiann
Gu Dun-laomunn na'n ciabh cas.

Thainig chugainn Galdui' mor
Agus Fiannachd Abarneachduinn,
Fa choinne Feinn flathail Fiann,
Gu Dun-laomunn na'n ciabh cas.

Thainig chugainn an deis noin
Cath Fheinn Mhic Cumhail Mhic Treunmhoir;
Gu 'm b' i sud an Toirc ghreadhnach
Fionn fein 's a lan teaghlach.

Thainig an Fhiann ghaolach gu mor,
Leis na glas laoich bu chruaidh neart;
Sluagh, fothrom is caithreim na'm Fiann,
Thainig sin, 's bu trom am feachd.

Bha fear rompa bu caoine gloir,
Gun easbhuidh sioda na saor-shroil,
Bhiodh air taobh deas an fhir mhoir
An cuiseir gasta an-mor.

Or gu pailt air na h earluinn
Air slios an laoich mhoir mheanmnich

[TD 304]

Chuige thionaileadh an Fhiann
As gach sliabh an ear 's an iar.

Bu lionar sin a bha sinn ann
Lireach agus lann is fear.

Corr agus naoi mile Burc
Dh' iath sinn iad mu Dhun na'n dos;
Raineadh sinn Tulach na 'm blath
Ghabh sinn tur is tamh is fois.

Chuaidh sinn fo 'n Ghil-ghreine
Seachd catha na gna Fheinne,
Fo 'n chrann chiuil bu mhath buaidh,
Foi 'n Reilin daite arm-ruaidh.

Chunnaic sinn mu 'n cuairt d' an Dun
Comhlaoich re daoradh dluth shleagh,
'S an laoch fuileach air an ceann,
'S cinnteach gu 'm bu sean a bhias. *

Dh'eirich Laomunn gu deas,
Air teachd oirne greis d'an lo,
'S iomadh lamh agus cos
A theasgadh leis agus ceann.

'S iomad sleagh a chorcradh leis,
'S lionar cneas sna chuir e lann,
Bu lionar draoiseach 'nar Feinn,
B' aillsidh creachdan fo laimh.

Dh'eirich Oscar an aignidh mhoir,
A chosgadh 'n fhir bha 'n gar dho;
Dhosan comhrag chaogad laoch
Niar dh'eitich an saoi sa chleo.

An t Oscar mor bras-bhuilleach
Fear a reubadh gach cath,
An tuil mhor gharbh ghasta,
Ur mhacan an ard-fhlath.

* Sean, no teann a mheas.

[TD 305]

Mo mhac-sa bhuaidhaich an cnoc,
Le h Oscarr a thuit an t aoidh,
'S ioma' reuba bha na chorp,
'S ioma' loit na dheas-thaobh.

Seachd ràthain do 'n Almhain uir
Ga leigheas ann cuirt na'n Gall,
'S cha dubairt Oscar aich no iòd,
Ge h ioma cnead a bha ann.

Is mise Oisain dea' mhac Fheinn,
Is ann rinn gu leigeadh e run;
An la sin bu mhor mo rath,
Bu mhi an dara cath air thus.

Beir mo bheannachd uam an nochd,
Beir m' anam bochd gu Dia;
Soruidh uam ad' chuideachd Fheinn;
Leinn a Thulach ard is cian.

Teanntach mor na Feinne.

Dearmad fleadh gu'n d' rinn Fionn,

San Albhainn * re linn nan laoch,
Air cuid d'an Fheinn shuas Druim-dearg,
Gun d' eirich am fearg 's am fraoch.

Ma dhibir sibh sinn mu'n ol,
Thuirt Mao Ronain le gloir bhinn,
Bheirims agus Alde ùr
Breiteach bla'na re mur Fheinn.

Thog iad gu sciobalt an triall,
An cloidheamh 's an sciath d'an luing,
An diais fheinnidh, armaidh, fhial,
Gu Rìgh Lochlainn na'n srian sliom.

Bu Rìgh air Lochlainn san uair,
Fear a bhuidhneadh buaidh gach blar,

* Almhain

[TD 306]

Earragan Mac Ainnir nan long,
Gu 'm bu mhaith a lann 's a lamh.

Muintearas bliana d' an Rìgh,
Tug an diais a b' fhearr dreach,
Mac Rìgh Conchair na'n sleagh geur,
Agus Ailde nach d' ear neach.

Thug Bann-ri'nn Lochlann na'n sciath donn,
Trom ghaol trom 's cha b' ann gu deas,
Ba ilde greadhnach an fhuilt deirg,
Is dh'fhalbh i an ceilg lois.

Ghluais i leis a leabai 'n Rìgh,
Sud an gnìomh mu'n doirtear fuil,
'S a dh' ionnsuidh Flaitheas na'm Fionn,
Thogadar an triall thair muir.

Chruinnich Rìgh Lochlainn a shluagh,
Cabhlach cruaidh a dh' fhas gu deas,
'S e dh' eirich re aon uair
Na naoi Rìghrin 's an sluagh leis.

Lochlainich a bhuidheann bhorb,
Is ro mhaith colg re dol am feim,
Thug iad am mionna ag triall
Nach pilleadh iad is Fiann nan diaidh.

Thogadar an Albaist ard,
Seach crìocha Eirinn nan colg teann,
'S ann Albain leathann na'm Fiann,
Thogadar an Triath air traidh.

Shuidhich iad am puible gu tiugh,
Rìgh Lochlainn 's a shluagh nach tim,
Air an tulach a bha muigh,
Guairid o'n bhrughann raibh Fionn.

Teachdaireachd thainig gu Fionn,
Teachdaireachd chuir rinn gu truadh,

[TD 307]

Comhrag dluth d' Fhiannaibh Fheinn,
Fhaotain air na gleinn mu thuath.

Thairg Fionn doibh cumha mor,
Do na sloigh a thain' ann cein,
Do Righ Lochlainn nam arm sean,
Far aon is a bhean fein.

Comhairle chinn aig Fionn
'S aig maithibh na Feinne gu leir,
Nighean righ na'n gabhtadh uap,
Thoirt do Righ Lochlainn nan arm geur.

Ach Lochlainnich a bhuidheann bhorb,
Aig feabhas an colg is am mein,
Ni 'm b' ail leo cumha chunnaic grian,
'S an Fhiann fhagail na'n diaidh.

Ach Mun foghain leasta sin,
Thoir leat do bhean is dean rinn sith.

Earragan.

CHA d' thugainn-se sith d' Ailde fein,
No mhathaibh na Feinne gu brath,
Ach Fionn fein a chuir fo 'm bhreth
Is a chreach a thoirt gu traidh.

Cha 'tug thusa leat do neart,
Do bhrigh mo bheachd-sa, thair sal,
Na chuireadh dhuit Fionn fo d' bhreth,
No na bheir a chreach gu traidh.

Fhreagair Ailde na'n comhrag cruaidh,
Sceul a thainig truadh dha fein,
Ceann mhic Neimhe 's mhic Lir
Madhar leis an dara beum.

[TD 308]

Seachd fichead do mhaithibh ar Feinne,
Agus Ailde fein air thus,
Thuit sud le laimh Earrgain mhoir,
Mu 'n deachaidh na sloigh ann dlus.

'S e labhair Fionn flath na'm buadh,
'S e 'g amharc air sluagh Innse-fail,
Co dheangas Earragan sa ghreis
Mu 'n leigeamaid leis ar tair?

Do bhi freagradh sud aig Goll,
An sonn bu deacair a chlaoidh,
Deanamsa Earragan sa ghreis,
Leagar eadrinn le'r cleas-luidh.

Cuimhnichibh cath feagarra Feinne,
A Chlanna Morna 's mor cli
A Chlanna Baoige na'n arm deas,
Leigibh ris bhur dea-ghniomh.

Beir leat Oissain is Diarmad donn,
Fearr-chuth crom is Mac an Leigh,
Ga d' dhionadh o bhuillibh an laoich,
Cuir diais air gach taobh mar sceith.

Buin leat cath feagarra na Feinne
Nach d'fhidir ceum a thoirt air cul,
Cuir sud air do ghualain deas,
Do shiol Chumhail nan cleas-ludh.

Ochd latha dhuinne gun tamh
Sior chuir air ais an t slogh,
Ceann Righ Lochlainn na'n sciath donn
Bhuighinn Goll an naodhamh lo.

Naoid fichead is mile sonn
Thuit sud le Garaidh 's le Goll,
O na dh' eirich a Ghrian moch
Gus an deachaidh i siar anmoch.

[TD 309]

Seachd fichead do chlannaibh Righ,
Ga 'm bu dual gaisg' is mor ghníomh,
Thuit sud le Oscar an aigh
Is le Cairioll Corra-chnamh.

Mun' fear a chuaidh as o fhaobhar arm,
No 'n comhrag le maom do threig,
Do Righ Lochlainn no do shluagh,
Cha deachaidh duine do thir fein.

Na'm faigheadh e co'throm na'n arm,
Earragan Mac Ainnir na'n arm glas,
'S an Albhuidh na'n abairt, air Triath,
Cha ghlactadh ach an Fhiann as.

Corr agus leath ar Fiann,
Thuit sud air an t sliabh mu dheas,
Ach na'n luadhimid a Ghrian,
Cha mho na ar trian thainig as,

Ach na'n luaidhimid ar Righ,
Cha mhnaoi is Triath fo bhron,
'S ge d' thainig d'ar maithibh as,
Cha d'rinn sinn ar leas san lo.

Na Bratichean.

Manus Righ Lochlainn.

GE d' gheabhadh Righ Lochlainn sud,
Na bha mhaoin 's do sheuda 'n Eirinn,

Cha philleadh e shluagh air ais,
Gus am biodh Eirinn uil' air earras.

OISSAIN.

Scaoil Fearghus a Bhratach o chrann,
Mar chomhar gu'n dhiult Rìgh Lochlainn cumha,
Ghluais an Fhiann ghaolach gu foill
Gus am biodh Eirinn uil' air earras.

[TD 310]

Thainig sluagh fairim chairim nan tonn,
Thainig sud 's bu throm an fheachd;
Suil d'an tug Rìgh Lochlainn uaidh,
Chunnaic e Bratach ag tidh'n amach,
Agus gille gasta air a ceann,
Air a lasadh do dh' òr Eireannach.

MANUS.

Cia i a Bhratachsa Fhili dhunaich;
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?
Chi mi gille gasta air a ceann,
Is I fein ag togradh thair * sluaghadh.

FEARGHUS.

Cha 'n i sud ach an Liath-luineach, †
Bratach Dhiarmuid o Duibhne,
'N tra thigeadh an Fhiann uil' amach,
Ghabhadh an Liath-luineach toiseach.

MANUS.

Cia i a Bhratach-sa fhili dhunaich,
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?
Chi mi gille gasta air a ceann,
Is i fein ag togradh thair sluaghadh.

FEARGHUS.

Cha 'n i sud ach an Aon-chosach ‡ ruadh,
Bratach Raine na 'm mor shluagh,
Bratach leis an sgoiltear ceinn
'S le 'n doirtear fuil gu aobranaibh.

MANUS.

Cia i a Bhratach-sa Fhili dhunaich,
An i sud bratach Mhic Treun-bhuadhaich?

* Bhar.

† Luidneach.

‡ Fhionn-chosach,

[TD 311]

Chi mi gille gasta air a ceann,

Is i fein ag togradh thair sluagh.

FEARGHUS.

Cha 'n i sud ach a Bhriachaill Bhrochaill,
Bratach Ghuill mhoir mhic Morna,
Nach d' thug traigh riamh air a h ais;
Gus 'n do chrith an talamh trom glas,
Gur h e bu shuaimhneas d' an t srol bhuidhe,
Toiseach teachd is deireadh falbh.

MANUS.

Cia i a Bhratach-sa Fhili dhuanaich,
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich?
Chi mi gille gasta air a ceann,
Is i fein ag togradh thair sluaghadh.

FEARGHUS.

Cha'n i sud ach an Dubh-nimhe,
Bratach Chaoilte Mhic Reatha;
Air mheud d' am bitheadh sa chath,
Cha bhiodh iomradh ach air an Duibh-nimhe.

MANUS.

Cia i a Bhratach-sa Fhili dhuanaich?
An i sud Bratach Mhic Treun-bhuadhaich!
Agus gille gasta air a ceann,
's i lasaradh le h òr aoibhin.

FEARGHUS.

Cha 'n i sud ach an sguab-ghabhaidh,
Bratach Oscair chrodha laidir,
Nuair a rigteadh cath na'n cliar
Cha b' fhiu a fiaraich ach an sguab-ghabhaidh.

[TD 312]

OISSAIN.

Thog sinn an Deo-ghreine * re crann,
Bratach Fheinn bu teann sa chath,
Lom-lan do chlochaibh an or
'S cosmhuil gu 'm bu mhor a (meas) rath.

MANUS.

Saoilidh mi gu 'n thuit a bheinn.

FEARGHUS.

Is doilich dhuise na bheil ann,
Gath-greine Mhic Cumhail re crann,
Is maoi slabhraidh aiste sios
Do 'n or bhuighe gun dall-sgiomh;
Agus naoi naoi lan ghaisgeach,
Fo cheann na h uile slabhraidh,

Ag togairt air feadh do shluaigh,
Mar chliath † traodhadh gu traidh
Biaidh gair chatha ga d' iomain.

MANUS.

Breugach do bheul Fhili bheinn,
Trian na ta agam ann so do shluagh
Cha robh riamh agaibh-s' ann Eirinn.
Ge beag leats' an Fhiann thearc-sa, ‡
Bheir thu do theann leim mu'n tig am feascar
Roimh lanna glas, no ni thu d' aimhleas.

FIONN.

Cromaibh bhur ceinn sa chath,
S deanadh gach flath mar gheall.

OISSAIN.

Bu liona ceann ga mhaoladh,
Ag us gualain ga shnaigheadh,

* A Ghile-ghreine.
† Chliabh.
‡ Earrasuidh-se.

[TD 313]

O eirigh Greine gu feascar.
Cha deach' o fhaobhar lann gu loingis,
Ach aon mhile do shluagh barr;
Theich iad mar shruth o bharruibh bheann,
Is sinne san chath ga 'n iomain.

Bu lionmhor Fiannaidh agus sonn,
Agus curaidh bu throm trost;
Ach samhuil d' Oscar mo mhac-sa
Cha robh aca bhos no thall.
Seachd cathai do bharr an t sluaigh
Thuit sud le Oscar na 'm buadh,
'S an naonar mac a bh' aig Manus Ruadh.
Seachd fichead agus mile sonn
Thuit sud eadar Conan is Goll;
Ach Mac Cumhaill 's a shluagh garg,
Mar chaor theine na 'm mor fhearg;
Le shradagaibh diana cas,
Bha buille gach laoich ann sa ghreis
Fhad 's a mhair Lochlannaich ris.

Bas Oscair.

Cha 'n abair mi mo thriath re m' cheol,
Ge b' oil le h Oisein e nochd
Oscar agus Cairbre calma',
Tradhar iad an Cath Ghabhra.

An t sleagh nimhe 's i 'n laimh Chairbre,

Gu'n croitheadh i re uair feirge;
Deireadh am fiach ri * ghoimh,
Gur ann lea' mhairbheadh Oscar.

'S measa deireadh e ris fein,
Am fiach dubh mu mhi-cheill,
A chuirear ata sibh mu'n chlar
Ach suil fir a bhith ga thachdadh.

Dh' sharai finn, a Rath † gun cheil,
Cuim an tacdadh ar suil fein;

* Thre.
† Bhaobh.

[TD 314]

Ciod i ghiomh a th'air ar rosgaibh,
Nuair a choineamaid a chaol reachda?

Gairidh am fiach moch am maireach
Air do ghrudhsa ann san àr-fhaich,
Cuireadar do shuil * a gluc,
As e sin a thig a thuiread.

Is dearg an fhaobh sin ta thu nigheadh,
'S dearg an t aogas do bhi uirre,
Ach gus an d' thainig an diu',
An fhaobh sin cha b' olc a h inneal.

A Bhaobh a nigheas at t eadach,
Deansa dhuinne faisd'neachd cheudna,
An tuit aon duine dhiubh leinn,
No 'n d' theid sinn uile do neo-ni?

Marbhas leasta cuig ceud,
Is gonar leat an Righ fein,
Araon 's am fear a laghadh † dh'e,
Bhar saoghal uile gu'n d' thainig.

Na cluinneadh e thu Rosg Mac Ruaidh,
No duinne bhuineadh d' a shluagh,
Na cluinneadh an Fheinn thu nochd,
Mu 'm bith sinn uile gun mheisnich.

An cuala sibhse turus Fhinn,
Nuair ghluais e gu h Eirinn?
Thainig an Cairbre sleaghach garg,
'S ghlac e Eirinn fo aon smachd.

Dh' fhalbh sinne le dian damhair
A lion d' an Fheinn as a bha sinn,
Leagadh leinn ar feachd 's ar sluagh
An taobh mu thuabh do dh' Eirinn.

Chuireadh le Cairbre anuas
Fios air Oscar cruaidh na Feinne,

* A shuil.
† Laoidheadh.

[TD 315]

Dol a dh' ionnsuidh fleadh na Feinne,
'S gu faigheadh e cis da reir sin.

Ghluais, o nach d' ob e namh,
An t Oscar aluinn gu leachd an Rìgh,
Triachad fear treun dh' imich leis,
A fhreasdal d'a thoil 's da fheim.

Fhuair sinn onoir fhuair sinn biadh,
Mar a fhuair sinn roimhe riamh,
Bha sinn gu sughach as teach,
Maille re Cairbre san Teamhraidh.

An la mu dheireadh d' an òl,
Thuirt Cairbre le guth mor,
Iomlait ceinn sleagha b' ail leam uait,
Oscair dhuinn na h Albhainn.

Creud an iomlait ceinn a bhiodh ort,
A Chairbre ruaidh na'n Long-phort?
'S tric bu leat mi fein 's mo shleagh,
Ann latha catha agus comhraig.

Cha b' uileor leamsa cis no cain,
No aon seoid a bhiodh na'r tìr,
Cha b' uileor leam re m' linn a bhos,
Gach seoid a dh' iarrain gu 'm faighinn.

Cha 'n 'eil òr no earras gu fìor,
A dh' iarradh oirne an rìgh,
Gun tair gun tailceas duinn d'e,
Nach bu leatsa Fhighearnas.

Ach malairt cinn gun mhalairt crainn
B' ea-corach sud iarraidh oirn,
'S e 'm fath mu 'n iarradh tu oirn e,
Mise a bhith gun Fhiann gun athair.

Ge do bhiodh an Fhiann is t athair,
Co maith 's a bha iad riamh na 'm beatha.

[TD 316]

Cha b' uileor leamsa re m' linn,
Gach seud a dh' iarrain gu 'm faighinn.

Na 'm biodh an Fhiann agus m' athair,
Co maith 's a bha iad na'm beatha,
Is teann ar am faigheadh tu sinn
Leud do thaighe an Eirinn.

Lion fuarachd na laoch làn,
Re claistin na h iomar-bhaidh,
Bha briathra garbha leath mar leath
Eadar an Cairbre 's an t Oscar.

Bheirin-se briathar buan,
'S e thubhairt an Cairbre ruadh,
An t sleagh sin ata na d' laimh
Gur h ann innte tha do luath-bhas.

Briathar buan sin briathar buan,
A bheireadh an Cairbre ruadh
Gu'n cuireadh e sleagh nan seach siong,
Eadar airne agus imleag.

Briathar eil' ann aghaidh sin,
Bheireadh an t Oscar calma,
Gu'n cuireadh e sleagh nan naoi siong,
Mu chuma' fhuilt agus eadain.

Briathar buan sin briathar buan,
A bheireadh an Cairbre ruadh,
Gu 'n d' thugadh e sealg agus creach
A h Albainn an la 'r na mhaireach.

Briathar eil' an aghaidh sin,
Bheireadh an t Oscar calma
Gu'n d' thugadh e sealg agus creach
Do dh' Albainn an la 'r mhaireach.

Bha 'n oiche sin duinne gu'n chabhair,
Thall agus a bhos mu'n amhainn,

[TD 317]

Bha doirlinn leath mar leath
Bha doirlinn mhor eadar-inn.

Chualas Olla le guth tiom,
Air chlairsich bhinn ag tuireadh bais;
Dh' eirich Oscar am feirg
Is ghlac e airm na dhornaibh aigh.

Dh' eirich sinn an la 'r na mhaireach,
Ar sluagh uil' ann fin na bha dh'inn,
Thogadh sealg agus creach leinn,
Gu'n fhiaraich do Righ Eirinn.

Mharbh sinn Righ Luthaidh na'n lann,
Laoch fuileach le faobhar arm,
Thog sinn creach re sliabh Goill,
Gu luath lois gearnach lu'-mhor.

An uair a rainig sinn ann
Beallach cumhaing an caoil-ghleann,
'S ann a bhiodh an Cairbre ard,
Ag lonmaireachd ag teachd na 'r co-dhail.

Cuig fichead Gaidheal garg,
Thainig o 'n tir fhuair ghairbh *
Thuit sud le laimh Oscair thall,
'S mosgladh re Righ Eirinn.

Seachd fichead do Chlannaibh Righ,

Bu mhor gaisg agus gníomh:
Thuit sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

Mungan Mac Seirc a bha 'n naimh,
A chuimhricheadh ceud cloidheamh glas,
Thuit sud le lamh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

* Cuig fichead Albannach ard,
Thainig thair muir chairginich ghairbh.

[TD 318]

Cuig fichead fear cloidheamh glais,
Nach deach' aon cheim riamh air ais;
Thuit sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re rígh Firinn.

Cuig fichead fear bogha,
A thainig air Cairbre d'a chobhair;
Thuit sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

Seachd fichead do dh' fhearaibh feachd,
A thainig a tír an t sneachd;
Thuit sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

Cuig fichead Cairbre ruadh,
Bha cos'lach re Cairbre an t sluaigh;
Thuid sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

A chuigear a b' fhaigse d' an Rígh,
D' am bu dual gaisg' is gníomh;
Thuit sud le laimh Oisclair thall,
'S e mosgladh re Rígh Eirinn.

Nuair chunnaic an Cairbre ruadh,
Oscar ag snoigheadh an t sluaigh,
A chraoiseach nimhe bha na laimh
Gu'n do leig e i na cho-dhail.

Thuit Oscar air a ghlun deas,
'S an t sleagh nimhe troimh a chneas,
Thug e urchair eile nunn,
Is mharbhadh leis Rígh nah Eirinn.

Eirich Art is glac do chloidh eamh,
Is seasamh ann aite t athar,
Is ma gheabh thu do dhiol saoghail,
Saoilidh mi gur mac rígh thu.

[TD 319]

Thug e urchair eile 'n airde,
Ar leinne gu 'm bu leoir a h airde
Leagadh leis aig meud a chuimseadh

Art mac Cairbre air an ath urchair.

Chuir iad chum an Rìgh mu cheap,
Sluagh Chairbre bu gharbh gleac,
Los gu 'm buidh' nte leo buaidh laraich,
Air faicin doibh Oscair gu craiteach.

Thog e leacog chonart chruaidh,
Bharr na talmhainn taobh-ruaidh,
Bhris e 'n Cath-bharra mu'n cheap,
Gnìomh mu dheireadh mo dheadh mhic.

Togaibh libh mi noise Fhiann
Nìor thog sibh mi roimhe riamh,
Thugaibh mi gu tulaich ghlain,
Ach gu 'm buin sibh dìom an t eadach.

Chualas aig traidh mu Thuath
Eimheach sluaigh is fadhar arm',
Chlisg ar gaisgich gu luath,
Mu 'n raibh oscar fadhasd marbh.

Marbh'-asg ort a mhic na buaidhe
Nì thu breug an darna h uair dhuinn,
Loingis mo shean-athar * ata ann
'S iad ag teachd le cabhair chugainn.

Bheanniuch sinn uile do Fhionn,
Ge ta cha do bheannuich dhuinn,
Gus an d' thainig e tulach nan deur
Far an robh oscar na'n arm geur.

'S measa mhic a bhiodh † tu dh'e
Latha catha sin Beinn-eadain,
Shnamha na corran throimh d' chneas
'S i mo lamhsa rinn do leigheas.

* Shean-'ar.

† Bhi.

[TD 320]

Mo leigheas cha 'n 'eil am fath, *
'S cha mho nithear e gu brath;
Chuir Cairbre sluagh na'n seachd siong
Eadar m' airnin agus m' imleog.

Chuir mise sleagh na'n naoi siong,
Mu chuma fhuilt agus eadain,
'S na'n rìgeadh mo dhuirn a chneas,
Cha deanadh aon leigh a leigheas.

'S measa mhic a bhiodh tu dh'e
Latha catha sin duindealgainn
Shnamhadh na geoidh throimh d' chneas,
Is i mo lamhsa rinn do leigheas.

Mo leigheas cha 'n 'eil am fath,
S cha mho dheantar e gu brath,

An gath domhainn am thaobh deas,
Cha dual do leigh a leigheas.

Sin an uair a chaoidh Fionn,
Air an tulaich os ar cionn,
Shruthadh na deoir sìos o rosgaibh,
Thiontadh e reinn a chulthaobh.

'Mo laogh fein thu, laogh mo laoigh
Leanabh mo leinibh ghil chaoibh,
Mo chridhe leimnich mar lon,
Glu a bhrath cha 'n eirch Oscar.

'S truadh nach mise thuiteadh ann
An Cath Ghabhradh, gnìomh nach gann,
Is thusa an Ear 's an Iar,
A bhi roimh na Fiannaich Oiscair'.

Cha d'fhidir duine roimhe riamh,
Gur cridhe feola bha 'm chliabh,
Ach cridhe do chuimhne cuir
Air a chumhdachadh le staillinn.

* An dàn.

[TD 321]

Donnalaich na'n con re m' thaobh,
Agus buraich na'n sean laoch,
'S gul a Phannail caoidh' mu'n seach
Gur e surahdom eadh chridh'. a

Thog sinn leinn an t Oscar aluinn,
Air ghuailibh, air sleaghaibh arda,
Thug sinn as iomchara grinn
Gus an d' thainig sinn tigh Fheinn.

Cha chaoineadh Bean a mac fein,
Cha chaoineadh fear a bhrathair caoin
Cia lion 's a bha sinn mu'n teach,
Bha sinn uil' caoineadh Oiscair.

Bas Oiscair a chradh mo chridh',
Triath fear Eirinn 's mor d'ar di;
Cait am facas riamh re d' linn
Fear co cruaidh riut air chul lainn?

Nior chuir Fionn d'e crith is grain,
O 'n latha sin gu la bhrath;
Cha ghabhadh is cha b' fheirde leis
Trian d'an bheatha ge d' abrainn.

CRIOCH

[TD 322]

[Blank]

[TD 323]

AN
CLAR-INNSEADH.

A

	Taobh.	
AM bheil thusa aig sgiathan do luathas	1	
Amhic mo mhic, 'se thuirt an Rìgh	34	
Ard aignidh Ghuill fear cogaidh Fhinn	35	
Aithris dhuinne, Oisiain dhanaich	39	
Ann an éididh Shean-Ghàel marre tein teachd na Ròimh		64
An ainnir a chunna mi m' chadal,	66	
A mhic an fhir ruaidh	83	
A' chainnt a thuirt ian gu'n labhair e cearr i		
87		
Air tuiteam a' m' chadal a nis o cheann fada		94
An nochd gur faoin mo chadal damh	125	
A s mo chadal cha bheag m' airtneal		148
An cuala sibhse truas fhinn	167	
An la mharbh sinn an Torc	170	
A 'Lunduinn thainig Siar Oirn	173	
A Bhanarach mhiagach	206	
A Chomhachag bhochd na sroine	222	
An cuala' sibhs' a bhainnis bhàn,	244	
An diu 's mor lium a ghaoth	248	
Abhean leasaich an stop dhuinn	268	
An Dearg mac Deirg gur mis a bhean		300

B

Bha aig Biataich na forais	44	
<eng>Brave lads be merry<gai> le furan le gradh		112
Beir sorruidh uam le deagh rùn buaidh,	113	
Beir soruidh no dha	123	
Bheil fhios Co Chunna' mise an raoir'	232	
Beir mo shoruidh le duthrachd	258	

C

Chualas air fada o shean,	25	
Cha b'e tuirneal a' chnatain	74	
Cha 'n e dhuaisg mo sheanchas domh	91	

[TD 324]

	T.	
Co theid far rium d' an tigh fhaire,		139
Chunne mi bruaradar a chuir smuairnean gu leòr orm,		205
Chuir e an claidheamh, fada, siorchruaidh,		211
Chuna' mise mo leannan	245	
Clann Uisnich nan each Geala;	260	
Comhairle' a thug ormsa Brian,	295	
Cha d' thugainn-se sith d' Ailde fein		307
Cha' nabair mi mo thriath rom Cheol		313

D

Dheirich mi moch air mhaduin an de		127
Dh'ain-deoin duine, no gun fhios do,		132
Dearmad fleadh gu'n d'rinn Fionn	305	
E		
Eistibh beag ma's aill libh laoidh		284
Eatroman muic o hó,	291	
F		
Fear mo ghaol an t-uisge-beatha	79	
G		
Ge b'e bhiodh leinne an laoi,		18
Gura mise tha ga m' lathadh,	33	
Gur beag m'uith dhol chunn na h-àiridh,	58	
Ged' tha mi m' eun fògraidh san tìrsa,	77	
Ge do theid mi do m' leaba	117	
Gur muladach ata mi	122	
Gu d' thug mi 'n ionnsuidh bhearraideach,		128
Ge b' e dh' eireadh san lasair		154
Gu bheil Thu Gu boidheach banndaich Banail	231	
Gur e m' anam is m' eudail	242	
Ge Grianach an latha o	298	
Ge d' gheabhadh Rìgh Lochlainn sud,	309	
I		
Is Cuth duine far nach Fionduin	11	
[TD 325]		
	T.	
Is fhad tha mis' ann am chodal	85	
Iseabail Nic Aoidh aig a chrobh Laoigh	198	
Is cian o sin a Thulach ard	302	
L		
La d'an robh sinn uille an Fhiann	35	
Latha dhamhsa siubhal bheann	118	
La dhuinn air Luachar Leobhar	233	
Latha' d' an Fhein air tulaich shoir		250
Lamh Dhia leinn a shaoghail	253	
M		
Molaimaid Tighearna na gloir	14	
Moch 'sa maduinn 's mi 'g éirigh	98	
Mi 'N diu a' fàg' ail na tire		237
M' anam, iomuigch thusa samhach	279	
'M ionmhuin, is 'm annsachd, 's mo thlahhd		287
N		
Nuair chaidh Cuth-ullin do dh' Eirinn, dh'fhag e a		24
Nam bu teagasgach mi air an treud	69	

'N Ainm an aigh ni mi tus	151	
'Nuair abha Albainn fui' lighe,	189	
'N Rair a chunna mi 'm Bruadair,	201	
'N A'm faiceadh tu Bean Gun Leannan,	293	
'Nuair a theid thu thigh an oil,	296	

O

Otheid, c'uim nach d' thèid?	51	
O 's tric mo shùil air an linne		61
Oсна Caraid an cluain Fhraoich	107	
O gur mòr mo chuid mulaid	133	
O! Cairibh mi ri taobh nan àllt	158	
O Soruidhslan don Ailleagan	281	

S

'S e guth anma mo ruin at' ann!	29	
---------------------------------	----	--

[TD 326]

		T.	
'S Mor mo mhulad, 's cha 'n aichea'm	31		
'Smi th'air snaidheadh 's air caitheamh	45		
'S Fhada o 'na dh'fhalbh mo leannan			48
Sud a righ gur trom m'eire	49		
'S Mithich dhomhsa bhi 'g èirigh	59		
'S Daor a cheannuich mi 'n t-iasgach			68
'S mi air airidh a ghleinne	124		
'S Mor mo mhulad 's cha ludh' m' eis-lein			136
'S i so blià' na' 's fhad a chlaoidh mi,			141
'S e do latha Raoin-ruairidh	142		
'S Gach Cùis theid eir bhialabh brithe	181		
'S mi m' shuidhe m' ònar air Tulich bhoidhich			195
'S Truagh nach raibh mis ann sin,	204		
'S e guth anaim mo ruin a tha 'nn,			210
'S Truagh gun me 's an choill			212
'S Cianail m' aigne o na mhaduinn,			240
'S e Latha Rinnruari,	270		
'S Luaimnach mo chodal an nochd,	278		
SEACHAIN caonag dhìomhidis,	297		

T

Tri uairin chrath an oi'che	7	
Tha fleasgach anns a' bhaile so	47	
Tha mulad, tha sgios orm	52	
Tha mo chridh' air fas trom,	55	
Topadh leat, a Dho'ill mhic Fhionnlaimh,		79
Tha sluagh an t-saoghail-sa 'nan deannaibh,		103
Theid mi dh' Inbhir-neis o	119	
Tha loingeas foi breidibh,	134	
Thoir fios gu breabadoir na beirte		138
Ta sgeul beag agam air Fionn,	162	
Thogaireadh, Bean Aoidh, Thogaireadh Bean	200	
Togamid fonn air luathadh a chlòlain,	209	
Tri nithean gun iarraidh	246	
Tha mulad, Tha mulad	276	

W

<eng>With the Garb of old Gaul, and the fire of old Rome<gai>

CRIOCH.